mhath very good/well, fairly good/well
gleac *v* -adh struggle, wrestle
gleadhraich *n* *f* din, excessive noise
gleann *n* glinne, glinn/-tan *m* glen
gleans *n* -a, -an *m* shine **bha g.**
 às it shone
glèidh *v* gleidheadh keep, retain, preserve, observe
glèidhte *a* preserved, reserved, kept
glèidhteachas *n* -ais *m* conservation, preservation
neach-glèidhteachais *m* conservationist
gleoc *n* -a, -aichean *m* clock
gleus *n* -a, -an *f* *m* order, trim; tune, key **air gheus** in tune
gleus *v* -adh prepare; adjust; tune
gleusta *a* prepared; tuned; skilled; shrewd *Formerly*
gleusda
glic *a* -e wise, prudent, sensible
gliocas *n* -ais *m* wisdom, prudence
gliog *n* -a, -an *m* click, tick, tinkle
glong *n* -a, -an *m* clink, clang, jingle
glongarsaich *n* *f* clinking, clanging
gloc *v* -ail cluck (*as of hen*), cackle
gloidhc *n* -e, -ean *f* fool, idiot
chan eil ann ach g. he's just a fool
gloine *n* *See* glainne
glòir *n* -e/glòrach *f* glory; speech
droch ghlòir bad language
glòir-mhiann *n* -a *f* *m* ambition
glòir-mhiannach *a* -aiche ambitious
glòraich *v* -achadh glorify
glòrmhor *a* -oire glorious
gluais *v* gluasad move
gluasad *n* -aid, -an *m* movement, motion; gait, carriage
gluasadach *a* -aiche moving, mobile
glug *n* gluig, -an *m* glug, gurgle; gulp

glugan *n* -ain *m* bubbling, gurgling
glumag *n* -aig, -an *f* small pool, puddle; mouthful of bile
glùn *n* glùine, glùinean/glùintean *f* knee
bean-glùine *f* midwife
Also glùin
glutach *a* -aiche gluttonous
glutaire *n* -an *m* glutton
gnàth *n* -a, -an/-annan *m* habit, custom, practice **a-ghnàth** always
gnàth *a* usual, habitual, common
gnàthach *a* -aiche customary, habitual, usual
gnàthasach *a* -aiche idiomatic
gnàthas-cainnt *n* -e, gnàthasan-
m idiom
gnàth-fhacal *n* -ail, -clan *m* proverb
gnàths *n* *m* usage
gnè *n* *f* kind, type, nature; sex, gender
gnìomh *n* -an/-aran *m* action, act, deed **cuir an g.** *v* put into practice, carry out
gnìomhach *a* -aiche active, industrious; executive
gnìomhachas *n* -ais *m* industry
gnìomhair *n* -ean *m* verb
gnoban *n* -ein, -an *m* little hill or knoll
gnog *n* gnoig, -an *m* knock
gnog *v* -adh knock
gnogadh *n* -aidh, -aidhean *m* knock, knocking
gnòsadaich *n* *f* grunting *Also* *vn*
gnòthach *n* -aich, -aichean *m* business, matter **a dh'aon**
ghnòthach on purpose, deliberately **an dèan siud an g?**
v will that do? **na gabh g. ris** *v* don't have anything to do with it
rinn iad an g. *v* they managed; they won *Also* gnothaich
gnù *a* surly, sullen
gnùis *n* -e, -ean *f* countenance, face
gò *n* *m* blemish, defect, fault **gun**
ghò faultless, without guile
gob *n* guib, guib/-an *m* beak, bill (*of bird*); sharp point (*of object*); (*colloq*) gob, mouth
gobach *a* -aiche nebbly, brash;

beaked
gobag *n* -aig, -an *f* nebbly/brash female
gobha *n* -nn/-inn, goibhnean *m* smith, blacksmith
gobhal *n* -ail/goibhle, goibhlean *m* fork; crotch
gobhar *n* -air/goibhre, -air/goibhrean *f* *m* goat
gòbhlach *a* forked; astride
gòbhlag *n* -aig, -an *f* fork; earwig
gòbhlán-gainmhich *n* gòbhlain-, gòbhlánan/gòbhlain- *m* sand martin
gòbhlán-gaoithe *n* gòbhlain-, gòbhlánan-/gòbhlain- *m* swallow
goc *n* -a, -an/-aichean *m* tap, faucet, stopcock
gocan *n* -ain, -an *m* acolyte, pert little person; whinchat
g. cuthaige cuckoo's follower, titlark
gog *n* *m* cluck, cackle
gogaid *n* -e, -ean *f* coquette, flirt
gogail *n* *f* clucking, cackling
goid *n* -e *f* theft, stealing
goid *v* steal
goil *v* boil **air ghoil** boiling
goile *n* -an/-achan *f* stomach; appetite
goileach *a* -liche boiling uisge *g.* *m* boiling water
goir *v* -sinn call
goireas *n* -eis, -an *m* facility, amenity, resource, convenience
goireasach *a* -aiche convenient
goirid *a* giorra short, brief *adv* shortly **o chionn ghoirid** recently
prep near **g. dhan bhaile** near the town
goirt *a* -e sore, painful; sour
goirtean *n* -ein, -an *m* small field, enclosure
goirtich *v* -teachadh hurt *Also* gortaich
goistidh *n* -ean *m* sponsor, godfather; gossip (*person*)
gonadh *n* -aidh *m* wounding, stinging **g. ort!** blast you!
gòrach *a* -aiche foolish, silly, daft, stupid
gòraiche *n* *f* folly, silliness,

stupidity
gorm *a* guirme blue; green (*of grass*); (*met*) green, naive
gort *n* -a *f* famine, starvation
gràbhail *v* -al/-aladh engrave
gràbhalaiche *n* -an *m* engraver
grad *a* graide sudden, quick, swift, immediate **gu g.** suddenly, quickly
gràdh *n* gràidh *m* love **thugainn, a**
ghràidh come on, love/dear
gràdhach *a* -aiche loving, dear, beloved
gràdhaich *v* -achadh love
gràdhag *n* -aig *f* love (*term of endearment applied to a woman*)
gràdhmhor *a* -oire loving
graf *n* -a, -aichean *m* graph
gràin *n* -e *f* loathing, abhorrence
bha g. aice air she hated him/it
gràin-cinnidh *n* gràine-cinnidh *f* racism
gràineag *n* -eig, -an *f* hedgehog
gràineil *a* -e loathsome, abhorrent, disgusting, heinous
gràinich *v* -neachadh scunner, put one off, cause to hate/loathe
gràinne *n* -an *f* grain
gràinnean *n* -ein, -an *m* granule
gràisg *n* -e, -ean *f* rabble, mob
gram *n* -a, -an/-aichean *m* gram
gràmar *n* -air *m* grammar
gràn *n* gràin, gràin *m* grain, cereal
grànda *a* gràinde ugly
grannda *a* *See* grànda
gràpa *n* -n *m* graip, fork (*agric*)
gràs *n* gràis, -an *m* grace
gràsmhor *a* -oire gracious
greabhal *n* -ail *m* gravel
greadhach *a* -aiche joyful, convivial; majestic
greadhachas *n* -ais *m* joy, conviviality; pomp, majesty
greallach *n* -aiche *f* entrails, intestines
greann *n* greinn *m* scowl, irritation **bha g. air** he was scowling
greannach *a* -aiche wild, rough (*weather*); surly, crabbit, ill-tempered

greannmhor *a* -oire amusing, agreeable; comely
 greas *v* -ad hasten, hurry *g. ort!* hurry up!
 grèata *n* -ichean *m* grate
 greideal *n* -eil/-ach, -an *f* griddle, girdle (*baking*)
 grèidh *v* -eadh grill; groom (*eg horses*) droch ghrèidheadh bad treatment
 greigh *n* -e, -ean *f* herd, stud
 grèim *n* -e, -ean/-eannan *m* hold, grip, grasp; custody; morsel; stitch (*of clothing*) *g.* làimhe handshake *g.* bidh bite of food *an g. aig a' phoileas* in police custody
 greimeil *a* -e resolute, firm, persistent
 greimich *v* -meachadh grip, grapple, grasp
 greis *n* -e, -ean *f* a while, spell (*of time*)
 grèis *n* -e *f* embroidery obair-ghrèis *f* embroidery
 greiseag *n* -eig *f* a short while
 Greugach *n* -aich, -aich *m* Greek *a* Greek, Grecian
 Greugais *n* *f* Greek (*lang*)
 greusaiche *n* -an *m* shoemaker, cobbler
 grian *n* grèine *f* sun èirigh na grèine sunrise *f* dol fodha na grèine *m* sunset
 grianach *a* -aiche sunny
 grinn *a* -e fine, elegant; neat; pretty
 grinneal *n* -eil *m* gravel
 grinneas *n* -eis *m* elegance
 griob *n* -a, -an *m* coastal precipice
 griogag *n* -aig, -an *f* bead
 Grioglachan *n* -ain *m* an G. Pleiades, constellation
 Griomasach *n* -aich, -aich *m* someone from Grimsay *a* from, or pertaining to, Grimsay
 grios *n* -a, -achan *m* grill
 grios *v* -ad/-adh blasphemy, swear
 griosad *n* -aid *m* blasphemy, swearing
 griosach *v* -achadh grill

griùthrach *n* -aich *f* a' ghriùthrach measles *Also* griùthlach
 grod *a* -a/groide rotten, putrid
 grod *v* -adh rot, putrefy
 gròiseid *n* -e, -ean *f* gooseberry
 gruag *n* gruaig, -an *f* hair; wig
 gruagach *n* -aiche, -aichean *f* young woman, maiden
 gruagaire *n* -an *m* hairdresser
 gruaidh *n* -e, -ean *f* cheek (*of face*)
 gruaim *n* -e *f* gloom, sullenness
 gruamach *a* -aiche gloomy, sullen, stern
 grùdadh *n* -aidh *m* brewing; distilling taigh-grùdaidh *m* brewery; distillery
 grùdaire *n* -an *m* brewer; distiller
 grùdaireachd *n* -an *f* brewing; distilling
 grùid *n* -e *f* dregs
 grunn *n* gruinn *m* several, a good number
 grunnaich *v* -achadh wade, paddle (*in water*)
 grunnan *n* -ain, -annan *m* a few, small group
 grunnd *n* gruinnnd/-a, -an *m* ground; bottom (*of sea*)
 gruth *n* -a *m* crowdie, curds
 grùthan *n* -ain, -an *m* liver
 gu *adv* pref (*equivalent to* -(i)ly *in English adverbs*) *eg* gu snog nicely
 gu *conj* that (*used to introduce positive subordinate clauses*) *chi mi gu bheil thu trang* I see that you're busy
 gu *conj* so that; until fuirich gu sia uairean wait till six o'clock
 gu *prep* to, towards
 gual *n* guail *m* coal
 gualaisg *n* -e, -ean *m* carbohydrate
 gualan *n* -ain, -an *m* carbon
 gualann *n* -ainn/guailne, guailnean/guaillean *f* shoulder *Also* guala, gualainn
 guàna *n* *m* fertilizer
 guanach *a* -aiche light, giddy
 gu bràth *adv* forever
 gucag *n* -aig, -an *f* bud, bubble
 gucag-uighe *n* gucaig-, gucagan- *f* egg-cup

gud *aug* prep to your
 gu dà? *interr* pron what?
 gu dearbh *adv* indeed
 gu deimhinn(e) *adv* certainly
 guga *n* -ichean *m* young solan goose or gannet
 guidh *v* -e wish; entreat, pray, implore
 guidhe *n* -achan *f* *m* wish; entreaty; swear-word
 guil *v* gul cry, weep *Also* a' gal
 guilbneach *n* -nich, -nich *f* *m* curlew
 guin *n* -ean *m* sting, pang, dart
 guin *v* -eadh sting, wound
 guineach *a* -aiche stinging, venomous, wounding
 guir *v* gur hatch, breed
 guirean *n* -ein, -an *m* pimple, pustule
 guirmean *n* -ein *m* indigo *g. an fhraoich* bluebell
 guiseid *n* -e, -ean *f* gusset
 gul *n* guil *m* crying, weeping
 gu lèir *adv* altogether, completely, entirely
 gu leòr *adv* enough, plenty, galore
 gu leth *adj* phr and a half uair gu l. an hour and a half
 gum *conj* that (*used to introduce positive subordinate clauses where verb begins in b, f, m, p*)
 gum *aug* prep to my, to their
 gùn *n* guin, guintean *m* gown
 gùn-oidhche nightgown, nightie
 gun *conj* that (*used to introduce positive subordinate clauses*)
 gun *prep* (+ len) without
 gun *aug* prep to the; to their
 gun fhios nach *conj* in case, lest
 gun fhiosta *adv* unawares, inadvertently
 gunna *n* -ichean/-chan *m* gun
 gur *n* guir *m* brood, hatch
 gur *aug* conj that (*used to introduce positive subordinate clauses before nouns and adjectives*)
 gur *aug* prep to you (*pl & pol*)
 gur *aug* prep at your (*pl & pol*)
 gur *aug* prep to our, to your (*pl & pol*)

gurraban *n* -ain *m* crouching, hunkering bha e na ghurraban he was crouching
 gu ruig(e) *prep* up to, as far as, until
 gus *prep* so that, in order to
 gus *prep* to, until
 gus *conj* so that, until
 guth *n* -a, -an *m* voice; word, mention cha chuala mi g. I didn't hear anything gun ghuth air ... not to mention ..., to say nothing of ...
 gu tur *adv* entirely, completely, totally, altogether

H

h- part (*used before words beginning in a vowel when preceded by a*)
 hàidridean *n*, a -ein *m* hydrogen
 hallò *exclam* hello
 ham(a) *n* *m* bacon
 hamstair *n* -ean *m* hamster
 hangair *n* -ean *m* hangar; hanger
 heactair *n* -ean *m* hectare
 Hearach *n* -aich, -aich *m* someone from Harris *a* from, or pertaining to, Harris *Also* Tearach
 heileacoptair *n* -ean *m* helicopter
 Hiortach *n* -aich, -aich *m* someone from St Kilda *a* from, or pertaining to, St Kilda *Also* Tiortach, Hirteach, Tirteach
 hocaidh *n* *m* hockey
 hòro-gheallaidh *n* *f* *m* celebration, fling, rave
 hù-bhitheil *n* *f* *m* stramash

i *pron* she, her, it
 iad *pron* they, them iad seo these
 iad sin those
 iadh-shlat *n* -shlait *f* honeysuckle
 iadsan *emph* *pron* they, them
 iall *n* èill, -an *f* thong, leash, strap; shoelace
 ialtag *n* -aig, -an *f* bat (*mammal*)
 lapanach *n* -a, -aich, -aich *m* Japanese

iar *n* *f* west **an taobh an i.** the west side **i.-dheas** south-west **i.-thuath** north-west
iar- *pref* deputy, vice-, assistant **i.-cheann-suidhe** *m* vice-president
iarainn *a* iron
iarann *n* -ainn, -an *m* iron (*metal, impl*) **a bheil an t-i. air?** is the iron on?
iar-cheumnach *a* postgraduate
iar-cheumnaiche *n* -an *m* postgraduate
iargain *n* *f* sorrow, grief, pain
iargait(a) *a* -ailte/-alta surly, forbidding
iarla *n* -n/-chan *m* earl
iarlachd *n* *f* earldom
iar-leasachan *n* -ain *m* suffix
iarmad *n* -aid, -an *m* remnant; offspring, race
iarmailt *n* -e, -ean *f* sky, firmament
iarraig *v* -eadh iron
iar-ogha *n* -chan/-ichean *m* great-grandchild **tha iad anns na h-iar-oghachan** they are second cousins
iarr *v* -aidh ask (for), request, seek, want **i. orra tadhal** ask them to call (in)
iarrtach *a* demanding
iarrtas *n* -ais, -an *m* request, demand, application
iasad *n* -aid, -an *m* loan **air i.** on loan **am faigh mi i. dhen pheann agad?** may I borrow your pen?
iasg *n* èisg, èisg *m* fish **i. locha** freshwater fish **i. mara** sea fish **i. òir** goldfish
iasgach *n* -aich *m* fishing, angling **bha e ris an i. fad a bheatha** he was a fisherman all his life
iasgaich *v* -ach fish, angle
iasgair *n* -ean *m* fisherman, angler
iath *v* -adh surround, envelop, encircle
iathaire *n* -an *m* aerial
'ic *contr* short for **mhic** of the son **mac Iain 'ic Sheumais** the son of John son of James

idir *adv* at all
ifrinn *n* -e, -ean *f* hell
illeach *n* llich, llich *m* someone from Islay *a* from, or pertaining to, Islay
im *n* ime *m* butter **i. ùr** fresh butter **i. saillte** salted butter
imcheist *n* -ean *f* anxiety, perplexity, doubt **fo i.** anxious **bha i. oirre mu dheidhinn** she was worried about it
imich *v* imeachd go, depart, leave
imleag *n* -eige, -an *f* navel
imlich *v* lick
impidh *n* -e, -ean *f* entreaty, petition, persuasion **chuir e i. oirnn fuireach** he implored us to stay/wait
impire *n* -ean *m* emperor *Also*
iompaire
impireachd *n* -an *f* empire *Also*
iompaireachd
impis *n* *f* imminence **an i.** on the point of, about to
imprig *n* -ean *f* removal (*house*), flitting **rinn iad i.** they flitted
imrich *n* -e, -ean *f* removal (*house*), flitting
inbhe *n* -an *f* rank, status, prestige
inbheach *n* -bhich, -bhich *m* adult
inbheach *a* -bhiche adult, mature
inbhir *n* -e, -ean *m* confluence, river
inc *n* *f* ink
ine *n* -an *f* nail (*on finger*); claw, talon
in-imrich *n* -e *f* immigration
in-imriche *n* -ean *m* immigrant
inneal *n* -eil, -an *m* machine, instrument, engine **i.-ciùil** musical instrument **i.-fighe** knitting machine
i.-measgachaidh mixer
i.-nigheadaireachd washing machine
innean *n* -ein, -an *m* anvil
innear *n* -arach *f* dung, manure *Also* **inneir**
innidh *n* *f* bowl
innis *n* innse, innsean *f* island; meadow, pasture
innis *v* See **inns**
Innis-Tìleach *n* -Tìlich, -Tìlich *m*

Icelander *a* Icelandic
innleachd *n* -an *f* invention, device, mechanism, scheme; ingenuity; wile, tactic
innleachdach *a* -aiche ingenious, inventive; cunning, tactical
innleadair *n* -ean *m* engineer, inventor **i. dealain** electrical engineer
innleadaireachd *n* *f* engineering
innlich *v* -leachadh invent, devise, engineer
inns *v* -e(adh) (+ do) tell, relate **i. dhi** tell her
Innseanach *n* -aich, -aich *m* Indian *a* Indian
innt(e) *prep* *pron* in her(self), in it(self) **'s e cleasaiche a th' i.** she's an actress
inntinn *n* -e, -ean *f* mind, intellect
inntinneach *a* -niche interesting; encouraging, positive-minded
inntleachd *n* (-a) *f* intelligence, intellect
inntleachdail *a* -e intellectual
indrig *v* -eadh enter
iobair *v* iobradh/-t sacrifice
iobairt *n* -e, -ean *f* sacrifice, offering
ioc *v* -adh pay, render
iochd *n* *f* mercy, clemency, compassion
iochdar *n* -air, -an *m* bottom, lower part
iochdaran *n* -ain, -an *m* subject, inferior, subordinate
iochdmhor *a* -oire merciful, clement, compassionate
iocshlaint *n* -e, -ean *f* medicine, balm
iodhal *n* -ail, -an *m* idol
i.-adhradh idolatry
iodhlann *n* -ainn, -an *f* stackyard, cornyard
iogart *n* -airt, -an *f* *m* yoghurt
ioghnadh *n* See **iongnadh**
iolach *n* -aich, -aich *m* shout, roar (*of triumph*)
iolair(e) *n* -(e)an *f* eagle **i.-uisge** osprey, sea eagle
iolra *n* -n *m* plural *a* plural
iomadach *a* (*precedes n*) many, many a, numerous

iomadh *a* (*precedes n*) many, many a, numerous
ioma-dhathach *a* -aiche multi-coloured
iomadh-fhillte *a* complex, compound, manifold
iomagain *n* (-e), -ean *f* worry, concern, anxiety **fo i.** worried, concerned
iomagainneach *a* -niche worried, concerned, anxious
ioma-ghaoth *n* -ghaoith, -an *f* whirlwind
iomain *n* -e *f* shinty; driving (*as of cattle*)
iomain *v* play shinty; drive (*as of cattle*)
iomair *n* -e, -ean *m* ridge (*ploughed*), piece of land
iomair *v* iomradh row (*boat*)
iomairt *n* -e, -ean *f* enterprise, initiative; campaign, venture
dèan i. *v* campaign
iomall *n* -aill, -aill *m* border, limit, edge, margin, periphery
i. a' bhaile the suburbs
iomallach *a* -aiche remote, isolated, peripheral
iomarra *a* plural
ioma-shruth *n* -a, -an *m* cross-current, eddying stream or tide
iomchaidh *a* -e suitable, appropriate, proper, fitting
iomchair *v* -ar carry, bear
iomhaigh *n* -ean *f* image, statue; countenance
iomlaid *n* -e, -ean *f* change, exchange
iomlan *a* -aine complete, whole, total **gu h-i.** altogether, entirely
iomnaidh *n* *f* concern, anxiety **chuir e i. oirnn** it worried us
iompachadh *n* -aidh, -aidhean *m* religious conversion
iompachan *n* -ain, -an *m* convert (*relig*)
iompaich *v* -achadh convert (*relig*) **chaidh a h-iompachadh** she was converted
iomradh *n* -aidh, -aidhean *m* mention, report, reference; rowing (*boat*) **dèan i. air v** mention

iomraiteach *a* -tiche famous, renowned, celebrated
 iomrall *n* -aill, -an *m* wandering, straying; error chaidh sinn (air) *i*. *v* we got lost
 iomrallach *v* wandered, confused, mistaken
 ionad *n* -aid, -an *m* place *i*. fàilte reception (area) *i*. fiosrachaidh turasachd tourist information centre *i*. slàinte health centre
 ionadail *a* -e local riaghaltas *i*. *m* local government
 ionaghailt *n* -e, -ean *f* pasture, grazing
 ionaltair *v* -tradh pasture, graze
 ionaltair *n* -aidh, -aidhean *m* pasture, grazing
 ionann *a* same, equal, alike, identical chan *i*. iad idir they are not at all alike
 iongantach *a* -aiche surprising; wonderful
 iongantas *n* -ais, -an *m* surprise; wonder
 iongnadh *n* -aidh, -aidhean *m* surprise, wonder chuir *e* *i*. orm it surprised me is beag an *t*-i. little wonder
 ionmhainn *a* -e/annsa beloved, dear
 ionmhas *n* -ais, -an *m* finance, riches, treasure Roinn an ionmhais the Finance Dept
 ionmhasail *a* -e financial
 ionmhasair *n* -ean *m* treasurer
 ion-mhiannaichte *a* highly desirable
 ionmholta *a* praiseworthy, laudable, commendable
 ionnan See ionann
 ionndrainn *n* *f* *m* missing, longing (for)
 ionndrainn *v* miss, long (for)
 ionnlaid *v* -ad wash, bathe seòmar/rùm *i*. *m* bathroom
 ionnsachadh *n* -aidh *m* learning; instruction
 ionnsaich *v* -achadh learn; (+ do) teach
 ionnsaichte *a* learned, educated
 ionnsaigh *n* -ean *f* *m* attack, assault, onslaught, invasion

thug iad *i*. oirnn *v* they attacked us a dh'i. (+ gen) to, towards
 ionnsramaid *n* -e, -ean *f* instrument
 ionracas *a* -ais *m* righteousness, integrity, probity
 ionraic *a* -e righteous, honest, just
 iorghail *n* -ean *f* tumult, uproar
 iorram *n* -aim, -aim *m* rowing song; repetitive song or remarks
 iosal *a* isle low, lowly gu h-i. down below
 ire *n* -an *f* level, stage, grade, rate; maturity an *i*. Choitcheann Standard Grade (exam) an Ard *i*. Higher Grade (exam) an *i*. mhath quite; almost gu *i*. mhòir to a large extent air tighinn gu *i*. having reached maturity
 iriosal *a* -aile humble, lowly
 irioslachd *n* *f* humility, lowliness
 irioslaich *v* -achadh humble, humiliate
 iris *n* -e, -ean *f* magazine, periodical
 is irr *v* (copula of verb to be) am, is, are (often abbreviated to 's')
 's e oileanach a th' ann he's a student
 is conj and (contr of agus)
 isbean *n* -ein, -an *m* sausage
 ise emph pron she, her, it
 iseal *a* See isal
 isean *n* isein, -an *m* chick, chicken; bird; young droch *i*. a bad egg (colloq), brat
 i. deireadh linn a tail-end baby
 islich *v* isleachadh lower; humble
 is mathaid adv perhaps, maybe
 Israelach *n* -lich, -lich *m* Israeli
 a Israeli Also losaraileach
 ist interj wheest, hist!, hush!, quiet!
 ite *n* -an *f* feather; fin
 iteach *n* itich *m* plumage
 iteach *a* itiche feathered, feathery
 iteachan *n* -ain, -ain/-an *m* weaver's bobbin
 iteag *n* -eig, -an *f* small feather; flight air (an) iteig flying
 iteagach *a* -aiche feathered, feathery

itealaich *v* -achadh fly
 itealan *n* -ain, -ain *m* aeroplane
 iteileag *n* -eig, -an *f* kite (sport)
 ith *v* -e eat
 iubailidh *n* -ean *f* jubilee
 iubhar *n* -air, -an *m* yew
 iuchair *n* iuchrach, iuchraichean *f* key; roe of fish
 iuchar *n* -air *m* an t-l. July
 iùdhach *n* -aich, -aich *m* Jew
 a Jewish
 iùil-tharraing *n* -e, -ean *f* magnetism
 iùil-tharraingeach *a* -giche magnetic
 iùil *n* iùilean *m* guidance, direction neach-iùil *m* guide
 lupatar *n* -air *m* Jupiter
 iutharn(a) *n* *f* hell

L

là *n* làithean/lathaichean *m* day
 làbha *n* *f* lava
 labhair *v* -t speak, talk
 labhairt *n* *f* speaking, talking
 neach-l. *m* spokesperson
 lach *n* -a, -an/-ain *f* wild duck
 lachan *n* -ain, -ain *m* guffaw
 l.-gàire hearty laugh
 lachanaich *n* *f* laughing heartily
 lachdann *a* -ainne dun, tawny, swarthy
 ladar *n* -air, -an *m* ladle
 ladarna *a* bold, shameless, blatant, presumptuous
 ladarnas *n* -ais *m* boldness, shamelessness, presumptuousness
 ladhar *n* -air/-dhra, -dhran *m* hoof
 lag *n* laig/luig, -an *f* *m* hollow
 lag *a* laige weak, feeble, faint
 lagaich *v* -achadh weaken, undermine Also intrans
 lagais *n* -ean *f* slag heap, rubbish dump
 lagan *n* -ain, -an *m* small hollow
 lagchuisseach *a* -siche faint-hearted, unenterprising, weak-willed
 lagh *n* -a, -annan *m* law dèan *i*. *v* legislate *i*. baile bye-law

laghach *a* -aiche nice, pleasant, fine
 laghail *a* -e lawful, legal
 laghairt *n* -ean *f* *m* lizard
 Laideann *n* -dinn(e) *f* Latin
 làidir *a* -e strong, robust
 laige *n* *f* weakness, faintness
 laigh *v* -e lie (down) a' dol *a* laighe going to bed
 laighe *n* -an/-achan *f* weakness, defect chaidh *e* ann an *i*. he fainted
 làimh ri adv near, close to
 làimhsich *v* -seachadh handle, treat
 laimrig *n* -e, -ean *f* landing-place, small harbour Also laimhrig
 lannir *n* -e *f* radiance, glitter
 lannireach *a* -riche radiant, glittering, gleaming
 làir *n* -e/làrach, -ean/-idhean/-ichean *f* mare *i*.-bhreabaidh rocking-horse *i*.-mhaide see-saw
 la(i)ste *a* lit
 làitheil *a* daily
 làmh *n* làimhe, -an *f* hand *i*. *ri* làmh hand in hand an *i*. dheas/cheart the right hand an *i*. chli/chearr the left hand *i*.-an-uachdair the upper hand gabh os làmh *v* undertake *ri* làmh at hand obair-làimhe *f* manual work rug *e* air làmh oirre he shook hands with her
 làmhachas-làidir *n* làmhachais- *m* force
 làmhagh *n* -aigh, -aighean *f* hand-axe Also làmhag
 làmhchair *a* -e handy, dexterous
 làmh-sgrìobhadh *n* -aidh *m* handwriting
 làmh-sgrìobhainn *n* -e, -ean *f* manuscript
 lampa *n* -ichean *f* *m* lamp
 làn *a* làine full, complete tha mi *i*.-chinnteach I'm quite sure/certain tha *i*.-earbs' agam ann I have complete confidence in him tha *a* *i*.-thid' agad ... it is high time you ... làn-ùine full-time
 làn *n* làin, làin *m* tide *i*. àrd *a* high tide *i*.-mara (high) tide

langa *n* -an/-annan *f* ling (fish)
 langan *n* -ain, -an *m* bellowing
 (of deer), bellow
 langanaich *n* -e *f* lowing,
 bellowing (of deer)
 langasaid *n* -e, -ean *f* sofa,
 couch, settee
 lann *n* lainn, -an *f* enclosure,
 repository
 lann *n* -a/lainne, -an *f* blade,
 sword; scale (on fish)
 lannsa *a* -ichean *f* lance, lancet
 lannsair *n* -ean *m* surgeon
 lannair *n* -ean *m* lantern Also
 lannair *f*
 laoch *n* laoch, laoch *m* hero,
 warrior, champion
 laochan *n* -ain, -ain *m* little hero
 (term of endearment) sin thu
 fhèin, a laochain well done, my
 lad/little pal
 laogh *n* laogh, laogh *m* calf
 laoidh *n* -e, -ean *f* hymn,
 anthem, lay
 laoidheadair *n* -ean *m* hymnbook
 lapach *a* -aiche weak, feeble, frail
 làr *n* làir, làir/-an *m* floor, ground
 làrach *n* -aich, -aichean *f* site;
 ruin l.-lin website an l. nam
 bonn on the spot, immediately
 làraidh *n* -ean *f* lorry l. an sgudail
 the bin/refuse lorry
 làrna-mhàireach *adv* the next day
 las *v* -adh light
 lasachadh *n* -aidh, -aidhean *m*
 slackening; discount, rebate
 lasadair *n* -ean *m* match (to
 light)
 lasadh *n* -aidh, -aidhean *m*
 lighting; flash
 lasaich *v* -achadh slacken, ease
 off
 lasair *n* lasrach, lasraichean *f*
 flame
 lasgan *n* -ain, -ain *m* outburst
 l. gàire hearty laugh, peal of
 laughter
 lasganaich *n* -e *f* hearty laughter
 lasrach *a* -aiche flaming
 lastaig *n*, a (-e) *f* elastic
 lath *v* -adh numb theabadh mo
 lathadh I was nearly frozen
 latha *n* làithean/-ichean *m* day

Latha na Sàbaid the Sabbath,
 Sunday l.-breith birthday
 latheigin *adv* some day l.-fèille
 public holiday, fair day L. Luain
 Doomsday làithean-saora/
 saor-làithean holidays l. brèagha
 air choreigin some fine day nach
 ann oirnn a thàinig an dà l. how
 our circumstances have
 changed!
 làthach *n* -aich/làthcha *f* mire,
 clay
 làthair *n* -e *f* presence an l.
 present
 le *prep* (+ *dat*) with, by 's ann le
 lain a tha e it belongs to John le
 chèile both, together
 leabag *n* -aig, -an *f* flounder
 leabaidh *n* leapa, leapannan *f* bed
 Also leaba
 leabhar *n* -air, leabhraichean *m*
 book L. Aithghearr nan Ceist the
 Shorter Catechism l.-iùil
 guidebook l.-latha diary
 l.-seòlaidh address book
 l.-sgriobhaidh notebook
 leabharlann *n* -ainn, -an *f* m
 library
 leabharlannaiche *n* -an *m*
 librarian
 leabhrachan *n* -ain, -ain *m*
 pamphlet, brochure
 leabhran *n* -ain, -ain/-an *m*
 booklet
 leac *n* lic/lice, -an *f* flagstone,
 slab, flat stone; tombstone
 leag *v* -ail knock down, fell,
 demolish l. boma drop a bomb
 leagh *v* -adh melt, dissolve, smelt;
 liquidate
 leaghadair *n* -ean *m* smelter
 leam(sa) *prep* pron with me; by
 me leam fhin alone 's ann
 leamsa a tha e it's mine leam-
 leat fickle, non-committal
 leamh *a* -a vexing, sarcastic;
 importunate
 leamhaich *v* -achadh vex, irk,
 irritate; importune
 leamhan *n* -ain *m* elm
 leamhnagan *n* -ain, -an *m* stye (in
 eye)
 lean *v* -tainn/-tail follow,

continue, pursue l. ort!
 continue!, keep going! ri
 leantainn to follow/be continued
 leanabachd *n* *f* childhood,
 infancy, childishness
 leanabail *a* -e childish, juvenile
 leanaban *n* -ain, -an *m* infant,
 small child
 leanabh *n* -aibh, -an/leanaban *m*
 child, infant
 leànag *n* -aig, -an *f* little
 meadow, lawn
 leanailteach *a* -tiche continuous,
 lingering
 leann *n* -a, -tan *m* beer, ale;
 (any) liquid
 leannan *n* -ain, -an *m* lover,
 sweetheart
 leannanachd *n* *f* courtship
 leann-dubh *n* -duibh *m*
 melancholy
 leantail/leantainn *n* *m* following,
 continuing
 leantainneach *a* -niche
 continuous, lingering; sticky
 leantainneachd *n* *f* continuity
 Also leantalachd
 learag *n* -aige, -an *f* larch
 learg *n* -a *f* black-throated diver
 leas *n* *m* benefit, advantage cha
 leig/ruig thu l. *v* you needn't
 (bother)
 leas- *pref* deputy, deputy
 l.-stiùiriche *m* deputy director
 leasachadh *n* -aidh, -aidhean *m*
 development, improvement,
 reformation, supplement an
 t-Ath-L. the Reformation l.-fala
 blood transfusion
 leasaich *v* -achadh develop,
 improve, rectify; fertilize
 leasaichte *a* developed,
 improved, rectified; fertilized
 leasan *n* -ain, -ain/-an *m* lesson
 leat(sa) *prep* pron with you; by
 you
 leatas *n* -ais, -an *m* lettuce
 leatha(se) *prep* pron with her, by
 her
 leathad *n* -aid/leothaid,
 -an/leòidean *m* slope, brae
 leathan(n) a leatha/leithne broad,
 wide Also leathainn

leathar *n* -air *m* leather
 led *aug* *prep* with your, by your
 leibh(se) *prep* pron with you; by
 you (pl & pol)
 leibideach *a* -diche inept,
 defective; accidental, unfortunate
 leig *v* -eil let, allow, permit l. anail
 draw breath, take a breather l.
 leatha leave her alone na l. dad
 ort don't let on l. ort nach eil
 fhios agad pretend you don't
 know l. mu sgaoil release l. ris
 reveal, show
 leigeadh *n* -gidh *m* letting, allowing;
 discharge (from boil etc)
 leigeil *n* -ealach *m* letting,
 allowing l. fala blood-letting
 leigh *n* -e, -ean *m* surgeon,
 physician l.-lann *f* m surgery
 leigheas *n* -eis, -an *m* cure,
 remedy, healing l.-inntinn
 psychiatry
 leigh-eòlas *n* -ais *m* medicine
 (science)
 leighis *v* -gheas cure, heal
 lèine *n* lèintean *f* shirt l.-mharbh
 shroud
 leinn(e) *prep* pron with us; by us
 lèir *a* visible, clear
 lèir *a* altogether gu l. altogether,
 in total
 lèir *v* -eadh torment, pain
 lèirmheas *n* -eis, -an *m* review
 (liter), overview
 lèirsgrios *n* -an *m* total
 destruction, utter ruin
 lèirsinn *n* -e *f* vision, sight;
 insight, perception
 lèirsinneach *a* -niche discerning,
 perceptive, enlightened,
 visionary; visible
 leis *prep* with, by (+ *def art*); his;
 downwards l. an droch shìde
 because of the bad weather
 l. a' bhrutha(i)ch down the
 brae/hill
 leis(-san) *prep* pron with him; by
 him; his an ann leis-san a tha e?
 is it his?
 leisg *a* -e lazy, slothful; reluctant
 leisg(e) *n* *f* laziness, sloth,
 reluctance bha l. air faighneachd
 he was reluctant to ask

leisgeadair *n* -*ean* *m* lazy person, lazybones
leisgeul *n* -*eil*, -*an* *m* excuse, apology (*for absence*) **gabh mo** I! excuse me!, pardon me!
leiteachas *n* -*ais* *m* partiality, bias
leithid *n* -*e*, -*ean* *f* such, the like **chan fhaca duine riamh a l.** no one has ever seen the like
leitir *n* -*e*/leitreach, -*ean*/leitrichean *f* hillside, slope
lem *aug prep* with my, by my
len *aug prep* with their, by their
leòbag *n* *f* See **lèabag**
Leòdhasach *n* -*aich*, -*aich* *m* someone from Lewis *a* from, or pertaining to, Lewis
leòinteach *n* -*tich*, -*tich* *m* wounded person, casualty
leòm *n* leòim(e) *f* pride, conceit
leòmach *a* -*aiche* well-dressed, smart (*dress*); conceited
leòman *n* -*ain*, -*ain* *m* moth
leòmhann *n* -*ainn*, -*ainn* *m* lion I.-mara sea lion
leòn *n* leòin, -*tan* *m* wound
leòn *v* leòn/-*adh* wound
leònte *a* wounded, afflicted
leòr *n* *f* enough, sufficiency **an d' fhuair thu do l.?** did you get enough/your fill? **gu l.** plenty, enough **ceart gu l.** OK
l(e)òsan *n* -*ain*, -*ain* *m* window pane
leotha(san) *prep pron* with them; by them
ler *aug prep* with our, by our; with your, by your
leth *n* *m* half *a* separate **air l.** exceptional **às l.** on behalf of **fa l.** each one, individually **gu l.** and a half I. **mar l.** half and half, share and share alike
leth- *pref* half-, semi-
leth-aon *n* -*aoin*, -*an* *m* twin
lethbhreac *n* -*ric*, -*ric* *m* copy, photocopy, duplicate **dèan l.** *v* duplicate
leth-bhreith *n* -*e* *f* partiality, discrimination **dèan l.** *v* discriminate
leth-bhruich *v* (-*eadh*) parboil,

half-boil
lethchar *adv* somewhat
leth-chas *n* -*choise*, -*an* *f* (only) one foot **air leth-chois** on one foot
lethcheann *n* -*chinn*, -*chinn* *n* temple, side of head, cheek (*phys*)
leth-chearcall *n* -*aill*, -*aill/-an* *m* semi-circle
leth-cheud *n* -*an* *m* fifty (+ *sg*) I. bliadhna fifty years
lethchiallach *n* -*aich*, -*aich* *m* half-witted person
leth-chruinne *n* -*an* *m* hemisphere
leth-chrùn *n* -*chrùin*, -*chrùin/-chrùintean* *m* half-crown
leth-chuairt *n* -*e*, -*ean* *f* semi-circle
letheach *a* half I. **slighe** half-way
leth-fhacal *n* -*ail*, -*ail/-fhacalan* *m* byword
leth-làmh *n* -*làimhe*, -*an* *f* (only) one hand
leth-mhile *n* -*mhiltean* *m* half-mile; five hundred
lethoireach *a* isolated, remote
leth-phinnt *n* -*ean* *m* half pint
leth-phunnd *n* -*phuinn*, -*phuinn* *m* half pound
leth-shùil *n* -*shùla*, -*ean* *f* (only) one eye
leth-uair *n* -*uarach*, -*ean* *f* half-hour I. **an dèidh uair** half past one
leud *n* leòid, -*an* *m* breadth, width
leudaich *v* -*achadh* broaden, widen, expand, enlarge
leug *n* leig, -*an* *f* jewel, precious stone
leugh *v* -*adh* read
leughadair *n* -*ean* *m* reader
leughadh *n* -*aith* *m* reading
leum *n* leim/-*a*, -*annan* *f* *m* leap, jump, spring I. **àrd** high jump I. **droma** lumbago I. **fhada** long jump
leum *v* leum/-*adaich* leap, jump, spring I. **a sròn** she had a nosebleed
leumadair *n* -*ean* *m* jumper (*sport*); dolphin

leus *n* leòis, leòis *m* ray, light; blister
liac *v* -*radh* smear, spread
liagh *n* leigh, -*an* *f* ladle; blade of oar
liath *a* leithe grey, blue-grey, blue; grey-haired
liath *v* -*adh* make grey, become grey **tha fhalt air liathadh** his hair has gone grey
liath- *pref* grey-tinted
liath-reothadh *n* -*reothaidh* *m* hoar-frost
libhrig *v* -*eadh* deliver
libhrigeadh *n* -*gidh*, -*gidhean* *m* delivery (*not phys*)
lìdeadh *n* lididh, lididhean *m* syllable *Also* lide
lìghiche *n* -*an* *m* doctor, physician I.-inntinn psychiatrist
lilidh *n* -*ean* *f* lily
linig *v* -*eadh* line (*clothes etc*)
linigeadh *n* -*gidh*, -*gidhean* *m* lining (*in clothes*) *Also* linig
linn *n* -*e*, -*tean* *f* *m* century, age, generation, era **ri l.** because of (+ *gen*)
linne *n* -*achan*/linntean *f* pool, pond
liodraig *v* -*eadh* beat up, leather
liogach *a* -*giche* sly, cunning
liomaid *n* -*e*, -*ean* *f* lemon *Also* liomain
liomh *n* -*a* *f* polish, gloss
liomh *v* -*adh* polish
liomharra *a* polished, glossy
lion *n* lin, lin, -*tan* *m* net, web I. **iasgaich** fishing net **lin-mhòra** long-lines
lion *n* lin *m* flax, lint
lion *v* -*adh* fill, replenish
lionadh *n* -*aith* *m* filling, replenishing; incoming tide
lionmhor *a* -*a* numerous, plentiful
lionn *n* -*a*, -*tan* *m* (any) liquid
lios *n* -*a*/lise, -*an* *f* *m* garden
Liosach *n* -*aich*, -*aich* *m* someone from Lismore *a* from, or pertaining to, Lismore
liosta *n* -*ichean* *f* list (*written*)
liotach *a* -*aiche* lispings, slurring
liotair *n* -*ean* *m* litre
lip *n* -*e*, -*ean* *f* lip

lite *n* *f* porridge
litir *n* litreach, litrichean *f* letter
litreachadh *n* -*aith* *m* spelling, orthography
litreachas *n* -*ais* *m* literature
litrich *v* -*reachadh* spell
liubhair *v* -*t* (*not phys*) deliver
liùdhag *n* -*aig*, -*an* *f* doll
liùg *v* -*adh* creep, steal, sneak *a* look at
liùgach *a* -*aiche* creeping, sneaking
liùgh *n* -*a*, -*achan* *f* lythe *Also* liugh
liut *n* liuit *f* knack, aptitude I. **air** ... aptitude for ...
liuthad *a* so many (*precedes n*)
lobh *v* -*adh* rot, putrefy
lobhadh *n* -*aith* *m* rot
lobhar *n* -*air*, -*air* *m* leper
lobhta *n* -*ichean* *m* loft *Also* lobht
lobhte *a* rotten, putrid *Also* loibh(t)
locair *n* -*ean*/locraichean *f* carpenter's plane
locair *v* locradh plane
loch *n* -*a*, -*an* *f* *m* loch, lake I. mara sea loch
lochan *n* -*ain*, -*ain* *m* small loch
lochd *n* -*a*, -*an* *m* fault, defect, malice
lochdach *a* -*aiche* faulty, harmful, malicious
Lochlannach *n* -*aich*, -*aich* *m* Scandinavian, Viking *a* Scandinavian, Viking
lòchran *n* -*ain*, -*ain* *m* lantern, lamp
lod *n* -*a*, -*an* *m* load
lof *n* -*a*, -*aichean* *f* *m* loaf
logaidh *n* -*ean* *m* forelock, fringe (*of hair*), mane
loidhne *n* -*nichean* *f* line I.-taice helpline
loidseadh *n* -*sidh*, -*sidhean* *m* lodging
loidsear *n* -*eir*, -*an* *m* lodger
lòineag *n* -*eige*, -*an* *f* flake, snowflake; small tuft of wool
loingeas *n* -*eis* *m* ship; fleet, navy I.-cogaidh warship *Also* luingeas
loinid *n* -*e*, -*ean* *f* churn, whisk

Iòinidh *n f m* an l. rheumatism, sciatica
Ioinn *n -e f* elegance, comeliness, fine finish **tha l. air** it is elegant
Ioinneil *a -e* elegant, comely
Ioireach *a -riche* soiled, bedraggled, messy
Ioireag *n -eig, -an f* untidy or messy female
Ioisg *v* **Ioisgadh** burn, inflame, fire
Ioisgte *a* burnt
Iom *a* **luime** bare, naked; thin, threadbare
Iom *v -adh* make bare, shear, shave
Iomadair *n -ean m* shears; shearer, shaver, mower
Iomadh *n -aidh m* making bare, shearing, fleecing, shaving, mowing
Iomair *v* **Iomradh** mow, shear, fleece
Iomaire *n -an m* mower, shearer
Ioma-làn *a* brimful, completely full
Iomnochd *a* naked, bare, undressed *n f* nakedness, nudity
Ion *n* **Ioin**, **Ioin** *m* elk
Iòn *n* **Iòin**, **Iòintean** *m* pool; meadow
Iòn *n* **Iòin** *m* food, provisions, lunch; livelihood
Ion-dubh *n* **Ioin-duibh**, **Ioin-dubha** *m* blackbird
Long *n* **luinge**, *-an f* ship
l.-bhreiseadh *m* shipwreck
l.-chogaidh warship **l.-fànaidh** spaceship **l.-fo-mhuir** submarine
lorg *n* **luirge**, *-an f* track, trace; staff, stick **a bheil l. agad air?** do you know where it/he is?
lorg *v* find, discover, trace, search for
los *conj* so that, because **air l.** for, on account of
Ioisgadh *n -aidh, -aidhean m* burn, burning, combustion, firing **l.-bràghad** heartburn
Ioisgann *n -ainn, -an m* toad; frog
lot *n -a, -aichean f* allotment, croft

lot *n -a, -an m* wound
lot *v -adh* wound
loth *n -a, -an f m* filly, colt
luach *n m* value, worth
luachair *n* **luachrach** *f* rushes
luachmhor *a -oire* valuable, precious
luadh *n* **luaidh**, **luaidh(ean)** *m* waulking (of tweed), fulling (cloth) **òran luaidh** waulking song **Also luadh**
luaidh *v* **luadh** waulk, full (tweed)
luaidh *n m* mention, praise; beloved person **dèan l. air v** make mention of **mo l.** my dear
luaidh *v* mention, praise
luaidh(e) *n -e f m* lead
luaineach *a -niche* restless, fickle
luaireag *n -eig, -an f* storm petrel
luaisg *v* **luasgadh** shake, toss, rock, wave, swing
luaisgeanach *a -aiche* shaking, tossing, swaying, unsettled
luamhan *n -ain, -an m* lever
luasgan *n -ain, -an m* shaking, tossing, swaying
luath *n* **luaith**, *-a f* ash, ashes **Also luaithre**
luath *a* **luaithe** fast, swift, speedy
luaths *n* **luaithe** *m* speed, swiftness, velocity
lùb *n* **lùib**, *-an f* bend, curve
lùb *v -adh* bend
lùbach *a -aiche* bending, winding; pliant
lùbte *a* bent
luch *n -a/-ainn, -an f* mouse
l.-fhèidh fieldmouse
luchag *n -aig, -an f* little mouse
lùchairn *n -e, -ean f* palace
lucharan *n -ain, -ain f* dwarf
luchd *n m* people used to form collective nouns for groups of people eg **neach-cunntais** accountant **l.-cunntais** accountants
luchd *n -a, -an m* load, cargo
luchdaich *v -achadh* load
luchd-aideachaidh *n m* professing Christians
luchd-amhairc *n m* spectators
luchd-casaid *n m* accusers, prosecution **l.-c. a' Chrùin** the

Crown prosecutors
luchd-ceanna(i)ch *n m* buyers
luchd-ciùil *n m* musicians
luchd-coimhid *n m* spectators, observers
luchd-dàimh *n m* kindred
luchd-ealain *n m* artist(s)
luchd-èisteachd *n m* audience, listeners
luchd-eòlais *n m* acquaintances
luchd-foillseachaidh *n m* publishers
luchd-fòirneirt *n m* terrorists, oppressors
luchd-frith-ealaidh *n m* attendants; waiters, waitresses
luchd-leughaidh *n m* readers, readership
luchd-naidheachd *n m* journalists, reporters
luchd-obrach *n m* workers, staff
luchd-riaghlaidh *n m* rulers
luchd-sàbhalaich *n m* rescuers
luchd-seinn *n m* singers
luchd-sgrùdaidh *n m* inspectors
l.-s. nan sgoiltean school inspectors
luchd-siubhail *n m* travellers
luchd-smàlaidh *n m* firefighters
luchd-stiùiridh *n m* directors
luchd-tagraidh *n m* pleaders, advocates
luchd-trusaidh *n m* collectors
l.-t. nam fiach debt collectors
luchd-turais *n m* tourists
lùdag *n -aig, -an f* (the) little finger, pinkie; hinge
luga *n -n/-ichean f* lugworm, sandworm
luga *a* less, least **is l. orm e** I hate it/him
lùghdachadh *n -aidh m* decrease, reduction, lessening, diminution, downturn
lùghdaich *v -achadh* decrease, reduce, lessen, diminish
luibh *n -e, -ean f m* plant, herb; weed **l.-eòlaiche** *m* botanist
l.-eòlas *m* botany
Lugsamburgach *n -aich, -aich m* someone from Luxemburg
a from, or pertaining to, Luxemburg

luibhre *n f an l.* leprosy
luideach *a -diche* silly, daft; shabby, untidy
luideag *n -eig, -an f* rag
luidhear *n -eir, -eirean f* vent, chimney; ship's funnel
Luinneach *n -nich, -nich m* someone from Luinig *a from, or pertaining to, Luinig*
luinneag *n -eig, -an f* ditty, song
Lùnastal *n -ail m an l.* August
Formerly an Lùnasdal
lurach *a -aiche* lovely, beautiful, pretty, attractive
lùgann *n -ainn, -an f* shin
lurmachd *a* See **lomnochd**
lus *n -a/luis, -an m* plant, herb
l. a' chrom-chinn daffodil **l. nam ban-sith** foxglove **l. nan cluas** saxifrage
luthaig *v -eadh* wish, desire **Also lùig**
lùth-chleas *n -a, -an m* athletics, sport
lùth-chleasachd *n f* athletics, sport
lùth-chleasaiche *n -an m* athlete, sportsman, sportswoman
lùthmhor *a -oire* strong, powerful, athletic, vigorous
lùth(s) *n* **lùith(s)** *m* strength, power, vigour, energy **clon**
lùith(s) lack of power/energy
gun l. unable to move

M

m' *poss pron* my (used before words beginning in vowels or fh)
ma *conj* if
ma aug prep about his/her/its
màb *v -adh* abuse, vilify
mabach *a -aiche* stammering, stuttering, lisping
mac *n* **mic**, **mic** *m* son **m.**
bràthar/peathar nephew
mac-an-aba *n m* ring finger
macanta *a* meek, gentle, mild
macantas *n -ais m* meekness, mildness
mach *adv* out (used of motion)
m. à seo! let's be off!; out you go!
m. air a chèile at odds

machair *n* *e-/machrach*,
machraichean *f m* machair,
 sandy arable land near coast
machlag *n* -aig, -an *f* uterus,
 womb, matrix
mac-meanmna *n* mic- *m*
 imagination Also **mac-**
meanmainn
mac-samhail *n* mic- *m* replica,
 facsimile, duplicate; likeness
mac-talla *n* mic- *m* echo
madadh *n* -aidh, -aidhean *m*
 hound, dog *m*. -allaigh wolf
m. -ruadh fox
madainn *n* maidne, maidnean *f*
 morning *M*. mhath! Good
 morning!
mag *v* -adh mock, scoff, laugh at,
 jeer
magadh *n* -aidh *m* mocking,
 scoffing, jeer **cùis-mhagaidh** *f*
 object of ridicule
magail *a* -e scoffing, mocking;
 apt to mock
magairle *n* -an *f m* testicle
màgaran *n* -ain *m* crawling on all
 fours *air mhàgaran* on all fours
maghar *n* -air, -airean *m* bait
 (fishing), artificial fly
vn a' *m*. fishing while moving
maide *n* -an *m* stick, wood
m. -tarsainn beam, cross-beam
maids *v* -eadh/-igeadh match
maids(e) *n* -sichean *m* match
 (light); match (game)
màidsear *n* -eir, -an *m* major
M. na Pioba Pipe Major
Màigh *n* -e *f a'* Mhàigh May
maighdeann *n* -dinn, -an/-dinnean
f maiden *m*. -phòsaidh
 bridesmaid *m*. -mhara mermaid
maigheach *n* -ghiche, -ghichean *f*
 hare
maigh(i)stir *n* -ean *m* master *Mgr*
MacIomhair *Mr* MacIver *m*. -
 sgoile schoolmaster, headmaster
màileid *n* -e, -ean *f* bag, suitcase
maill(e) *n* *f* slowness, tardiness,
 delay *chuireadh maill oirnn* we
 were delayed
maile ri *prep* (along) with
mair *v* -sinn/-eachdainn last,
 endure

maireann *a* living, extant ... *nach*
m. the late ... *ri do mhaireann*
 during your lifetime, as long as
 you live
maireannach *a* -aiche lasting,
 enduring, everlasting,
 permanent
mairg *a* woeful, pitiable
màrnealach *a* -aiche dilatory,
 slow
màrnealachd *n* *f* slowness, delay
mairsinneach *a* -niche lasting,
 long-lasting
mairtfeòil *n* -òla *f* beef
maise *n* *f* beauty, loveliness,
 comeliness **ball-m**. beauty spot
 (on face); ornament
maiseach *a* -siche beautiful,
 lovely, comely
maistreadh *n* -ridh *m* churning
 (making butter)
maith *v* See *math*
màl *n* màil, màil *m* rent *air mhàl*
 rented
mala *n* -idhean/-ichean/mailghean
f eyebrow; brow
malairt *n* -ean *f* trade, exchange,
 commerce, business
màlda *a* modest, coy; gentle, mild
mall *a* maille slow, tardy
mallachd *n* -an *f* curse
mallaich *v* -achadh curse
mallaichte *a* cursed, accursed
màm *n* màim, -an *m* large round
 hill
mamaidh *n* -ean *f* mammy,
 mummy
màm-slèibhe *n* màim-, màman- *m*
 avalanche
manach *n* -aich, -aich *m* monk
manachainn *n* -e, -ean *f*
 monastery
manadh *n* -aidh, -aidhean *m*
 omen, warning (*supernatural*),
 apparition; prophecy *cuir air*
mhanadh *v* prophesy
manaidsear *n* -eir, -an *m*
 manager
Manainneach *n* -nich, -nich *m*
 Manx person *a* Manx
mang *n* mainge, -an *f* fawn
mànran *n* -ain, -an *m* tuneful
 sound, melody, crooning

mànranach *a* -aiche tuneful,
 melodious, crooning
maodal *n* -ail, -an *f* stomach,
 paunch
maoidh *v* -eadh threaten,
 reproach
maoidheadh *n* -dhidh, -dhidhean
m threat, threatening
maoil *n* -ean *f* forehead, brow
maoin *n* -e, -ean *f* wealth, riches,
 fund
maoineachas *n* -ais *m* finance
maoinich *v* -neachadh finance,
 fund
maoiseach *n* -sich, -sichean *f* doe
maol *n* maoil, maoil *f m* rounded
 headland, mull; promontory
M. Chinn Tìre Mull of Kintyre
maol *a* maoile blunt; bald;
 hornless; stupid
maor *n* maoir, maoir *m* bailiff,
 steward, constable *m*. -cladaich
 coastguard
maorach *n* -aich *m* shellfish
maoth *a* maoithe soft, tender
maothaich *v* -achadh soften;
 mitigate
mapa *n* -ichean *m* map
mar *a*, *adv*, *prep* (+ *len*), *conj* as,
 like *mar seo* *adv* like this, thus
mar sin *adv* like that, therefore
mar sin leat/leibh *adv* goodbye
mar a *conj* as
mar *aug* *prep* about our
marag *n* -aig, -an *f* blood-
 pudding *m*. **dhuhb** black
 pudding *m*. **gheal** white
 pudding
marache *n* -an *m* seaman,
 mariner
mar an ceudna *adv* also, likewise,
 too
mar-aon *adv* together, as one, in
 concert
marbh *n* mairbh, mairbh *m* dead
 person *na mairbh* the dead *m*.
na h-oidhche the dead of night
marbh *a* mairbhe dead
marbh *v* -adh kill
mar-bhith *n* *f* fault gun *m*.
 without fault
marbhrann *n* -ainn, -an *m* elegy
marbhtach *a* -aiche deadly;

mortal
marcachd *n* *f* riding,
 horsemanship
marcaich *v* -achd ride
marcaiche *n* -an *m* rider,
 horseman
marc-shluagh *n* -aigh *m* cavalry,
 horsemen
mar eisimpleir *adv* for example
margadh *n* -aidh, -aidhean *f*
 market *m*. *nan earrannan* stock
 exchange
margaid *n* -e, -ean *f* market
màrmor *n* -oir *m* marble
màrsail *n* -e *f* marching, march
marsanta *n* -n *m* merchant
mart *n* mairt, mairt *m* cow, steer
Màrt *n* Màirt *m* am *M*. March
mar-thà *adv* already
màs *n* màis, -an *m* buttock,
 bottom, posterior
mas *conj* See *mus*
maslach *a* -aiche disgraceful,
 shameful
maslachd *n* -aidh, -aidhean *m*
 disgrace, reproach
maslaich *v* -achadh disgrace, put
 to shame
ma-tà *adv* then, in that case
matamataig *n* *m* mathematics
math *n* maith *m* good, benefit
m. *a'* phobail the public
 interest/good *dè (am)* *m*. *a* bhith
a' bruidhinn? what's the use of
 talking?
math *a* feàrr good *gu* *m*. well *m*.
air ... good at ... *gu* *m*. *fuair* quite
 cold *chan eil* *m*. *dhut ...* you
 must not ... *mas m*. *mo*
chuidhne if I remember
 correctly 's *m*. *sin* that's good
m. *dha-riribh* very good indeed,
 excellent
math *adv* well
math *v* -adh forgive, pardon
m. *dhuinn ar peacaidhean*
 forgive us our sins
ma-thà *adv* then, in that case
mathachadh *n* -aidh *m* manure,
 manuring
mathaich *v* -achadh manure
màthair *n* -ar, màthraichean *f*
 mother *m*. -chèile mother-in-law

mathan *n* -ain, -an *m* bear **m.-bàn**
polar bear
mathanas *n* -ais *m* forgiveness,
pardon *Also* maitheanas
mathas *n* -ais *m* goodness, virtue
Also maitheas
math dh'fhaodte *conj* perhaps,
maybe
meaban *n* -ain, -ain *m* upstart;
something damaged
meacan-ruadh *n* meacain-ruaidh,
meacanan-ruadha *m* radish
meadhan *n* -ain, -an *m* middle,
centre; medium, means **na**
meadhanan the media **teis-m.**
the very centre **m.-aois** middle
age **na M.-Aoisean** the Middle
Ages **m.-chearcall** equator
meadhanach *a* -aiche middling,
so-so, mediocre; intermediate,
central
meadhan-là/latha *n* meadhain- *m*
midday
meadhan-oidhche *n* meadhain- *m*
midnight
meadh-bhlàth *a* lukewarm
meadhrach *a* -aiche glad, joyous,
merry
meal *v* -tainn/-adh enjoy, relish
M. do naidheachd!
Congratulations! **m. is caith e**
enjoy it and make good use of
it
meal-bhuc *n* -bhuic, -an *f* melon
meall *n* mill, mill *m* lump; round
hill; large number; shower (*of*
rain) **m.-sgòrnain** Adam's apple
meall *v* -adh deceive ... **mura h-eil**
mi air mo mhealladh ... if I'm
not mistaken
mealladh *n* -aidh *m* deception,
deceiving
meallta *a* deceptive, deceitful,
misleading
meamhran *n* -ain *m* membrane
mean *a* little **m. air mhean** little
by little, gradually
mèanan, mèanaich *n* See
mèaran, mèaranaich
meanbh *a* -a minute, diminutive
meanbhchuideag *n* -eig, -an *f*
midge
meang *n* -a/ming, -an *f* blemish,

flaw, abnormality **gun mheang**
faultless
meang(l)an *n* -ain, -an *m* branch
(*of tree*), bough
meanmnach *a* -aiche spirited,
lively
meann *n* minn, minn *m* kid
(*animal*)
meannt *n* -a *m* mint
meantraig *v* -eadh venture, dare
mear *a* -a merry, playful
mearachd *n* -an *f* mistake, error
mearachdach *a* -aiche mistaken,
erroneous, inaccurate
mèaran *n* -ain, -an *m* yawn
mèaranaich *n* -e *f* yawning *Also*
vn a' m.
mèarrs *v* -adh/-ail march
mèarrsadh *n* -aidh *m* march,
marching
meas *n* *m* esteem, respect;
evaluation, assessment **le m.**
yours sincerely (*in letter*)
meas *n* -a, -an *m* fruit
meas *v* meas/-adh consider,
esteem; reckon, estimate, value
measadh *n* -aidh, -aidhean *m*
assessment, evaluation,
appraisal, reckoning
measail *a* -e fond; respected,
esteemed **m. air ...** fond of ...
measarra *a* temperate, moderate,
sober
measarrachd *n* *f* temperance,
restraint
measg *n* am *m.* (+ *gen*) among,
amongst
measgachadh *n* -aidh, -aidhean
m mixture, combination
measgaich *v* -achadh mix, mingle
meata *a* timid, faint-hearted,
feeble
meatailt *n*, *a* -e, -ean *f* metal
meatair *n* -ean *m* metre (*length*)
meidh *n* -e, -ean *f* balance, scales
air mheidh in the balance
meigeadaich *n* *f* bleating (*of goat*
or kid)
meil *v* -ich/-eadh grind
mèil *v* -ich bleat
meileabhaid *n* *f* velvet
mèilich *n* *f* bleating
meilich *v* -leachadh chill, benumb

mèinn *n* -e, -ean *f* mine (*mil, ind*)
mèinn *n* -e *f* disposition,
temperament
mèinneadair *n* -ean *m* miner
mèinnear *n* -eir, -an *m* mineral;
miner
mèinnearachd *n* *f* mining,
mineralogy
contempt *n* tàir *f*, tarcais *f* **he was held in c.** bha e air a chur ann an suarachas
contemptible *a* suarach
contemptuous *a* tàireil, tarcaiseach
contend *v* cathaich, dèan strì an aghaidh (+ *gen*); (*maintain*) cùm a-mach
content *n* susbaint *f*
content(ed) *a* riaraichte, toilichte
contention *n* còmh. strì *f*, connspaid *f*, aimhreit *f*, argamaid *f*
contentious *a* connspaideach

contentment *n* toileachas (-inntinn) *m*, riarachadh *m*
contents *n* na tha ann, na tha am broinn ... **list of c.** clàr-innse *m*
contest *n* strì *f*, farpais *f* *v* dèan strì; (*election*) seas
contestant *n* farpaiseach *m*
context *n* co-theacs(a) *m*
continent *n* mòr-thìr *f*
continually *adv* gun sgur, a-ghnàth **c. asking** a' sìor fhaighneachd
continue *v* lean (air)
continuing *a* leantainneach, a' leantainn
continuity *n* leantalachd *f*
continuous *a* leantainneach **c. assessment** measadh leantainneach *m*
contraception *n* casg-gin(eamhainn) *m*
contraceptive *a* casg-gineamhainneach
contract *n* cùmhnant *m*, cunnradh *m* **c. of employment** cùmhnant-obrach *m* *v* (*lessen*) lùghdaich; (*enter into*) dèan cùmhnant; (*illness*) gabh
contraction *n* teannachadh *m*, crìonadh *m*, giorrachadh *m*, lùghdachadh *m*
contractor *n* cunnradair *m*
contradict *v* cuir an aghaidh (+ *gen*)
contrary *a* an aghaidh (+ *gen*)
contrast *n* eadar-dhealachadh *m*, ao-coltas *m* *v* cuir an aghaidh a chèile, dèan iomsgaradh eadar
contravene *v* bris(t), rach an aghaidh
contribute *v* cuir ri, cuidich le **c. to thoir** ... do
contribution *n* thabhartas *m*, cuideachadh *m*
contrite *a* fo aithreachas
control *n* (*abstr*) smachd *m*, ùghdarras *m* **controls** uidheam-stiùiridh *f* *v* ceannsaich **gain c.** faigh smachd air
controller *n* neach-riaghlaidh *m*, rianadair *m*
controversial *a* connspaideach, connsaichail

controversy *n* connspaid *f*,
connasachadh *m*
conundrum *n* tòimhseachan
(toinnte) *m*
convene *v* tionail, cruinnich,
gairm
convener *n* neach-gairm *m*
convenience *n* goireas *m* **public c.**
goireasan poblach
convenient *a* goireasach
convent *n* taigh-cràbhaidh *m*,
clochar *m*
convention *n* (norm) cleachdadh
m, gnàthas *m*; (body) co-
chruinneachadh *m*; (agreement)
cùmhnant *m*
conventional *a* gnàthach
conversant with *a* fiosrach (mu),
eòlach (air)
conversation *n* còmhraidh *m*
converse *v* dèan còmhraidh
conversion *n* (relig) iompachadh
m; (building) atharrachadh *m*
convert *n* iompachan *m*
convert *v* (relig) iompaich;
atharraich
convex *a* os-chearclach
convey *v* giùlain, iomchair
convict *v* dìt
conviction *n* dìteadh *m*; (feeling)
faireachdainn làidir *f*
convince *v* dearbh (do)
convivial *a* cuideachdail
convoy *n* comhailteachd *f*; (naut)
luing-dhion *f pl*
coo *v* dèan dùrdail/tùchan
cook *n* còcaire *m* *v* còcairich,
deasaich biadh, bruich
cooker *n* cucair *m*
cooking, **cooking** *n* còcaireachd *f*
cool *a* fionnar; (colloq) smodaig
v fuaraich, fionnaraich
co-operate *v* co-obrach
co-operation *n* co-obrachadh *f*
co-operative *a* co-obrachail,
cuideachail
co-opt *v* co-thagh
co-opted *a* co-thaghte
co-option *n* co-thaghadh *m*
co-ordinate *v* co-òrdanaich
co-ordinated *a* co-òrdanaichte
co-ordination *n* co-òrdanachadh
m

co-ordinator *n* co-òrdanaiche *m*
cope *v* dèan an gnothach/a' chùis
copious *a* lionmhor, pailt
copper *n* copar *m*
copse *n* badan *m*, frith-choille *f*
copulate *v* cuplaich
copy *n* lethbhreac *m*, copaidh *f*
m *v* copair, dèan lethbhreac,
ath-sgrìobh
copyright *n* còraichean
(foillseachaidh) *f pl*, dlìghe-
sgrìobhaidh *f*
coral *n* corail *m*
cord *n* còrd *m*, bann *m*
cordial *a* cridheil, càirdeil
core *n* cridhe *m*, eitean *m*
cork *n* àrc *f*, corcais *f*
corkscrew *n* sgrìubha-àrc *m*
cormorant *n* sgarbh *m*
corn *n* arbhar *m*; (on foot) còrn
m **c. on the cob** dias Innseanach
f
corncrake *n* traon *m*, ràc an
arbhair *m*
corner *n* oisean *m*, cùil *f*, còrnair
m **c. kick** breab-oisein *f* **c. stone**
clach-oisein/oisne *f*
cornflakes *n* bleideagan coirce *f*
Cornish *a* Còrnach **C. person** *n*
Còrnach *m*, (female) ban-
Chòrnach *f*
coronation *n* crùnadh *m*
corporal *n* corpailear *m*
corporal *a* corporra, bodhaige
corporate *a* corporra
corporation *n* corporaid *f*,
comhairle baile-mòr *f*
corpse *n* corp *m*, marbhan *m*
correct *v* ceartaich *a* ceart
correction *n* ceartachadh *m*
correlation *n* co-dhàimh *f*
correspond *v* co-fhreagair;
(write) sgrìobh
correspondence *n* litrichean *f pl*,
sgrìobhadh *m*; (match)
co-fhreagradh *m*
corridor *n* trannta *f*
corroborate *v* daingnich,
co-dhearbh
corrode *v* meirg
corrosion *n* meirg *f*, meirgeadh *m*
corrugated *a* preasach *c. iron*
iarann liorcach *m* **c. paper**

pàipear preasach *m*
corrupt *a* coirbte, breun, truallte
v coirb, truall
corrupted *a* coirbte, truallte
corruption *n* coirbeachd *f*,
truallidheachd *f*
cosmetic *n* cungaidh maise *f*
c. surgery lannsaireachd cruth *f*
a (met) air an uachdar
cosmonaut *n* speur(ad)air *m*
cosmopolitan *a* os-nàiseanta
cost *n* cosgais *f* **c. of living**
cosgais bith-beò *f* *v* cosg
costly *a* cosgail, daor
costume *n* culaidh *f*
cosy *a* seasgair
cot *n* cot *m*
cottage *n* taigh-còmhnaidh beag
m
cotton *n* cotan *m* **bog-c.** an
canach *m* **c.-wool** snàth-cotain
m *a* cotain
couch *n* seidhs(e) *f*, langasaid *f*
cough *n* casad *m* *v* dèan casad
coughing *n* casadaich *f* Also *vn*
a' casadaich
council *n* comhairle *f* **C. of**
Europe Comhairle na h-Eòrpa *f*
C. Tax Cis Comhairle *f*
councillor *n* comhairliche *m*
counsel *v* comhairlich
counsellor *n* neach-comhairle *m*,
comhairleach *m*
count *v* cunnt, cunntais,
àireamh(aich)
countenance *n* gnùis *f*
counter *n* cuntair *m*
counter *v* rach an aghaidh
(+ gen)
countess *n* ban-iarla *f*
counting *n* cunntadh *m*, cunntais
f m
countless *a* gun àireamh,
do-àireamh
country *n* dùthaich *f*, tìr *f*,
rioghachd *f*
countryside *n* dùthaich *f* in the *c.*
air an dùthaich/tuath
county *n* sìorrachd *f*,
siorramachd *f*
couple *n* càraid *f*, dithis *f* **a c. of**
hours dà uair
courage *n* misneach(d) *f*,

smior *m*
courageous *a* misneachail,
smiorail, tapaidh
courier *n* teachdaire *m*
course *n* cùrsa *m*; (route) slighe
f, cùrsa *m*
court *n* cùirt *f* **courthouse**
taigh-cùirte/cùrtach *m*
court *v* dèan suirghe *vn* *a'* suirghe
courteous *a* cùrteil, modhail,
suaice
courtesy *n* modh *f m*,
modhalachd *f*
courtship *n* suirghe *f*,
leannanachd *f*
cousin *n* co-ogha *m*
covenant *n* cùmhnant *m*
cover *n* còmhachadh *m*, brat *m*;
(for bed) cuibhrig(e) *f m* *v*
còmhdaich; (deal with) dèilig ri
covering *n* còmhachadh *m*, brat *m*
covert *a* diomhair, falaichte, os
ìosal
covet *v* sanntaich
cow *n* bò *f*, mart *m*
coward *n* gealtair *m*, cladhair
m
cowardice *n* gealtachd *f*,
cladhairachd *f*
coy *a* nàrach, málada
crab *n* crùbag *f*, partan *m*
crabbed/crabbt *a* greannach
crack *n* sgàineadh *m*, sgoltadh *m*
v sgàin, sgòilt
cradle *n* creathail *f*
craft *n* ceàird *f*; (cunning)
seòltachd *f*; (boat) bàta *m*
craftsman neach-ceàirde *m*
crafty *a* seòlta, carach
crag *n* creag *f*, stalla *f*, carraig *f*
cram *v* dinn
crammed *a* dinnte, dùmhail
cramp *n* an t-orc *m*, cramb *f*
crane *n* crann *m*; (bird)
corra-mhonaigh *f*
cranny *n* cùil *f*, fròg *f*
crash *n* stàirn *f*, bualadh *m*
v buail na chèile, craisig
crate *n* cliath-bhogsa *m*, creat *m*
craving *n* ciocras *m*, miann *f m*
crawl *v* snàig, crùb
crayon *n* creidhean *m*, cailc
dhathte *f*

craze *n* fasan *m*, annas *m*
crazy *a* cracte, às a c(h)iall *etc*
creak *n* diosgan *m* *v* diosg, dèan diosgan *Also* *vn* a' dìosganaich
cream *n* uachdar *m*, bàrr *m*; (*cosmetic*) cè *m*
crease *n* filladh *m*, preas *m* *v* preas(aich)
create *v* cruthaich
creation *n* cruthachadh *m*
Creation an Cruthachadh *m*, a' Chruthaigheachd *f*
creative *a* cruthachail
creator *n* neach-cruthachaidh *m* the **C.** an Cruthaighear *m*
creature *n* creutair *m*
credibility *n* creideas *m*
credible *a* creideasach, a ghabhas creidsinn
credit *n* creideas *m* **c. card** cairt-creideis *f* **that's to his c.** tha e ri mholadh airson sin *v* creid
creditable *a* teistheil, measail
creditor *n* neach-fiac *m*, creideasaiche *m*
creed *n* creud *f*, creideamh *m*
creek *n* geodha *m*, òb *m*, òban *m*
creel *n* cliabh *f*
creep *v* snàig, èalaidh, liùg
cremate *v* luaithrich
crematorium *n* luaithreachan *m*
crescent *n* corran *m*; (*of moon*) corran-gealaich *m*
cress *n* biolair *f*
crest *n* suaicheantas *m*; (*bird*) cìrean *m*; (*topog*) mullach *m*, bàrr *m*
crevice *n* sgoltadh *m*, sgàineadh *m*
crew *n* sgioba *f* *m*, criutha *m*
cricket *n* (*game*) criogaid *m*
crime *n* eucoir *f*
criminal *n*, a eucorach *m*
crimson *n*, a crò-dhearg *m*
cringe *v* crùb, giog
cripple *n* crioplach *m*, bacach *m*
crippled *a* bacach, na c(h)rioplach *etc*
crisis *n* càs *m*, èiginn *f*, gàbhadh *m*
crisp *n* brisgean *m* *pl* brisgeanan *a* brisg
criterion *n* slat-t(h)omhais *f*

critic *n* sgrùdair *m*, breithniche *m*
critical *a* (*vital*) deatamach, èiginneach; (*liter*) sgrùdail, breitheach; (*adversely*) beumach
criticism *n* càineadh; (*liter*) sgrùdadh *m*, breithneachadh *m*
criticize *v* càin
croak *v* dèan gràgail
crockery *n* soithichean *m* *pl*
crocodile *n* crogall *m*
croft *n* croit *f*, lot(a) *m*
crofter *n* croitear *m* **Crofters Commission** Ùghdarras nan Croitearan
crony *n* seann charaid *m*, dlùth-chompanach *m*
crook *n* cromag *f*; (*person*) rògaire *m*
crooked *a* cam, crom, fiar
crop *n* (*harvest*) bàrr *m*; (*of bird*) sgròban *m*; (*haircut*) bearradh *m* *v* gearr, buain; (*hair etc*) beàrr
cross *n* crois *f*; (*crucifixion*) crann-ceusaidh *m* **the Red C.** a' Chrois Dhearg *a* crosta *v* rach tarsainn/thairis **c. oneself** dèan comharra na croise **c. a cheque** cros seic
cross-beam *n* spàrr *f*, trastan *m*
cross-examine *v* cruaidh-cheasnaich
cross-eyed *a* cam, cam-shùileach, fiar-shùileach
crossfire *n* eadar-theine *m*
cross-legged *a* casa-gòbhlach
crossroads *n* crois (an) rathaid *f*
crossword *n* tòimhseachan-tarsainn *m*
crotch *n* gobhal *m*
crouch *v* crom, crùb
crow *n* feannag *f*, starrag *f*
crowbar *n* geimhleag *f*
crowd *n* sluagh *m*; (*pej*) gràisg *f*
crowded *a* dùmhail
crowdie *n* gruth *m*
crown *n* crùn *m*; (*of head*) mullach a' chinn *m*, bàrr a' chinn *m* *v* crùn
crucial *a* deatamach
crucifix *n* crois *f*
crucify *v* ceus
crude *a* amh; (*met*) drabasta,

curs(a)
cruel *a* an-ìochdmhor, neo-thruacanta
cruelty *n* an-ìochd *f*, neo-thruacantachd *f*
cruise *n* cuairt-mara *f*, turas-cuain *m*
crumb *n* criomag *f*, sprùilleag *f*, mìr *m* **crumbs** sprùilleach *m*
crumple *v* rocaich
crunch *n* when it comes to the **c.** nuair a thig e gu h-aon 's gu dhà
crusade *n* iomairt *f* **the Crusades** Cogaidhean na Croise *m* *pl*
crush *n* bruthadh *m* *v* pronn; (*met*) ceannsaich, mùch
crust *n* rùsg *m*, plaosg *m*
crutch *n* crasg *f*, croitse *f*
crux *n* cnag (na cùise) *f*
cry *n* èigh *f*, glaodh *f* *m*, gairm *f*; (*tears*) ràn *m* *v* èigh, glaodh, gairm; (*shed tears*) caoin, guil
crying *n* èigheach(d) *f*, glaodhaich *f*; (*tears*) caoineadh, gal/gul *m*, rànaich *f*
crystal *n* criostal *m* *a* criostail
cube *n* ciùb *m*
cubic *a* ciùbach
cuckoo *n* cuthag *f*
cucumber *n* cularan *m*
cuddle *v* dèan cionacraich air
cue *n* (*sport*) slat-chluiche *f*, ciù *m*; (*stage*) cagar *m*; (*hair*) ciutha *m*
cuisine *n* modh còcaireachd *m*
cull *v* tanaich
culpable *a* ciontach, coireach **c. homicide** marbhadh le coire *m*
culprit *n* ciontach *m*
cultivate *v* àitich
cultivation *n* àiteach *m*
cultural *a* cultarach
culture *n* cultar *m*
cumbersome *a* trom, liobasta
cunning *a* seòlta, carach
cup *n* cupa *m*, copan *m* **cup final** cuairt dheireannach a' chupa *f*
cupboard *n* preas(a) *m*
curb *v* ceannsaich, bac, cuir srian air
curdle *v* binndich
cure *n* leigheas *m*; (*specific*) cungaidd-leigheis *f* *v* leighis,

slànaich; (*fish*) saill, ciùraig
curious *a* ceasnachail, farraideach, feòrachail; (*odd*) annasach, neònach
curl *n* dual *m*, bachlag *f*, cam-lùb *f* *v* bachlaich, caisich
curlew *n* guilbneach *f* *m*
curling *n* (*sport*) curladh *m*
curly *a* dualach, bachlagach, camagach
currant *n* dearc(ag) thiormaichte *f*
currency *n* airgead *m*
current *n* sruth *m*, buinne *f* **electric c.** sruth-dealain *m*
current *a* gnàthaichte, làithreach
c. account cunntas làitheil *m*, cunntas-ruith *m* **c. affairs** cùisean an latha *f* *pl*
currently *adv* an-dràsta, an ceartuair
curriculum *n* curraicealam *m*, clàr-oideachais *m* **c. vitae** cunntas-beatha *m*
curry *n* coiridh *m*
curse *n* mallachd *f* *v* mallaich; (*swear*) mionnaich, bi ri na mionnan/guidheachan
cursor *a* cabhagach, gun aire
curtail *v* giorraich
curtain *n* cùirtair *m*, cùirtair *m*
curve *n* lùb *f*, camadh *m*
curved *a* lùbte, le camadh
cushion *n* cuisean *f* *m*, pillean *m*
custard *n* ughagan *m*
custody *n* grèim *m*, cùram *m*
custom *n* cleachdadh *m*, àbhaist *f*, gnàths *m*, nòs *m*
customary *a* àbhaisteach, gnàthach
customer *n* neach-ceanna(i)ch *m*
Customs *n* seirbheis na Cusbainn *f* **C. duty** cis Cusbainn *f*
cut *n* gearradh *m* *v* gearr, giorraich **cut hair** beàrr **his work is cut out for him** tha a dhiol/leòr aige ri dhèanamh
cutlery *n* uidheam-ithe *f*
cycle *n* cuairt *f*, cùrsa *m*; (*bicycle*) baidhsagal *m*, rothair *m*
cyclist *n* baidhsaglair *m*, rothaiche *m*

cyclone *n* toirm-ghaoth *f*, cuairt-gaoithe *f*
cygnet *n* isean eala *m*
cylinder *n* siolandair *m*
cymbal *n* tiompan *m*, ciombal *m*
cynic *n* sgaitear *m*, searbh-neach *m*
cynical *a* sgaiteachail, searbh-sach
cyst *n* ùthan *m*, balgan *m*
Czech *n*, *a* Seiceach *m*, (*female*) ban-S(h)eiceach *f*

D

dab *v* suath
dad *n* dadaidh *m*
daffodil *n* lus *a'* chrom-chinn *m*
daft *a* gòrach, baoghalta
dagger *n* biodag *f*
daily *a* làitheil *adv* gach latha, gu làitheil
dainty *n* grinn, min
dairy *n* taigh-bainne *m* **d.-farm** tuathanachas bainne *m*
daisy *n* neòinean *m*
dale *n* dail *f*, gleann *m*
dam *n* dam *m*
damage *n* diol *m*, dochann *m*, milleadh *m* *v* dèan diol air, dèan dochann air, mill
damn! *interj* daingit!, gonadh!
damnable *a* damainte, mallaichte
damnation *n* diteadh (siorraidh) *m*, sgrios *m* *interj* daingit!
damp *a* tais
dampness *n* fuarachd *f*, (*weather*) taiseachd *f*
dance *n* dannsa *m* *v* danns, dèan dannsa
dancer *n* dannsair *m*
dancing *n* dannsa(dh) *m*
dandelion *n* beàrnan-brìde *m*
dandruff *n* sgealpaich *f*, càrr *f*
dandy *n* spaidire *m*
danger *n* cunnart *m*, gàbhadh *m*
dangerous *a* cunnartach
dangle *v* bi air bhogadan/udalan
Dane *n* Danmhairgeach *m*, (*female*) ban-D(h)anmhairgeach *f*
Danish *a* Danmhairgeach
dank *a* tungaidh

dapper *a* speiseanta
dare *v* dùraig; (*challenge*) thoir dùbhlán do **don't you d.** na gabh ort
daring *a* dàna
dark *a* dorch(a), doilleir **d. blue** dubh-ghorm
darken *v* dorchnaich
darkness *n* dorchadas *m*
darling *n* gaol *m*, gràdh *m*, eudail *f*, luaidh *f* *m* **my d.** *a* ghaoil, *m'* eudail *a* gaolach, gràdhach
darn *v* càirich
dart *n* gath *m*; (*move*) siorradh *m*
dash *n* ruith *f*, leum *m*, ruith is leum; (*punct*) strìochag *f*, sgriob *f* *v* ruith, leum; (*break*) spealg, buail air **d. to pieces** spealt
data *n* dàta *m*
date *n* latha *m*; (*deadline*) ceann-latha *m*; (*appointment*) deit *f*, (*fruit*) deit *f* **up-to-d.** ùr-nòsach
to d. gu ruige seo **d. of birth** latha-breith **out-of-d.** seann-latha *m*; (*past sell-by d.* seach an ceann-latha **she had a d. with Allan** bha deit aice fhèin 's Ailean *v* cuir latha air, comharraich an latha; (*intrans*) fàs seann-phasanta
dativ *a* tabhartach **the d. case** an tuiseal tabhartach *m*
daub *v* smear, buaic
daughter *n* nighean *f* **d.-in-law** ban(a)-chliamhain *f*
dawn *n* camhana(i)ch *f*, beul an latha *m*
day *n* latha *m*, là *m* **the day after tomorrow** an-earar **the day before yesterday** *a'* bhòn-dè **d. centre** ionad latha *m* **daybreak** bris(t)eadh an latha *m* **daylight** solas an latha *m*
daze *v* cuir bho mhothachadh
dazzle *v* deàrrs, boillsigich
deacon *n* deacon *m*
dead *a* marbh **d. centre** teismeadhan *m*
deadly *a* marbhtach
deaf *a* bodhar **d.-mute** balbhan *m*
deafen *v* bodhair, dèan bodhar
deafness *n* buidhre *f*
deal *n* cùmhnant *m*, cunnradh *m*

a great d. (*much*) tòrr *m* **a good d.** deagh bhargan *m* *v* dèilig (ri); (*in business*) dèan gnothach ri; (*cards*) roinn
dealer *n* neach-malairt *m*; (*of cards*) neach-roinn *m*
dean *n* deadhan *m*
dear *a* ionmhainn, gràdhach, gaolach; (*expensive*) daor *n* luaidh *f* *m*, gràdh *m*, eudail *m*
dearth *n* gainne *f*, dìth *f* *m*
death *n* bàs *m*, caochladh *m*, eug *m*, aog *m*
debate *n* deasbad *f*, deasbaireachd *f* *v* bi *a'* deasbad, deasbair
debauched *a* neo-mheasarra, stròdhail
debauchery *n* neo-mheasarrachd *f*, mì-ghèanmnachd *f*, geòcaireachd *f*
debility *n* laige *f*, anfhainneachd *f*
debit(s) *n* fiachan *f* *pl* *v* thoir à (cunntas)
debris *n* sprùilleach *m*
debt *n* fiachan *m* *pl*; (*met*) comain *f* in **d.** ann am fiachan
debtor *n* neach-fhiach *m*
debut *n* ciad nochdadh *m*
decade *n* deichead *m*
decadence *n* claonadh *m*, coirbeachd *f*
decadent *a* coirbte
decant *v* taom; (*move*) gluais
decay *n* crìonadh *m*, seargadh *m*, lobhadh *m* *v* crìon, searg, caith
decayed *a* seargte, crìon, lobhte
decease *n* caochladh *m*, bàs *m* **the deceased** am fear/tè nach maireann
deceit *n* cealgaireachd *f*, cealg *f*, foill *f*
deceitful *a* cealgach, foilleil
deceive *v* meall, thoir an car à
December *n* an Dùbhlachd *f*
decency *n* beusachd *f*, cubhaidheachd *f*
decent *a* beusach, cubhaidh
decentralize *v* sgaoil a-mach, gluais (bh)on mheadhan
deception *n* mealladh *m*, foill *f*
deceptive *a* meallta
decide *v* socraich/suidhich (air),

co-dhùin, cuir romhad
deciduous *a* seargach
decimal *n*, *a* deicheamh *m*
decipher *v* minich, fuasgail
decision *n* breith *f*, co-dhùnadh *m*
decisive *a* dearbhachail, cinnteach
deck *n* deic *f*, clàr-uachdair *m*; (*of cards*) paca *m*
declaration *n* cur an cèill *m*
declare *v* cuir an cèill, inn(i)s
declension *n* cromadh *m*, tèarnadh *m*; (*gram*) tuisealadh *m*
decline *n* cromadh *m*, crìonadh *m*, dol air ais *m*, dol sìos *m* *v* crom, crìon, rach air ais, rach sìos; (*gram*) claoin
decompose *v* lobb
decorate *v* sgeadaich, maisich
decoration *n* sgeadachadh *m*, maiseachadh *m*
decorator *n* sgeadaiche *m*
decorum *n* stuaim *f*, deagh-bheus *f*
decrease *n* lùghdachadh *m*, dol sìos *m* *v* lùghdaich, beagaich, rach sìos
decree *n* òrdugh *m*, reachd *m*, breith *f* *v* òrdaich, reachdaich, thoir breith
decrepit *a* brèidte, anfhann
decry *v* cuir sìos air, càin
dedicate *v* coisrig **d. to** ainmich air
dedicated *a* coisrigte; (*committed*) dicheallach
dedication *n* coisrigeadh *m*; (*commitment*) dicheall *f* *m*
deduce *v* dèan a-mach, tuig
deduct *v* thoir air falbh (bh)o
deed *n* gnìomh *m*, euchd *m*; (*leg*) sgriobhainn lagha *f*
deem *v* meas
deep *a* domhainn *n* doimhne *f*
deep-freeze *n* cruaidh-reothadair *m*
deer *n* fiadh *m* **d.-forest** frith *f*
deface *v* mill
defamation *n* tuaileas *m*, mì-chliù *m*
defamatory *a* tuaileasach

defeat *n* call *m* *v* gabh air, faigh buaidh (air)
defect *n* easbhaidh *f*, uireasbhaidh *f*
defective *a* easbhaidheach, uireasbhach
defence *n* dìon *m*, dìdean *f*; (*excuse*) leisgeul *m* *d.*
mechanism dòigh dèiligidh (ri) *f*
defend *v* dìon
defender *n* neach-dìon(a) *m*, dìonadair *m*
defensive *a* dìonadach
defer *v* cuir air dàil, dàilich *d.* to thoir inbhe/urram do
deference *n* ùmhlachd *f*, urram *m*
defiance *n* dùbhlán *m*
defiant *a* dùbhlánach
deficiency *n* easbhaidh *f*, dìth *f* *m*
deficient *a* easbhaidheach
deficit *n* easbhaidh *f*, call *m*
defile *v* salaich, truail, gàrraich
define *v* seall brìgh, mìnich
definite *a* cinnteach, deimhinneach
definition *n* mìneachadh *m*, comharrachadh *m*; (*audio-visual*) gèire *f*, soilleireachd *f*
deflate *v* traogh, leig gaath às; (*met*) thoir a' ghaath à siùil
deflect *v* cuir air falbh bho; (*intrans*) aom, claoch
deformity *n* mì-chumadh *m*, mì-dhealbh *f* *m*
defraud *v* dean foill (air)
deft *a* ealamh, deas
defunct *a* à bith, (bh)o fheum
defy *v* thoir dùbhlán do, cuir gu dùbhlán
degenerate *v* rach bhuaite, meath
degrade *v* islich, truail
degrading *a* maslach, truailidh
degree *n* inbhe *f*, ìre *f*; (*acad*) ceum *m*; (*temp*) puing *f* to some *d.* gu ìre by degrees beag air bheag, mean air mhean
dehydration *n* sgreubhadh *m*
deity *n* diadhachd *f*; (*a god*) dia *m*
dejected *a* fo bhròn/phràmh/sprochd
dejection *n* sprochd *m*,

smuairéan *m*
delay *n* dàil *f*, maill(e) *f* *v* cuir dàil/maill(e) an/air, cùm air ais
delayed *a* (*late*) fadalach, air dheireadh
delegate *n* neach-ionaid *m*, teachdaire *m*
delegate *v* thoir ùghdarras do
delegation *n* buidheann-riochdachaidh *m*, luchd-tagraidh *m*
delete *v* dubh às/a-mach
deliberate *v* beachdaich, meòraich
deliberate *a* a dh'aon ghnotha(i)ch; (*pace*) mall
delicacy *n* finealtas *m*, grinneas *m*
delicate *a* finealta, grinn; (*health*) meata, lag
delicious *a* fìor bhlasta
delight *n* aighear *m*, aoibhneas *m*, sòlas *m* *v* toilich, dèan aoibhneas *d.* in gabh tlachd an
delightful *a* aoibhneach, sòlasach, ciatach
delineate *v* dealbh, dealbhaich, tarrainn crìoch eadar
delinquent *n* eucorach *m*, ciontach *m* *a* ciontach, coireach
delirious *a* breisleachail, bruaileanach
delirium *n* breisleach *f*, bruailean *m*
deliver *v* (*save*) saor, fuasgail, tèarn; (*an address, services*) libhrig, liubhair; (*child*) asaidich
deliverance *n* saoradh *f*, fuasgladh *m*, tèarnadh *m*
delivery *n* tèarnadh *m*; (*an address, services*) libhrigeadh *m*, liubhairt *m*; (*manner of speech*) cainnt *f*, dòigh-labhairt *f*; (*childbirth*) asaid *f*; (*mail*) post *m*
delude *v* meall, thoir an car à
deluge *n* tuil *f*, dìle *f* *v* cuir fodha
delusion *n* mealladh *m*, dalladh *m*
delve *v* cladhaich, ruamhair, àitich

demand *n* iarrrtas *m*, tagradh *m* *v* iarr, tagair
demanding *a* iarrrtach
demean *v* islich, diblich
demeanour *n* giùlan *m*, modh *f* *m*, beus *f*
demented *a* air bhoil(e), às a rian
dementia *n* boile *f*; (*senility*) seargadh-inntinn *m*
demise *n* deireadh *m*; (*gradual*) crìonadh; (*death*) bàs *m*
demit *v* leig dheth/dhith etc
democracy *n* deamocrasaidh *m*
democrat *n* deamocratach *m*
democratic *a* deamocratach
demolish *v* leag
demolition *n* leagail (gu làr) *f*
demon *n* deamhan *m*
demonstrate *v* seall, soilleirich, taisbean
demonstration *n* taisbeanadh *m*, soilleireachadh *m*; (*protest*) sluagh-fhianais *f*
demonstrative *a* comharraichte, suaicheanta
demoralize *v* mì-mhisnich gu tur, thoir an crìdhe (bh)o
demur *v* cuir an aghaidh (+ *gen*), cuir teagamh an
demure *a* stuama
den *n* saobhaidh *m*, garaidh *m*, faiche *f*, còs *m*
denial *n* àicheadh *m*; (*withholding*) diùltadh *m*
denigrate *v* dì-mol, cuir sìos air
denomination *n* ainm *m*, ainmneachadh *m*; (*relig*) seòrsa *m*, buidheann *f* *m*
denote *v* comharraich
denounce *v* càin; (*accuse*) tog casaid an aghaidh (+ *gen*)
dense *a* dùmhail, tiugh; (*not intelligent*) maol
density *n* dùmhlachd *f*, dlùths *m*
dent *n* lag *f* *m* *v* dèan lag an
dental *a* fiachlach, deudach
dentist *n* fiachclair *m*
dentistry *n* fiachlaireachd *f*
dentures *n* fiachlan fuadain *f* *pl*
denunciation *n* càineadh *m*; (*accusation*) casaid *f*
deny *v* àich, rach às àicheadh; (*withhold*) diùlt, cùm (bh)o

depart *v* falbh, triall, tog air etc
department *n* roinn *f*
departure *n* falbh *m*, fàgail *f*
depend *v* bi an eisimeil/am freastal (+ *gen*) *d.* on (someone) cuir earbsa an, earb à it
depends on ... tha e an crochadh air ... you can *d.* on it faodaidh tu bhith cinnteach às
dependent *a* eisimealach *d.* on an eisimeil (+ *gen*), an eisimeil air, an crochadh air, an urra ri
depict *v* dealbh, tarraing dealbh de
depleted *a* falmhaichte, falamh
deplorable *a* sgriosail, muldach, maslach
deplore *v* faic/meas maslach we *d.* what you've done tha an rud a rinn sibh a' cur uabhas oirnn
depopulation *n* fàsachadh *m*
deport *v* fuadaich, fògair, cuir às an tìr
deportment *n* giùlan *m*, gluasad *m*
depose *v* cuir à dreuchd
deposit *n* tasgadh *m* *d.* account cunntas tasgaidh *m* *v* taisg
depot *n* ionad-stòraidh *m*
depraved *a* aingidh, coirbte
depravity *n* truail (idh)eachd *f*, aingidheachd *f*
depreciate *v* islich (ann an luach), rach sìos
depreciation *n* isleachadh (luach) *m*, tuiteam (ann an luach) *m*
depress *v* cuir trom-inntinn (air); (*phys*) brùth sìos
depressed *a* airtnealach, fo sprochd, dubhach, trom-inntinneach
depression *n* airtneal *m*, sprochd *m*, trom-inntinn *f*, smalan *m*
deprivation *n* easbhaidh *f*, toirt air falbh *m*
deprive *v* thoir (air falbh) (bh)o, cùm (bh)o
depth *n* doimhneachd *f*, doimhne *f*
deputation *n* buidheann-tagraidh *f* *m*
depute *a* iar- (+ *len*) *d.* director iar-stiùiriche

deputy *n* neach-ionaid *m* a iar-
(+ *len*) **d. head** iar-cheannard *m*
derail *v* cuir bhàrr an rèile; (*met*)
cuir drithleann
deranged *a* às a c(h)iall *etc.*,
air/fon chuthach
derelict *a* trèigte, fàs
deride *v* dèan fanaid air
derision *n* fanaid *f*, sgeig *f*
derivation *n* freumhachadh *m*,
bun *m*
derive *v* freumhaich, bunaich
derogatory *a* tarcaiseach, suarach
descend *v* teirinn, crom, thig
a-nuas
descendant *n* fear/tè de shliochd
f m **descendants** (*coll*) sliochd
m, siol *m*
descent *n* teàrnadh *m*, cromadh
m
describe *v* thoir tuairisgeul air,
dèan dealbh (de)
description *n* tuairisgeul *m*
descriptive *a* tuairisgeulach
desecrate *v* mì-naomhaich,
truail
desert *n* fàsach *f m*
desert *v* trèig, dìobair **d. from**
teich à, ruith à
deserter *n* neach-teichidh *m*,
neach-trèigsinn *m*
deserve *v* coisinn, toill, bi airidh
air
deserving *a* airidh, toillteanach
design *n* dealbh *f*, dealbhadh *m*;
(*intent*) rùn *m* **by d.** a dh'aon
ghnotha(i)ch
design *v* dealbhaich, deilbh;
(*intend*) rùnaich
designate *v* sònraich, ainmich
designer *n* dealbhaiche *m*, neach-
deilbh *m*
desirable *a* ion-mhiannaichte
desire *n* miann *f m*, dèidh *f*, toil
f, iartras *m* *v* miannaich
desirous *a* miannach, dèidheil
(*air*)
desk *n* deasg *m*
desolate *a* fàsail, aonranach
desolation *n* fàsalachd *f*,
aonranachd *f*
despair *n* eu-dòchas *m*
v leig/thoir thairis dòchas

despatch *v* cuir air falbh
desperate *a* èiginneach, nam/na
èiginn, na h-èiginn *etc*
desperation *n* èiginn *f*
despicable *a* suarach
despise *v* dèan tàir air
despite *prep* a dh'aindeoin
(+ *gen*)
despondency *n* eu-dòchas *m*,
dubhachas *m*
despondent *a* eu-dòchasach,
dubhach
despot *n* aintighearna *m*
despotism *n* aintighearnas *m*
dessert *n* mìlean *m*
destination *n* ceann-uidhe *m*
destiny *n* dàn *m* **he was destined**
to ... bha e/sin an dàn dha
destitute *a* falamh, ainniseach
n diol-dèirce *m*
destroy *v* mill, sgrios
destruction *n* milleadh *m*, sgrios
m, lèirsgrìos *m*
destructive *a* sgriosail, millteach
detach *v* dealaich, cuir air leth
detached *a* dealaichte, air leth
detail *n* mion-phuing *f* *v* thoir
mion-chunntas air
detailed *a* mionaideach
detain *v* cum air ais
detect *v* (*notice*) thoir an aire;
lorg; (*discover*) faigh a-mach
detective *n* lorg-phoileas *m*
detention *n* cumail air ais *m*;
(*imprisonment*) cumail an grèim
m
deter *v* cuir bacadh ro
detergent *n* stuth-glanaidh *m*
deteriorate *v* rach bhuaithe
deterioration *n* dol bhuaithe *m*,
dol am mìosad *m*
determination *n* dìongmhaltas *m*,
cruaidh-bharail *f*
determine *v* cuir ro, faigh
a-mach; (*decide*) cuir romhad
determined *a* dìongmhaltas,
daingeann
deterrent *n* casg *m*, bacadh *m*
detest *v* fuathaich, dubh-
ghràinich **I d. it** tha grain (an)
uile agam air
detonate *v* leig dheth, spreadh;
(*intrans*) spreadh

detour *n* cam-rathad *m*
detract *v* thoir air falbh (bh)o
(luach)
detrimental *a* cronail, millteach
devaluation *n* lùghdachadh luach
m, di-luachadh *m*
devalue *v* lùghdaich luach, di-
luachaich
devastate *v* lèirsgrìos, dèan
lèirsgrìos air
devastation *n* lèirsgrìos *m*
develop *v* (*trans*) leasaich;
(*intrans*) fàs
development *n* leasachadh *m*;
(*growth*) fàs *m*
deviate *v* claon (bho)
device *n* innleachd *f*, cleas *m*
devil *n* diabhal *m*, deamhan *m*,
donas *m*
devilish *a* diabhlaidh,
deamhnaidh
devious *a* carach
devise *v* dealbh, innlich
devoid (*of*) *a* falamh (de), às
eugmhais (+ *gen*)
devolution *n* sgaoileadh-
cumhachd *m*
devolved *a* tiomnaichte
devote *v* cosg, thoir (ùine) do
devotion *n* dìlseachd *f*,
ionmhainneachd *f*; (*relig*)
cràbhachd *m*; (*devotions*)
adhradh *m*
devour *v* sluig, glamh
devout *a* cràbhach
dew *n* dealt *f m*, dr(i)ùchd *m*
dewy *a* dealtach, dr(i)ùchdach
dexterity *n* deisealachd *f*,
làmhchraichead *f*
diabetes *n* tinneas an t-siùcair *m*
diabetic *n* diabaiteach *m*
diabolical *a* diabhlaidh,
deamhnaidh
diagnose *v* lorg adhbhar
diagnosis *n* lorg-adhbhair *m*
diagonal *a* trasta(nach)
diagram *n* diagram *m*
dial (*watch*) aodann
(uairadair) *m* **sun-d.**
uairadair-grèine *m*
dialect *n* dualchaint *f*
dialogue *n* còmhradh *m*
diameter *n* trast-thomhas *m*

diamond *n* daoimean *m*
diaper *n* badan *m*
diaphragm *n* sgairt *f*
diarrhoea *n* an spùt *m*,
a' bhuinneach *f*
diary *n* leabhar-latha *m*
dice *n* disinn *m* *pl* disnean
dictate *v* deachd, òrdaich
dictator *n* deachdaire *m*
dictatorial *a* ceannsalach,
deachdaireach
dictatorship *n* deachdaireachd *f*
diction *n* modh-cainnt *f m*
dictionary *n* faclair *m*
die *v* caochail, bàsaich, eug,
siubhail
diesel *n* diosail *m*
diet *n* daithead *f* **regular d.**
riaghailt bidh *f*
differ *v* bi eadar-dhealaichte;
(*disagree*) eas-aontaich
difference *n* eadar-dhealachadh
m, diofar *m*, caochladh *m*
different *a* eadar-dhealaichte,
diofraichte, air leth, air
a' chaochladh
differentiate *v* diofaraich, eadar-
sgar, dèan sgaradh eadar
differentiation *n* eadar-
sgarachdainn *f*, eadar-
dhealachadh *m*
differing *a* diofraichte
difficult *a* doirbh, duilich
difficulty *n* duilgheadas *m*,
dorradas *m*
diffident *a* socharach,
mì-mhisneachail, eu-dàna
diffuse (*d*) *a* sgaoile *v* sgaoil
dig *v* cladhaich, ruamhair
digest *v* cnàmh, cnuasaich
digestion *n* (an) cnàmh *m*
digger *n* ruamhaire *m*, digear *m*
digit *n* meur *f m*; (*number*) figear
m
digital *a* meurach; (*number*)
figearail, didsiotach
dignified *a* le uaisleachd
dignify *v* urramaich, àrdaich
dignity *n* urram *m*, inbhe *f*
digress *v* rach a thaobh, rach
thar sgeula
digression *n* fiaradh-sgeula *m*
digs *n* taigh/àite-loidsidh *m*

dilapidated *a* air a dhol bhuaith
dilatory *a* màirnealach
dilemma *n* imcheist *f*, ceist *f*
diligence *n* dicheall *f m*
diligent *a* dicheallach, dèanadach
dilute *v* tanaich, lagaich
diluted *a* tanaichte, lagaichte
dim *v* doilleirich, duibhrich
dimension *n* tomas *m*, meud *m*;
(aspect) modh *f m*, taobh *m*
diminish *v* lùghdaich, beagaich
(air); *(intrans)* lùghdaich
diminutive *a* meanbh, biodach,
 beag biodach
dimple *n* lagan-maise *m*
din *n* gleadhraich *f m*, toirm *f*,
 othail *f*
dine *v* gabh dinnear/biadh
dinghy *n* geòla-bheag *f*
dingy *a* duainidh, gruamach
dining-room *n* seòmar-bidh *m*
dinner *n* dinnear *f*, diathad *f*
d.-time àm dinnearach *m*
dinosaur *n* dineasair *m*
diocese *n* sgìr-easbaig *f*
dip *n* tumadh *m*, bogadh *m*; *(for sheep)* dup *m* *v* tùm, bog, dup
diploma *n* teisteanas *m*
diplomacy *n* gleustachd *f*; *(polit)*
 dioplòmasaidh *f m*
diplomat *n* gleustair *m*; *(polit)*
 riochdaire dioplòmasach *m*
diplomatic *a* gleusta, faiceallach;
(polit) dioplòmasach
dire *a* eagalach, uabhasach,
 cianail **in d. straits** ann an
 cruaidh-chàs
direct *a* dìreach *v* stiùir, seòl
direction *n* stiùireadh *m*; *(point of compass)* àird *f*
directive *n* òrdugh *m*
directly *adv* air ball, dìreach
director *n* stiùiriche *m*, neach-
 stiùiridh *m*
dirt *n* salchar *m*
dirty *a* salach *v* salaich
disability *n* ciorram *m*
disabled person *n* ciorramach *m*
disadvantage *n* anacothrom, mì-
 leas *m*
disadvantaged *a* beag cothrom
 the **d.** na feumaich *m pl*
disaffected *a* diombach,

mì-riaraichte
disagree *v* rach an aghaidh,
 eas-aontaich
disagreeable *a* mì-thaitneach,
 mì-thlachdmhor
disagreement *n* eas-aonta *f*, mì-
 chòrdadh *m*
disallow *v* diùlt, na ceadaich
disappear *v* rach à sealladh
disappoint *v* bris(t) dùil, leig sìos
disappointment *n* bris(t)eadh-dùil
m
disapprove *v* bi an aghaidh **her**
parents d. of him chan eil a
 pàrantan air a shon
disarm *v* di-armach
disarmament *n* di-armachadh *m*
disaster *n* mòr-thubaist *f*,
 calldachd *f*
disastrous *a* sgriosail
disband *v* *(intrans)* sgaoil; *(trans)*
 leig mu sgaoil
disbelief *n* eas-creideamh *m*
disburse *v* caith/cuir a-mach
 airgead
disc *n* clàr *m*
discard *v* cuir dheth, dhith
etc/bhuaith, bhuaie etc
discerning *a* lèirsinneach,
 tuigseach, geurchuiseach
discernment *n* lèirsinn *f*, tuigse *f*
discharge *n* sìleadh *m*; *(release)*
 leigil mu sgaoil *m*, fuasgladh
m; *(debt)* ioc *m*, pàigheadh *m*
v sil; *(release)* leig mu sgaoil,
 fuasgail; *(debts)* ioc, pàigh;
(obligation) coilean; *(cargo)*
 falmhaich, cuir air tìr
disciple *n* deisciobal *m*
discipline *n* smachd *m*; *(acad)*
 cuspair *m* *v* smachdaich
disclose *v* foillsich, leig ris
disco *n* diosgo *m*
discomfort *n* mì-chofhurtachd *f*,
 anshocair *f*
disconcerting *n* buaireasach
disconnect *v* fuasgail, dealaich
 (bh)o chèile
disconsolate *a* brònach,
 dubhach, tùrsach
discontent *n* mì-riarachadh *m*,
 mì-thoileachadh *m*
discontented *a* mì-riaraichte, mì-

thoilichte
discontinue *v* leig seachad, sguir
 de, cuir stad air
discord *n* mì-chòrdadh *m*,
 aimhreit *f*; *(mus)* dì-chòrdadh
m, eas-aonta *m*
discount *n* lasachadh (prise) *m*
discourage *v* mì-mhisnich
discouragement *n*
 mì-mhisneachadh *m*
discourteous *a* mì-spèiseil,
 eas-urramach, gun mhodh
discourtesy *n* cion modh(a) *m*,
 cion spèis *m*
discover *v* faigh a-mach, lorg
discovery *n* lorg *f*
discredit *v* mì-chliùthaich, thoir
 creideas (bh)o
discreet *a* faiceallach, cùramach
discrepancy *n* diofar *m*
discrete *a* air leth
discretion *n* faiceall *f*, cùram *m*;
(judgement) toil *f*, toinise *f* **at**
your d. a rèir do thoil (fhèin)
discriminate *v* dèan dealachadh
 eadar **d. in favour of** dèan leth-
 bhreith air
discrimination *n* eadar-
 dhealachadh *m*, leth-bhreith *f*
discuss *v* deasbair, bi a' deasbad,
 beachdaich (air/mu)
discussion *n* deasbaireachd *f*,
 deasbad *m*, cnuasachadh *m*,
 beachdachadh *m*
disdain *n* tàir *f*, dimeas *m*
disease *n* tinneas *m*, galar *m*
disembark *v* rach air tìr, thig
 bhàrr/far (+ *gen*)
disengage *v* dealaich ri, fuasgail
disentangle *v* fuasgail, rèitich
disfigure *v* mill (cruth), cuir à
 cruth
disgrace *n* maslachd *m*, tàmailt *f*,
 cùis-mhaslaidh *f* *v* maslach,
 nàraich
disgraceful *a* maslach, nàr
disgruntled *a* mì-riaraichte,
 diombach
disguise *n* breug-riochd *m* **in d.**
 ann an riochd ... *v* cuir breug-
 riochd air/oirre *etc*
disgust *n* sgreamh *m*, gràin *f*
v sgreamhaich, gràinich

disgusting *a* sgreamhail, gràineil
dish *n* soitheach *f m* **washing the**
dishes a' nighe nan
 soithichean
dishearten *v* mì-mhisnich
disheartening *a* mì-mhisneachail
dishevelled *a* mì-sgiobalta
dishonest *a* eas-onarach
dishonesty *n* eas-onair *f*
dishonour *n* eas-onair *f*,
 eas-urram *m*, mì-chliù *m*
dishwasher *n* nigheadair-
 shoithichean *m*
disillusion *n* bris(t)eadh-dùil *m*,
 fosgladh sùla *m*
disinclined *a* neo-thoileach, leig
 (gu)
disinfectant *n* dì-ghalaran *m*
disingenuous *a* carach, neo-
 fhosgarra
disintegrate *v* rach às a chèile
disinterested *a* gun fhèin-chùis
disjointed *a* (met) neo-thàthach,
 briste
disk *n* clàr *m*
dislike *v* **dislikes** cha toigh/toil
 (le), cha chaomh (le), is beag air
dislocate *v* cuir à(s) àite, cuir às
 an alt
dislodge *v* cuir à(s) àite, fuasgail
disloyal *a* neo-dhileas
dismal *a* dubhach, gruamach;
(poor) truagh, leibideach
dismantle *v* thoir às a chèile
dismay *n* uabhas *m*
dismiss *v* cuir air falbh, cuir à
 dreuchd
dismissal *n* cur à dreuchd *m*
dismount *v* teirinn (bh)o, thig de
disobedience *n* eas-ùmhachd *f*
disobedient *a* eas-umhail
disobey *v* bi eas-umhail do, rach
 an aghaidh
disorder *n* mì-rian *m*, buaireas *m*,
 troimh-a-chèile *f m*
disorderly *a* mì-rianail
disorganized *a* mì-dhòigheil, gun
 rian
disown *v* diùlt gabhail ri, cuir cùl
 ri
disparage *v* cuir sìos air, dì-mol
disparate *a* diofraichte,
 neo-ionann

disparity *n* diofar *m*,
neo-ionannachd *f*
dispassionate *a* ceart-
bhreitheach, neo-chlaon
dispatch *v* cuir air falbh
dispel *v* sgaoil, fògair
dispensary *n* ioclann *f*
dispense *v* (issue) riaraich; (drugs
etc) dèan suas cungaidd *d.* with
faigh cuidhteas
dispersal *n* sgapadh *m*,
sgaoileadh *m*
disperse *v* sgap, sgaoil
dispersed *a* sgapte, sgaoilte
dispirited *a* neo-shunndach, gun
s(h)unnd
displace *v* cuir à àite, fògair
display *n* taisbeanadh *m*,
foillseachadh *m* *v* taisbean,
foillsich
displease *v* mì-thoilich
displeased *a* mì-thoilichte,
diombach
displeasure *n* mì-thoileachas *m*,
diomb *f* *m*
disposal *n* toirt seachad *f*,
riarachadh *m* *d.* of faighinn
cuidhteas *f*
dispose *v* thoir seachad, riaraich
d. of faigh cuidhteas
dispossess *v* cuir à seilbh
disproportionate *a* neo-
chuideach, mì-chothromach
disprove *v* breugnaich
dispute *n* connspaid *f*, aimhreit *f*
v connsaich, tagair
disqualify *v* dì-cheadaich, cuir à
(farpais)
disquiet *n* iomagain *f*, ionnaidh *f*
disregard *v* cuir an neo-shuim,
dèan dimeas air
disrepair *n* droch c(h)àradh *m*
in a state of *d.* feumach air
a c(h)àradh
disreputable *a* le droch ainm
disrepute *n* droch ainm *m*,
mì-chliù *m*
disrespect *n* dimeas *m*,
eas-urram *m*
disrespectful *a* eas-urramach
disrupt *v* cuir troimh-a-chèile;
(break up) bris(t)
disruption *n* cur troimh-a-chèile

m; (breaking up) bris(t)eadh *m*
the Disruption Bris(t)eadh na
h-Eaglaise
dissatisfaction *n* mì-riarachadh *m*
dissatisfied *a* mì-riaraichte
dissect *v* sgrùd; (phys) gearr às a
chèile
disseminate *v* sgaoil
dissent *n* eas-aonta *m*
dissertation *n* tràchdas *m*
disservice *n* cron *m*
dissident *n* eas-aontaiche *m*
dissimilar *a* eu-coltach (ri)
dissimilarity *n* eu-coltas *m*
dissociate *v* sgar, na gabh
gnotha(i)ch ri
dissolute *a* stròdhail
dissolution *n* leaghadh *m*,
eadar-sgaoileadh *m*; (eg
Parliament) sgaoileadh *m*
dissolve *v* leagh, eadar-sgaoil;
(eg Parliament) sgaoil
dissuade *v* thoir à beachd
distance *n* astar *m*, fad *m*
distant *a* fad' air falbh, cian;
(manner) fad' às; (relationship)
fada a-mach
distaste *n* mì-thlachd *f*
distasteful *a* mì-chàilear,
mì-thaitneach
distil *v* tarraing, dèan
grùdaireachd
distillery *n* taigh-staile *m*
distinct *a* eadar-dhealaichte;
(clear) soilleir
distinction *n* eadar-dhealachadh
m; (quality) cliù *m*
distinctive *a* sònraichte,
eadar-dhealaichte
distinguish *v* dèan dealachadh
eadar, aithnich (bh)o chèile
distinguished *a* òirdheirc,
cliùiteach
distort *v* fiaraich
distorted *a* fiar
distortion *n* fiarachd *m*
distract *v* tarraing aire (bh)o,
buaireadh
distress *n* àmhghar *f* *m*, teinn *f*,
sàrachadh *m*
distressing *a* àmhgharach
distribute *v* sgaoil, roinn, riaraich
distribution *n* sgaoileadh *m*,

riarachadh *m*
district *n* ceàrn *m*, sgìre *f*
distrust *n* cion earbsa *m*,
mì-earbsa *f*, amharas *m*
distrustful *a* mì-earbsach,
amharasach
disturb *v* cuir dragh air, buair
disturbance *n* buaireadh *m*,
aimhreit *f*
disturbing *a* draghail
disunity *n* eas-aonachd *f*
disuse *n* dìth cleachdaidh *f* *m* it
fell into *d.* chaidh e à cleachdadh
ditch *n* clais *f*, dig *f*
ditto *adv* mar an ceudna
dive *v* dàibhig, rach fon uisge
diver *n* dàibhear *m*; (bird) eun
tumaidh *m*
diverge *v* gabh caochladh slighe
diverse *a* eugsamhail, eadar-
mheasgte, de chaochladh
sheòrsa
diversify *v* eugsamhlaich, sgaoil
diversion *n* claochadh *m*; (detour)
cam(a)-rathad *m*; (distraction)
tarraing aire *f*; (pastime) cur-
seachad *m*
diversity *n* eugsamhlachd *f*,
iomadachd *f*
divert *v* clao; (detour) gabh
cam(a)-rathad
divide *v* roinn, pàirtich
divided *a* roinnte, air a/an roinn
etc
dividend *n* earrann *f*, roinn *f*
divine *a* (relig) diadhaidh *the d.*
will toil Dhè *f*
divinity *n* diadhachd *f*
division *n* roinn *f*, earrann *f*; (act
of) pàirteachadh *m*
divorce *n* sgaradh-pòsaidh *m*
v sgar o chèile
divot *n* ceap *m*, sgrath *f*
divulge *v* foillsich, leig ris,
taisbean
dizziness *n* tuaineal *m*,
tuainealaich *f*, luairean *m*
dizzy *a* ann an tuaineal/luairean
do *v* dèan **do away with** cuir às
do **do your best** dèan do
dhìcheall **do what you can** dèan
na 's urrainn dhut
docile *a* soitheamh, solta

dock *n* doca *m*; (plant) copag *f*
docken *n* copag *f*, cuiseag ruadh
f
docker *n* docair *m*
doctor *n* dotair *m*, lighiche *m*;
(acad) ollamh *m*
doctrinaire *a* rag-bharaileach
doctrine *n* teagasg *m*
document *n* sgrìobhainn *f*
documentary *n* aithriseachd *f*
a aithriseach
documentation *n* pàipearan *m* *pl*
dodge *n* cleas *m* *v* (avoid)
seachain
doe *n* (deer) maoiseach *f*
dog *n* cù *m*, madadh *m* **dog-tired**
cho sgìth ris a' chù **dogfish**
biorach *f*
dogged *a* leanailteach, ruighinn
doggerel *n* rannghal *m*,
rabhd(aireachd) *f*
dogma *n* gnàth-theagasg *m*
dogmatic *a* diorrasach,
baraileach
dole *n* dòil *m*
doll *n* liùdhag *f*, doile(ag) *f*
dollar *n* dolair *m*
dolphin *n* leumadair-mara *m*
dolt *n* burraidh *m*, ùmaidh *m*
domain *n* raon *m*
dome *n* cuach-mhullaich *f*
domestic *a* dachaigheil
domesticate *v* callaich
domesticated *a* callaichte
dominance *n* làmh-an-uachdair *f*
dominant *a* ceannasach,
smachdail
dominate *v* ceannsaich,
smachdaich, faigh làmh-an-
uachdair air
domination *n* ceannasachd *m*,
smachdachadh *m*, làmh-an-
uachdair *f*
domineering *a* maigh(i)stireil,
ceannsalach
dominion *n* uachdranachd *f*
donate *v* thoir tabhartas/tiodhlac
donation *n* tabhartas *m*, tiodhlac
m
donkey *n* asal *f* *m*
donor *n* tabhartaire *m*
doom *n* bàs *m*, sgrios *m*;
(judgement) binn *f*, dìteadh *m*

doomsday *n* Latha Luain *m*
door *n* doras *m* front *d.* doras-
 aghaidh **back** *d.* doras-cùil
d-handle làmh dorais *f*
doorpost ursainn *f* **doorstep**
 maide-buinn *m*, leac an dorais *f*
dormant *n* na c(h)adal *etc.*, na
 t(h)àmh *etc.*, falaichte
dormitory *n* seòmar-cadail *m*
dormouse *n* dall-luch *f*
dose *n* dòs *m*; (*measure*) tomhas
m
dot *n* dotag *f*; (*punct*) puing *f*
dote *v* gabh mòr-mhiadh air
dotted *a* dotagach
double *n* a dhà uimhir *f*, uimhir
 eile *f*; (*person*) mac-samhail *m*
d. chin sprogan *m*, sprogaill *f*
d-decker bus bus dà-ùrlair *m*
d. glazing uinneag dhùbailte *f*
 a dùbailte, dà-fhillte *v* dùblaich
doubt *n* teagamh *m*, imcheist *f*
v cuir an teagamh, cuir
 teagamh an
doubtful *a* teagmhach
doubtless *adv* gun teagamh, gu
 cinnteach
dough *n* taois *f*; (*slang*) airgead *m*
dour *a* dùr
douse *v* smàl
dove *n* calman *m*
dowdy *a* seann-fhasanta,
 sgleòideach, duainidh
down *n* clòimhteach *f*
down *prep* shìos; (*motion*) sìos,
 a-nuas **are they d. there?** a bheil
 iad shìos an sin? **come d. here**
 thig a-nuas an seo
downcast *a* smuairceanach,
 dubhach
downfall *n* tuiteam *m*, leagadh *m*
that was his d. 's e sin a
 dh'fhoghaing dha
downhill *adv* leis/sìos an leathad,
 leis a' bhrutha(i)ch
downpour *n* dìle (bhàhte) *f*,
 deàrrsach *f*
downright *adv* dìreach
downstairs *adv* shìos an staidhre;
 (*motion*) sìos an staidhre
downward(s) *adv* sìos, a-nuas
going d. a' dol sìos coming *d.*
 a' tighinn a-nuas

dowry *n* tochradh *m*
doze *v* dèan norrag/snuachdan
dozen *n* dusan *m*
dozy *a* cadalach
drab *a* duainidh
draft *n* dreach *m*, (*mil*) foireann
m
drag *v* slaod, dragh, tarraing
dragon *n* dràgon *m*
drain *n* drèana *f*, clais *f* *v* drèan,
 sìolaidh, traogh
drainage *n* drèanadh *m*
drake *n* (d)ràc *m*, ràcan *m*
dram *n* dram(a) *m*
drama *n* dràma *f* *m*
dramatic *a* dràmach
drat (it!) *interj* gonadh air!
draught *n* gaoth *f*; (*of ship*)
 tarraing-uisge *f* **d.-beer** leann
 baraille *m*
draughts *n* dàmais *f*
draughtsman *n* neach-tarraing *m*
draw *v* (*pull*) tarraing, dragh,
 slaod; (*picture*) dèan dealbh
d. lots cuir croinn
drawer *n* drathair *m*
drawing *n* dealbh *f* *m*
drawing-pin *n* tacaicid *f*
drawl *v* bruidhinn gu slaodach/
 sgleogach
dread *n* oillt *f*, uamhann *m*, sgàth
m
dreadful *a* eagalach, cianail
dream *n* aisling *f*, brúadar *m*
v brúadair, faic aisling *Also* *vn*
 ag aisling
dreary *a* muladach, dorch,
 gruamach
dredge *v* sgriob/glan grunn
dregs *n* druaid *f*, grùid *f*
drenched *a* bog fliuch
dress *n* dreasa *f* *m*; (*clothes*)
 aodach *m*
dress *v* cuir aodach air/oirre *etc.*,
 cuir uime/uimpe *etc*
dresser *n* (*furniture*) dreasair *m*
dressings *n* (*med*) bann lota *m*;
 (*salad*) sùgh saileid *m*
dressings-table *n* bòrd-
 sgeadachaidh *m*
dribble *v* dèan ròill; (*in football*)
 drioblaig
drift *n* siabadh *m*; (*argument*)

brìgh *f* sand-d. siaban *m* **snow-**
d. cuirthe sneachd(a) *f* *v* siab,
 falbh le gaoith; (*of snow*) rach
 na chuithe
drill *n* (*tool*) sniomhaire *m*; (*mil*)
 drile *f*; (*veg*) sreath *m* *v* drilich,
 drilig
drink *n* deoch *f* *v* òl, gabh deoch
drinker *n* neach-òil *m*, pòitear *m*
drip *n* boinne *m*, sileadh *m*,
 snighe *m*
drive *v* tràibh; (*animals*) iomain
d. away ruaig
drivel *n* sgudal *m*
driver *n* tràibhear *m*; (*of*
animals) neach-iomain *m*
driving *n* tràibheadh *m*; (*of*
animals) iomain *f*
drizzle *n* ciùthran *m*,
 ciùthranaich *f*, smugraich *f*
droll *a* neònach; (*amusing*) ait
droop *v* crom, aom
drop *n* boinne *f*, braon *m*,
 druadhag *f*, deur *m*; (*fall*) tuiteam
m
drop *v* leig às; (*give up*) leig
 seachad; (*fall*) tuit; (*liquid*) sil
d. me a line cuir sgriobag
 thugam **d. in any time** tadhail
 uair sam bith
dross *n* (*coal*) smùr *m*; (*met*)
 smodal *m*
drought *n* mòr-thiormachd *f*,
 tartmhorachd *f*
drove *n* dròbh *m*, treud *m*
drover *n* dròbhair *m*
drown *v* bàth; (*intrans*) bi air a
 b(h)àthadh *etc*
drowning *n* bàthadh *m*
drowsy *a* cadalach
drudgery *n* dubh-chosnadh *m*,
 tràilleachd *f*
drug *n* droga *f*, cungaidh-leighis *f*
d. addict tràill-dhrogaichean *f*
druid *n* draoidh *m*
drum *n* drumma *f* *m*
drummer *n* drumair *m*
drunk *a* air an daoraich, air
 mhisg **he was d.** bha an
 deoch/daorach air
drunkard *n* drungair *m*, misgear *m*
drunkenness *n* misg *f*, daorach *f*
dry *a* tioram; (*thirsty*) pàiteach

v tiormaich **dry-clean** tioram-
 ghlan
dryer *n* tiormadair *m*
drying *n* tiormachadh *m* **good d.**
 weather turadh math *m*
dry-rot *n* mosgan *m*
dual *a* dùbailte **d.-carriageway**
 rathad dùbailte *m*
dubious *a* teagmhach
duchess *n* ban-diùc *f*
duck *n* tunnaig *f*, (*wild*) lach *f*
duct *n* pìob-ghùlain *f*
dud *n* rud gun fheum *m*
due *n* còir *f*, dlighe *f* *a*
 (*deserved*) dligheach, cubhaidh;
 (*of debt*) ri phàigheadh **when is**
it d.? cuin a tha dùil ris? **d. back**
 ri th(i)lleadh *etc*
duel *n* còmhrag-dithis *f*
duel *n* òran-càraid/dithis *m*
duke *n* diùc *m*
dulcet *a* binn, fonnmhòr
dull *a* dorch(a), gruamach,
 doilleir; (*of hearing*) bodhar;
 (*personality*) trom, somalta
dulse *n* duileasg *m*
duly *adv* gu riaghailteach
dumb *a* balbh **d. person** balbhan *m*
dumbness *n* balbhachd *f*;
 (*silence*) tostachd *f*
dummy *n* neach-brèige *m*
dump *n* òtrach *m*, lagais *f*, sitig *f*
v caith air falbh, cuir bhual
dumpling *n* turraisg *f*, duf *m*
dun *a* ciar, odhar, lachdann
dung *n* innear *f*, buachar *m*, tothar
m **dunghill** sitig *f*, dùnan *m*
dungeon *n* toll-dubh *m*, sloc *m*
duodenum *n* beul a' chaolain *m*
dupe *v* meall, thoir an car à
duplicate *n* lethbhreac *m*,
 mac-samhail *m*
durable *a* maireannach, buan,
 seasmhach
duration *n* ùine *f*, fad *m*
during *prep* rè (+ *gen*)
dusk *n* ciaradh (an fheasgair) *m*,
 beul na h-oidhe *m*, eadar-
 sholas *m*
dusky *a* ciar
dust *n* dust *m*, duslach *m*, stùr
m; (*human remains*) dust *m*
v dust(aig)

dustbin *n* soitheach-sgudail *f m*
duster *n* dustair *m*
dusting *n* dustadh *m*
dusty *a* dustach
Dutch *n* (lang) Dùitsis *f*
 a Dùitseach
Dutchman *n* Dùitseach *m*
Dutchwoman ban-D(h)ùitseach *f*
du *n* dleastanas *m*; (*excise*) cìs *f*
d.-free saor o chìsean
dux *n* ducs *m*
dwarf *n* troich *f m*
dwelling *n* àite/ionad-còmhnaidh
m, fàrdach *f d. house*
 taigh-còmhnaidh *m*
dye *n* dath *m v* dath
dyke *n* (wall) gàrradh *m*
dynamic *a* fiùghantach
dynamics *n* daimeamaig *f*
dynamite *n* daimeamait *m*
dynamo *n* daimeamo *m*
dynasty *n* slìochd rìoghail *m*
dysentery *n* a' bhuinneach mhòr *f*

E

each *a* gach *adv* an urra, an duine, an ceann **e. other** a chèile
each one is different tha gach fear/tè eadar-dhealaichte **they cost £20 each** tha iad a' cosg £20 am fear/an tè
eager *a* dealasach
eagerness *n* dealas *m*
eagle *n* iolair(e) *f*
ear *n* cluas *f*; (*of corn*) dias *f*
earl *n* iarla *m*
early *a* tràth, moch
earmark *v* (met) comharraich, sònraich; (phys) cuir comharra air
earphone *n* cluasan *m*, fòn-cluaise *m*
earn *v* coisinn
earnest *a* dùrachdach
earning(s) *n* tuarastal *m*, cosnadh *m*
earring *n* fàinne-cluaise *f m*
earth *n* talamh *f m*; (*soil*) ùir *f*
the E. an Talamh, an Cruinne-cè *m* **where on e. were you?** càit air an t-saoghal an robh thu?

earthly *a* talmhaidh
earthquake *n* crith-thalmhainn *f*
earthworm *n* boiteag *f*
earwig *n* gòbhlag(-stobach) *f*, fiolan-gòbhlach *m*
ease *n* fois *f*, tàmh *m*
east *n* ear *f*, an àird an ear *f*
Easter *n* a' Chàisg *f e. egg* ugh Càisge *m*
easterly *a* an ear, (bh)on ear
easy *a* furasta, soirbh
eat *v* ith
eavesdropping *n* farchluais *f*
ebb *n* tràghadh *m* **ebb-tide** sruth-tràghaidh *m v* tràigh, traogh
eccentric *a* àraid, annasach, neònach
ecclesiastic *a* eaglaiseil
echo *n* mac-talla *m*
eclectic *a* roghainneach
eclipse *n* dubhadh grèine/gealaich *m*
ecology *n* eag-eòlas *m*
economic *a* eaconamach
economical *a* cùramach, caomhnach/cùmhnach
economics *n* eaconamas *m*, eaconamachd *f*
economist *n* eaconamair *m*
economize *v* caomhain/cumhain
economy *n* eaconamaidh *m*
ecstasy *n* àrd-aoibhneas *m*, mire *f*; (*drug*) eacstasaidh *m*
ecstatic *a* àrd-aoibhneach, air mhire
ecumenical *a* uil-eaglaiseil, aont'-eaglaiseil
edge *n* oir *f m*, iomall *m*, bruach *m*; (*blade*) faobhar *m*; (*verge*) fal *m*
edible *a* so-ithe, a ghabhas ithe
edict *n* reachd *m*
edit *v* deasaich
edition *n* deasachadh *m*, eagra *m*
editor *n* neach-deasachaidh *m*, deasaiche *m*
editorial *n* colbh deasaiche *m*
educate *v* foghlaim, teagaisg, ionnsaich
educated *a* foghlaim(ich)te *a* well-e. person neach a fhuair deagh fhoghlam

education *n* foghlam *m*, oideachas *m e. authority*
 ùghdarras foghlaim *m*
educational *a* oideachail, foghlaim
eel *n* easgann *f*
eerie *a* iargalta, gaoireil
effect *n* buaidh *f*, buil *f*, toradh *m v* thoir gu buil, coilean
effective *a* èifeachdach, buadhach
effectively *adv* gu h-èifeachdach, le èifeachd
effeminate *a* boireannta
effervescent *a* beothail, suigeartach, làn sunnd
efficacy *n* èifeachd *f*
efficiency *n* èifeachdas *f*
efficient *a* èifeachdach, (person) gnothachail
effort *n* oidhirp *f*, dicheall *f m*, spàirn *f*
effrontery *n* bathais *f*, ladarnas *m*
egg *n* ugh *m* **boiled egg** ugh air a bhruich **egg-cup** glainne/gucag-
 uighe *f* **egg-white** gealagan *m*
egg-yolk buidheagan *m*
ego *n* fein *f*, an fhèin *f*
egotism *n* fein-spèis *f*
egotist *n* fein-spèisiche *m*, fèinear *m*
egotistical *a* fein-spèiseach
Egyptian *n*, a Èipheiteach *m*, (female) ban-Èipheiteach *f*
eider duck *n* lach mhòr *f*
eight *n* a h-ochd *a* ochd **e. people** ochdnar *f m*
eighth *a* ochdamh
eighteen *n*, a ochd-deug **e. years** ochd bliadhna deug
eighty *n* ceithir fichead *f m*, ochdad *m*
either *a*, pron, conj, *adv* on **e. side of it** air gach taobh dheth/dhith **e. of them** an dara/dàrna fear/tè dhiubh, fear seach fear dhiubh, tè seach tè dhiubh **e. go or stay** an dara cuid falbh no fuirich **that's not right e.** chan eil sin ceart a bharrachd/nas mò
eject *v* cuir/tilg a-mach
elaborate *a* mionaideach, toinnte *v* leudaich (air)

elapse *v* rach seachad
elastic *n*, a lastaig *f* (*supple*) sùbailte, subailte
elation *n* mòr-aoibhneas *m*
elbow *n* uileann *f*, uilinn *f*
elder *n* (eccl) èildear *m*, foirfeach *m*; (*tree*) droman *m* a nas/as sine, na/a bu shine
elderly *a* sean, aosta
elect *v* tagh
elected *a* air a t(h)aghadh, taghte
election *n* taghadh *m e. day* latha taghaidh *m*
elector *n* neach-taghaidh *m*, neach-bhòtaidh *m*
electorate *n* luchd-taghaidh *m*
electric(al) *a* dealain
electrician *n* dealanair *m*
electricity *n* dealan *m*
electronic *a* dealanta(ch), eileagtronaigeach
elegance *n* grinneas *m*, eireachdas *m*, snas *m*, loinn *f*
elegant *a* grunn, eireachdail, snasail, loinneil
elegy *n* marbhrann *m*, tuireadh *m*, cumha *f m*
element *n* eileamaid *f*; (*in nature*) dùil *f*
elementary *a* bunasach, simplidh
elephant *n* aillbhean *m*
elevate *v* àrdaich, tog suas
elevation *n* àrdachadh *m*; (*height*) àirde *f*; (*plan*) dealbh *f m*
elevator *n* àrdaichear *m*
eleven *n*, a aon-deug **e. men** aon duine deug
elf *n* màileachan *m*
elicit *v* faigh/lorg a-mach
eligible *a* airidh air roghainn, iomchaidh, dligheach
eliminate *v* cuir às do, gearr às
elk *n* lon *m*
elm *n* leamhan *m*
elocution *n* deas-chainnt *f*, uirgheall *m*
elongate *v* fadaich, tarraing/sin a-mach
elope *v* teich, ruith air falbh
eloquence *n* deas-bhriathrachd *f*
eloquent *a* deas-bhriathrach
else *a*, *adv* eile or **e.** air neo
elucidate *v* soilleirich

elude *v* seachain, èalaidh às
 elusive *a* èalaidheach
 emaciated *a* reangach, seargte
 e-mail *n* post-dealain *m*
 emanate *v* sruth/thig (bh)o
 embargo *n* bacadh *m*
 embark *v* (board) rach air bòrd
 e. on tòisich air
 embarrass *v* nàraich, tàmailtich
 embarrassed *a* air mo/a etc
 nàrachadh
 embarrassing *a* nàrach,
 tàmailteach
 embarrassment *n* nàrachadh *m*,
 tàmailt *f*
 embassy *n* ambasaid *f*
 embellish *v* sgèadach, sgèimhich
 ember *n* èibhleag *f*
 embezzle *v* dèan foill le airgead
 embittered *a* searbh
 emblem *n* suaicheantas *m*
 embrace *v* glac nad ghàirdeanan;
 (accept) gabh ri
 embroider *v* cuir obair-ghrèis air
 embroidery *n* obair-ghrèis *f*
 embryo *n* suth *m*, tùs-ghinean *m*
 emerald *n* smàrag *f*
 emerge *v* thig am bàrr/am follais
 emergency *a* suidheachadh-
 èiginn *m*, èiginn *f* e. exit doras-
 èiginn *m*
 emigrant *n* eilthireach *m*
 emigrate *v* fàg an dùthaich, dèan
 eilthireachd
 emigration *n* eilthireachd *f*,
 às-imrich *f*
 eminent *a* àrd, inbheil,
 iomraiteach
 emit *v* leig a-mach
 emotion *n* faireachdainn làidir *f*
 emotional *a* làn faireachdainn
 empathy *n* co-fhaireachdainn *f*
 emperor *n* ìmpire *m*
 emphasis *n* cudrom *m*; (in
 speech) sìneadh *m*
 emphasize *v* cuir cudrom air; (in
 speech) cuir sìneadh an
 emphatic *a* neartmhor, làidir
 empire *n* ìmpireachd *f*
 employ *v* fastaidh, thoir obair do;
 (use) cleachd
 employee *n* neach-obrach *m*,
 obraiche *m*, cosnaiche *m*

employer *n* fastaiche *m*
 employment *n* obair *f*, cosnadh *m*
 empower *v* thoir comas/
 ùghdarras do
 emptiness *n* falamhachd *f*
 empty *a* falamh *v* falmhaich
 emulate *v* bi a' comharspaidd ri
 enable *v* dèan comasach, thoir
 comas do
 enact *v* cuir an gnìomh, coilean;
 (leg) dèan lagh de
 enamel *n* cruain *m*
 enchanted *a* fo gheasaibh, seunta
 encircle *v* cuartaich
 enclose *v* cuartaich, iath mun
 cuairt; (in letter etc) cuir an cois
 enclosed *a* cuartaichte; (of
 document etc) an cois ...
 enclosure *n* crò *m*, gearraidh *m*;
 (document etc) na tha an cois
 ...
 encompass *v* cuartaich, iath;
 (include) gabh a-steach
 encounter *n* coinneachadh *m*,
 tachairt *f* *v* coinnich (ri),
 tachair (ri)
 encourage *v* misnich, broснаich
 encouragement *n* misneachadh
m, brosnachadh *m*
 encouraging *a* brosnachail
 encyclopedia *n* leabhar mòr-
 eòlais *m*
 end *n* deireadh *m*, crìoch *f*, ceann
m in the end aig a' cheann thall
 from end to end (bh)o cheann
 gu ceann we will never hear the
 end of it cha chluinn sinn a
 dheireadh (gu bràth/siorraidh)
 come to an end thig gu
 ceann/crich *v* crìochnaich, cuir
 crìoch air, thoir gu ceann
 endanger *v* cuir an cunnart
 endangered *a* an cunnart
 endear *v* coisinn meas/spèis
 endeavour *n* spàirn *f*, oidhirp *f*
v oidhirpich
 endless *a* gun cheann, gun
 chrìoch, siorraidh, neo-
 chrìochnach
 endorse *v* (support) cuir aonta ri,
 thoir taic do; (sign) cuir ainm ri
 endow *v* builich, bàrig
 endowment *n* buileachadh *m*,

bàirgeadh *m*
 endurance *n* fulang(as) *m*
 endure *v* fuiling; (last) seas, mair
 enemy *n* nàmhaid *m*, eascaraid *m*
 energetic *a* lùthmhor, sgairteil
 energize *v* cuir brìgh/spionnadh
 an
 energy *n* lùth *m*, neart *m*,
 spionnadh *m*, brìgh *f*
 enforce *v* cuir an gnìomh;
 (compel) spàrr (air)
 enforcement *n* cur an gnìomh *m*,
 sparradh *m*
 engage *v* (hire) fastaidh e. with
 rach an sàs an
 engaged *a* (to be married) fo
 ghealladh-pòsaidh; (of phone)
 trang; (of toilet) ga
 c(h)leachdadh e. in an sàs an
 engagement *n* (marriage)
 gealladh-pòsaidh *m*;
 (commitment) dleastanas *m*
 engaging *a* taitneach,
 tarraingeach
 engine *n* einnsean *m*, inneal *m*,
 beairt *f*
 engineer *n* einnseanair *m*,
 innleadair *m* chief e. prìomh
 innleadair civil e. innleadair-
 togail
 engineering *n* einnseanaireachd *f*,
 innleadaireachd *f*
 English *n* (lang) Beurla
 (Shasannach) *f* a Sasannach
 Englishman *n* Sasannach *m*
 Englishwoman ban-
 S(h)asannach *f*
 engrave *v* gràbhail
 engrossed *a* beò-ghlacte
 enhance *v* leasaich, thoir feabhas
 air; (add to) cuir ris
 enjoy *v* còrd (ri), gabh tlachd an,
 meal they enjoyed the holidays
 chòrd na làithean-saora riutha
 enjoyment *n* tlachd *f*, toileachas
m, toil-inntinn *f*
 enlarge *v* leudaich, meudaich
 enlargement *n* leudachadh *m*,
 meudachadh *m*; (phot)
 meudachadh *m*
 enlighten *v* soilleirich (do), thoir
 soilleireachadh (do)
 enlist *v* (mil) liost(aig), gabh san

Arm; (support) sir
 enliven *v* beothaich
 ennemy *n* nàimhdeas *m*
 enormous *a* ana-mhòr,
 àibheiseach
 enough *n* leòr *f* a, adv gu leòr
 did you get e.? an d' fhuair thu
 do leòr/gu leòr? e. is e.
 fòghnaidh na dh'fhoghnas do
 you have e. money? a bheil
 airgead gu leòr agaibh? I wasn't
 fast e. cha robh mi luath gu
 leòr
 enquire *v* faighnich, feòraich
 enquiry *n* ceist *f*
 enrage *v* cuir caoch/fearg air
 enrich *v* dèan beairteach; (soil
 etc) neartaich
 enrol *v* clàraich
 en route adv air an t-slighe, air
 an rathad
 ensemble *n* (mus) co-cheòltairean
m pl; (dress) èideadh *m*
 ensign *n* (flag) bratach *f*
 ensue *v* lean, tachair (ri linn)
 ensure *v* dèan cinnteach
 entangle *v* rib, cuir an sàs, amail,
 rocail
 entangled *a* an grèim, air
 amaladh, air rocladh
 enter *v* rach/thig a-steach, inntrig
 enterprise *n* iomairt *f*
 enterprising *a* adhartach,
 iomairteach
 entertain *v* dèan cur-seachad do,
 dèan dibhearsain; (hospitality)
 thoir aoigheachd do
 entertainer *n* feistear *m*, aisteach
m
 entertainment *n* feistean *m*, cur-
 seachadachd *f*, dibhearsain *m*;
 (hospitality) aoigheachd *f*
 enthusiasm *n* dealas *m*, dioghras
m
 enthusiastic *a* dealasach,
 dioghrasach
 entice *v* tàlaidh, meall, thoir a
 thaobh, breug
 enticing *a* tarraingeach,
 tàlaidheach
 entire *a* iomlan, slàn, uile
 entirely adv gu lèir, gu tur
 entitlement *n* còir *f*, làn-chòir *f*

entrails *n* mionach *m*, caolain *m* *pl*; (animals) greallach *f*
entrance *n* dol/tighinn a-steach *m*, inntrigeadh *m*; (way in) slighe a-steach *f* **main e.** doras-mòr *m*, prìomh dhoras *m*
entreat *v* guidh (air)
entreaty *n* guidhe *f m*, achanach *f*
entrepreneur *n* neach-tionnsgain *m*
entrust *v* fàg an urra ri, cuir air cùram
entry *n* teachd a-steach *m*, inntrigeadh *m*
enumerate *v* àirmhich, cunnt
enunciate *v* cuir an cèill, aithris
envelop *v* còmhdaich, cuartaich
envelope *n* cèis-litreach *f*
envious *a* farmadach
environment *n* àrainneachd *f*
environmentalist *n* neach-àrainneachd *m*
envoy *n* tosgaire *m*
envy *n* farmad *m*, eud *m* *v* bi ri farmad **I envied her** bha farmad agam ri the
epic *n* euchd-dhàn *m*, mòr-dhuan *m*
epidemic *n* galar sgaoilte *m*, ruathar *m*
epilepsy *n* an tinneas tuiteamach *m*
episcopal *a* easbaigeach
Episcopalian *n*, *a* Easbaigeach *m*
episode *n* eadar-sgeul *m*, tachartas *m*
epitome *n* sàr eisimpleir *f m* **the e. of laziness** dealbh na leisge *f m*
equable *a* cothrom, rèidh, ciùin
equal *a* ionann, co-ionann
e. opportunities co-ionannachd chothroman *f n* seise *m v* bi co-ionann
equality *n* co-ionannachd *f*, cothromachd *f*
equalize *v* dèan co-ionann
equation *n* co-ionannachadh *m*; (maths) co-aontar *m*
equator *n* meadhan-chearcail (na talmhainn) *m*, Crios-meachain *m*

equestrian *n* marcaiche *m*
equilateral *a* co-shliosach
e. triangle triantan ionann-thaobhach *m*
equinox *n* co-fhreagrachd nan tràth *m*
equip *v* uidheamaich, beairtich
equipment *n* uidheam *f*, acfhainn *f*
equipped *a* uidheamaichte, acfhainneach
equivalent *a* co-ionann
era *n* linn *f*
eradicate *v* cuir às do, spion à bun
erase *v* dubh às/a-mach
erect *v* tog, cuir suas *a* dìreach
erode *v* creim, bleith; (*intrans*) cnàmh, crìon
erosion *n* (*act*) creimeadh *m*, bleith *f*; (*state*) cnàmh *m*, crìonadh *m*
erotic *a* earotach
err *v* rach ceàrr, dèan mearachd, rach air seachran
errand *n* gnothach *m*, ceann-gnothaich *m*
erroneous *a* mearachdach, iomrallach
error *n* mearachd *f*, iomrall *m*
eruption *n* brùchdadh *m*; (*volcanic*) spreadhadh *m*
escalator *n* streapadan *m*
escape *n* teicheadh *m*, tàrrsainn às *m v* teich, tàrr às
escort *n* coimheadachd *f*, freiceadan *m v* coimheadaich, bi mar chompanach
Eskimo *n*, *a* Easgiomach *m*, (*female*) ban-Easgiomach *f*
especially *adv* gu h-àraidh, gu sònraichte
espionage *n* beachdaireachd *f*
esplanade *n* àilean *m*
espouse *v* nochd/thoir taic do, taobh ri
essay *n* aiste *f*
essence *n* brìgh *f*, sùgh *m*
essential *a* deatamach
establish *v* stèidhich, suidhich, cuir air bhonn
establishment *n* stèidheachadh *m*, cur air bhonn *m* **the E. na**

h-urracha mòra *m pl*
estate *n* oighreachd *f e.* agent reiceadair thaighean *m*
esteem *n* meas *m*, spèis *f v* meas, cuir luach air
estimate *n* tuairmse *f v* thoir tuairmse air, meas luach
estuary *n* inbhir *m*
eternal *a* sìorraidh, maireannach, bith-bhuan, suthainn
eternally *adv* gu sìorraidh, gu bràth
eternity *n* sìorr(aidhe)achd *f*, bith-bhuantachd *f*, biothbhuantachd *f*
ether *n* adhar finealta *m*, èatar *m*
ethical *a* beusanta, modhannach; (*of conduct*) beusach
ethics *n* beus-eòlas *m*; (*personal*) beusan *m pl*
ethnic *a* cinneachail
ethos *n* nòs *m*, feallsanachd *f*
etiquette *n* modh *f m*, dòigh-giùlain *f*
eulogy *n* moladh *m*, òraid-mholaidh *f*; (*poem*) dàn molaichd *m*
euphemism *m* caomh-ràdh *m*, maoth-fhacal *m*
euro *n* euro *f m*, iuro *f m*
European *n*, *a* Eòrpach *m E.* Commission an Coimisean Eòrpach *m E.* Parliament Pàrlamaid na h-Eòrpa *f E.* Union an t-Aonadh Eòrpach *m*
evacuate *v* falmhaich
evade *v* seachain, faigh às
evaluate *v* meas, tomhais luach
evaluation *n* measadh *m*, luachadh *m*, tomhas luach *m*
evangelical *a* soisgeulach
evaporate *v* deataich
evaporation *n* deatachadh *m*
evasion *n* seachnadh *m*
even *a* rèidh, còmhnaidh
e. tempered ciùin **e. number** àireamh cothrom *f*
even *adv* eadhon, fiù 's **he didn't e. have a coat** cha robh fiù 's còta aige **e. the old folk were there** bha na seann daoine fhèin ann

evening *n* feasgar *m* **early e.** fionnairidh *f*
event *n* tachartas *m*
eventually *adv* mu dheireadh thall
ever *adv* uair sam bith; (*past only*) riamh; (*future only*) gu bràth, gu sìorraidh **he was as stubborn as e.** bha e cho rag 's a bha e riamh
everlasting *a* sìorraidh, bith-bhuan **e. life** a' bheatha mhaireannach *f*
every *a* a h-uile, gach
everyday *a* làitheil; (*routine*) abhaisteach
everyone *pron* a h-uile duine/neach, gach duine/neach
everything *pron* a h-uile nì/rud, gach nì/rud
everywhere *pron* (anns) a h-uile (h-)àite, (anns) gach àite
evict *v* fuadaich, cuir à seilbh
eviction *n* fuadach *m*, cur à seilbh *m*
evidence *n* fianais *f*, teisteanas *m*
evident *a* soilleir, follaiseach
evil *n* olc *m*, aingidheachd *f* a olc, aingidh
evoke *v* thoir gu cuimhne
evolve *v* thoir gu bith; (*intrans*) thig gu bith
ewe *n* caora *f*
exacerbate *v* dèan nas miosa
exact *a* ceart, mionaideach, pongail
exactly *adv* dìreach, gu mionaideach
exaggerate *v* àibheisich, cuir ris (an fhìrinn)
examination *n* deuchainn *f*, ceasnachadh *m*; (*scrutiny*) sgrùdadh *m*
examine *v* ceasnaich; (*scrutinize*) sgrùd, dèan sgrùdadh air
examiner *n* neach-ceasnachaidh *m*; (*scrutineer*) neach-sgrùdaidh *m*, sgrùdaire *m*
example *n* eisimpleir *f m*, ball-sampaill *m*
excavate *v* cladhaich, ruamhair
exceed *v* rach thairis air

exceedingly *adv* glè (+ *len*), anabarrach
excel *v* dèan math (an), bi sònraichte/barraichte air; (*surpass*) thoir bàrr (air) **she excelled at music** bha i sònraichte/barraichte air ceòl
excellence *n* feabhas *m*, sàr-mhathas *m*
excellent *a* sàr-mhath, barrail, sgoinneil
except *prep* ach, a-mach air **e. for one or two** a-mach air fear/tè no dhà
exception *n* mura-bhith *f*, fàgail a-mach *f*, nì eadar-dhealaichte *m* **with the e. of** ach a-mhàin **everyone without e.** a h-uile duine riamh **take e. to** nochd diomb (mu) *v*
exceptional *a* air leth, sònraichte
excess *n* (*surplus*) còrr *m*; (*too much*) anabarr *m*, cus *m*, tuilleadh 's a' choir *m*
excessive *a* neo-chuimseach, mì-choltach
exchange *n* iomlaid *f*, malairt *f* **e. rate** co-luach an airgid *m*, luach-iomlaid *m* *v* dèan iomlaid, malairtich
exchequer *n* stàit-chiste *f* **the E.** Roinn an Ionmhais *f*
excise *v* geàrr às/de
excite *v* brosnach, gluais
excited *a* air bhioran, air bhoil
excitement *n* brosnachadh *m*, spreagadh *m*, boil *f*
exclaim *v* glaodh
exclamation *n* glaodh *m*, clisgeadh *m* **e. mark** clisg-phuing *f*
exclude *v* cùm a-muigh, dùin a-mach, toirmisg
exclusion *n* cumail a-muigh *m*, dùnadh a-mach *m*, toirmeasg *m*
exclusive *a* toirmeasgach; (*expensive*) fìor chosgail
excruciating *a* creadhnachail, fìor chràiteach
excursion *n* cuairt *f*, sgrìob *f*
excuse *n* leisgeul *m* *v* gabh leisgeul (+ *gen*)
execute *v* cuir an gnìomh, thoir

gu buil; (*person*) cuir gu bàs
execution *n* cur an gnìomh *m*; (*person*) cur gu bàs *m*
executive *n* (*person*) neach-gnìomh *m*, gnìomhaiche *m*; (*body*) roinn-ghnìomha *f* **the Scottish E.** Riaghaltas na h-Alba
exemplar *n* eisimpleir *f* *m*
exemplify *v* bi mar/nad eisimpleir de
exempt *a* saor (bh)o, neo-bhuailteach
exemption *n* saoradh (bh)o *m*
exercise *n* eacarsaich *f* **e. book** leabhar-obrach *m* *v* gnàthaich, cleachd; (*work out*) dèan eacarsaich
exertion *n* spàirn *f*, dìcheall *f* *m*
exhaust *v* traogh; (*tire out*) claidh
exhausted *a* traoghte, air teirigsinn; (*of person*) claidhte
exhaustion *n* traoghadh *m*; (*of person*) claidheadh *m*
exhaustive *a* iomlan, mion
exhibit *v* taisbean
exhibition *n* taisbeanadh *m*
exhilarating *a* meanmnach, aighearach
exhort *v* earalaich, brosnach
exile *n* fògarrach *m*, eilthreach *m* *v* fògair, fuadaich
exist *v* bi beò, bi ann **it doesn't e.** chan eil e ann/ann am bith
exit *n* dol a-mach *m*; (*way out*) slighe a-mach *f*
exorbitant *a* mì-choltach, ana-cuimseach
exotic *a* cian-annasach, cian-threach
expand *v* sgaoil, meudaich, leudaich
expansion *n* sgaoileadh *m*, meudachadh *m*, leudachadh *m*
expect *v* bi an dùil (gu), sùilich
expects tha dùil aig ...
expectant *a* dòchasach, fiughaireach
expectation *n* dùil *f*, dòchas *m*, fiughair *f*
expedient *a* deiseil do, freagarrach san àm

expedite *v* luathaich, cuir cabhag air
expedition *n* turas *m*; (*speed*) cabhag *f*, luaths *m*
expel *v* cuir às, fògair, fuadaich
expend *v* caith, cosg
expenditure *n* caiteachas *m*, cosgais *f*
expense *n* cosgais *f*
expensive *a* cosgail, cosgaiseach, daor
experience *n* eòlas *m*, fiosrachadh *m*, fèin-fhiosrachadh *m* *v* fiosraich, fairich
experienced *a* eòlach
experiment *n* deuchainn *f*, dearbhadh *m*
expert *n* eòlaiche *m* *a* fiosrach, eòlach, ealanta, teòma
expertise *n* ealantas *m*, teòmachd *f*
explain *v* mìnich
explanation *n* mìneachadh *m*
explicit *a* soilleir, follaiseach, gun chleith
explode *v* spreadh
exploit *n* euchd *m* *v* gabh an cothrom air, cleachd airson prothaid **e. unfairly** gabh brath air
exploitation *n* gabhail a' chothruim air *m*, cleachdadh airson prothaid *m*; (*unfair*) gabhail brath air *f*
explore *v* rannsaich, lorg a-mach
explosion *n* spreadhadh *m*
explosive *n* stuth spreadhaidh *m* **e. device** inneal/uidheam spreadhaidh *m*
export *n* às-mhalairt *f*, às-bhathar *m* **e. market** margadh às-mhalairt *m* *v* cuir a-null thairis, às-mhalairtich
expose *v* leig ris, nochd, thoir am follais
exposed *a* am follais; (*skin*) ris; (*site*) fosgailte
expound *v* mìnich, soilleirich
express *v* cuir an cèill; (*send quickly*) luathaich
express *a* luath **e. train** trèan-luath *f* **with the e. purpose** a

dh'aon ghnòtha(i)ch
expression *n* dòigh/modh-labhairt *f*; (*phrase*) abairt *f*; (*facial*) coltas *m*, fiamh *m*
expulsion *n* fògradh *m*
exquisite *a* loinneil, fìor àlainn
extempore *a* an làrach nam bonn, gun ullachadh
extend *v* sin, leudaich, cuir ri **e. to** ruig (air)
extension *n* sineadh *m*, leudachadh *m* **e. work** obair-leudachaidh *f*
extensive *a* farsaing, leathan(n)
extent *n* farsaingeachd *f*, leud *m*, meud *m*
exterior *n* taobh a-muigh *m*
exterminate *v* cuir às do, sgrios
external *a* (bh)on/air an taobh a-muigh
extinct *a* à bith; (*volcano*) marbh
extinguish *v* cuir às, smàl, mùch
extol *v* àrd-mhol
extort *v* foireignich
extra *a* fìor (+ *len*), ro (+ *len*); (*additional*) a chòrr *adv* a bharrachd, a thuilleadh
extract *n* earrann *f*, cuibhreann *f* *m* *v* tarraing/thoir/tog à
extraordinary *a* anabarrach, iongantach (fhèin)
extravagance *n* ana-caitheamh *m*, stròdhalachd *f*
extravagant *a* ana-caitheach, stròdhal
extreme *a* fìor (+ *len*), ro (+ *len*), anabarrach *n* iomall *m*, ceann thall *m*
extremely *adv* dha-rìribh **e. good** math dha-rìribh
extricate *v* saor, fuasgail
extrovert *n* neach fosgarra *m*
eye *n* sùil *f*; (*of needle*) crò (snàthaid) *m* **eye-opener** fosgladh sùla *m*, sùileachan *m*
eyebrow mala *f* **eyelash** fabhra *m*, rosg *m* **eyelid** sgàile sùla *f*, fabhra *m* **eyesight** fradharc *m*, lèirsinn *f* **eyesore** cùis sgreamh *f*
eyrie *n* nead iolair *m*

F

fable *n* uirsgeul *m*, sgeulachd *f*
fabric *n* aodach *m*, eige *f*;
 (structure) dèanamh *m*
fabulous *a* uirsgealach;
 (wonderful) iongantach,
 miorbhaileach
face *n* aodann *m*, aghaidh *f*;
 (human only) gnùis *f*.-cloth
 clobhd aodainn *m* *v* cuir/thoir
 aghaidh air; (be opposite) bi mu
 choinneamh
facet *n* taobh *m*
facetious *a* saobh-spòrsail,
 magail
facile *a* furasta; (superficial)
 staoin
facilitate *v* dèan nas fhasa do,
 dèan comasach, cuidich
facility *n* goireas *m* *f*. in alt (air)
m
facing *adv* mu choinneamh
 (+ gen)
fact *n* fininn *f*
faction *n* buidheann *f* *m*
factor *n* adhbhar *m*, eileamaid *f*;
 (agent) bàillidh *m*, seumarlan
m; (math) factor *m*
factory *n* factaraidh *f* *m*, ionad
 ceàirde *m*, ionad tionnsgain *m*
faculty *n* ciad-fàth *f*, comas *m*,
 bua(i)dh *f*; (acad) dàmh *she had*
all her faculties bha a buadhan
 uile aice
fade *v* searg, crìon, meath
fail *v* faillig; (intrans) fàilnich,
 diobair
failing *n* failligeadh *m*, fàilinn *f*
failure *n* failligeadh *m*,
 fàilneachadh *m*
faint *n* neul *m*, laigse *f*, luairan
m *v* fannaich, fanntaig, rach an
 laigse
faint *a* fann, lag; (unclear)
 neo-shoilleir *f*.-hearted lag-
 chridheach, meata
fair *n* fèill *f*, faidhir *f*
fair *a* bànn, fionn; (beautiful)
 maiseach; (just) ceart,
 cothromach
fairly *adv* an ìre mhath, gu math
fairness *n* bàinead *f*; (beauty)

maisealachd *f*; (justness) ceartas
m, cothromachd *f*
fairy *n* sìthiche *m*; (female) bean-
 shìth *f*
faith *n* creideamh *m*; (trust)
 earbsa *f*, muinighin *f*, creideas
m
faithful *a* dileas, treibhdhireach
faithfulness *n* dilseachd *f*,
 treibhdhreas *m*
falcon *n* seabhag *f*
fall *n* tuiteam *m*, leagail *m* *f*. out
 dol a-mach air a chèile *m*
v tuit; (in level) siolaidh
fallow *a* bànn
false *a* meallta, brèige; (wrong)
 ceàrr *f*. **teeth** fiacalan fuadain *f* pl
falsehood *n* breug *f*
falter *v* lagaich, tuislich
fame *n* cliù *m*, ainm *m*
familiar *a* eòlach (air); (manner)
 faisg
familiarize *v* cuir eòlas air, cuir
 aithne air
family *n* teaghlach *m* *f*. tree
 craobh-teaghlach *f*
famine *n* gort(a) *f*
famous *a* ainmeil, iomraiteach
fan *n* gaotharan *m*
fanatic *n* eudmhoraiche *m*,
 dìoghrasaiche *m*
fanatical *a* eudmhorach,
 dìoghrasach
fanaticism *n* eudmhorachd *f*,
 dìoghrasachd *f*
fancy *a* àraid, annasach
fancy *v* smaoinich, beachdaich;
 (desire) miannaich
fancy dress *n* aodach-brèige *m*,
 culaidh choimheach *f*
fank *n* (agric) faing *f*, fang *m*
fantastic *a* miorbhaileach;
 (incredible) do-chreidsinn
fantasy *n* sgeul mhiorbhail *m*;
 (delusion) sgeul gun bhrìgh
far *a*, *adv* fada *f*. away fad' air
 falbh *f*. more tòrr a bharrachd
f.-fetched ràbhartach *f*.-sighted
 fad-fhradharcach
farce *n* baoth-chluich *f*,
 sgeig-chluich *f*
fare *n* faradh *m*; (food) biadh *m*,
 lòn *m*

farewell *n* soraidh *f*, slàn *m*,
 beannachd (le) *f*
farm *n* tuathanas *f*, baile-fearainn
m farmhouse taigh-tuathanais
m
farmer *n* tuathanach *m*
farming *n* tuathanachas *m*
fart *n* braidhm *m*; (soundless) tùt
m *v* dèan braidhm/tùt
farther *adv* nas fhaide, na
 b' fhaide *a* as fhaide, a
 b' fhaide
fascinate *v* tàlaidh, tog aire/ùidh
fascinating *a* tarraingeach,
 ùidheil
fascism *n* faisisteachd *f*
fascist *n*, *a* faisisteach *m*
fashion *n* fasan *m*; (habit)
 cleachdadh *m*, gnàths *m*, dòigh
f in *f*. san fhasan out of *f*. às an
 fhasan *v* cum, dealbh
fashionable *a* fasanta, nòsail
fast *n* trasg *f*, trasgadh *m* *f*.-day
 latha-traisg/trasgaidh *m*
v traisg
fast *a* luath; (firm) daingeann,
 teann
fasten *v* ceangail, dùin *f*. on to
 gabh grèim air
fat *n* saill *f*, sult *m*, geir *f*,
 blona(i)g *f*; (state) reamhrachd *f*
a reamhar, tiugh
fatal *a* marbhtach, bàsmhor
fate *n* dàn *m*
father *n* athair *m* *F. (relig)* an
 t-Athair *F. Christmas* Bodach na
 Nollaig *m* *f*.-in-law athair-cèile
fathom *n* aitheamh *m*
fathom *v* (understand) tuig, ruig
 air, dèan a-mach
fatigue *n* sgiths *m*
fatten *v* reamhraich
fault *n* coire *f*, cron *m*, lochd *m*;
 (geog) sgàineadh *m* *v* faigh
 coire do
faultless *a* neo-choireach, gun
 mheang
faulty *a* easbhaidheach
fauna *n* ainmhidhean *m* pl
favour *n* fàbhar *m*, bàidh *f*;
 (decoration) suaicheantas *m*
v bi fàbharach do, nochd
 fàbhar do

favourable *a* fàbharach
favourite *n* annsachd *f*, neach as
 annsa/docha (le) *m* *a* ... as
 annsa/docha (le)
fawn *n* mang *f*
fax *n* facs *m* *v* cuir facs (gu)
fear *n* eagal *m*, fiamh *m*
fear *v* gabh eagal, bi fo eagal
fearful *a* eagalach
fearless *a* gun eagal, gun athadh
feasibility *n* comasachd *f* *f*. study
 sgrùdadh comasachd *m*
feasible *a* comasach, a ghabhas
 dèanamh
feast *n* feist *f*, fleadh *m*, cuirm *f*
feat *n* euchd *m*
feather *n* ite *f*, iteag *f*
feature *n* (aspect) comharra *m*;
 (facial features) aogas *m*;
 (landscape) fear-tìre *m*;
 (article) alt sònraichte *m*
February *n* an Gearran *m*
federal *a* feadarail
federation *n* caidreachas *m*
fee *n* (payment) duais *f*; (charge)
 cìs *f*
feeble *a* fann, anfhann, brèòite
feed *v* biadh, beathaich
feedback *n* fios air ais *m*
feeding *n* beathachadh *m*; (for
 animals) fodradh *m*
feel *v* fairich, mothach; (touch)
 làimsich, feuch
feeling *n* faireachdainn *f*,
 mothachadh *m*
feign *v* leig air/oirre etc
fell *v* leag, geàrr sios
fellow *n* companach *m*, duine *m*
fellow *pref* co-
fellowship *n* comann *m*,
 companas *m*, caidreach *m*
felony *n* eucuir *f*
felt *n* tèarr-anart *m*
female *n* bean *f*, boireannach *m*
a boireann
feminine *a* banail, málada; (gram)
 boireannta
feminist *n* boireannaiche *m*
fence *n* feansa *f* *m*, callaid *f*
v feans(aig)
ferment *n* (confusion) troimh-a-
 chèile *f* *m* *v* (alcohol) brach
fern *n* raineach *f*

ferocious *a* garg
ferocity *n* gairge *f*
ferret *n* feòcallan *m*, neas *f*
ferry *n* aiseag *m*; (boat) bàt'-aiseig *m*
fertile *a* torrach
fertility *n* torrachas *m*
fertilizer *n* tothar *m*, mathachadh
m artificial *f*. tothar Gallda
fervent *a* dùrachdach, dian,
eudmhor
fervour *n* deine *f*, dùrachd *f*,
dioghrras *m*, eud *m*
fester *v* lionnraich, grod
festival *n* fèis *f*, feill *f*
festive *a* fleadhach, cuirmeach,
meadhrrach *f*. **season** *am*
a' ghreadhnachais *m*
festivity *n* subhachas *m*,
greadhachas *m*
fetch *v* faigh, thoir gu
fetching *a* tarraingeach, taitneach
fetter *n* cuibhreach *m*, geimheal
m
feu *n* gabhail *m*
feud *n* falachd *f*, strì *f*,
connasachadh *m* *v* connasach
feudal *a* fiùdalach
feudalism *n* fiùdalachd *f*
fever *n* fiabhras *m*, teasach *f*
few *n* beagan *m*, deannan *m*
a ainneamh, gann, tearc
fiance(e) *n* leannan *m*
fibre *n* (textile) snàithleach *m*;
(in diet) freumhag *f*
fickle *a* caochlaideach,
gogaideach, leam-leat
fiction *n* uirsgeul *m*, ficsean *m*
fictional *a* uirsgeulach, ficseanail
fiddle *n* fidheall *f* *v* bi ri
fidhlearachd, cluich air an
fhidhill; (be dishonest) bi ri foill
don't f. with it na bi a' fideis ris
fiddler *n* fidhlear *m*
fidelity *n* dìlseachd *f*
fidgety *a* idrisgeach, fideiseach,
beag-fois
field *n* achadh *m*, raon *m*
f.-mouse luch-fheòir *f*
fiend *n* deamhan *m*
fierce *a* fiadhaich, garg
fiery *a* teinnteach, loisgeach *f*;
(temper) sradagach,
aithghearr/cas (san nàdar)

f. cross crann-tàra *m*
fifteen *n* còig-deug **f. pence** còig
sgillinn deug
fifth *a* còigeamh
fiftieth *a* leth-cheudamh
fifty *n* leth-cheud *m*, caogad *m*
f. pounds leth-cheud/caogad not
fight(ing) *n* sabaid *f*, còmhrag *f*
v sabaidich, dèan sabaid,
còmhraig
figure *n* figear *m*; (shape) cumadh
m, cruth *m*; (of speech) samhla
m, iomhaigh *f*
file *n* (tool) eigh *f*; (office)
faidhle *m* *v* liomh; (papers)
faidhl(i)g, cuir ann am faidhle
filling *n* faidhleachd *m* **f. cabinet**
preasa faidhlidh *m*
fill *n* lion *m*, sàth *m* *v* lion;
(intrans) lion, fàs làn
filling *a* sàthach
filling-station *n* stèisean
connaidh/peatrail *m*
filly *n* loth *f* *m*
film *n* film *m*; (membrane)
sgannan *m* **f.-star** reul *m*,
reultag film *f*
filter *n* sioltachan *m*
filth *n* salchar *m*
filthy *a* salach
fin *n* ite *f*
final *a* deireannach *n*; (sport)
cuairt dheireannach *f*
finalize *v* thoir gu crìch,
crìochnaich
finally *adv* mu dheireadh thall
finance *n* ionmhas *m*,
maoineachas *m*, airgead *m*
F. Department Roinn an
Ionmhais *f* *v* maoinich, pàigh,
ionmhasaich
financial *a* ionmhaisail,
ionmhach *f. year* bliadhna-
ionmhais *f*
financier *n* maoiniche *m*
find *v* faigh, lorg
fine *n* càin *f* *v* cuir càin (air)
fine *a* (quality) grinn; (smooth)
min; (weather) brèagha **that's f.**
tha sin taghta/glan
finesse *n* snas *m*, finealtachd *f*
finger *n* meur *f*, corrag *f* **f.-nail**
ine *f* **f.-print** lorg-meòire *f*

v làimhsich, cuir meur air
finish *n* crìoch *f*, ceann *m*
v crìochnaich, cuir crìoch air
finished *a* crìochnaichte, deiseil,
ullamh
Finn *n* Fionnlannach *m*, (female)
ban-Fhionnlannach *f*
Finnish *a* Fionnlannach
fir *n* giuthas *m*
fire *n* teine *m* **f. alarm** inneal-
rabhaidh teine *m*, clag teine *m*
f.-engine einnsean-smàlaidh *m*
f.-escape slighe teichidh *f* **f.-**
extinguisher inneal-smàlaidh *m*
firefighter neach-smàlaidh *m*,
smàladair *m* **firework** teine-
ealain *m* **fireworks** teintean-
ealain **firelighter** lasadair-teine
fireside teallach *m* **firewood**
fiodh-connaidh *m* **by the f.** an
tac an teine *v* (weapons) loisg
set f. to cuir teine ri, cuir na
t(h)eine *etc*
firm *n* companaidh *f* *m*
firm *a* daingeann, cruaidh;
(steadfast) seasmhach,
diongmhalta
firmness *n* daingneachd *f*, cruas
m; (steadfastness) seasmhachd
f, diongmhaltas *m*, cruas *m*
first *a* ciad, a' chiad, prìomh
f. thing in the morning a' chiad
char sa mhadainn **First Minister**
Prìomh Mhinistear *m* *adv* an
toiseach, anns a' chiad àite **from**
f. to last bho thùs gu èis
first aid *n* ciad-fhuasgladh *m*
firth *n* linne *f*, caol *m*, caolas *m*
fiscal *n* fiosgail *m* *a* fiosgail; (fin)
ionmhaisail
fish *n* iasg *m* **f.-farm** tuathanas-
eìsg *m* **f.-market** margadh-eìsg
m **f.-shop** bùth-eìsg *f*
v iasgaich, bi ag iasgach
fisherman *n* iasgair *m*
fishing *n* iasgach *m* **f.-line**
driamlach *f* *m* **f.-rod** slat-
iasgaich *f*
fishmonger *n* reiceadair eìsg *m*
fissure *n* sgoltadh *m*, sgàineadh *m*
fist *n* dòrn *m*
fit *n* cuairt *f*, taom *m* **he took a fit**
thàinig cuairt air

fit *a* fallain; (suitable) iomchaidh,
cubhaidh *v* dèan freagarrach,
cuir an òrdugh; (suit) freagair
fitful *a* plathach
fitness *a* fallaineachd *f*;
(suitability) freagarrachd *f*
fitting *a* iomchaidh, cubhaidh
five *n*, a còig *a* còig **f. people**
còignear *f* *m*
fix *v* suidhich, socraich; (mend)
càirich **that'll fix him** bheir siud
air
fixture *n* rud suidhichte *m*;
(sport) gèam *m*, maids *m* **f. list**
clàr-gheamannan *m*
flabby *a* plamach, bog
flag *n* bratach *f* **flagpole** brat-
chrann *m*
flagrant *a* dalma, ladarna
flagship *n* prìomh long *f*
a suaicheanta
flail *n* sùist *f*
flair *n* liut *m*, alt *m*
flake *n* bleideag *f*
flame *n* lasair *f*
flammable *a* lasanta
flan *n* flana *m*
flank *n* slios *m*, taobh *m*
flap *n* flapa *m* **in a f.** na b(h)oil
etc *v* crath
flare *n* lasair-bhoills *m*
flash *n* lasadh *m*, boillsgeadh *m*
v deàraich, boills, las
flashback *n* ais-shealladh *m*
flashing *a* boillsgeach
flask *n* flasg *m*, searrag *f*, buideal *m*
flat *n* còmhnaidh *m*; (residence)
flat *f* *m* **f. calm** feath nan eun *f*
m *a* còmhnaidh, rèidh; (met)
neo-bheothail; (mus) maol, flat
flatten *v* dèan rèidh; (mus)
molaich
flatter *v* dèan brosgal/miodal/
sodal
flattering *a* brosgalach, sodalach
flattery *n* brosgal *m*, miodal *m*,
sodal *m*
flatulence *n* gaothaireachd *f*
flavour *n* blas *m*
flaw *n* meang *f*, gaoid *f*
flax *n* lion *m*
flea *n* deargann *f*, deargad *f*
flee *v* teich, tàrr às

fleece *n* rùsg *m*; (garment)
seacaid-bhlàth *f*
fleet *n* cabhlach *m*, loingeas *m*
flesh *n* feòil *f*
flex *n* fleisg *f*, càball *m*
flexibility *n* subailteachd *f*,
subailteachd *f*
flexible *a* subailte, subailte,
so-lùbach
flicker *v* priob
flight *n* (in air) iteag *m*, iteal(adh)
m; (on plane) turas-adhair *m*;
(escape) teicheadh *m*, ruaig *f*;
(of imagination) ruith-inntinn *f*
flimsy *a* tana, lag **f. excuse**
leisgeul bochd *m*
flinch *v* clisg
fling *v* tilg, caith
flint *n* ailbhinn *f*, spor *m*
flippant *a* beadaidh
flirt *n* beadrach *f*, gogaid *f*
v beadraich, deàn beadrach
flit *v* èalaidh; (move house) deàn
imrich
flitting *n* (moving house) imprig *f*,
imrich *f*
float *n* puta *m*, fleòdragan *m*
float *v* flod, bi a'/air fleòdradh, bi
air bhog
flock *n* treud *m*, (birds) ealt(a) *f*
flood *n* tuil *f*, dile *f* **f. gate** tuil-
dhoras *m* *v* còmhdaich le uisge
flooded *a* fo uisge, bàthte
flooding *n* tuileachadh *m*
floor *n* làr *m*, ùrlar *m* **f.-board**
clàr ùrlair *m*, bòrd an ùrlair *m*
floppy disc *n* clàr-bog *m*
floral *a* flùr(an)ach, ditheanach
florid *a* ruiteach
florist *n* reiceadair-fhlùraichean *m*
flounder *n* leabag *f*, leòbag *f*
flour *n* flùr *m*, min-fhlùir *f*
flourish *v* fàs, rach gu math le;
(brandish) steòrn le
flow *n* sruth *m*, sìleadh *m* **f. chart**
sruth-chlàr *m*, clàr-ruith *m*
f.-tide sruth-lìonaidh *v* sruth,
ruith, sil
flower *n* flùr *m*, dithean *m*, blàth
m
flowery *a* flùr(an)ach, ditheanach
flu *n* an cnatan mòr *m*
fluctuate *v* luaisg, atharraich

(bho àm gu àm)
fluent *a* fileanta, siùbhlach
f. speaker fileantach *m*
fluid *n* lionn *m*
fluke *n* (chance) turchairt *m*,
tuiteamas *m*; (of anchor) flùt
m, pliuthan *m*; (worm) cnuimh
f, cruimh *f*
fluoride *n* fluoraid *m*
flurry *n* othail *f*
flush *n* (facial) rudhadh *m* *v* fàs
dearg; (toilet) sruthlaich
fluster *v* cuir an cabhaig, cuir
troimh-a-chèile
flute *n* duiseal *f*, cuisle-chiùil *f*
flutter *v* (fly) deàn itealaich,
sgithalaich
flux *n* sruthadh *m*, ruith *f*
fly *n* cuileag *f*; (fishing) maghar
m
fly *a* carach, seòlta
fly *v* rach/falbh air iteig, itealaich;
(escape) teich
flying *n* itealaich *f*, sgiathalaich *f*
foal *n* searrach *m*, loth *f* *m*
foam *n* cop *m*, cobhar *m*
focus *n* fòcas *m* *v* deàn fòcas air,
cuimsich air
fodder *n* fodar *m*
foe *n* nàmhaid *m*, eascaraid *m*
foetus *n* ginean *m*, toircheas *m*
fog *n* ceò *f* *m*
foggy *a* ceòthach
foible *n* laigse bheag *f*
foil *v* cuir casg air, bac
fold *n* fillleadh *m*, preas *m*;
(animal) buaile *f*, crò *m*
v paisg, fill
folder *n* pasgan *m*
foliage *n* duilleach *m*
folk *n* muinntir *f*, sluagh *m*,
poball *m*, daoine *m* **pl f. music**
ceòl dùthchasach **f. folksong**
mìth-òran *m* **folktale** mìth-sgeul
m, sgeulachd *f* **folklore** beul-
aithris *f*
follow *v* lean, thig an dèidh as
follows mar a leanas
following *a* the *f*. ... an/am/an t-/
a' ... a leanas **a f. wind** gaith na
c(h)ùl etc
folly *n* gòraiche *f*, amaideas *m*
fond *a* (of) dèidheil/measail/

miadhail air **a f. mother** màthair
chaomh *f*
fondle *v* cnèdaich, tataidh
font *n* amar(-baistidh) *m*; (type)
clò *m*
food *n* biadh *m*, lòn *m*
fool *n* amadan *m*, gloidhc *f*
female *f*. òinseach *f* *v* meall,
thoir an car à
foolish *a* gòrach, amaideach
foot *n* cas *f*, troigh *f*; (of hill)
bonn *m*, bun *m*; (in length)
troigh *f* **f. and mouth disease** an
galar roil(l)each/ronnach *m*
football ball-coise *m* **footpath**
frith-rathad *m* **footprint** lorg-
coise *f* **footstep** cas-cheum *m*
for prep do, ri, airson (+ gen),
fad he left this for you dh'fhàg e
seo dhut wait for me fuirich
rium they'll be here for a week
bidh iad an seo airson/fad
seachdain we paid £100 for it
phàigh/thug sinn ceud not air
forbearance *n* foighidinn *f*
forbid *v* toirmisg
forbidden *a* toirmisgte
force *n* neart *m*, cumhachd *f* *m*
the Armed Forces Feachdan na
Dùthcha *f* **pl undue** **f. làmhachas-**
làidir *m* *v* co-èignich, thoir air,
spàrr (air) she forced her to do
it thug i oirre a dhèanamh
forceful *a* neartmhor
ford *n* àth *m*; (between islands)
fadhail *f*
forecast *n* ro-aithris *f*, ro-amas *m*
weather *f*. tuairmse sìde *f* *v*
deàn ro-aithris, deàn ro-amas;
(weather) deàn tuairmse air an
t-side
forefather *n* sinnsear *m*
forefathers na h-athraichean *m*
pl
forefront *n* fìor thoiseach *m* in
the *f*. of the campaign air ceann
na h-iomairt
forego *v* leig seachad, deàn às
aonais
forehead *n* bathais *f*, maoil *f*,
mala *f*
foreign *a* coimheach, cian
F. Office Oifis nan Dùthchannan

Cèin *f*
foreigner *n* coigreach *m*
forelock *n* dosan *m*, logan *m*
foreman *n* gafair *m*
foremost *a* prìomh *adv* air
thoiseach
forenoon *n* ro mheadhan-latha
m, ro-nòin *m*
forensic *a* foireansach
foresee *v* faic ro-làimh
foresight *n* ro-shealladh *m*; (met)
lèirsinn *f*
forest *n* coille *f* **deer** **f. frith** *f*
forester *n* forsair *m*, coilltear *m*
forestry *n* forsairachd *f*,
coilltearachd *f* **F. Commission**
Coimisean na Coille *m*
foretaste *n* blasad ro-làimh *m*,
ro-aithne *f*
foretell *v* fàisnich
forever *adv* gu bràth, gu
siorraidh, a-chaoidh **f. more** gu
bràth tuilleadh
forewarn *v* cuir earalas
foreword *n* ro-ràdh *m*
forfeit *v* caill (còir air)
forge *n* teallach *m*, ceàrdach *f*
v dealbh à mealt; (document
etc) feall-dheilbh, sgriobh gu
fallsa; (links etc) steidhich
forgery *n* fallsaidheachd *f*, meall-
sgriobhadh *m*
forget *v* dìochuimhnich
forgetful *a* dìochuimhneach
forgive *v* math, thoir mathanas
forgiveness *n* mathanas *m*
fork *n* forc(a) *f*, greimire *m*; (in
road) gobhal *m*
form *n* cumadh *m*, cruth *m*,
riochd *m*, dealbh *f* *m*;
(document) foirm *m*; (mood)
cor *m*, triom *f* *m*; (seat) furm *m*
in good **f. an** deagh shunnd
v dealbh, cum, cruthaich, cuir ri
chèile
formal *a* foirmeil, riaghailteach
formality *n* foirmealachd *f*, deas-
ghnàth *m* **a f. gnàths** *m*
format *n* cruth *m*
formation *n* cumadh *m*, eagar *m*
former *a* a chaidh seachad, a bha
ann (roimhe)
formidable *a* foghainteach

formula *n* foirmle *f*
formulate *v* riaghailtich, cuir ri chèile
fornication *n* strìopachas *f*
forsake *v* trèig, diobair, cuir cùl ri
fort *n* dùn *m*, daingneach *f*
forth *adv* a-mach, air adhart **from this time** *f*. o seo a-mach/suas
forthcoming *a* a' tighinn, ri teachd; (*open*) fosgarra
forthright *a* dìreach, fosgailte
forthwith *adv* gun dàil
fortieth *a* dà fhicheadamh
fortify *v* daingnich, neartaich
fortitude *n* tapachd *f*, fiùghantachd *f*
fortnight *n* cola-deug *f*, ceala-deug *f*
fortress *n* daingneach *f*
fortuitous *a* tuiteamach
fortunate *a* fortanach, sealbhach
fortune *n* fortan *m*, sealbh *m*, àgh *m*
forty *n*, *a* dà fhichead *m*, ceathrad *m* **f. winks** norrag *f*
forum *n* fòram *m*
forward *a* iarrtach, aghach
forward(s) *adv* air adhart
fossil *n* fosail *f* **f.-fuel** connadh-fosail *m*
foster *v* altraim, àraich
foster-father *n* oide *m*
fosterling *n* dalta *m*
foster-mother *n* muime *f*
foul *n* fealladh *m*
foul *a* salach, gràineil, breun
v salaich, gànraich; (*sport*) dèan fealladh
found *v* stèidhich, suidhich, bunaitich
foundation *n* stèidh *f*, bunait *f* *m*; (*org*) stèidheachd *f*
founder *v* theirig fodha
foundry *n* leaghadair *m*, ionad leaghaidh *m*
fountain *n* fuaran *m*
four *n* *a* ceithir *a* ceithir *f. people* ceathrar *f* *m*
fourteen *n*, *a* ceithir-deug *f. fish* ceithir iasg deug
fourteenth *a* ceathramh deug
fourth *a* ceathramh
fowl *n* eun *m*

fox *n* sionnach *m*, madadh-ruadh *m*
foxglove *n* lus nam ban-sith *m*
foyer *n* for-thalla *m*
fraction *n* mìr *m*, bloigh *f*
fracture *n* bris(t)eadh *m* *v* bris(t), bloighdich
fragile *a* brisg, lag
fragment *n* fuidheall *m*, bloigh *f*, criomag *f*, mìr *m*
fragmented *a* bìdeagach, às a chèile
fragrance *n* cùbhraidheachd *f*
fragrant *a* cùbhraidh
frail *a* lag, anfhann
frame *n* frèam *m*, cèis *f*; (*of mind*) staid-inntinn *f*
framework *n* frèam *m*
franchise *n* còir *f*, còrachd *f*, ceadachd *f*
frank *a* faoilidh, fosgailte
frantic *a* air bhoil(e), air chuthach
fraternal *a* bràithreil
fraud *n* foill *f*
fraudulent *a* foilleil, fealltach
fray *v* bleith, sgaoil
freak *n* cùis-iongnaidh *f* **a f. event** fìor thuiteamas *m*
freckled *a* breac-bhallach
freckles *n* breacadh-seunain *m*
free *a* saor; (*of charge*) an asgaidh *v* saor, leig fa sgaoil
freedom *n* saorsa *f*, saorsainn *f*, cead *m*
freelance *a* ag obair air a c(h)eann fhèin
freemason *n* saor-chlachair *m*
freeze *n* reothadh *m* *v* reoth; (*stop*) cuir casg air
freezer *n* reothadair *m*
freight *n* luchd *m*; (*charge*) faradh *m*
French *n* the *F.* na Frangaich *m* *pl* *a* Frangach; (*lang*) Fraingis *f*
Frenchman *n* Frangach *m*
Frenchwoman ban-Fhrangach *f*
frenetic *a* air bhoil(e)
frenzy *n* boil(e) *f*
frequent *a* tric, minig, bitheanta
frequent *v* tadhail, tathaich
frequently *adv* gu tric, gu minig
fresh *a* (*produce*) ùr; (*atmos*) fionnar

freshen *v* ùraich
freshness *n* ùrachd *f*, ùralachd *f*
fret *v* luaisg, bi frionasach
friction *n* suathadh (ri chèile) *m*, bleith *f*; (*discord*) eas-aonta *m*
Friday *n* Dihaoine *m*
fridge *n* fuaradair *m*, frids *m*
friend *n* caraid *m* **female** *f*. banacharaid *f*
friendly *a* càirdeil, dàimheil
friendship *n* càirdeas *m*, dàimh *f* *m*
fright *n* eagal *m*, clisgeadh *m*
frighten *v* cuir eagal air **were you frightened?** an robh an t-eagal ort?
frightening *a* eagalach
frightful *a* eagalach, oillteil
frigid *a* fuar
frill *n* fraoidhneas *m* **without any** frills gun spaidealachd sam bith
fringe *n* fraoidhneas *m*, oir *f* *m*, iomall *m*; (*hair*) logaidh *f* **the Festival F.** Iomall na Fèise
frisky *a* mear, mireagach
frivolous *a* faoin, luideach
frock *n* froga *m*
frog *n* losgann *m*
from *prep* (bh)o, à **f. time to time** (bh)o àm gu àm **f. dawn till dusk** o mhoch gu dubh, **a man from Uist** fear à Uibhist
front *n* aghaidh *f*, aodann *m*, toiseach *m*, beulaibh *m* **in f. air** thoiseach **in f. of** air beulaibh (+ *gen*)
frontier *n* crìoch *f*
frost *n* reothadh *m*
frosty *a* reòhte **a f. reception** fàilte glè fhuar
froth *n* cop *m*
frown *n* gruaim *f*, sgraing *f*, greann *f*
frozen *a* reòhte, reothta
frugal *a* glèidhteach, caomhntach
fruit *n* meas *m*; (*produce*) toradh *m* **f.-cake** cèic-mheasan *f* *m*
f. juice sùgh mheasan *m*
fruitful *a* torrach; (*successful*) soirbheachail
fruition *n* buil *f* **come to f.** thig gu buil *v*
fruitless *a* neo-thorrach; (*met*) gun tairbhe **a f. expedition/**

exercise siubhal gun siùcar
frustrate *v* leamhaich; (*hinder*) cuir bacadh air
fry *v* ròst, fraighig, praighig
frying-pan *n* aghann *f*, praigheapan *m*
fuel *n* connadh *m*
fugitive *n* fògarach *m*
fulfil *v* coilean
fulfilled *a* coileanta, sàsaichte
full *a* làn, iomlan **f. to the brim** loma-làn **f. moon** gealach (sh)làn **f. f.-time** làn-thìde, làn-ùine
full stop *n* (*punct*) stad-phuing *f*
fulmar *m* fulmair *m*
fumble *v* làimhsich gu cearbach, bi cliobach
fumes *n* deatach *f*, smùid *f*
fun *n* fealla-dhà *f*, dibhearsain *m*, spòrs *f*
function *n* feum *m*; (*of person*) dreuchd *f*; (*event*) cruinneachadh *m* *v* obraich
fund *n* maoin *f*, stòr *m* **funds** ionmhas *m*, airgead *m* *v* maoinich
fundamental *a* bunaiteach
fundraising *n* togail-airgid *f*
funeral *n* tiodhlacadh *m*, adhlacadh *m*, tòrradh *m*
f. procession giùlan *m*
funnel *n* piob-tharraing *f*; (*on ship*) luidhear *m*
funny *a* eibhinn, ait
fur *n* bian *m*
furious *a* fiadhaich, air/fon chuthach
furnace *n* fùirneis *f*
furnish *v* cuir àirneis an; (*provide*) thoir do, uidheamaich
furniture *n* àirneis *f* **item of f.** ball àirneis *m*
furrow *n* clais *f*, sgriob *f*; (*wrinkle*) roc *f*, preas *m*
furry *a* molach, ròmach
further *v* cuir air adhart, adhartaich *a*, *adv* a bharrachd
further education *n* foghlam adhartach *m*
furthermore *adv* rud eile, a thuilleadh air sin, cho math ri sin, a bhàrr/bharrachd air sin

furtive *a* fàil(l)idh
fury *n* cuthach *m*
fuse *n* fiùs(a) *m*
fusion *n* leaghadh *m*, aonadh *m*
fuss *n* othail *f*, ùpraid *f*
fussy *a* àilgheasach, tàrmasach
futile *a* diomhain, faoin
future *n* àm ri teachd *m* *a* ri teachd, teachdail *f*. **tense** an tràth teachdail *m*

G

gadget *n* uidheam *f*, magaid *f*
Gael *n* Gàidheal *m*, (female) bana-Ghàidheal *f*
Gaelic *n*, a Gàidhlig *f* (usually with def art) a' Ghàidhlig
gag *v* cuir glas-ghuib air
gain *n* buannachd *f* *v* buannaich, coisinn; (reach) ruig
gait *n* dòigh-glusaid *f*
galaxy *n* Slighe Chlann Uisnich *f*, reul-chrios *m*
gale *n* gèile *m*, gaoth mhòr *f*
gallant *a* (chivalrous) flathail; (spirited) meanmnach *a* **g. effort** oidhirp thapaidh
gallery *n* gailearaidh *f* *m*, lobhta *m*
galley *n* birlinn *f*; (kitchen) cidsin *m*
galling *a* leamh, doimheadach
gallon *n* galan *m*
gallop *v* falbh aig roid; (on horseback) luath-mharcaich
gallows *n* croich *f*
galore *adv* gu leòr
gamble *v* cuir airgead air gheall, dèan ceàrrachas
gambler *n* ceàrraiche *m*
gambling *n* ceàrrachas *m*
game *n* gèam *m*, cluiche *f*; (food etc) sìtheann *f*
gamekeeper *n* geamair *m*
gander *n* gànradh *m*, gèadh fireann *m*
gang *n* buidheann *m*, foireann *m*
gannet *n* sùlaire *m* **g. chick** guga *m*
gap *n* beàrn *f* *m*; (topog) bealach *m*
garage *n* garaids *f* *v* cuir ann an garaids
garbage *n* sgudal *m*

garbled *a* troimh-a-chèile
garden *n* gàrradh *m*, lios *m*
gardener *n* gàirnealair *m*, gàrradair *m*
gardening *n* gàirnealaireachd *f*, gàrradaireachd *f*
gargle *v* sruthail
garlic *n* creamh *m*
garment *n* bad aodaich *m*
garrison *n* gearastan *m*
garrulous *a* cabach, goileamach
gas *n* gas *m* **gas cooker** cucair gas *m* **gas fire** teine gas *m* *v* mùch le gas, sgaoil gas
gash *n* gearradh *m*, lot domhainn *m*, beum *m* *v* gearr, sgor
gasp *n* plog *m*, ospag *f* *v* plog
gastric *a* meirbheach
gastronomic *a* sòghail
gate *n* geata *m*, cachailleith *f*
gather *v* cruinnich, tionail, trus; (money) tog
gathering *n* cruinneachadh *m*, co-chruinneachadh *m*
gaudy *a* bastalach
gauge *n* tomhas *m* *v* tomhais, meas
gaunt *a* caol, seang, tana, lom
gay *a* sunndach, sùgach, aighearach; (homosexual) co-ghnèitheach, co-sheòrsach
gaze *v* dùr-amhairc
gear *n* uidheam *f*, àirneis *f*; (clothes) trusgan *m*; (in engine) giodhar *f*
gem *n* seud *m*, neamhnaid *f*, leug *f*
gender *n* (gram) gnè *f*; (sex) gin *f*
gene *n* gine *f*
genealogical *a* sloinnteachail
genealogist *n* sloinntear *m*
genealogy *n* sloinntearachd *f*
general *n* seanailear *m*
general *a* coitcheann, cumanta in *g.* sa bhitheantas, sa chumantas
G. Election Taghadh Coitcheann *m*, Taghadh Pàrlamaid *m*
generalize *v* coitcheannaich
generally *adv* am bitheantas, sa bhitheantas
generate *v* gin, tàrmaich
generation *n* ginealach *m*, glùn *f*;

(creation) gineamhainn *m*
g. gap sgaradh nan ginealach *m*
generator *n* gineadair *m*
generic *a* gnèitheach, coitcheann
generosity *n* còiread *f*, fialaidheachd *f*, fiùghantachd *f*
generous *a* còir, fialaidh, faoilidh
genesis *n* gineachas *m*, toiseach *m*
genetic *a* ginteil
genetics *n* ginntinneachd *f*
genial *a* dàimheil, cridheil, aoigheil
genitals *n* buill-gineamhainn *m* *pl*
genitive *a* ginideach **the g. case** an tuiséal ginideach/seilbheach *m*
genius *n* (person) sàr-ghin *m*; (quality) sàr-ghineachas *m*, sàr-chomas *m*
gentle *a* ciùin, socair, soitheamh
gentleman *n* duin(e)-uasal *m*
genuine *a* fìor, dha-rìribh
geography *n* cruinn-eòlas *m*
geologist *n* clach-eòlaiche *m*
geology *n* clach-eòlas *m*
geometry *n* geoimeatraidh *m*
germ *n* bitheag *f*
German *n*, a Gearmailteach *m*, (female) ban-Ghearmailteach *f*; (lang) Gearmailtis *f*
germinate *v* ginidich, thoir fàs; (intrans) fàs
get *v* faigh; (grow) fàs **g. away!** thalla! **get dressed** cuir aodach ort **get rid of** faigh cuidhteas **getting on for ...** a' streap ri ... **get the better of** faigh làmh-an-uachdair air **get used to** fàs cleachdte ri
ghastly *a* oillteil, sgriosail
ghost *n* taibhs(e) *f* *m* tannasg *m*, bòcan *m* **the Holy G.** an Spiorad Naomh *m*
ghostly *a* taibhsail
giant *n* famhair *m*, fuamhaire *m*
giddy *a* tuainealach; (met) guanach, faoin
gift *n* tiodhlac *m*, gibht *f*
gifted *a* comasach, tàlantach
gigantic *a* àibheiseach mòr
giggle *v* dèan braoisgeil **Also vn** a' braoisgeil, a' cireaslaich
gimmick *n* innleachd *f*
gin *n* (drink) sine *f*, Sineubhar *f*;

(trap) ribe *m*
ginger *n* dinnsear *m*
gingerbread *n* aran-crì/cridhe *m*
giraffe *n* sioraf *m*
girl *n* caileag *f*, nighean *f*
girlfriend *n* leannan *f*, bràmair *m*
gist *n* brìgh *f*
give *v* thoir, tabhair **g. up** leig seachad/thoir thairis
glacier *n* eigh-shruth *m*
glad *a* toilichte, aoibhinn
gladden *v* toilich, dèan aoibhneach
gladness *n* toil-inntinn *f*, aoibhneas *m*, toileachas *m*
glamour *n* riochdalachd *f*
glance *n* sùil aithghearr *f* *v* grad-amhairc
gland *n* faireag *f*
glare *n* deàrrsadh *m*, dalladh *m*; (look) sùil fhiadhaich *f*; (of publicity) làn-fhollais *f* *v* thoir sùil fhiadhaich
glaring *a* (obvious) làn-fhollaiseach
glass *n* glainne *f* **g.-house** taigh-glainne *m*
glasses *n* glainneachan *f* *pl*, speuclairean *m* *pl*, speuclair *m*
gleam *n* boillsgeadh *m* *v* boillsg, soillsich, deàrrs
gleaming *a* boillsgeach, deàrrsach
glee *n* mire *f*, cridhealas *m*
glen *n* gleann *m*
glib *a* min-chainnteach, cabanta
glide *v* sigh, gluais gu ciùin
glider *n* glaidhdhear *m*, plèan-seòlaidh *m*
glimmer *n* fann-sholas *m*
glimpse *n* aiteal *m*, boillsgeadh *m*, plathadh *m* *v* faigh sealladh (aithghearr) *de*
glisten *v* deàraich, boillsg
glitter *n* lannir *f* *v* deàrrs, boillsg, dèan lannir/dritchleann
glittering *a* boillsgeach, lannireach
global *a* domhanta, cruinne, cruinneil **g. warming** blàthachadh na cruinne *m*
globe *n* cruinne *m* (f in gen)
gloom *n* duibhre *f*; (dejection) gruaime *f*, smalan *m*

gloomy *a* doilleir, gruamach; (*dejected*) fo ghruaim, smalanach
glorious *a* glòrmhor, òirdheirc
glory *n* glòir *f*
gloss *n* liomh *f*; (*explanation*) mineachadh *m* *v* liomh; (*explain*) mìnich
glossy *a* gleansach, liomharra
glove *n* miotag *f*
glow *n* lasadh *f*, blàthachadh *m* *v* deàrrs, las
glue *n* glaoth *m* *v* glaoth, tàth
glum *a* tùrsach, gruamach
glut *n* cus *m*, tuilleadh 's a' chòir *m*
glutton *n* glutaire *m*, geòcaire *m*, craosaire *m*
gnarled *a* meallach, plucach
gnash *v* giosg
gnat *n* corr-mhial *f*
gnaw *v* creim, cagainn
go *v* falbh, imich, rach, theirig **go away!** thalla! **let him go** leig às e **go on/ahead** siuthad
goad *v* brod, greas; (*met*) stuig, cuir thuige
goal *n* ceann-uidhe *m*; (*in sport*) gòil *m*; (*score*) tadhal *m*, gòil *m*
goalkeeper neach-gleidhidh *m*
goat *n* gobhar *f* *m*
God, god *n* Dia, dia *m*
goddess *n* ban-dia *f*
godly *a* diadhaidh
gold *n* òr *m*
gold(en) *a* òir, òrail, òrdha, òr-bhuidhe
golden eagle *n* fir-eun *m*, iolaire-bhuidhe *f*
goldfish *n* iasg òir *m*, òr-iasg *m*
golf *n* goilf *m* **g.-club** caman goilf *m*; (*org*) comann goilf *m*
g.-course raon goilf *m*
golfer *n* goilfear *m*
good *a* math, deagh (*precedes & len n*) **g.-natured** dòigheil, mèinneil **g.-looking** brèagha, eireachdail *n* math *m*
goodbye *n*, *interj* slàn le, beannachd le **g. (to you)** slàn leat, beannachd leat **she said g. to them** dh'fhàg i slàn aca
Good Friday *n* Dihaoine na

Ceusta/a' Cheusaidh/na Càisge *m*
goodness *n* mathas *m*, deagh-bheus *f* (**My**) **g.!** A chiall!
goods *n* bathar *m*, cuid *f*, maoin *f* **g. train** tràen bathair *m*
goodwill *n* deagh-ghean *m*, deagh mhèin *f*
goose *n* gèadh *m*
gorge *n* (*topog*) clais mhòr *f*, mòr-ghil *f*; (*gullet*) slugan *m* *v* lion craos
gorgeous *a* eireachdail, greadhnach, riomhach
gorse *n* conasg *m*
gospel *n* soisgeul *m*
gossip *n* geodal *m*, fothal *m*; (*person*) goistidh *m* *v* bi a' gobaireachd, bi a' fothal
gouge (out) *v* buin à, cladhaich à
govern *v* riaghail, seòl
government *n* riaghaltas *m*, riaghladh *m* **the G.** an Riaghaltas *m*
governor *n* riaghladair *m*
gown *n* gùn *m*
grab *v* faigh/gabh grèim air
grace *n* gràs *m*; (*prayer*) altachadh *m*; (*quality*) loinn *f*, eireachdas *m* *v* sgeadaich, maisich, cuir loinn air
graceful *a* grinn
grade *n* ire *f* *v* cuir an òrdugh, rangaich
gradient *n* àrdachadh *m*, ìsleachadh *m*, caisead *m*
gradual *a* beag air bheag, ceum air cheum, mean air mhean
gradually *adv* beag air bheag, ceum air cheum, mean air mhean
graduate *v* ceumnaich
graft *n* nòdachadh *m*; (*fin*) slaightearachd *f* *v* nòdach
grain *n* gràinne *f*, gràinnean *m*, sìlean *m*; (*coll*) gràn *m*, siol *m*
gram *n* gram *m*
grammar *n* gràmar *m*
grammatical *a* gramataigeach, gràmarach
grand *a* mòr, prìomh (*precedes & len n*) **that's g.** tha sin gasta
grandchild *n* ogha *m*
grandfather *n* seanair *m*

grandmother *n* seanmhair *f*
granite *n* clach-ghràin *f*, eibhir *f*
grant *n* tabhartas *m* *v* (*allow*) ceadaich, deònaich; (*bestow*) builich **g. aid** thoir tabhartas-cuideachaidh
granule *n* gràinean *m*, gràineag *f*
grape *n* fion-dhearc *f*
grapefruit *n* seadag *f*
graph *n* graf *m*
grasp *v* dèan grèim air, greimich, glac
grass *n* feur *m*
grasshopper *n* fionnan-feòir *m*
grassroots *n* ire an t-sluaigh *f* **at the g.** aig ire an t-sluaigh
grate *n* grèata *m* *v* sgriob, thoir sgreuch air; (*met*) bi mì-thaimeach
grateful *a* taingeil
grater *n* sgrioban *m*
gratify *v* toilich, sàsaich
gratifying *a* riarachail, sàsachail
grating *a* sgreuchach, sgreadach
gratitude *n* taingealachd *f*, buidheachas *m*
grave *n* uaigh *f* **graveyard** cladh *m*
grave *a* stòda, suidhichte
grave accent *n* stràc fhada *m*
gravel *n* greabhal *m*, grinneal *m*, morghan *m*
gravity *n* (*force*) iom-tharraing *f*; (*mass*) dùmhlachd *f*; (*seriousness*) sòlaimteachd *f*
gravy *n* sùgh feòla *m*, grèibhidh *m*
graze *v* feuraich, ionaltraich, bi ag ionaltraidh; (*touch*) suath (*an*)
grease *n* saill *f*, crèis *f*
greasy *a* crèiseach
great *a* mòr, àrd
great-grandchild *n* iar-ogha *m*
great-grandfather *n* sinn-seanair *m*
great-grandmother *n* sinn-seanmhair *f*
greatness *n* mòrachd *f*; (*size*) meudachd *f*
greed *n* sannt *m*, gionaiche *m*
greedy *a* sanntach, gionach
Greek *n*, *a* Greugach *m*, (*female*) ban-Ghreugach *f*; (*lang*) Greugais *f*

green *a* uaine; (*of grass*) gorm, glas; (*inexperienced*) gorm *n* (*dath*) uaine *m*; (*grass*) rèidhlean *m*, faiche *f* **G. Party** am Partaidh Uaine *m*
greenhouse *n* taigh-glainne *m*
greet *v* fàillich, cuir fàilte air, beannaich do
greeting *n* fàilte *f*, beannachadh *m*
grey *a* glas, liath **g. area** cùis neo-chinnteach *f* **g.-haired** liath
grid *n* cliath *f*
grief *n* bròn *m*, mulad *m*
grievance *n* cùis-ghearrain *f*
grieve *v* caoidh
grill *n* (*cooking*) grìosach *f* *v* grìosaich
grim *a* mùgach, gnù
grimace *n* drèin *f*, gruaim *f*, mùig *m*
grin *n* braoisg *f* *v* cuir braoisg air/oirre *etc*
grind *v* meil, bleith, pronn
grip *n* grèim *m*
grisly *a* oillteil, dèisinnach
grip *n* grinneal *m*, garbhan *m*; (*of character*) tapachd *f*
groan *n* cnead *m*, osann *m*, osna *f* *v* dèan cnead/osna
grocer *n* grosair *m*
groom *n* loch-bhlèin *f* (*bridegroom*) fear na bainne *m*
groom *n* gille-each *m*;
(bridegroom) fear na bainne *m*
groove *n* clais *f*, eag *f*
grope *v* fairich, rùraich
gross *a* garbh, dòmhail; (*whole*) iomlan; (*disgusting*) sgreamhail
grotesque *a* suaitheanta, mì-dhealbhach, mì-nàdarrach
ground *n* grunn *m*, talamh *m*, fonn *m*; (*foundation*) (*bonn-*) stèidh *f*; (*in piping*) ùrlar *m*
grounds adhbhar *m* **g. floor** làr iosal *m* *a* pronn
groundwork *n* stèidh *f*, deasachadh *m*
group *n* buidheann *f* *m*, còmhlan *m* **g. work** obair-buidhne *f*
group *v* cuir am buidhnean
grouse *n* cearc-fhraoich *f*, coileach-fraoich *m*; (*complaint*) gearan *m*

grovel *v* snàig, liùg
 grow *v* fàs, cinn, cinnich,
 meudaich; (*trans*) thoir fàs air
 growl *n* dranndan *m*, grùnsal *m*
v dèan dranndan
 growth *n* fàs *m*, cinneas *m*,
 toradh *m*
 grudge *n* diomb *f* *m*, doicheall *m*
v sòr, talaich
 gruff *a* gnuadh, durg(h)a, neo-
 aoigheil; (*voice*) greannach
 grumble *v* gearain, talaich, dèan
 cànràn
 grumbling *n* gearan *m*
 grunt *n* gnòsail *f*, gnòsad *f*
v dèan gnòsail/gnòsad
 guarantee *n* urras *m*, barantas *m*
v rach an urras, barantaich
 guard *n* (*person*) geàrd *m*,
 freiceadan *m*; (*watch*) faire *f*,
 dìon *m* *v* geàrd, glèidh, dìon
 guardian *n* neach-glèidhidh *m*,
 neach-cùraim *m*
 guess *n* tomhas *m*, tuairmse *f*,
 tuaiream *f* *v* tomhais, thoir
 tuairmse/tuairmeas
 guest *n* aoigh *m* **g.-house** taigh-
 aoigheachd *m*
 guidance *n* stiùireadh *m*, iùl *m*,
 treòrachadh *m*, seòladh *m* **g.**
 teacher tidsear treòrachaidh *m*
 guide *n* neach-iùil/treòrachaidh
m **guide-book** leabhar-iùil *m*
v seòl, stiùir, treòraich
 guidelines *n* seòladh *m*,
 stiùireadh *m*
 guile *n* foill *f*, cealg *f*
 guilt *n* ciont(a) *m*
 guilty *a* ciontach
 guinea-pig *n* gearra-mhuc *f*; (*met*)
 ball-sampaill *m*
 guise *n* riochd *m*
 guitar *n* giotàr *m*
 gulf *n* camas mòr *m*, bàgh mòr
m; (*met*) astar mòr *m*
 gull *n* faoileag *f*
 gullet *n* goile *f*, sgòrnan *m*,
 slugan *m*
 gullible *a* so-mheallta, furasta an
 car a thoirt às/aiste *etc*
 gulp *n* slugadh *m*, glacadh *m*
v sluig, glac, glut
 gum *n* càirean *m*, bannas *m*;

(*glue*) glaodh *m*, bith *f* **chewing**
 gum guma cagnaich *m*
 gumption *n* ciall *f*, toinise *f*
 gun *n* gunna *m*
 gunwale *n* beul(-mòr) *m*
 gurgle *n* glugan *m* *v* dèan
 glugan/plubraich
 gush *n* spùt, brùchd
 gust *n* oiteag *f*, osag *f*, cuairt-
 ghaoth *f*
 gusty *a* oiteagach, gaothar
 gut *n* caolan *m* **you've got guts**
 tha misneach(d) agad *v* cut,
 thoir am mionach à
 gutter *n* guitear *m*; (*of fish*)
 cutair *m*
 guy *n* fear *m* **come on, guys**
 siuthadaibh, fhearaibh
 gymnasium *n* lann lùth-chleas *f*,
 talla spòrs *m*
 gymnast *n* lùth-chleasaiche *m*
 gymnastics *n* lùth-chleasachd *f*
 gynaecology *n* leigh-eòlas bhan
m
 gypsy *n* siopsach *m*, giofag *f*,
 rasaiche *m*

H

habit *n* cleachdadh *m*, fasan *m*,
 àbhaist *f*, nòs *m*; (*clothing*)
 earradh *m*, èideadh *m*
 habitable *a* freagarrach airson
 còmhnaidh
 habitat *n* àrainn *f*
 habitual *a* gnàthach *adv*
 daonnan, gu gnàthach
 hack *v* geàrr, spòlt, sgolt, sgoch
 haddock *n* adag *f*
 haemorrhage *n* sìleadh/dòrtadh-
 fala *m*
 hag *n* badhbh *f*, sgroidhd *f*
 haggis *n* taigeis *f*
 haggle *v* barganaich, dèan
 còmhstri mu phris
 hail *n* clach-mheallain *f*,
 (*hailstones*) clachan-meallain *pl*
 hair *n* falt *m*, gruag *f*; (*one*)
 gaoisnean *m*, fuiltean *m*,
 ròineag *f*; (*of animals*) gaoisid *f*,
 fionnadh *m* **h.-brush** bruis-
 chinn/fhuil *f* **h.-dryer**
 tiormadair gruaige *m*

haircut *n* cliop *m*, bearradh fuil
m
 hairdresser *n* gruaigaire *m*
 hairy *a* gaoisideach, molach,
 ròmach, fionnach
 hale *a* slàn, fallain **h. and hearty**
 slàn fallain
 half *n* leth *m* **h. past one** leth-uair
 an dèidh uair **h. a pound** leth-
 phund **h. a dozen** leth-dusan
h.-bottle leth-bhotal *m* **h.-**
hearted meadh-bhlàth **h.-pint**
 leth-phinnt *m* **halfway** *a*, *adv*
 letheach-slighe **h.-wit** gloidhc *f*,
 lethchiallach *m* **six and a h.** sia
 gu leth
 halibut *n* lèabag/leòbag leathan(n)
f
 hall *n* talla *f* *m*; (*hallway*) trannta
 hallmark *n* comharra *m*
 hallow *v* coisrig, naomhaich
 Halloween *n* Oidhche Shamhna *f*
 hallucination *n* mearachadh *m*,
 breug-shealladh *m*
 halo *n* fàinne solais *f*; (*eg round*
moon) buaile *f*, roth *f*, riomball
m
 halt *n* stad *m* *v* stad
 halter *n* aghastar *m*
 halve *v* dèan dà leth air
 ham *n* hama *f*
 hamlet *n* clachan *m*
 hammer *n* òrd *m* *v* buail le òrd
 hamper *n* basgaid *f* **food h.**
 basgaid bìdh
 hamper *v* bac, cuir bacadh air
 hamster *n* hamstair *m*
 hamstring *n* fèith na h-ìosgaid *f*
 hand *n* làmh; (*large*) cròg *f* *m*
 handloom beart-làimhe *f* **the**
upper h. làmh-an-uachdair *f*
v sin (+ do)
 handbag *n* бага-àimhe *m*
 handcuff *n* glas-làmh *f* *v* cuir
 glas-làmh air
 handful *n* làn dùirn *m*; (*number*)
 dòrlach *m*
 handicap *n* bacadh *m*; (*phys*)
 ciorram *m*
 handicapped *a* ciorramach,
 ana-cothromach
 handicraft *n* ceàird *f*
 handiwork *n* obair-làimhe *f*

handkerchief *n* nèapraige *f*,
 nèapraigear *f*
 handle *n* (*of door etc*) làmh *f*; (*of*
impl) cas *f*; (*of cup, dish*) cluas
f *v* làimhsich
 handless *a* (*met*) cliobach
 handshake *n* crathadh-làimhe *m*
 handsome *a* eireachdail,
 maiseach, riochdail
 handwriting *n* làmh-sgrìobha(i)dh
m
 handy *a* deas, ullamh; (*good with*
hands) làmhchair(each);
 (*nearby*) deiseil, goirid
 hang *v* croch *h. on!* fuirich!, dèan
 air do shocair!
 hanging *n* crochadh *m*
 hangover *n* ceann-daoraich *m*,
 ceann goirt *m*
 hanker *v* miannaich
 haphazard *a* tuiteamach; (*untidy*)
 rù-rà
 happen *v* tachair
 happiness *n* sonas *m*, toileachas
m, àgh *m*
 happy *a* sona, toilichte, àghmhor
 harangue *n* òraid-ghearain *f*
 harass *v* sàraich, leamhaich
 harassed *a* sàraichte
 harassment *n* sàrachadh *m*
 sexual *h.* sàrachadh gnè *m*
 harbour *n* caladh *m*, port *m*
h.-master ceannard-
 calaidh/puirt *m* *v* thoir fasgadh
 do, ceil
 hard *a* cruaidh; (*of*
understanding) doirbh *adv*
 cruaidh, dian **h.-hearted**
 cruaidh-chridheach **h.-working**
 dicheallach
 harden *v* cruadhaich, fàs cruaidh
 hardly *adv* (bi) gann; cha mhòr
 gu(n) **there was h. any food left**
 is gann gun robh biadh air
 fhàgail **she could h. reach it** cha
 mhòr gun ruigeadh i air
 hardship *n* cruadal *m*, cruaidh-
 chas *m*, teinn *f*
 hardware *n* bathar cruaidh *m*
 hardy *a* cruaidh, calma
 hare *n* geàrr *f*, maigheach *f*
 harm *n* cron *m*, milleadh *m*, beud
m *v* mill, dèan cron/milleadh air

harmful *a* cronail, millteach
harmless *a* gun lochd,
 neo-lochdach, gun chron
harmonious *a* co-sheirmeach,
 co-chòrdach, leadarra
harmonize *v* cuir an co-
 chòrdachd, ceòl-rèim, dèan
 ceòl-rèimeadh
harmony *n* co-sheirm *f*, co-cheòl
m, ceòl-rèimeadh *m*
harness *n* acfhainn *f*, uidheam *f*
v beairtich; (*utilize*) dèan feum
 de
harp *n* clàrsach *f*
harper *n* clàrsair *m*
harpoon *n* mòr-ghath *m*
Harrisman *n* Hearach *m*
Harriswoman ban-Hearach *f*
Harris Tweed *n* an Clò Mòr/
 Hearach *m*
harrow *n* cliath *f* *v* cliath
harrowing *a* gaoirsinneach
harsh *a* garg, borb; (*sound*)
 neo-bhinn
harvest *n* buain *f*, foghar *m*
h. moon gealach an abachaidh *f*
haste *n* cabhag *f*
hasten *v* greas, dèan cabhag;
 (*trans*) cuir cabhag air
hasty *a* cabhagach, bras, cas
hat *n* ad(a) *f*
hatch *n* gur *m*; (*on ship*) haidse *f*
v guir; (*met*) tàrmaich
hatchet *n* làmhagh *f*, làmhag *f*,
 tuagh *f*
hate *n* fuath *m*, gràin *f*
v fuathaich, gràinich **she hated**
 them bha gràin aice orra
hatred *n* fuath *m*, gràin *f*
haughtiness *n* àrdan *m*, uabhar
m
haughty *a* àrdanach, uaibhreath
haul *n* tarraing *f* **a big h.** meall
 mòr *m* *v* tarraing, slaod
haulage *n* tarraing bathair *f*,
 gluasad bathair *m*
haunch *n* leis *f*, leth-deiridh *m*,
 ceathramh *m*
haunt *n* àite-tathaich *m*
v tathaich, tadhal
have *v* bi aig, seilbhich; (*take*)
 gabh; (*must*) feumaidh **do you**
h. money? *a* bheil airgead agad?

will you h. a drink? an gabh thu
 deoch? **you'll h. to call** feumaidh
 tu tadhal
haven *n* caladh *m*, acarsaid *f*
havoc *n* sgrios *m*, miast(r)adh *m*
hawk *n* seabhag *f* *m*
hawthorn *n* sgitheach *m*
hay *n* feur *m* **haystack** cruach-
 fheòir *f* **haycock** coc *f*
hazard *n* cunnart *m*, gàbhadh *m*
hazardous *a* cunnartach
haze *n* ceò *f* *m*, smùid *f*
hazel *n* calltainn *m* **hazelnut** cnò-
 challtainn *f* *a* (*colour*) buidhe-
 dhonn
hazy *a* ceòthach, sgleòthach,
 culmach
he *pron* e, (*emph*) esan
head *n* ceann *m*; (*person*)
 ceannard *m* *a* àrd-, prìomh
h. office prìomh oifis *f* *v* stiùir
h. for dèan air **headfirst** an
 comhair a c(h)inn etc **headlong**
 an comhair a c(h)inn etc; (*met*)
 (gu) bras **headstrong** fada na
 c(h)eann (fhèin) etc, ceann-
 làidir, ceannasach
headache *n* ceann goirt *m*
header *n* (football) buille-cinn *f*
heading *n* ceann *m*
headland *n* rubha *m*
headline *n* ceann-naidheachd *m*
headmaster *n* maigh(i)stir-sgoile
m, ceannard-sgoile *m*
headmistress *n* bana-
 mhaigh(i)stir-sgoile *f*, ceannard-
 sgoile *m*
headphone *n* fòn-cluaise *m*
headquarters *n* prìomh-oifis *f*
headsquare *n* beannag *f*
headteacher *a* ceannard-sgoile *m*
headway *n* adhartas *m*
heal *v* leighis, slànaich **Also**
intrans
health *n* slàinte *f* **h. board** bòrd
 slàinte *m* **h. centre** ionad slàinte
m
healthy *a* fallain, slàn
heap *n* tòrr *m*, càrn *m*, dùn *m*
v càrn, cruach
hear *v* cluin, èist
hearing *n* (faculty) claisneachd *f*;
 (listening) èisteachd *f* **h.-aid**

inneal claisneachd *m*
hearsay *n* fathann *m*, iomradh *m*
hearse *n* carbad-tiodhlacaidh *m*
heart *n* cridhe *m*; (*centre*)
 meadhan *m*; (*met*) spiorad *m*
h.-attack grèim-cridhe *m*
heartbreak bris(t)eadh-cridhe *m*
heartburn losgadh-bràghad *m*
heartfelt *a* dùrachdach, (bh)on
 chridhe, dha-riribh
hearten *v* misnich, cùm cridhe ri
hearth *n* cagailt *f*, teinntean *m*,
 leac an teinntin *f*
hearty *a* cridheil, sunndach
heat *n* teas *m* *v* teasaich
heated *a* teth, air a theasachadh
heater *n* teasadair *m*, uidheam
 teasachaidh *f*
heath *n* (topog) blàr-fraoich *m*;
 (bot) fraoch *m* **h. burning**
 falaig *f*
heathen *n* cinneach *m*, pàganach
m *a* pàganta
heather *n* fraoch *m*
heating *n* teasachadh *m*
heaven *n* nèamh *m*, flaitheanas *m*
the heavens na speuran *m* *pl*
 Good heavens! Gu sealladh
 orm!
heavenly *a* nèamhaidh
heavy *a* trom; (*of spirit*)
 airtnealach
Hebrew *n*, *a* Eabhra(idhea)ch *m*;
 (lang) Eabhra *f*
Hebridean *n*, *a* Innse-Gallach *m*
heckle *v* buair, piobraich
heckler *n* buaireadair *m*
hectare *n* heactair *m*
hectic *a* riaslach
hedge *n* callaid *f*
hedgheog *n* gràineag *f*
heed *n* feart *f*, aire *f* **pay no h. to**
 him! na toir feart air! *v* thoir
 feart/aire
heel *n* sàil *f*, bonn(-dubh) *m*
v cuir sàil air **h. (over)** rach air
 fiaradh
hefty *a* garbh, tapaidh
heifer *n* agh *f* *m*
height *n* àirde *f*; (*topog*) mullach
m, binnean *m*
heighten *v* àrdaich, tog suas
heinous *a* aingidh, gràineil

heir *n* oighre *m* **heiress** ban-
 oighre *f*
heirloom *n* seud *m*, ball-
 sinnsearachd *m*
helicopter *n* heileacoptair *m*
helium *n* hìlium *m*
hell *n* ifrinn *f*, iutharna *f*
hellish *a* ifrinneach, iutharnail,
 diabhlaidh
helm *n* falmadair *m*, stiùir *f*
helmsman stiùireadair *m*
helmet *n* clogad *f* *m*
help *n* cuideachadh *m*, cobhair *f*
helpline loidhne-taice *f*
v cuidich, thoir cobhair (do)
helper *n* neach-cuideachaidh *m*,
 cuidiche *m*
helpful *a* cuideachail
helpless *a* gun chuideachadh,
 gun taic
helter-skelter *n* giorna-gùirne *m*
go h. rach na ruith 's na leum
hem *n* fàitheam *m* *v* hem in crò,
 druid
hemisphere *n* leth-chruinne *m*
 (*f in gen sg*)
hemp *n* cainb *f*
hen *n* cearc *f* **hen-house** bothag-
 chearc *f*
hence *adv* (time) à seo suas;
 (place) às a seo; (*for that*
reason) air an adhbhar sin, mar
 sin
henceforth *adv* o seo a-mach
henpecked *a* fon spòig
heptagon *n* seachd-shliosach *m*,
 seachd-cheàrnach *m*
her *pron* i, (*emph*) ise *poss pron*
a, *a* h- (*before vowels*)
herald *n* teachdaire *m*, earraid *m*
heraldic *a* suaicheantach,
 earraideach
heraldry *n* earraideas *m*
herb *n* lus *m*, luibh *f* *m*
herbal *a* lusragach
herd *n* treud *m*, greigh *f*, buar *m*;
 (person) buachaille *m*
v buachaillich
herdsman *n* buachaille *m*
here *adv* an seo, seo
hereafter *adv* (bh)o seo a-mach,
 san àm ri teachd
hereby *adv* le seo, leis a seo

hereditary *a* dùth, dùthchasach
h. right coir oighre *f*
herein *adv* an seo
heresy *n* saobh-chreideamh *m*,
 eiriceachd *f*
heretic *n* saobh-chreidmheach *m*
heretical *a* saobh-chreidmheach
herewith *adv* seo, le seo, leis a
 seo
heritable *n* oighreachail
heritage *n* dualchas *m*,
 oighreachd *f*
hermit *n* aonaran *m*,
 dithreabhach *m*
hernia *n* mà-m-sic(e) *m*
hero *n* laoch *m*, gaisgeach *m*,
 curaidh *m* **heroine** bana-
 ghaisgeach *f*, ban-laoch *f*
heroic *a* gaisgeil
heroin *n* hearoin *m*
heroism *n* gaisgeachd *f*
heron *n* corra-ghrithreach *f*
herring *n* sgadan *m*
herself *pron* ise, i fhèin
hesitate *v* stad; (*mental*) bi
 teagmhach
hesitation *n* stad *f*; (*mental*)
 teagamh *m*
heterogeneous *a* iol-ghnèitheach,
 ioma-sheòrsach
hew *v* gearr, snaigh
hexagon *n* sia-shliosach *m*,
 sia-cheàrnach *m*
hexameter *n* sia-chasach *m*,
 meadrachd shia-chasach *f*
hey! *interj* hoigh!
heyday *n* treise *f* in his/her *h.* an
 trèine a neart
hiatus *n* beàrn *f*, bris(t)eadh *m*
hibernation *n* cadal
 a' gheamhraidh *m*
hiccup *n* (an) aileag *f*
hidden *a* falaichte, am falach
hide *n* seiche *f*, bian *m*; (*place*)
 àite-falaich *m* *v* cuir am falach,
 falaich, ceil, cleith; (*intrans*)
 rach am falach
hide-and-peek *n* falach-fead *m*
hideous *a* oilleil, gràineil
hiding *n* falach *m*; (*beating*)
 liodraigeadh *m*, loineadh *m*
in h. am falach **h.-place** àite-
 falaich *m*

hierarchy *n* rangachd *f*, siostam
 rangachaidh *m*; (*ecccl*) riaghladh
 eaglais *m* **the h.** na
 h-urracha mòra *pl*
higgledy-piggledy *adv* dromach-
 air-thearrach, triomach-air-
 thearrach, rù-rà
high *a* àrd **h. and dry** tioram
 tràighte **h. court** àrd-chùirt *f*
h. jump leum-àrd *f* **h. tide**
 làn-àrd/mòr *m* **at h. tide** aig
 muir-làn **h.-powered** mòr-
 chumhachdach **h. priest** àrd-
 shagart **h. h.-profile** follaiseach
h. school àrd-sgoil *f* **h.-spirited**
 aigeannach, sùrdail **h. spirits**
 àrd-aighe *f*, sùrd *m* **h. water**
 muir-làn *f* *m*
Higher *n* (*exam*) Àrd Ìre *f*
Highland *a* Gàidhealach **the H.**
 Council Comhairle na
 Gàidhealtachd *f*
Highlander *n* Gàidheal *m*,
 (*female*) ban-Ghàidheal *f*
Highlands, the *n*
 a' Ghàidhealtachd *f* **H. and**
Islands Enterprise Iomairt na
 Gàidhealtachd is nan Eilean *f*
highlight *v* cuir/leig cudrom air,
 soillsich
highway *n* rathad-mòr *m*
hilarity *n* àbhachd *f*, àbhachdas *m*
hill *n* cnoc *m*
hillock *n* cnocan *m*, tulach *m*
hillside *n* taobh cnuic *m*, slios
 beinne *m*, leiridh *f*, leacann *f*
hilly *a* cnocach, monadail
him *pron* e, (*emph*) ean
himself *pron* e fhèin
hind *n* eilidh *f*
hinder *v* cuir bacadh air, bac
Hindi *n* (*lang*) Hindidh *f*
hindrance *n* bacadh *m*
Hindu *n*, a Hindeach *m*, (*female*)
 ban-Hindeach *f*
hinge *n* bann *m*, lùdag *f*
hint *n* sanas *m*, leth-fhacal *m*,
 oidheam *m* *v* thoir sanas, thoir
 tuairmeas
hip *n* cruachan(n) *f* *m*
hippopotamus *n* each-aibhne *m*
hippy *n* hipidh *m*
hire *n* fastadh *m* *v* fastaidh,

tuarastalaich **hire-purchase**
 ceannach-iasaid *m*, ceannach
 air dhàil *m*
hirsute *a* molach
his *poss pron* a (+ *len*)
Hispanic *a* Spàinn(t)each
hiss(ing) *n* siosarnaich *f*
historian *n* eachdraiche *m*, neach-
 eachdraidh *m*
historical *a* eachdraidheil
history *n* eachdraidh *f*
hit *n* buille *f*; (*on target*) bualadh
m *v* buail
hitch *n* (*snag*) amaladh *m*,
 tuisleadh *m* *v* ceangail **h.-hike**
 sir lioft **h. up** slaod suas
hither *adv* an seo **h. and thither**
 an siud 's an seo, a-null 's a-nall
hitherto *adv* gu ruige seo,
 fhathast
hive *n* sgeap *f*, beachlann *f*
hoard *n* tsagaidh *f*; (*treasure*)
 ulaidh *f* *v* taisg, glèidh
hoar-frost *n* liath-reothadh *m*
hoarse *a* tùchanach **he was h.**
 bha an tùchadh air
hoarseness *n* tùchadh *m*
hoary *a* liath
hoax *n* cleas-meallaidh *m*
hobble *v* cuagail
hobby *n* cur-seachad *m*
hockey *n* hocaidh *m*
hoe *n* todha *m*, sgrioban *m*
v todhaig
Hogmanay *n* a' Challainn *f*,
 Oidhche Challainn *f*,
 a' Chullaig *f*
hoist *v* tog suas
hold *n* grèim *m*; (*of ship*) toll *m*
v cùm, cùm grèim air **h. back**
 cùm air ais **h. on** (*wait*) fuirich
 tiotan
hole *n* toll *m* *v* toll, tollaich
holiday *n* latha-saor *m*, saor-latha
m, latha-fèille *m*
holiness *n* naomhachd *f*
hollow *n* lag *f* *m*, còs *m*
a falamh, fàs; (*met*) gun bhrìgh
holly *n* cuileann *m*
holy *a* naomh, coisrigte
homage *n* ùmhlachd *f*
home *n* dachaigh *f* **h.-help**
 cuidiche-taighe *m* *adv*

dhachaigh
home economics *n* eaconamas
 dachaigh *m*
homeless *a* gun dachaigh *n*
 daoine gun dachaigh *m* *pl*
home rule *n* fèin-riaghladh *m*
homesick *a* leis a' chianalas **she**
 was h. bha an cianalas oirre
homesickness *n* cianalas *m*
homespun *a* gun leòm
homicide *n* murt *m*
homogeneous *a* aon-ghnèitheach,
 aon-sheòrsach
homosexual *n*, *a* co-ghnèitheach
m, co-sheòrsach *m*
homosexuality *n* fearas-feise *f*
hone *v* faobhraich
honest *a* onarach,
 treibhdhireach, ionraic
honesty *n* onair *f*, treibhdhreas
m, ionracas *m*
honey *n* mil *f* **honeycomb** cìr-
 mheala *f*
honeymoon *n* mìos nam pòg *f* **h.**
 period àm nam pòg *m*
honeysuckle *n* iadh-shlat *f*
honorary *a* urramach
honour *n* onair *f*, urram *m*
v onarach, cuir urram air;
 (*fulfil*) coilean
honourable *a* onarach, urramach
hoodie-crow *n* feannag *f*
hoodwink *v* meall, thoir an car às
hoof *n* ladhar *m*, crubh *m*
hook *n* dubhan *m*, cromag *f*
v glac le/air dubhan
hooligan *n* miastair *m*, ùpraidiche
m
hooliganism *n* miast(r)adh *m*
hoop *n* cearcall *m*
hoot *v* goir, glaoth; (*vehicle*)
 seinn dùdach
hoover *n* sguabadair *m*
hop *n* sinteag *f* *v* gearr sinteag,
 falbh air leth-chois
hop(s) *n* lus an leanna *m*
hope *n* dòchas *m* *v* bi an dòchas
 I h. tha dòchas agam
hopeful *a* dòchasach
hopeless *a* eu-dòchasach, gun
 dòchas
horde *n* dròbh *m*, greigh dhaoine
f

horizon *n* faire *f*, am bun-sgòth *m*
on the h. air faire
horizontal *a* còmharnad
hormone *n* hòrmon *m*, brodag *f*
horn *n* adharc *f*, cabar *m*;
(drinking, mus) còrn *m*; *(car)*
 dùdach *m*
hornet *n* connspeach *f*
horoscope *n* reul-fhrith *f*
horrible *a* sgreamhail, oillteil
horrid *a* sgreataidh
horror *n* uamhann *m*, oillt *f*,
 cùis-uabhais *f*
horse *n* each *m* **h. racing**
 rèiseadh-each *m* **horseshoe**
 crudha (eich) *m* **on horseback**
 air muin eich
horse-fly *n* creithleag *f*
horseman *n* marcaiche *m*
horsemanship *n* marcachd *f*
horse-radish *n* meacan ruadh *m*,
 racadal *m*
horticulture *n* gàrradaireachd *f*,
 tuathanas gàrraidh *m*
hose *n* (stocking) osan *m*,
 stocainn *f*; *(for water)* piob-
 uisge *f*
hospitable *a* aoigheil, fialaidh
hospital *n* ospadal *m*, taigh-
 eiridinn *m*
hospitality *n* aoigheachd *f*, fàilte
 's furan
host *n* fear-an-taighe *m*, neach-
 aoigheachd *m*; *(of people)*
 sluagh *m*
hostage *n* bràigh *f* *m*, giall *m*,
 neach am bruid *m*
hostel *n* ostail *f*
hostess *n* bean-an-taighe *f*
hostile *a* nàimhdeil
hostility *n* nàimhdeas *m*
hot *a* teth **hot-water bottle** *n*
 botal-teth *m*
hotch-potch *n* brochan *m*,
 butarrais *f*
hotel *n* taigh-òsta *m*
hotelier *n* òstair *m*
hound *n* gadhar *m*, cù-seilge *m*
hour *n* uair *f*
hourly *adv* gach uair, san uair
house *n* taigh *m* **H. of Commons**
 Taigh nan Cumantan **H. of**
 Lords Taigh nam Morairean

v thoir/faigh taigh do
housekeeping banas-taighe *f*
housewife bean-taighe *f*
housework obair-taighe *f*
household *n* teaghlach *m*
householder *n* ceann-taighe *m*
housing *n* taigheadas *m* **h.**
 scheme sgeama-thaighean *f*
hovel *n* bruchlag *f*, bothan *m*
hovercraft *n* bàta-foluaimin *m*
how *adv*, *int* part ciamar, cionnas
(before a or adv) **how are you?**
 ciamar a tha thu? dè (cho), cia
how old is she? dè an aois a tha
 i? **how often?** dè cho tric? **how**
many are there? cia mhead a
 th' ann?
however *adv* ge-ta, gidheadh;
 co-dhiù
howl *n* donnal *m*, ulfhart *m*
v dèan donnalaich/ulfhart
hubbub *n* othail *f*, coileid *f*
huddle *v* crùb còmhla
hue *n* dath *m*, tuar *m*, snuadh *m*
hue and cry othail is èigheach
huff *n* stuirt *f* **in the h.** ann an stuirt
hug *v* glac teann thugad
huge *a* ana-mhòr
hulk *n* (naut) bodhaig luinge *f*;
 (person) sgonn mòr (duine) *m*,
 liodar *m*
hull *n* slige soithich *f*
hum *n* srann *f*, crònan *m* *v* dèan
 tormàn/crònan
human *a* daonna **h. rights**
 còraichean daonna *f* *pl*
humane *a* caomh, truacanta,
 daonnadach
humanism *n* daonnachas *f*
humanist *n* daonnaire *m*
humanity *n* daonnachd *f*, nàdar
 a' chinne-daonna *m*
humble *a* iriosal *v* (oneself)
 irioslaich, ùmhlaich; (subdue)
 thoir fo smachd
humbug *n* amaideas *m*; (person)
 buamastair *m*
humid *a* bruthainneach, tais
humidity *n* bruthainneachd *f*,
 taiseachd *f*
humiliate *v* tàmailtich, nàraich
humiliating *a* tàmailteach
humiliation *n* irioslachadh *m*,

ùmhlachadh *m*
humility *n* irioslachd *f*
humorous *a* ait, àbhachdach,
 èibhinn
humour *n* àbhachdas *m*; (mood)
 sunnd *m*, càil *f* **in good h.** an
 deagh thriom/shunnd to **h.**
 someone airson neach a
 thoileachadh
hump *n* croit *f* **humped** *a*
 crotach
hunch *n* giùig *f*, meall *m*; (idea)
 beachd *m*
hundred *n*, a ceud *m*
hundredth *a* ceudamh
Hungarian *n*, a Ungaireach *m*,
 (female) ban-Ungaireach *f*
hunger *n* acras *m* **h.-strike** *n*
 stailc acrais *f*, diùltadh-bidh *m*
hungry *a* acrach
hunt *n* sealg *f* *v* sealg
hunter *n* sealgair *m*
hunting *n* sealg *f*, sealgaireachd *f*
hurdle *n* cliath *f*
hurl *v* tilg
hurley/hurling *n* iomain
 Èireannach *f*
hurly-burly *n* uirle-thruis *f*
hurricane *n* doineann *f*
hurried *a* cabhagach
hurry *n* cabhag *f* **they were in a h.**
 bha cabhag orra *v* cuir cabhag
 air, luathaich; (intrans) dèan
 cabhag, greas (ort/air/oirre etc)
hurt *n* goirteachadh *m*, leòn *m*
v goirtich, leòn
hurtful *a* goirt, cronail
husband *n* fear-pòsta *m*, cèile *m*
husbandry *n* àiteachas *m*
hush *v* sàmhach, tostaich interj
 ist!
husk *n* cochall *m*, plaosg *m*
husky *a* plaosgach; (voice)
 tùchanach
hustle *n* drip *f* *v* cuir cabhag air,
 spursaig
hut *n* bothan *m*
hutch *n* bothag coineanaich *f*
hydrant *n* tobar-sràide *f* *m*
hydro-electric *a* dealan-uisgeach
hydro-electricity *n* dealan-uisge *m*
hydrogen *n* hàidridean *m*
hyena *n* hièna *m*

hygiene *n* slàinteachas *m*
hygienic *a* slàinteachail
hymn *n* laoidh *f* *m*, dàn
 spioradail *m* **hymnbook**
 laoidheadair *m*
hype *n* haidhp *f*
hyperbole *n* spleadhachas *m*,
 àibheiseachadh *m*
hypercritical *a* trom-bhreitheach
hyphen *n* sgrìob-cheangail *f*,
 tathan *m*
hypnosis *n* suainealas *m*
hypnotic *a* suainealach
hypnotism *n* suainealachadh *m*
hypnotist *n* suainealaiche *m*
hypochondriac *a* leann-dubhach
hypocrisy *n* breug-chràbhachd *m*,
 cealg *f*, gò *m*
hypocrite *n* breug-chràbhaiche *m*,
 cealgair(e) *m*
hypocritical *a* breug-chràbhach,
 dà-aodannach, cealgach
hypothesis *n* beachd-bharail *f*
hypothetical *a* baralach
hysterical *a* r(e)achdail
hysterics *n* r(e)achd *f*

I *pron* mi, (emph) mise
ice *n* deigh *f*, eigh *f*, eighre *f* **the**
Ice Age Linn na Deighe *f*
iceberg beinn-deighe *f*, cnoc-
 eighre *m* **ice-cream** reòiteag *f*
ice-rink rinc-deighe *f* **ice-skating**
 spèileadh-deighe *m*
Icelander *n* Innis-Tileach *m*,
 (female) ban Innis-Tileach *f*
Icelandic *a* Innis-Tileach
icicle *n* caisean-reòthta *m*, stob
 reòthta *f*
icing *n* còmhach-siùcair *m*
icon *n* ìomhaigh *f*
icy *a* reòthte, deighe
idea *n* smaoinas *m*, smaoin *f*,
 smuain *f* **I've no i.** chan eil
 càil/sion a dh'fhios agam!
ideal *a* taghta, sàr, barrail, sàr-
 inbheach
identical *a* ionann, co-ionann,
 ceudna
identification *n* aithneachadh *m*,
 dearbhadh-ionannachd *m*

identify *v* comharraich, dearbh-aithnich
identity *n* dearbh-aithne *f*, ionannachd *f* **i. card** cairt-aithneachaidh *f*
ideology *n* smaoineasachd *f*, creud *f*
idiom *n* gnàthas-cainnt *m*
idiosyncrasy *n* nòsarachd *f*
idiosyncratic *a* nòsarach
idiot *n* amadan *m*, gloidhc *f*
idiotic *a* amaideach
idle *a* diomhain; (*lazy*) leisg; (*at rest*) na t(h)àmh *etc*; (*thought*) faoin
idol *n* iodhal *m*, ìomhaigh *f*
idolize *v* dèan iodhal de, bi ag adhradh do
idyllic *a* eireachdail
if *conj* ma, nan, nam; (*if not*) mur(a); (*whether*) a/an/am **if they come** ma thig iad **if she does not come** mur(a) tig i **if you had come earlier** nan robh sibh air tighinn na bu tràithe **ask him if he is playing** faighnich dha/dheth a bheil e a' cluich
igloo *n* taigh-sneachda *m*
ignite *v* cuir teine ri, las
ignition *n* lasadh *m*, losgadh *m*; (*car*) adhnadh *m*
ignoble *a* suarach, neo-uasal
ignorance *n* aineolas *m*
ignorant *a* aineolach
ignore *v* leig seachad
ill *a* tinn, bochd, meadhanach; (*bad*) olc, dona **ill-informed** aineolach, beag-fios **ill-natured** droch-nàdarrach **ill-health** euslaint *f* **ill-treatment** droch làimhseachadh *m*
illegal *a* mì-laghail
illegible *a* do-leughadh, nach gabh leughadh
illegitimate *a* neo-dhligheil; (*person*) dìolain
illiberal *a* (*mean*) neo-fhialaidh; (*met*) cumhang
illicit *a* neo-cheadaichte, mì-laghail
illiterate *a* neo-litearra
illness *n* tinneas *m*, euslaint *f*

illogical *a* mì-sheaghach
illuminate *v* soilleirich
illumine *v* soillsich, soilleirich
illusion *n* mealladh *m*, mearachadh *m*
illustrate *v* dealbhaich; (*show*) seall, nochd
illustrated *a* dealbhaichte
illustration *n* dealbh *f* *m*; (*example*) eisimpleir *f*
illustrator *n* dealbhadair *m*
illustrious *a* cliùiteach, òirdheirc
image *n* ìomhaigh *f*; (*liter only*) samhla *m*
imagery *n* ìomhaigheachd *f*
imaginary *a* mac-meanmnach, ìomhaigheach
imagination *n* mac-meanmna *m*, mac-meanmainn *m*
imaginative *a* mac-meanmnach
imagine *v* smaoinich, smuainich (*air*); (*wrongly*) gabh na c(h)eann *etc*
imbecile *n* lethchiallach *m*
imbibe *v* òl, deothail
imbue *v* lion
imitate *v* (*mimic*) dèan atharrais *air*; (*follow*) lean (eisimpleir, dòigh *etc*)
imitation *n* atharrais *f*, breug-shamhail *m*; (*copying*) leantainn *f* *m*
immaculate *a* gun smal, fìorghlan
immaterial *a* coma **it is i. chan eil e gu diofar**; (*without matter*) neo-nitheach
immature *a* an-abaich; (*person*) leanabail
immaturity *n* an-abaichead *m*; (*person*) leanabalachd *f*
immediate *a* grad, ealamh
immediately *adv* gun dàil, anns a' bhad, air ball
immense *a* àibheiseach, ana-mhòr
immerse *v* cuir am bogadh, tùm, bog
immersion *n* tumadh *m*, bogadh *m*, cur am bogadh *m* **i. course** cùrsa bogaidh *m*
immigrant *n* in-imrich *m*
immigration *n* in-imriche *f*, imrich a-steach *f*

imminent *a* gus teachd, an impis (+ *vm*)
immobile *a* neo-ghluasadach
immodest *a* mì-nàrach, mì-bheusach
immoral *a* mì-mhoralta
immorality *n* mì-mhoraltachd *f*
immortal *a* neo-bhàsmhor
immovable *a* neo-ghluasadach, nach gabh gluasad
immune *a* saor (bh)o, air a d(h)ion (bh)o *etc*
immunisation *n* banachdach *f*
immunity *n* (*med*) dìonachd *f*, dìon *m*; (*leg*) saorsa *f*
immunize *v* dìon (bh)o ghalar, cuir a' bhanachdach air
imp *n* peasan *m*, deamhain *m*, spealg (dhen donas) *f*
impact *n* buaidh *f* **v i. on** thoir buaidh air
impair *v* mill, lùghdaich
impart *v* compàirtich
impartial *a* ceart-bhreitheach, cothromach, gun leth-bhreith
impasse *n* staing *f*
impassioned *a* lasanta, dùrachdach
impassive *a* do-fhaireachadh, socair, a' cleith faireachdainn
impatience *n* mì-fhoighidinn *f*, cion na foighidinn *m*
impatient *a* mì-fhoighidneach
impeach *v* casaidich (às leth na Stàite)
impeccable *a* gun smal, gun mheang, foirfe
impede *v* bac, cuir maill air
impediment *n* bacadh *m*, cnap-starra *m*
impenetrable *a* do-inntrig; (*met*) do-thuigsinn
imperative *n* (*command*) cruaidh-òrdugh *m*; (*urgency*) deatamas *m* **the i. mood** am modh àithneach *f* *a* (*urgent*) deatamach; (*gram*) àithneach
imperfect *a* neo-choileanta, easbhaidheach
imperial *a* ìmpireil
impersonal *a* neo-phearsanta
impersonate *v* gabh riochd (cuideigin)

impertinent *a* mì-mhodhail, beadaidh, bleideil
imperturbable *a* ciùin, somalta, sona
impetuous *a* bras, cas
impetus *n* gluasad *m*, sitheadh *m*
impinge *v* buail (air), suath (ri)
implacable *a* do-rèiteachail, neo-thruacanta
implant *v* suidhich, cuir a-steach
implausible *a* mì-choltach
implement *n* inneal *m*, uidheam *f*
implement *v* thoir gu buil, cuir an sàs
implicate *v* cuir an lùib
implication *n* (*impact*) buaidh *f* *m*, buil *f*
implicit *a* fillte, a' gabhail a-steach
implied *a* fillte, air a ghabhail a-steach, ri thuigsinn
implore *v* guidh, aslaich
imply *v* ciallaich, gabh a-steach
impolite *a* mì-mhodhail
import *n* brìgh *f*, ciall *f*; (*imports*) bathar a-steach *m*, in-mhalairt *f* *v* thoir a-steach bathar
importance *n* cudrom/cuideam *m*
important *a* cudromach, brìoghmhor
impose *v* cuir air, leag air, spàrr air
imposition *n* leagail *f*, sparradh *m*
impossible *a* do-dhèanta, eu-comasach
impostor *n* mealltair *m*
impotence *n* eu-comas *m*
impotent *a* eu-comasach
impound *v* punnd
impoverish *v* dèan/fàg bochd
impractical *a* nach obraich; (*person*) mì-dhòigheil
impress *v* (*someone*) fàg làrach air, coisinn deagh bheachd, drùidh air
impression *n* (*view*) beachd *m*; (*mark*) làrach *f* *m*; (*book*) deargadh *m*
impressive *a* ri m(h)oladh *etc*, drùidhteach
imprison *v* cuir dhan phrìosan
improbable *a* mì-choltach
impromptu *a* gun ullachadh, an làrach nam bonn

improper *a* mì-iomchaidh
improve *v* leasaich, cuir am feabhas; (*intrans*) tog air/oirre etc, thig air adhart, rach am feabhas
improvement *n* leasachadh *m*, feabhas *m*, piseach *f*
improvise *v* dèan gun ullachadh
impudence *n* beadaidheachd *f*, ladarnas *m*
impudent *a* beadaidh, ladarna
impulse *n* spreigeadh *m*, togradh *m*
impulsive *a* spreigearra, bras
impurity *n* neòghlainne *f*, truaillleadh *m*
impute *v* cuir às leth
in *prep* ann, an, am, ann an/am/a
in the anns an/a'/na, sa *adv* (*inside*) a-staigh; (*at home*) a-staigh, aig an taigh; (*motion*) a-steach
inability *n* neo-chomas *m*, dith comais *f m*
inaccessible *a* do-ruigsinn, do-ruighinn
inaccurate *a* mearachdach
inactive *a* neo-ghnìomhach, na t(h)àmh etc
inadequate *a* easbhaidheach
inadvertently *adv* gun fhiosta
inane *a* faoin
inanimate *a* marbh, gun bheatha
inappropriate *a* mì-choltach, mì-fhreagarrach, neo-iomchaidh
inarticulate *a* mabach, gagach
inattention *n* cion aire *m*, neo-aire *f*
inattentive *a* neo-aireil, cion-aireachail
inaudible *a* nach gabh cluinntinn
inaugurate *v* tòisich; (*with ceremony*) coisrig
inauspicious *a* bagarrach
inbred *a* eadar-ghint; (*ingrained*) nàdarra, dualchasach
incalculable *a* do-àireamh, thar tomhais
incapable *a* neo-chomasach
incapacity *n* neo-chomas *m*
incendiary *a* loisgeach
incense *n* tùis *f*
incense *v* cuir an cuthach/fhearg air

incentive *n* brosnachadh *m*
inception *n* tùs *m*, toiseach *m*
incessant *a* sìor, daonnan, gun sgur/stad
incessantly *adv* gun sgur/stad
incest *n* col *m*
inch *n* òirleach *f*; (*island*) innis *f*
incident *n* tachartas *m*
incinerate *v* dubh-loisg
incision *n* gearradh *m*
incisive *a* geur, geurhuiseach
incite *v* broснаich, gluais, spreig
incitement *n* brosnachadh *m*, piobrachadh *m*
incivility *n* mì-shìobhaltachd *f*, mì-mhodhalachd *f*
inclement *a* an-ìochdmhor; (*weather*) mosach
inclination *n* (*tendency*) aomadh *m*, claonadh *m*; (*desire*) iarraidh *m*, togradh *m*, deòin *f*
incline *n* leathad *m* *v* aom, claon; (*desire*) togair
inclined (to) *a* buailteach
include *v* gabh/thoir a-steach
inclusion *n* gabhail a-steach *m*, in-ghabhail *m* **social i.** in-ghabhail sòisealta
inclusive *a* a ghabhas a-steach, in-ghabhach
incoherent *a* neo-leanailteach, sgaoilte, mabach
income *n* teachd-a-steach *m*
i. support taic teachd-a-steach *f*
i. tax cis cosnadh *f*
incomparable *a* gun choimeas
incompatible *a* nach freagair, nach tig air a chèile
incompetence *n* neo-chomasachd *f*
incompetent *a* neo-chomasach
incomplete *a* neo-choileanta, neo-iomlan
incomprehensible *a* do-thuigsinn
inconceivable *a* do-smaoineachaidh, thar tuigse
inconclusive *a* neo-chinnteach, neo-dhearbhte
incongruous *a* mì-fhreagarrach, mì-choltach
inconsiderate *a* beag-diù, neo-shuimeil, neo-mhothachail
inconsistency *n* neo-

chunbhalachd *f*
inconsistent *a* neo-chunbhalach
inconsolable *a* nach gabh cofhurtachadh
incontinent *a* (*phys*) neo-dhionach
inconvenience *n* neo-ghoireasachd *f*
inconvenient *a* mì-ghoireasach
incorporate *v* co-cheangail, gabh a-steach
incorporation *n* co-cheangal *m*, gabhail a-steach *m*
incorrect *a* mearachdach, ceàrr
incorrigible *a* thar leasachaidh
incorruptible *a* neo-thruaillidh, do-choirbte, nach gabh coirbeadh/truaillleadh
increase *n* meudachadh *m*, cinntinn *m* *v* meudaich, cuir am meud; (*intrans*) fas lionmhor, rach am meud
incredible *a* do-chreidsinn(each)
incredulity *n* cion creidsinn *m*
increment *n* leasachadh *m*, meudachadh *m*
incremental *a* beag air bheag, mean air mhean
incriminate *v* cuir ciont(a) air
incubate *v* guir
incubation *n* gur *m*
incumbent (on) *a* mar fhiachaibh (air)
incur *v* tarraing (air/oirre fhèin etc), bi buailteach do
incurable *a* do-leigheas, thar leigheas, nach gabh leigheas
indebted *a* an comain (+ *gen*), fo fhiachan (do)
indecenty *n* mì-chuibheasachd *f*, mì-bheus *m*, drabastachd *f*
indecent *a* mì-chuibheasach, mì-bheusach, drabasta
indecision *n* neo-dheimhinnteachd *f*
indecisive *a* neo-dheimhinnte, eadar dà bheachd
indeed *adv* gu dearbh(a), gu deimhinne
indefensible *a* neo-leisgeulach, nach gabh dìon
indefinite *a* neo-shònraichte, neo-chinnteach

indelible *a* nach gabh dubhadh/suathadh às
indelicat *a* neo-ghrinn, neo-cheanalta
indented *a* eagach, gròbach
independence *n* neo-eisimeileachd *f*; (*polit*) saorsa *f*
independent *n* neo-eisimeileach *m* *a* neo-eisimeileach; (*polit*) saor
indescribable *a* do-aithris *it's i.* cha ghabh eachdraidh/luaidh dèanamh air
indestructible *a* nach gabh sgrios
indeterminate *a* neo-chinnteach, gun sònrachadh
index *n* clàr-amais *m i.* **finger** sgealbag/calgag *f i.* **card** cairt-comharraichaidh *f*
Indian *n*, *a* Innseanach *m*, (*female*) ban-Innseanach *f*
indicate *v* comharraich, taisbean
indication *n* comharra *m* **there is every i. that ...** tha a h-uile coltas gu ...
indicator *n* taisbeanair *m*
indict *v* cuir às leth, tog casaid an aghaidh (+ *gen*)
indifference *n* neo-shùim *f*, cion-diù *m*
indifferent *a* coma, neo-shuimeil, coingeis
indigenous *a* dùthchasach
indigent *a* ainniseach
indigestion *n* cion-cnàmh *m*, dith-cnàmhaidh *f*
indignant *a* diombach, feargach
indignation *n* diomb *f m*, corraich *f*
indignity *n* tàmailt *f*
indigo *n* guirmean *m*
indirect *a* neo-dhireach, fiar
indiscipline *n* cion smachd *m*, mì-rian *m*
indiscreet *a* neo-chrìonna, mì-chùramach
indiscretion *n* neo-chrìonnachd *f*
indiscriminate *a* (*random*) neo-chuimsichte; (*jumbled*) am measg a chèile
indispensable *a* riatanach, neo-sheachanta
indisposed *a* tinn, bochd

indistinct *a* neo-shoilleir
indistinguishable *a* nach gabh aithneachadh/dealachadh (bh)o chèile; (*vision*) doilleir
individual *n* urra *f*, neach (air leth) *m*, pearsa *m* *a* fa leth, air leth, pearsanta
individually *adv* air leth, fa leth
indolent *a* leisg, diomhain
indomitable *a* do-chlaoidhte
indoor(s) *a*, *adv* a-staigh
induce *v* adhbhraich, thoir air; (*birth*) thoir air adhart
inducement *n* brosnachadh *m*
induct *v* (*educ*) oidich; (*eccl*) pòs (ri coitheanal)
induction *n* (*educ*) oideachadh *m*, inntrigeadh *m*; (*eccl*) pòsadh *m*
indulge *v* leig le, toilich
indulgence *n* gèilleadh *m*, toileachadh *m*; (*favour*) cead *m* i. in tromachadh air
industrial *a* tionnsgalach, gnìomhachasach i. **estate** raon gnìomhachais *m*
industrialist *n* tionnsgalaiche *m*, neach-gnìomhachais *m*
industrious *a* dèanadach, gnìomhach
industry *n* gnìomhachas *m*, tionnsgal *f*; (*effort*) saothair *f*
inebriated *a* air mhisg, fo/air dhaorach
inedible *a* nach gabh ithe
ineffective *a* neo-èifeachdach, neo-bhuadhach
ineffectual *a* neo-tharbhach
inefficiency *n* neo-èifeachdas *m*
inefficient *a* neo-èifeachdach/tharbhach
inelegant *a* mì-loinneil
ineligible *a* neo-cheadaichte, neo-ìomchaidh
inept *a* leibideach
inequality *n* neo-ionannachd *f*
inequitable *a* mì-cheart, mì-chothromach
inert *a* na t(h)àmh *etc*, marbhanta
inertia *n* tàmhachd *f*; (*in person*) leisg(e) *f*
inestimable *a* os cionn luach, nach gabh a luach

inevitable *a* do-sheachanta
inexcusable *a* neo-leisgeulach
inexpensive *a* saor
inexperience *n* cion eòlais *m*
inexperienced *a* neo-eòlach, gun eòlas, neo-chleachdte
inexplicable *a* do-thuigsinn, nach gabh tuigsinn
infallible *a* neo-mhearachdach
infamous *a* maslach, mì-chliùiteach
infamy *n* masladh *m*, mì-chliù *m*
infant *n* naoidhean *m*, pàiste beag *m*, leanaban *m*
infantry *n* coisridh *f*, saighdearan-coise *m pl*
infatuation *n* dalladh *m*, cur fo gheasaibh *m* **he had an i. for her** bha e air a dhalladh leatha
infect *v* cuir galar/tinneas air, truaill
infection *n* galar-ghabhail *m*
infectious *a* gabhaltach i. **disease** tinneas gabhaltach *m*
infer *v* co-dhùin
inference *n* co-dhùnadh *m*
inferior *a* nas miosa; (*in quality*) bochd, truagh; (*in status*) ìochdarach
infertile *a* neo-thorrach, aimrid
infidel *n* ana-creidmheach *m*
infidelity *n* neo-dhìlseachd *f*
infiltrate *v* eàlaidh (a-steach)
infinite *a* neo-chrìochnach, suthainn
infinity *n* neo-chrìochnachd *f*
infinitive *n* neo-fhinideach *m* the i. mood am modh neo-fhinideach *f m*
infirm *a* anfhann
infirmity *n* taigh-eiridinn *m*
infirmity *n* laige *f*, anfhannachd *f*, brèidteachd *f*
inflamm *v* (*met*) fadaidh, cuir suidse ri; (*lit*) cuir teine ri
inflammable *a* lasarra, lasanta
inflammation *n* (*med*) at *m*, teas-at *m*, aintea *m*; (*lit*) lasadh *m*
inflammatory *a* (*met*) buaireasach; (*med*) le at; (*lit*) loisgeach
inflate *v* seid (suas), cuir gaoth an; (*intrans*) at

inflated *a* air at
inflation *n* sèideadh *m*; (*fin*) atmhorachd *f*
inflexible *a* rag, neo-lùbach
inflict *v* leag ... air
influence *n* buaidh *f* **under the i. of alcohol** fo bhuaidh na dibhe, fon mhisg *v* thoir buaidh air, buadhaich air
influential *a* buadhach, aig a bheil buaidh
influenza *n* an cnatan mòr *m*
influx *n* sruth (a-steach) *m*
inform *v* innis (do), thoir brath (do), cuir/leig/thoir fios (gu/do)
informal *a* neo-fhoirmeil
information *n* fiosrachadh *m*, brath *m* i. **centre** ionad fiosrachaidh *m* i. **and communications technology (ICT)** teicneòlas fiosrachaidh agus conaltraidh (TFC) *m*
informed *a* fiosrach, fiosraichte
informer *n* neach-brathaidh *m*, brathadair *m*
infrastructure *n* bun-structair/eagar *m*
infrequent *a* ainneamh
infringe *v* bris(t) a-steach air
infringement *n* bris(t)eadh a-steach *m*
infuriate *v* cuir air bhoil(e), cuir corraich/cuthach air
infuse *v* lion (le), cuir ... air feadh
ingenious *a* innleachdach, tèoma
ingenuity *n* innleachd *f*, tèomachd *f*
ingrained *a* fuaighte
ingratiat *v* lorg fàbhar
ingredient *n* tàthchuid *f*
inhabit *v* àitich, tuinich, tàmh (an)
inhabitant *n* neach-àiteachaidh *m pl* luchd-àiteachaidh, muinntir (an àite) *f*
inhale *v* tarraing anail, gabh a-steach leis an anail
inherent *a* dualach, in-ghnèitheach
inherit *v* sealbhaich/faigh mar oighreachd
inheritance *n* oighreachd *f*, sealbh

m; (*cult*) dualchas *m*
inhibit *v* caisg, cùm air ais, cuir stad air
inhibition *n* casg *m*, bacadh *m*, cuing (san nàdar) *f* **she had no inhibitions about singing on stage** cha robh leisge sam bith oirre seinn air àrd-ùrlar
inhospitable *a* mosach, neo-fhialaidh
inhuman *a* mì-dhaonna
inhumane *a* an-ìochdmhor
inhumanity *n* an-ìochdmhorachd *f*
inimitable *a* gun choimeas
iniquitous *a* aingidh
iniquity *n* aingidheachd *f*, olc *m*
initial *n* ciad litir *f* **my initials** ciad litrichean *m'* ainm *a* ciad, tùsail
initially *adv* sa chiad dol a-mach, aig toiseach gnothaich
initiate *v* tòisich, cuir air bhonn/chois; (*into an order*) gabh a-steach; (*into a skill*) teagaisg, oidich
initiative *n* iomairt *f*, tionnsgnadh *m*
inject *v* (*med*) sàth-steallaich; (*met*) cuir a-steach do, cuir ri
injection *n* sàth-stealladh *m* i. **of** cur a-steach *m*, cur ris *m*
injunction *n* àithne *f*, òrdugh *m*
injure *v* goirtich, ciurr, dèan dochann air, leòn
injury *n* goirteachadh *m*, dochann *m*, leòn *m*
injustice *n* ana-ceartas *m*
ink *n* dubh *m*, inc *f m*
inland *a* a-staigh san tìr
inmate *n* neach fo chùram/ghlais *m*
inn *n* taigh-seinnse/òsta *m*
innate *a* dualach, nàdarra
inner *a* as fhaide/a b' fhaide a-staigh
innocence *n* neo(i)chiontachd *f*, ionracas *m*
innocent *a* neo(i)chiontach, ionraic
innocuous *a* neo-lochdach, neo-choireach
innovation *n* ùr-ghnàthachadh *m*, nuadhas *m*
innovative *a* ùr-ghnàthach

innovator *n* ùr-ghnàthadair *m*, nuadhasair *m*
innuendo *n* fiar-shanas *m*, leth-iomradh *m*
innumerable *a* gun àireamh, do-àireamh
inoculate *v* cuir a' bhreac air
inoculation *n* cur na brice *m*
inoffensive *a* neo-lochdach
inoperable *a* (med) do-leigheas, nach gabh leigheas
inopportune *a* mì-thrathail
inordinate *a* neo-chuimseach **an i.** length of time ùine gun chiall *f*
input *n* cur a-steach *m* *v* cuir a-steach
inquest *n* rannsachadh *m*, sgrùdadh *m*
inquire *v* feòraich, faighnich
inquiring *a* rannsachail
inquiry *n* rannsachadh *m*; (query) ceist *f* **public i.** rannsachadh poblach
inquisitive *a* ceasnachail, farraideach
insane *a* às a c(h)iall *etc*, às a rian *etc*
insanity *n* cuthach *m*, dìth-cèille *f* *m*; (slang) crac *m*
insatiable *a* nach gabh sàsachadh/riarachadh
inscribe *v* sgrìobh air
inscription *n* sgrìobhadh *m*; (statue *etc*) snaigheadh *m*
insect *n* biastag *f*, meanbh-fhrìde *f*
insecure *a* neo-thèarainte
insecurity *n* neo-thèarainteachd *f*
insemination *n* siolachadh *m*
inseparable *a* do-sgaradh, nach gabh dealachadh
insert *v* cuir a-steach
inside *n* an taobh/leth a-staigh *m* **i.-out** caoin air ascaoin, an taobh a-staigh a-muigh *prep* am broinn (+ *gen*) *adv* a-staigh
insidious *a* liogach, sniagach; (dangerous) cunnartach
insight *n* lèirsinn *f*
insignia *n* suaicheantas *m*
insignificant *a* suarach, beag-seagh
insincere *a* neo-threibhdhireach,

neo-dhùrachdach
insincerity *n* neo-threibhdhireas *m*, neo-dhùrachd *f*
insinuate *v* leth-thuaileasaich
insipid *a* blian, gun bhlas
insist *v* cùm a-mach *i.* **on** sìor iarr **he insists on a dram every night** feumaidh e drama fhaighinn a h-uile h-oidhche
insolence *n* stràicealachd *f*
insolent *a* stràiceil
insoluble *a* do-sgaoilte; (problem) do-rèite, nach gabh rèiteach/ f(h)uasgladh
insolvent *a* briste, air bris(t)eadh air/oirre *etc*
insomnia *n* bacadh-cadail *m*
inspect *v* sgrùd
inspection *n* sgrùdadh *m*
inspector *n* neach-sgrùdaidh *m*, sgrùdaire *m*
inspiration *n* sàr-smaoin *f*; (source of) brosnachadh *m*
inspire *v* broснаich, spreag
inspiring *a* brosnachail, spreagail
instability *n* cugallachd *f*, neo-sheasmhachd *f*
instal *v* (object) cuir a-steach; (person) cuir an dreuchd, suidhich
installation *n* (of object) cur a-steach *m*; (person) cur an dreuchd *m*, suidheachadh *m*
instalment *n* cuibhreann *f* *m*, earrann *f*
instance *n* eisimpleir *f* *m* **for i.** mar eisimpleir **in the first i.** anns a' chiad àite **in this i.** an turas seo
instant *n* tiota *m* *a* grad, an làrach nam bonn
instantly *adv* sa bhad, san spot
instead *adv* an àite, an àite sin
instigate *v* cuir air bhonn, tòisich; (incite) piobraich
instigation *n* cur air bhonn *m*, tòiseachadh *m*; (incitement) piobraichadh *m*
instil *v* teagaisg, cuir an inntinn
instinct *n* gnèithealachd *f*, nàdar *m*
instinctive *a* gnèitheach, nàdarrach, a rèir gnè

institute *n* stèidheachd *f* *v* cuir air chois, stèidhich
institution *n* (act of) stèidheachadh *m*; (place) ionad *m*, stèidheachd *f*; (practice) riaghailt *f*
instruct *v* teagaisg, ionnsaich
instruction *n* teagasg *m*, ionnsachadh *m*; (order) òrdugh *m*, stiùireadh *m*
instructor *n* neach-teagaisg *m*
instrument *n* (tool) inneal *m*; (mus) ionnsramaidd *f*, inneal-ciùil *m*; (means) meadhan *m*
instrumental *a* (mus) ionnsramaideach *i.* in mar mheadhan air
insubordinate *a* eas-umhail
insufferable *a* doirbh a ghiùlan, doirbh cur suas leis; (met) maslach
insufficient *a* goirid, gearr, gann
insular *a* eileanach; (met) cumhang
insulate *v* còmhdaich *i.* from dealaich, cuir air leth
insulated *a* còmhdaichte *i.* from dealaichte, air a chur air leth
insult *n* ailis *f*, beum *m* *v* ailisich, thoir beum/droch bheul do
insulting *a* beum(n)ach, tàireil
insurance *n* àrachas *m* **i.** claim tagradh àrachais *m* **i.** company companaidh àrachais *f* *m* **i.** policy poileasaidh àrachais *m*
insure *v* thoir àrachas air, faigh/thoir urras air
insured *a* fo àrachas
insurrection *n* ar-a-mach *m*
intact *a* slàn, iomlan
intake *n* gabhail a-steach *f*
intangible *a* nach gabh làimhseachadh/fhaicinn, do-bheantainn
integral *a* slàn, coileanta, riatanach
integrate *v* aonaich *i.* with fill a-steach còmhla ri
integrated *a* aonaichte, fìgte-fuaighte
integrity *n* treibhdhireas *m*, ionracas *m*; (wholeness) iomlanachd *f*
intellect *n* inntinn *f*

intellectual *a* inntleachdail *n* innleachdach *m*
intelligence *n* tuigse *f*; (report) aithris *f*, fiosrachadh *m*; (covert) faisneis *f*
intelligent *a* inntleachdach, tùrail
intelligible *a* so-thuigsinn
intemperate *a* mì-stuama, ana-measarra
intend *v* dùilich, cuir roimhe/roimhe *etc*, rùnach
intended *a* san amharc
intense *a* dian, teann
intensify *v* teinnich, geuraich
intensity *n* dèine *f*, teinne *f*
intensive *a* dian *i.* care dlùth-chùram *m*
intent *n* rùn *m*
intention *n* rùn *m*
intentional *a* a dh'aon obair/ghnotha(i)ch
intentionally *adv* a dh'aon ghnotha(i)ch
inter *v* adhlac, tiodhlac
inter- *pref* eadar-
interaction *n* eadar-obrachadh *m*
intercede *v* dèan eadar-ghuidhe
intercept *v* ceap, stad san t-slighe
interchange *n* iomlaid *f*, malairt *f*
interchangeable *a* co-iomlaideach, co-mhalairteach, a ghabhas iomlaid/malairt
intercourse *n* (social) co-chomann *m*, comhludar *m*; (sexual) feis(e) *f*
interdependent *a* eadar-eisimeileach, an eisimeil a chèile
interdict *n* toirmeasg/bacadh (lagha) *m*
interest *n* ùidh *f*; (fin) riadh *m*; (stake) earrann *f*, pàirt *f* *m* *i.* rate ire an rèidh *f* *v* gabh/tog ùidh
interesting *a* ùidheil, inntinneach
interface *n* eadar-aghaidh *f*
interfere *v* gabh gnotha(i)ch ri, buin ri
interference *n* gabhail gnotha(i)ch ri *m*, buntainn ri *m*; (atmos) riasladh *m*
interim *n* eadar-àm *m* *a* eadar-amail **in the i.** anns an eadar-àm
interior *n* an leth/taobh a-staigh *m*

interject *v* geàrr a-steach, caith a-steach
interlacing *a* eadar-fhighte
interlink *v* naisg, ceangail ri chèile
interlocking *a* co-naisgte, co-cheangailte
interlude *n* eadar-chluiche *f*
intermediate *a* eadar-mheadhanach, meadhanach
interment *n* adhlacadh *m*, tiodhlacadh *m*
interminable *a* neo-chrìochnach, gun chrìoch
intermittent *a* (bh)o àm gu àm, air is dherh
internal *a* a-staigh
international *n* eadar-nàiseanail *m* *a* eadar-nàiseanta
internecine *a* co-sgrìosail
internet *n* eadar-lìon *m* **the I.** an t-Eadar-lìon
interpret *v* mìnich; (*translate*) eadar-theangaich
interpretation *n* mìneachadh *m*; (*translation*) eadar-theangachadh *m*
interpreter *n* neach-mìneachaidh *m*, mìniche *m*; (*translator*) eadar-theangaiche *m*
interrogate *v* cruaidh-cheasnaich
interrogation *n* cruaidh-cheasnachadh *m*
interrupt *v* bris(t) a-steach (air); (*halt*) cuir casg/stad air
interruption *n* bris(t)eadh a-steach *m*; (*halting*) casg *m*, stad *m*
intersect *v* geàrr tarsainn (a chèile), trasnaich
intersperse *v* sgap am measg
intertwined *a* eadar-thoinnte
interval *n* eadar-ùine *f*, eadar-àm *m*; (*school*) àm-cluiche *m*, pleidhe *m*
intervene *v* rach san eadraiginn, thig eadar
intervention *n* tighinn eadar *m*
interview *n* agallamh *m* *v* dèan agallamh le
interviewer *n* agallaiche *m*, ceasnaiche *m*, neach-ceasnachaidh *m*
intestine(s) *n* caolan(an) *m*; (*animal only*) greallach *f*

intimacy *n* dlùth-chaidreach *m*
intimate *a* dlùth-chaidreach, fìor eòlach
intimate *v* ainmich, inn(i)s
intimation *n* ainmeachadh *m*, fios *m*
intimidate *v* cuir fo eagal
into *adv* do, a-steach do
intolerable *a* do-ghiùlan, nach gabh fhulang *i.* **pain** cràdh eagalach/thar tomhais *m*
intolerant *a* neo-fhulangach, cumhang na s(h)ealladh *etc*
intonation *n* fonn cainnt *m*
intoxicated *a* air mhisg, air an daoraich, fo bhuaidh na dibhe
intoxication *n* misg *f*, daorach *f*
intractable *a* nach gabh f(h)uasgladh, neo-fhuasglach
intrepid *a* dàna, gaisgheil, tapaidh
intricate *a* toinnte, mion
intrigue *n* cluaineas *m*, cuilbheart *f*
intrinsic *a* gnèitheach, ann fhèin *etc*
introduce *v* cuir an aithne; (*subject*) tog, thoir iomradh air
introduction *n* cur an aithne *m*; (*of subject*) togail *f*; (*in book*) ro-ràdh *m*
introvert *a* neo-fhosgarra, dùr
intrude *v* bris(t)/brùth a-steach
intuition *n* im-fhios *m*
inundate *v* cuir fo uisge **we were inundated with requests** bha sinn a' dol fodha le iartrasan
invade *v* thoir ionnsaigh air, bris(t) a-steach
invalid *n* euslainteach *m*
invalid *a* neo-bhrìghheil, neo-dhligheach
invalidate *v* cuir an neo-bhrìgh
invaluable *a* thar luach, nach gabh luach a chur air
invariably *adv* an còmhnaidh, daonnan; (*very frequently*) mar as trice
invasion *n* ionnsaigh *f*, bris(t)eadh a-steach *m*
inveigle *v* meall, thoir a thaobh
invent *v* innlich, tionnsgail
invention *n* innleachd *f*, tionnsgal *m*

inventive *a* innleachdach, tionnsgalach
inventor *n* innleadair *m*, tionnsgalair *m*
inventory *n* cunntas *f* *m*, clàr-seilbhe/stuthan *m*
invert *v* cuir bun-os-cionn, tionndaidh
invest *v* (*fin*) cuir an seilbh, cuir airgead an
investigate *v* rannsaich, sgrùd
investigation *n* rannsachadh *m*, sgrùdadh *m*
investment *n* (*fin*) cur an seilbh *m*, airgead-seilbhe/tasgaidh *m*
investor *n* neach-tasgaidh *m*
invidious *a* fuath-dhùsgach; (*unfair*) mì-cheart
invigilate *v* cùm sùil air, bi ri faire
invincible *a* do-cheannsachail, nach gabh ceannsachadh
invisible *a* neo-fhaicsinneach
invitation *n* cuireadh *m*, fiathachadh *m*
invite *v* iarr, thoir cuireadh (do), thoir fiathachadh (do)
inviting *a* tarraingeach
invoice *n* cunntas *f* *m*
involuntary *a* neo-shaor-thoileach, an aghaidh toil
involve *v* gabh a-steach **were you involved in it?** an robh thusa na lùib/an sàs ann?
irascible *a* crosta, feargach, greannach
irate *a* feargach, fiadhaich
ire *n* fearg *f*, corraich *f*
iris *n* (*of eye*) cearcall na sùla *m*; (*plant*) sealastair *f* *m*, seileastair *f* *m*
Irish *n* (*lang*) a' Ghaeilge *f*, Gàidhlig na h-Èireann *f* *a* Èireannach
Irishman *n* Èireannach *m*
Irishwoman *n* ban-Èireannach *f*
irksome *a* leamh, sàraichte
iron *n* iarann *m* *a* iarainn *i.* **Age** Linn an Iarainn *f* *i.* **ore** clach-iarainn *f* *v* iarraig
ironic(al) *a* ìoranta
irony *n* ìoranas *m*
irrational *a* neo-reusanta
irreconcilable *a* do-rèiteachail, nach gabh toirt gu chèile
irregular *a* neo-chunbhalach, neo-riaghailteach *i.* **verb** gnìomhair neo-riaghailteach *m*
irregularity *n* neo-chunbhalachd *f*, neo-riaghailteachd *f*
irrelevant *a* nach buin dhan/ris a' ghnòthach, neo-bhoointealach, mì-fhreagarrach
irreparable *a* nach gabh càradh/leasachadh
irrepressible *a* nach gabh casg(adh)
irresistible *a* nach gabh diùltadh
irrespective *adv* a dh'aindeoin
irresponsible *a* neo-chùramach, gun chùram
irresponsibility *n* cion cùraim *m*, dìth cùraim *f*
irretrievable *a* nach gabh lorg/sàbhaladh
irreverence *n* eas-urram *m*
irreverent *a* eas-urramach
irreversible *a* nach gabh atharrachadh
irrevocable *a* nach gabh tilleadh/atharrachadh
irrigation *n* uisgeachadh *m*
irritable *a* crosta, frionasach, greannach
irritate *v* cuir caise/frionas air
irritation *n* crostachd *f*, frionas *m*
is *v* tha, is (*See verb to be in Grammar*)
Islam *n* an creideamh Ioslamach *m*; (*people*) a' mhuinntir Ioslamach *f*
Islamic *a* Ioslamach
island *n* eilean *m*, innis *f*
islander *n* eileanach *m*
Islay person *n* Ìleach *m*, (*female*) ban-Ìleach *f*
isolated *a* air leth, iomallach, lethoireach
isolation *n* aonarachd *f*, lethoireachd *f* *in i.* leis fhèin
Israeli *n*, *a* Israelach/Iosaraileach *m*
issue *n* ceist *f*, cùis *f*; (*offspring*) clann *f*, slìochd *m*; (*liter*) iris *f* *v* bris(t)/thig/cuir a-mach, libhrig
isthmus *n* tairbeart *f*, aoidh *f*

it *pron* e, i
Italian *n*, a Eadailteach *m*,
 (female) ban-Eadailteach *f*;
 (lang) Eadailtis *f*
italics *n* clò eadailteach *m*
itch *n* tachas *m*; (desire) miann *f*
m
itchy *a* tachasach
item *n* nì *m*, rud *m*
itinerant *a* siùbhlach, siubhail
itinerary *n* clàr-siubhail *m*
its *poss pron* a
itself *pron* e/i fhèin
ivory *n* ibhri *f*
ivy *n* eidheann *f*

J

jackdaw *n* cathag *f*
jacket *n* seacaid *f*
Jacobite *n* Seumasach *m*
J. Rebellion/Rising Ar-a-mach
 nan Seumasach *m*
jade *n* sèad *f*
jaded *a* seachd sgìth
jag *n* briogadh *m*; (notch) eag *f*
jagged/jaggy *a* eagach
jail *n* prìosan *m*
jam *n* silidh *m*; (congestion)
 dùmhlachd *f* in a jam ann an
 staing **jam-jar** crogan-silidh *m*,
 sìleagan *m* *v* brùth, dùmhlaich
my fingers got jammed chaidh
 mo mheòirean a ghilacadh
jangle *v* dèan gleadhraich/
 gliongaich
janitor *n* dorsair *m*, neach-cùraim
 sgoile *m*
January *n* am Faoilleach/
 Faoilteach *m*
Japanese *n*, a Iapanach, (female)
 ban-Iapanach *f*
jar *n* crogan *m*, sìleagan *m*
jargon *n* ceàird-chainnt *f*
jaundice *n* a' bhuidheach *f*, an
 tinneas buidhe *m*
jaunt *n* sgrìob *f*, splaoid *f*
javelin *n* sleagh *f*
jaw *n* peirceall *m*, giall *f*
jealous *a* eudmhor **she was j.** of
 her bha i ag eudach rithe
jealousy *n* eud *m*, eudmhorachd *f*
jeans *n* dinichean *f pl*

jeer *v* mag (air), dèan magadh
 (air)
Jehovah *n* Iehòbhah *m*
jelly *n* slaman-milis *m*
jellyfish *n* muir-tiachd *f m*
jeopardy *n* cunnart *m*, gàbhadh
m
jerk *n* tarraing obann *f*, tulgag *f*
v tarraing gu h-obann
jersey *n* geansaidh *m*
jest *n* abhcaid *f*, fealla-dhà *f*
jet *n* steal *m*; (plane) seit
 (-phlèan) *m*
jettison *v* tilg a-mach, cuir bhua
jetty *n* cidhe *m*, laimrig *f*
Jew *n* Iùdhach *m* **Jewess**
 ban-Iùdhach *f*
jewel *n* seud *m*, leug *f*, àilleag *m*
jeweller *n* seudair *m*
jewellery *n* seudraidh *f*
Jewish *a* Iùdhach
jig *n* (tune) port-cruinn *m*;
 (dance) sìge *f*
jigsaw *n* mirean-measgaichte *f pl*
jilt *v* trèig, faigh cuidhteas
 (leannan)
jingle *n* gliong *m*; (ad) rannag *f*
job *n* obair *f*, cosnadh *m* **job-**
centre ionad obrach *m* **job**
description dealbh-obrach *f m*
jockey *n* marcach *m*, marcaiche
m
jocular *a* spòrsail, abhcaideach
jog *v* bi a' trotan, ruith; (nudge)
 put; (memory) brod cuimhne
join *v* ceangail, aonaich, cuir ri
 chèile, tàth; (eg club) gabh
 ballrachd an
joiner *n* saor *m*
joinery *n* saorsainneachd *f*
joint *n* alt *m*; (of meat) spòt *m*
a co-, coitcheann, co-phàirteach
jointly *adv* cuideachd, le chèile,
 an co-bho(i)nn
joist *n* sail *f*, spàrr *m*,
 cas-ceangail *f*
joke, **joking** *n* abhcaid *f*, fealla-
 dhà *f* **I was only joking** cha robh
 mi ach ri spòrs
jolly *a* cridheil, aighearach
jolt *n* crathadh *m*, tulgadh *m*
jostle *v* put, brùth (a-null 's
 a-nall)

jotter *n* diotar *m*, leabhran-
 sgrìobhaidh *m*
journal *n* (diary) leabhar-latha *m*;
 (magazine) iris *f*
journalism *n* naidheachdas *m*
journalist *n* neach-naidheachd *m*,
 naidheachdair *m*
journey *n* turas *m*, cuairt *f*
jovial *a* fonnmhor, suilbhir
jowl *n* giall *f*, bus *m*
joy *n* aoibhneas *m*, gàirdeachas
m, sòlas *m*
joyful *a* aoibhneach, ait, sòlasach
joyful *a* lùth-ghaireach
jubilee *n* iubailidh *f*
judge *n* brìtheamh *m* *v* thoir
 breith, breithnich, meas
judgement *n* breith *f*,
 breithneachadh *m*, binn *f* **J. Day**
 Latha a' Bhreitheanais *m*, Latha
 Luain *m*
judicial *a* laghail, a rèir an lagha,
 breitheach
judicious *a* tuigseach,
 geurchuiseach
jug *n* siuga *f m*
juggle *v* lām-chleasaich
jugular *n* feith sgòrnain *f*
juice *n* sùgh *m*; (essence) brìgh *f*
juicy *a* sùghmhor; (pithy)
 brioghmhor
July *n* an t-Iuchar *m*
jumble *n* measgachadh *m*,
 brochan *m* **j. sale** reic treal(l)aich
m *v* cuir troimh-a-chèile,
 measgaich
jump *n* leum *m*, sùrdag *f* **standing**
j. cruinn-leum *m* *v* leum
jumper *n* (sport) leumadair *m*;
 (garment) geansaidh *m*
junction *n* snaidhm *m*, comar *m*,
 ceangal *m*
June *n* an t-Ògmhios *m*
jungle *n* dlùth-choille *f*
junior *a* as òige, a b' òige
juniper *n* aiteann *m*
junk *n* smodal *m*, truileis *f*;
 (naut) long Shìonach *f*
Jupiter *n* Iupatar *m*
jury *n* diùraidh *m*
just *a* cothromach, ceart,
 firinneach *adv* (recently)
 dìreach; (with difficulty) air

èiginn j. now an-dràsta, an
 ceartuair **it is j. amazing** tha e
 dìreach iongantach **the shop**
has j. closed tha a' bhùth
 dìreach air dùnadh **they only j.**
escaped 's ann air èiginn a
 thàrr iad às
justice *n* ceartas *m*
justifiable *a* reusanta, a ghabhas
 seasamh/dìon
justify *v* seas, dìon; (relig)
 fireanaich
juvenile *n* òganach *m* a òigridh

K

kangaroo *n* cangarù *m*
keel *n* druim *m*
keen *a* dian, dealasach; (sharp)
 geur
keenness *n* dealas *m*,
 eudmhorachd *f*
keep *v* cùm, gleidh
keeper *n* neach-gleidhidh *m*
keepsake *n* cuimhneachan *m*
kelpie *n* each-uisge *m*, ùruisg *m*
kenel *n* taigh-chon *m*
kerb *n* oir a' chabhsair *f m*,
 cabhsair *m*
kernel *n* eitean *m*
kestrel *n* speireag ruadh *f*,
 clamhan ruadh *m*
kettle *n* coire *m*
key *n* iuchair *f*; (mus) gleus *f m*;
 (on keyboard) meur *f*;
 (solution) fuasgladh *m*
a cudromach, prìomh (precedes
 n)
keyboard *n* meur-chlàr *m*
kick *n* breab *f m* *v* breab
kid *n* meann *m*; (child) pàiste *m*
kidnap *v* goid air falbh
kidney *n* dubhag *f*, àra *f*, àirne *f*
kill *v* marbh, cuir gu bàs
killer *n* murtair *m*
killing *n* marbhadh *m*, spadadh *m*
kilogram(me) *n* cileagram *m*
kilometre *n* cilemeatair *m*
kilowatt *n* cileabhat *m*
kiilt *n* (f)èileadh *m*
kin(dred) *n* dàimhean *f m pl*,
 càirdean *m pl*
kind *n* gnè *f*, seòrsa *m*

kindle *v* las, fadaich; (*met*)
beothaich, brosnach
kind(ly) *a* coibhneil, còir, bàidheil
kindness *n* coibhneas *m*,
caomhalachd *f*, bàidhealachd *f*
kindred *a* co-aigheach **they were**
k. spirits bha iad a dh'aon aigne
kinetic *a* gluaiseach
king *n* rìgh *m*
kingdom *n* rìoghachd *f*
kinsman *n* fear-dàimh *m*
kinswoman bean-dàimh *f*
kipper *n* ciopair *m*, sgadan
reïsge *m*
kirk *n* eaglais *f*
kiss *n* pòg *f* *v* pòg, thoir pòg
kit *n* acfhainn *f*, uidheam *f*;
(*clothes*) èideadh *m*
kitchen *n* cidsin *m*
kite *n* iteileag *f*; (*bird*) clamhan *m*
kitten *n* piseag *f*
knack *n* alt *m*, liut *f*
knead *v* fuin, taoisnich
knee *n* glù(i)n *f* **k.-cap** failmean
(*na gluine*) *m*
kneel *v* lùb glù(i)n, sleuchd
knickers *n* drathais/drathars *f*
knife *n* sgian *f*
knight *n* ridire *m*
knit *v* figh **k. together** (*after*
injury) ceangail, slànaich
knitting-needle *n* bior-fighe *m*
knob *n* cnap *m*, cnag *f*
knock *n* buille *f*, sgailc *f*, sgileog *f*;
(*at door*) gnogadh *m* *v* (*door*)
gnog **k. down** leag
knocking *n* gnogadh *m*
knoll *n* tom *m*, tolman *m*, tulach
m fairy **k. sìthean** *m*
knot *n* snaidhm/snaoim *m*;
(*nautical mile*) mìle mara *m*; (*in*
wood) meuran *m*
v snaidhmich/snaoimich, cuir
snaidhm/snaoim air
know *v* knows tha fios aig;
(*person*) is aithne do;
(*recognize*) aithnich **k. well** bi
eòlach air
knowledge *n* eòlas *m*, aithne *f*
knowledgeable *a* fiosrach
knuckle *n* rùdan *m*
kyle *n* caol(as) *m*

L

label *n* bileag *f* *v* cuir bileag air
laboratory *n* obair-lann *f*,
deuchainn-lann *f*
laborious *a* saothrachail, deacair
labour *n* saothair *f*, obair *f*; (*med*)
saothair chloinne *f* in **I.** air
leabaidh-shiùbhla **the L. Party**
am Partaidh Làbarach *m*
v saothraich, obraich
labourer *n* obraiche *m*, dubh-
chosnaiche *m*
labyrinth *n* ioma-shlighe *f*
lace *n* sròl *m*; (*shoe*) barrall *m*
v ceangail
lack *n* easbhaidh *f*, dìth *f* *m*, cion
m *v* bi a dh'easbhaidh **he lacks**
... tha ... a dhith air
lacklustre *a* marbhanta, gun
spionnadh
laconic *a* gearr-bhriathrach
lad *n* gille *m*, balach *m*
ladder *n* (f)àradh *m*
ladle *n* ladar *m*, liagh *f*
lady *n* bean-ualas *f*,
baintighearna *f*, leadaidh *f*
ladybird *n* an daolag dhearg-
bhreac *f*
lager *n* làgar *m*
lair *n* saobhaidh *f*, garaidh *m*;
(*grave*) rèilig *f*
laird *n* uachdaran *m*
lake *n* loch *m*
lamb *n* uan *m*; (*meat*) uanfheòil *f*,
feòil uain *f*
lame *a* cuagach, bacach, crùbach
lament *n* cumha *m*, tuireadh *m*,
caoidh *f* *v* caoidh, dèan
tuireadh
lamentable *a* cianail, tùrsach,
muldach
laminated *a* lannaichte
lamp *n* lampa *f* *m* **I.-post** post-
lampa *m* **I.-shade** sgàil-lampa *f*
lampoon *n* aoir *f* *v* aoir
lance *n* sleagh *f*; (*med*) lannsa *f*
v leig fuil, gearr le lannsa
land *n* fearann *m*, talamh *m*;
(*country*) tìr *f*, dùthaich *f* **the L.**
Court Cùirt an Fhearainn *f*
v (*go ashore*) rach air tìr; (*of*
plane) laigh; (*goods*) cuir air tìr

landlady *n* bean an taighe *f*
landlord *n* (*estate*) uachdaran *m*;
(*property, pub etc*) fear an
taighe *m*
landmark *n* comharra-stiùiridh *m*
landowner *n* uachdaran *m*
landscape *n* dealbh-tìre *f* *m*,
cruth tìre *m*; (*picture*) sealladh
tìre *m*
landslide *n* maoim-slèibhe *f*,
maoim-talmhainn *f*
lane *n* frith-rathad *m*, caolshràid
f; (*on motorway*) sreath *f* *m*
language *n* cànan *f* *m*; (*speech*)
cainnt *f*
languid *a* anfhann, gun sunnd
languish *v* fannaich, crion
lanky *a* fada caol
lantern *n* lanntair *f* *m*, lainntear *f*
m, lòchran *m*
lap *n* uchd *m*, sgùird *f*; (*sport*)
cuairt *f* *v* (*slurp*) slupairich,
bileagaich; (*waves*) sruthail
lapel *n* liopaid *f*, fillteag *f*
lapse *n* sleamhnachadh *m*,
mearachd *f* *v* sleamhnaich,
tuislich, dèan mearachd;
(*expire*) thig gu ceann **she**
lapsed into English thionndaidh
i gu Beurla
lapwing *n* curracag *f*
larceny *n* goid *f*, gadachd *f*
larch *n* learag *f*
lard *n* blona(i)g *f*
larder *n* preas/seòmar-bìdh *m*
large *a* mòr, tomadach
lark *n* uiseag *f*, topag *f*; (*play*)
cleas *m*
larynx *n* bràigh an sgòrnain *m*
laser *n* leusair *m* **I. beam** gath
leusair *m* **I. printer** clò-
bhualadair leusair *m*
lash *v* sgiùrs, stiall
lass *n* nighean *f*, caileag *f*
last *a* deireannach, mu dheireadh
I. week an t-seachdain seo
chaidh **I. night** a-raoir **the night**
before I. a' bhòn-raoir **I. year**
an-uiridh **the I. person** an duine
mu dheireadh *adv* air deireadh
at (long) I. mu dheireadh (thall)
v mair, seas
lasting *a* maireannach, buan

latch *n* clàimhean *m*, dealan-
dorais *m*
late *a* anmoch, fadalach, air
deireadh; (*evening, night*)
anmoch; (*deceased*) nach
maireann **they arrived I.** bha iad
fada gun tighinn
lately *adv* o chionn ghoirid
latent *a* falaichte,
neo-fhollaiseach
lateral *a* taobhach, leth-taobhach
lathe *n* beairt-thuairnearchd *f*
lather *n* cop *m*
Latin *n* Laideann *f*
latitude *n* domhan-leud *m*;
(*scope*) saorsa *f*
latter *a* deireannach, mu
dheireadh
laud *v* àrd-mhol
laudable *a* ionmholta, ri
m(h)oladh *etc*
laugh *n* gàire *f* *m* **loud I.** lachan
m, lasgan *m* *v* gàir, dèan gàire
laughing-stock *n* culaidh/cuis-
mhagaidh *f*
laughter *n* gàireachdaich *f* **loud I.**
lasganaich *f*
launch *n* cur air bhog *m*;
(*product*) foillseachadh *m*
v cuir air bhog; (*product*)
foillsich; (*begin*) tòisich air
laundry *n* taigh-nighe *m*
lava *n* làbha *f*
lavish *a* fialaidh, strùidheil,
cosgail
law *n* lagh *m* **lawsuit** cùis-lagha *f*
lawful *a* laghail
lawless *a* mì-riaghailteach, gun
spèis do lagh
lawn *n* rèidhlean *m*, faiche *f*
I.-mower lomaine-feòir *m*
lawyer *n* neach-lagha *m*
lax *a* slac, sgaoilte, gun chùram
laxative *n* purgaid *f*
lay *v* càirich, cuir **lay egg** breith
ugh **lay foundation** leag stèidh
lay off (*staff*) leig mu sgaoil **lay**
wager cuir geall **lay waste**
sgrios, cuir fàs
layer *n* filleadh *m*, sreath *f* *m*
layout *n* cruth *m*; (*of page*)
coltas-duilleig *m*
laziness *n* leisg(e) *f*

lazy *a leisg*
lazybones *n leisgeadair m*
lead *n (metal) luaidhe f m*
lead *n stiùir f; (dog's) taod m*
v stiùir, treòraich
leader *n ceannard m, ceannbhair m*
leadership *n ceannas m*
leaf *n duilleag f*
leaflet *n duilleachan m, bileag f*
league *n dìonnasg m; (sport) liog f*
the Premier L. a' Phrìomh Liog
leak *n aoidion m v leig*
a-steach/a-mach; (intrans) bi aoidionach; (reveal) leig mu sgaoil
leaking, leaky *a aoidionach*
lean *v leig do thaic air, leig cudrom air*
lean *a caol, tana*
leap *n leum m*
standing l. cruinn-leum m l. year bliadhna-lèim f v leum, thoir leum
learn *v ionnsaich, foghlaim*
learned *a foghlaim(ich)te, ionnsaichte*
learner *n neach-ionnsachaidh m pl luchd-ionnsachaidh*
lease *n gabhail m, còir f v gabh air mhàl*
leash *n iall f*
least *sup a as lugha at l. co-dhiù, aig a' char as lugha*
leather *n leathar m a leathair*
leave *n (permission) cead m; (from duty) fòrladh m*
leave *v fàg, tràig l. alone leig le l. off sgair de*
lecherous *a drùiseil*
lecture *n òraid f v dèan òraid, thoir (seachad) òraid; (tell off) cronach*
lecturer *n òraidiche m*
ledge *n leac f; (topog) palla m*
ledger *n leabhar-cunntais m*
lee *n taobh an fhasgaidh m*
leek *n creamh-gàrraidh m*
leer *v claon-amhairc*
left *n an taobh clì/ceàrr m, an làmh chli/cheàrr f*
the l. hand *an làmh chli f, a' chearrag f*
l.-handed *ciotach, cearragach a cli l. over air fhàgail*
leftovers *corran m pl*

leg *n cas f; (of meat) ceathramh feòla m*
legacy *n dìleab f*
legal *a laghail, dligheach, ceadaichte*
legalize *v dèan laghail*
legend *n uirsgeul m, fionnsgeul m*
legendary *a uirsgeulach; (famous) iomraiteach*
legible *a so-leughte, a ghabhas leughadh*
legislate *v dèan lagh(an), reachdaich*
legislation *n reachdas m*
legitimate *a dligheach*
leisure *n saor-ùine f l. activity cur-seachad m*
lemon *n liomaid f l. sole leàbag cheàrr f*
lemonade *n liomaineud m*
lend *v thoir iasad (de), thoir an iasad*
length *n fad m, faid f*
lengthen *v cuir fad ri/às, dèan nas fhaide, sìn; (intrans) fàs nas fhaide, sìn*
leniency *n tròcair f, iochdalachd f, iochd f*
lenient *a tròcaireach, iochdail*
lenition *n sèimheachadh m*
lens *n lionsa f*
Lent *n an Carghas m*
lentil *n leantail m, peasair nan luch f*
leopard *n liopard m*
leper *n lobhar m*
leprosy *n luibhre f*
lesbian *n, a leasbach f*
less *comp a nas lugha, na bu lugha*
lessen *v lùghdaich, beagaich (air); (intrans) lùghdaich*
lesson *n leasan m*
let *v leig le, ceadaich; (property) thoir air ghabhail*
let go *leig às*
let on *leig ort/air/oirre etc*
lethal *a marbhtach, bàsmhor*
lethargic *a trom, slaodach*
letter *n litir f*
**capital l. litir mhòr l.-box bogsa-litrichean m
lettuce *n leatas f*
leukaemia *n bànachadh-fala m***

level *n còmhnaid m; (grade) inbhe f, ìre f a còmhnaid, rèidh v dèan còmhnaid/rèidh l. an accusation at cuir às leth (+ gen)*
lever *n geimhleag f, luamhan m*
gear l. stob nan giodhraichean m
levy *n cìs f v (tax etc) leag*
lewd *a draosta*
Lewis person *n Leòdhasach m, (female) ban-Leòdhasach f*
liability *n (fin) fiach m; (tendency) buailteachd f*
it was just a l. cha robh ann ach call
liable *a buailteach (do), dualtach*
liaise *v dèan ceangal (ri)*
liaison *n ceangal m, co-cheangal m*
liar *a breugaire m, breugadair m*
libel *n tuaileas m, cliù-mhilleadh m v cuir tuaileas air, mill cliù*
he libelled me *chuir e na breugan orm*
libellous *a tuaileasach*
liberal *a fial, fialaidh; (phil) libearalach*
Liberal n, a Libearalach m
L. Democratic Party *am Partaidh Libearalach Deamocratach m*
liberate *v saor, cuir mu sgaoil*
liberation *n saoradh m, leigeil/cur mu sgaoil m*
liberty *n saorsa f*
libidinous *a ana-miannach, drùiseil*
librarian *n leabharlannaiche m*
library *n leabharlann f m*
licence *n cead m*
license *v ceadaich, thoir cead do/seachad*
licensed *a fo cheadachd, le cead, ùghdarraichte*
licentious *a mì-bheusach*
lick *v imlich*
lid *n ceann m, mullach m*
lie *n breug f*
I had a lie-down *chaidh mi nam shineadh v (tell untruth) inn(i)s breug; (phys) laigh*
lieutenant *n leifteanant m; (associate) neach-ionaid m*
life *n beatha f; (vitality)*

beothalachd f l.-insurance
àrachas beatha m l.-style *dòigh-beatha f*
lifebelt *crios-teasairginn m*
lifeboat *bàta-teasairginn m*
lifeguard *neach-teasairginn m*
l.-jacket *seacaid-teasairginn f*
lifeline *loidhne-teasairginn f; (met) cothrom eile m*
lifeless *a marbh, gun deò; (met) trom*
lifetime *n rè f, beò m, saoghal m*
lift *n togail f; (elevator) àrdaichear m v tog*
ligament *n ball-nasg m, ceanglachan m*
light *n solas m; (daylight) soilleireachd f*
l.-house *taigh-solais m v las l. up (+ met) soillsich*
light *a aotrom; (of daylight) soilleir l.-headed*
aotrom, mear l.-hearted *sunndach, suigearach, aighearach*
lighten *v deàlach, soillsich; (weight) aotromaich*
lighter *n lasadair m*
lightning *n dealanach m*
like *v likes is toigh/toil (le), is caomh le*
**be l. bi coltach ri
like *n leithid f, samhail f, mac-samhail m a coltach (ri), mar (+ len) adv mar*
likelihood *n coltas m*
likely *a coltach, dòcha*
liken *v samhlaich, coimeas*
likeness *n (similarity) coltas m, iomhaigh f; (picture) dealbh f m*
likewise *adv cuideachd, mar an ceudna*
lilac *n liath-chorcra f a bàn-phurpaidh*
lily *n lilidh f*
limb *n ball m*
lime *n aol m; (fruit/tree) teile f*
limit *n crìoch f, iomall m v cuingealaich, cuir crìoch ri*
limited *a cuingealaichte, cuibhrichte l. company companaidh earranta f m*
limp *n ceum m*
he has a l. tha ceum ann, tha e cuagach a bog v bi bacach/cuagach/ crùbach**

limpet *n* bàirneach *f*
line *n* loidhne *f*; (*in writing*)
 sreath *f* *m*; (*clothes*) ròp anairt;
 (*fishing*) drialach *f*; (*geneal*)
 siol *m*, gineal *f* *m* **I.-fishing**
 dorghach *m* **on-I.** air loidhne
v linig
linear *a* sreathach, loidhneach
linen *n* anart *m*, lion-aodach *m*
ling *n* (*fish*) langa *f*
linger *v* dèan dàil, rongaich, gabh
 ùine
lingerie *n* aodach-cneis *m*
linguistic *a* cànanach
lining *n* linig(eadh) *m*
link *n* ceangal *m*; (*in chain*) tinne
f, dul *m* **linkspan** alt-aiseig *m*
v dèan co-cheangal
lint *n* lion *m*, caiteas *m*
lintel *n* àrd-doras *m*
lion *n* leòmhann *m* **the I.'s share**
 an ceann reamhar *m*
lip *n* bile *f*, lip *f*; (*geog*) oir *f* *m*
lip-service beul bòidheach *m*
lipstick dath-lipean *m*, peant
 bhilean *m*
liqueur *n* liciùr *m*
liquid *n* lionn *m* *a* lionnach,
 sruthach
liquidate *v* (*company*) sgaoil;
 (*kill*) cuir às do
liquidation *n* (*of company*)
 sgaoileadh *m*
liquidez *v* lionnach
liquor *n* deoch(-làidir) *f*
liquorice *n* carra-mheille *m*
lisp *n* liotaiche *m*, liotachas *m*
v bi liotach
lisp *a* liotach
list *n* liosta *f*; (*to side*) fiaradh *m*
v dèan liosta; (*of ship*) liost(aig)
listen *v* èist (ri)
listening *n* èisteachd *f*
listless *a* gun lùths/sunnd
literacy *n* litearrachd *f*, litearras *m*
literal *a* litireil
literary *a* litreachail
literate *a* litearra
literature *n* litreachas *m* **oral I.**
 litreachas beòil
lithe *a* sùbailte, subailte
litigate *v* rach gu lagh, agair lagh
 air

litigation *n* agartachd *f*, cùis-
 lagha *f*
litre *n* liotair *m*
litter *n* sgudal *m*; (*of animals*)
 cuain *f*, iseanan *m* *pl* *v* fàg na
 bhùrach **discard I.** fàg sgudal
little *n* beagan *m*, rud beag *m*
a beag, meanbh
liturgy *n* ùrnaigh choitcheann *f*
live *v* bi beò
live *a* beò
livelihood *n* beòshlaint *f*, teachd-
 an-tìr *m*, bith-beò *m*
lively *a* beothail, frogail,
 sunndach
liver *n* adha *m*, grùthan *m*
livid *a* (*met*) **he was I.** bha an
 cuthach dearg air
living *n* beòshlaint *f*, teachd-an-tìr
m, bith-beò *m* *a* beò
lizard *n* laghairt *f* *m*, dearc-
 luachrach *f*
load *n* luchd *m*, eallach *m*; (*on*
mind) uallach *m* *v* luchdaich,
 lion; (*gun*) cuir urchair an
loaf *n* lof *f* *m*
loan *n* iasad *m* **loanword** facal-
 iasaid *m* *v* thoir iasad do, thoir
 ... air iasad
loath *a* ain-deònach
loathe *v* fuathaich **I loathed it** bha
 gràin (an) uile agam air
loathing *n* gràin uile *f*, sgreamh *m*
loathsome *a* gràineil, sgreamhail,
 sgreataidh
lobby *n* lobaidh *f*, trannsa *f*;
 (*pressure group*) luchd-
 coiteachaidh *m* *v* coitich
lobster *n* giomach *m* **I.-pot**
 cliabh-ghiomach *f*
local *a* ionadail **I. authority**
 ùghdarras ionadail *m*
I. government riaghaltas
 ionadail *m*
locality *n* àite *m*, coimhearsnachd
f, sgìre *f*
locate *v* suidhich, cuir na àite
location *n* suidheachadh *m*, àite
m
loch *n* loch *m*
lock *n* glas *f*; (*of hair*) dual *m*,
 ciabh *f*, cuailean *m* *v* glas
locker *n* preasa glaiste *m*

locus *n* lòcas *m*, àite *m*
locust *n* lòcast *m*
lodge *n* loidse *f* *m*, taigh-geata *m*
lodge *v* (*submit*) cuir a-steach,
 càirich; (*stay*) gabh còmhnaidh
lodger *n* loidsear *m*
lodging *n* loidseadh *m* **I. house**
 taigh-loidsidh *m*
loft *n* lobhta *m*
log *n* sail *f*, loga *f* *m*; (*book*)
 leabhar-aithris *m*; (*math*) log *m*
logic *n* loidsig *f*
logical *a* loidsigeach
log off *v* thig dheth, tarraing às
log on *v* rach air, dèan ceangal
loin *n* blian *m* **the loins**
 an leasraidh *f*
loiter *v* dèan màirneal, rongaich
lollipop *n* loiliopop *f*
Londoner *n* Lunnainneach *m*,
 neach à Lunnainn *m*
lone *a* aonarach, na (h)-aonar
etc, leis/leatha fhèin *etc*
loneliness *n* aonaranachd *f*
lonely *a* aonaranach
loner *n* aonaran *m*
long *a* fada **I. ago** o chionn
 f(h)ada **I.-lasting** buan,
 maireannach **I.-suffering** fad-
 fhulangach **I.-term** fad-ùine
v **I. for** miannaich; (*weary for*)
 gabh fadachd ri
long division *n* roinn fhada *f*
longing *n* miann *f* *m*, togradh *m*,
 fadachd *f*
longitude *n* domhan-fhad *m*
long jump *n* leum-fada *m*,
 leum-fhada *f*
look *n* sùil *f*; (*appearance*) coltas
m, fiamh *m* *v* seall, coimhead,
 amhairc **I. for** coimhead airson,
 lorg, sir
loom *n* beairt(-fhighe) *f*
loop *n* lùb *f*
loophole *n* bèarn *f*, dòigh às *f*
loose *a* fuasgailte, sgaoilte, gun
 cheangal **I. change** airgead
 pronn *m*
loose(n) *v* fuasgail, cuir/leig mu
 sgaoil
loot *n* creach *f* *v* creach
lop *v* sgud, sgath, gearr
lopsided *a* leathoireach, gu aon

taobh
loquacious *a* briathrach
lord *n* tighearna *m*, triath *m*,
 morair *m* **House of Lords** Taigh
 nam Morairean *m* **the Lord's**
 Prayer Ùrnaigh an Tighearna *f*
lorry *n* làraidh *f*
lose *v* caill
loss *n* call *m*
lost *a* air chall, caillte
lot *n* (*amount*) mòran *m*, tòrr *m*;
 (*in life*) crannchur *m* **cast lots**
 tilg croinn
lotion *n* cungaidh *f*
lottery *n* crannchur *m* **the**
National L. an Crannchur
 Nàiseanta
loud *a* àrd, faramach
loudspeaker *n* glaochaire *m*
lounge *n* rùm-suidhe *m* *v* sin
louse *n* mial *f*
lousy *a* grod; (*with lice*) mialach
lout *n* burraidh *m*
love *n* gaol *m*, gràdh *m*; (*tennis*)
 neoni *m* **my I.** m' eudail *v*
 gràdhaich, thoir gaol **I. you** tha
 gaol agam ort **we I. skiing** 's fìor
 thoigh leinn sgitheadh, tha sinn
 fìor dhèidheil/mhiadhail air
 sgitheadh
lovely *a* bòidheach, àlainn,
 lurach, maiseach
lover *n* leannan *m*
lovesick *a* an trom-ghaol
loving *a* gràdhach, ionmhainn
low *a* ìosal, ìseal
low *v* geum, bi a' geumnaich
lower *v* ìslich, lùghdaich
lowing *n* geumnaich *f*
Lowlander *n* Gall *m*, (*female*)
 bana-Ghall *f* *pl* Goill
low water *n* muir-tràigh *f*
loyal *a* dileas
loyalist *n* dilseach *m*
loyalty *n* dilseachd *f*
lubricate *v* liomh, dèan
 sleamhainn, cuir ola air/an
lucid *a* soilleir
luck *n* sealbh *m*, fortan *m*, rath
m **Good I.!** Gur(a) math a thèid
 dhut/leat!
lucky *a* sealbhach, fortanach
lucrative *a* airgeadach

ludicrous *a* amaideach, gòrach
luggage *n* bagaichean *m pl*,
 màileidean *f pl*
lukewarm *a* meadh-bhlàth,
 flodach
lull *v* meall; (*to sleep*) cuir a
 chadal
lullaby *n* tàladh *m*
lumbago *n* leum-droma *m*
lumber *n* treal(l)aich *f*, seann
 àirneis *f*
luminous *a* soillseach, deàlrach
lump *n* cnap *m*; (*geog*) meall *m*
 a l. sum cnap airgid *m*
lumpy *a* cnapach
lunacy *n* euslaint-inntinn *f*; (*met*)
 mullach an amaideis *m*
lunatic *n* euslainteach-inntinn *m*
lunch *n* lòn *m*, diathad *f l. break*
 tràth-bidh *m*, biadh meadhain-
 latha *m*
lung *n* sgamhan *m*
lurch *n* tulgadh *m*, siaradh *m*
v dèan tulgadh/siaradh
lure *v* buair, breug
lurid *a* eagalach, sgràthail, oillteil
lurk *v* falaich, siolp
luscious *a* sòghmhor
lush *a* mèath
lust *n* ana-miann *f m*, drù(i)s *f v*
 l. after/for sanntaich, miannaich
lustre *n* deàlrach *m*, gleans *m*,
 lannir *f*; (*met*) mòr-chliù *m*
luxurious *a* sòghail
luxury *n* sògh *m*, sòghalachd *f*
lying *n* (*phys*) laighe *f*; (*telling*
lies) innse bhreug *f*
a (*untruthful*) breugach
lynch *v* croch (gun chùirt)
lyric *n* liric *f*, ealaidh *f*
lythe *n* liugha *f*, liùgh *f*

M

machination *n* innleachd *f*
machine *n* inneal *m*
machinery *n* innealradh *m*; (*met*)
 modhan-obrach *f pl*
mackerel *n* rionnach *m*
mad *a* às a c(h)iall/rian *etc*;
 (*slang*) cracte **he was mad**
 (*angry*) bha an cuthach air
madam *n* bean-uasal *f*

madden *v* (*anger*) cuir an cuthach
 air
madness *n* dith-cèille *f m*; (*slang*)
 crac *m*
magazine *n* iris *f*; (*quarterly*)
 ràitheachan *m*; (*arms store*)
 armlann *f*; (*of gun*) cèis-
 bhiathaidh *f*
maggot *n* cnuimh *f*
magic *n* draoidheachd *f*
a draoidheil
magician *n* draoidh *m*
magistrate *n* bàillidh *m*,
 maigh(i)stir-lagha *m*
magnanimous *a* fial-inntinneach,
 fialaidh
magnet *n* magnait *m*, clach-iùil *f*
magnificent *a* òirdheirc
magnify *v* meudaich; (*extol*)
 àrdaich
magpie *n* pitheid *f*, pioghaid *f*
maid(en) *n* maighdeann *f*,
 gruagach *f*; (*servant*) searbhanta
f
mail *n* post *m*, litrichean *f pl*
m.-order òrdugh tron phost *m*
v post(aig), cuir sa phost
maim *v* ciorramaich, leòn, ciùrr
main *a* prìomh *m. road* rathad-
 mòr *m*
mainland *n* tìr-mòr *f m*, mòr-thìr
f
mainly *adv* anns a' mhòr-chuid,
 gu beagnaich
maintain *v* (*keep*) glèidh, cùm;
 (*support*) cùm suas; (*in*
argument) cùm a-mach, tagair
maintenance *n* gleidheadh *m*,
 cumail suas *f*; (*of person*)
 beathachadh *m*
maize *n* cruithneachd Innseanach
f m
majestic *a* flathail
majesty *n* mòrachd *f*, rìoghachd *f*
major *n* (*mil*) màidsèar *m*; (*sport*)
 prìomh fharpais *f*
major *a* mòr, cudromach;
 (*greater*) ... as/a bu motha
majority *n* mòr-chuid *f*, tromlach
f, a' chuid as/a bu motha *f*
make *n* seòrsa *m. m.-up* riomhadh
 (gnùis(e)) *m*; (*met*) dèanamh *m*,
 nàdar *m v* dèan; (*compel*) thoir

air, co-èignich; (*bed*) càirich *m*.
 for (*head for*) dèan air *m*.
believe leig air/oirre *etc* we'll *m*.
 it nì sinn a' chùis
male *n* fireannach *m a* fireann
malevolent *a* gamhlasach, le
 droch rùn
malice *n* mì-rùn *m*, droch rùn *m*,
 droch mhèinn *f*
malicious *a* droch-rùnach, droch-
 mhèinneach
malign *v* mì-chliùthaich
malignant *a* millteach; (*of cancer*)
 cronail, nimheil
mallard *n* lach riabhach *f*
malleable *a* so-chumte, a ghabhas
 cumadh
malnutrition *n* dith beathachaidh
f m, cion a' bhìdh *m*
malpractice *n* mì-chleachdadh *m*,
 droch ghiùlan *m*
malt *n* braich *f m. whisky* mac na
 braiche *m*
maltreat *v* droch-làimhsich, dèan
 droch ghiollachd air
maltreatment *n* droch-
 làimheachadh *m*, droch
 ghiollachd *m*
mammal *n* sineach *m*, mamal *m*
man *n* duine *m*, fear *m*,
 fireannach *m*; (*husband*) duine
manage *v* stiùir; (*be able to*) dèan
 a' chùis
manageable *a* so-riaghladh, so-
 stiùireadh, a ghabhas dèanamh
management *n* stiùireadh *m*,
 riaghladh *m*; (*personnel*) luchd-
 stiùiridh *m*
manager *n* manaidsear *m*,
 ceannbhair *m*
manageress *n* bana-mhanaidsear
f, bana-cheannbhair *f*
mandate *n* òrdugh *m*, àithne *f*;
 (*electoral*) ùghdarras *m*
mandatory *a* do-sheachanta,
 èigneachail
mane *n* muing *f*
manfully *adv* gu duineil, gu dian
mangle *v* reub, dèan ablach de
manhood *n* fearalas *m*
mania *n* boile-cuthaich *f*
maniac *n* neach-cuthaich *m*,
 caochanach *m*

manic *a* fon chuthach
manicure *n* grinneachadh làimhe
m v grinnich làmhan
manifest *a* follaiseach, soilleir
v taisbean, nochd, foillsich
manipulate *v* obraich
mankind *n* an cinne-daonna *m*
manliness *n* duinealas *m*,
 fearalachd *f*
manly *a* duineil, fearail
manner *n* modh *f m*, seòl *m*,
 dòigh *f*
mannerism *n* cleachdadh *m*, cleas
m, cuinse *f*
mannerly *a* modhail
manners *n* modh *f m*
manoeuvre *n* eacarsaich *f*; (*mil*)
 gluasad (airm) *m*; (*met*)
 innleachd *f*, cleas *m*
manpower *n* sgiobachd *f*
manse *n* mansa *m*
mansion *n* taigh/aitreabh mòr *m*,
 àros *m*
mantlepiece *n* breus *m*
manual *a* làimhe *m. work* obair
 làimhe *f n* leabhar-
 làimhe/mìneachaidh *m*
manufacture *v* dèan
manure *n* todhar *m*, mathachadh
m, innear *f*
manuscript *n* làmh-sgrìobhainn *f*
Manx *n* Gàidhlig Mhanainneach *f*
 a Manainneach
Manxman *n* Manainneach *m*
Manxwoman ban-
 Mhanainneach *f*
many *n* mòran *m a* iomadh,
 iomadach *m. people* mòran
 dhaoine *m. a time* ... 's iomadh
 uair ... **as m. again** uiread eile
 so *m. a* leithid de, uiread de
twice as m. a dhà uimhir
map *n* map(a) *m*, clàr-dùthcha
m
mar *v* mill
marble *n* màrmor *m*; (*ball*)
 marbal *m*, mìrleag *f*
March *n* am Màrt *m*
march *n* màrsail *f*, mèarrsadh *m*;
 (*tune*) caismeachd *f v* dèan
 màrsail/mèarrsadh, mèarrs
mare *n* làir *f*
margarine *n* margarain *m*

margin *n* oir *f* *m*, iomall *m*
marginal *a* iomallach,
 leathoireach
marigold *n* a' bhile bhuidhe *f*
marine *a* mara
mariner *n* maraiche *m*
maritime *a* cuantach
mark *n* comharra *m*; (*trace*)
 làrach *f* *m*, lorg *f*; (*currency*)
 marc *m* *v* comharraich;
 (*notice*) thoir fa-near, gabh
 beachd air
market *n* feill *f*, margadh *f* *m*,
 margaid *f* *m*. **place** ionad
 margaidh *m*
marketing *n* margaideachd *f*
marmalade *n* marmalaid *m*
marquee *n* puball *m*, pàilleann *m*
marquis *n* marcas *m*
marriage *n* pòsadh *m*
married *a* pòsta *m*. **couple** càraid
 phòsta *f*
marrow *n* smior *m*; (*veg*) mearag *f*
marry *v* pòs
marsh *n* boglach *f*, fèith *f*
m.-**marigold** lus buidhe
 Bealltainn *m*
marshal *v* cuir an òrdugh, trus
mart *n* ionad margaidh *m*
martial *a* gaisgeanta
Martinmas *n* an Fhèill
 M(h)àrtainn *f*, Latha Fhèill
 Màrtainn *m*
martyr *n* martarach *m*
marvel *n* iongnadh *m*, mìorbhail
f *v* gabh iongnadh
marvellous *a* mìorbhaileach,
 iongantach
Marxist *n*, *a* Marcsach *m*
mascot *n* suaichnean *m*
masculine *a* fearail; (*gram*) fireannta
mash *v* pronn
mashed *a* pronn
mask *n* aghaidh-choimheach *f*,
 aodannan *m*
mason *n* clachair *m*
masonry *n* clachaireachd *f*
mass *n* tomad *m*; (*great*
quantity) meall *m*, tòrr *m*;
 (*majority*) mòr-chuid *f*; (*relig*)
 aifreann *f* *m*
massacre *n* casgradh *m*
v casgair, murt

massage *n* suathadh/taosgnadh-
 bodhaig *m*
massive *a* tomadach, àibheiseach
mast *n* crann *m*
master *n* maigh(i)stir *m*; (*of ship*)
 sgiobair *m* *m*. **of ceremonies**
 fear an taighe *m* *v* (*subdue*)
 ceannsaich; (*become proficient*
in) fàs suas ri
masterly *a* ealanta, sgaiteach
masterpiece *n* sàr obair *f*, euchd
m
mat *n* brat *m*
match *n* maids(e) *m*, lasadair *m*;
 (*sport*) maids(e) *m*; (*equal*) seise
m, samhail *m* *m*.-**box** bogsa/
 bucas-mhaidseachan *m*
v freagair, co-fhreagair, maids
mate *n* cèile *m*, companach *m*;
 (*rank*) meat(a) *m*
material *n* stuth *m*
materialistic *a* saoghalta
maternal *a* màithreachail
maternity *a* màthaireil *m*. **hospital**
 ospadal mhàthraichean *m*
m. **leave** fòrladh màthaireil *m*
mathematical *a* matamataigeach
mathematics *n* matamataig *m*
matrimony *n* dàimh-pòsaidh *f* *m*
matrix *n* machlag *f*; (*maths*)
 meatrags *f*
matron *n* bean-phòsta *f*; (*rank*)
 ban-cheannard *f*
matter *n* stuth *m*, brìgh *f*; (*affair*)
 gnothach *m*, cùis *f* **what's the**
m.? dè tha ceàrr? *v* **it does not**
m. chan eil e gu diofar
mattress *n* bobhstair *m*
mature *a* abaich, inbheach, air
 tighinn gu ìre *v* abaich
maturity *n* abaichead *m*, ìre *f*
maul *v* pronn, lidrig
mauve *n* liath-phurpaidh *m*
maximize *v* barraich
maximum *a* ... as motha **the m.**
a' chuid as motha *n* os-mheud
m
May *n* an Cèitean *m*, *a'* Mhàigh *f*
May Day Latha (Buidhe)
 Bealltainn *m*
may *v* (*permission*) faod;
 (*perhaps*) faod, 's dòcha **may I**
go? am faod mi falbh? **they**

may not chan fhaod iad **she**
may come faodaidh i tighinn;
 (*perhaps*) faodaidh gun tig i, 's
 dòcha gun tig i
mayday *n* gairm eiginne *f*
mayor *n* àrd-bhàillidh *m*,
 ceannard baile *m*
maze *n* ioma-shlighe *f*
me pròn mi, (*emph*) mise
meadow *n* lòn *m*, faiche *f*, dail *f*,
 làna *f*
meagre *a* gann, lom
meal *n* biadh *m*; (*flour*) min *f*
mean *a* spìocach; (*of spirit*)
 suarach, tàireil; (*stat*)
 meadhanail
mean *v* ciallaich; (*intend*) cuir
 romhad
meaning *n* ciall *f*, seagh *m*, brìgh *f*
meaningful *a* ciallach,
 brioghmhor
meanness *n* spìocaireachd *f*; (*of*
spirit) suarachas *m*
meantime *adv* an-dràsta **in the m.**
 anns an eadar-àm
meanwhile *adv* aig a' cheart àm
measles *n* a' ghriuthrach *f*,
 a' ghriuthlach *f*
measure *n* tomhas *m*; (*portion*)
 cuid *f*, roinn *f*; (*action*) ceum *m*
v tomhais
measurement *n* tomhas *m*
meat *n* feòil *f*
mechanic *n* meacanaig *f*
mechanical *a* meacanaigeach
mechanism *n* uidheam *f*; (*means*)
 meadhan *m*, dòigh *f*
medal *n* bonn *m* **gold medal**
 bonn òir
meddle *v* buin ri, cuir làmh an,
 gabh gnothach ri
media, **the** *n* na meadhanan *m* *pl*
mediate *v* rèitich, rach san
 eadraigin, eadar-
 mheadhanaich
mediation *n* eadraiginn *f*, eadar-
 ghuidhe *f*
mediator *n* eadar-mheadhanair *m*
medical *a* lèigh, meidigeach
medication *n* cungaidh leighis *f*
medicine *n* iocshlaint *f*, cungaidh
f; (*science*) eòlas-leighis *m*
medieval *a* meadhan-aoiseil

mediocre *a* meadhanach
meditate *v* beachdaich, beachd-
 smaoinich, meòraich
Mediterranean *n* a' Mhuir
 Mheadhan-thìreach *f*
a Meadhan-thìreach
medium *a* meadhanach *m*.-**sized**
 meadhanach mòr *m*. **wave** bann
 meadhanach *m* *n* meadhan *m*
meek *a* macanta, ciùin
meet *v* coinnich, tachair; (*gather*)
 cruinnich; (*fulfil*) coilean
meeting *n* coinneamh *f*; (*act of*)
 coinneachadh *m*
melancholy *n* leann-dubh *m*
a dubhach, fo leann-dubh
mellifluous *a* binn, milis
mellow *a* tlàth, làn-abaich
melodic/melodious *a* binn,
 fonnmhor
melody *n* fonn *m*
melon *n* meal-bhuc *m*
melt *v* leagh
member *n* ball *m* **MP** BP (Ball
 Pàrlamaid) *m* **MSP** BPA (Ball
 Pàrlamaid na h-Alba) **MEP** BPE
 (Ball Pàrlamaid Eòrpach)
membership *n* ballrachd *f*
membrane *n* meamran *m*
memento *n* cuimhneachan *m*
memoir(s) *n* eachdraidh-beatha *f*
memorable *a* ainmeil, fada air
 chuimhne
memorandum/memo *n*
 meòrachan *m*
memorial *n* cuimhneachan *m*
m. stone clach-chuimhne *f*
m. cairn càrn cuimhne *m*
m. service seirbheis
 cuimhneachaidh *f*
memorize *v* cùm air
 chuimhne
memory *n* cuimhne *f*
menace *n* bagradh *m*,
 maoidheadh *m* **he's a m.** 's e
 plàigh a th' ann *v* bagair,
 maoidh
mend *v* càirich **be on the m.** rach
 am feabhas, thig air adhart
menial *a* sgalaigail, seirbheiseil
meningitis *n* fiabhras
 eanchainn(e) *m*, teasach
 eanchainn *f*

mental *a* inntinneil **m. hospital**
ospadal inntinn *m*
mention *n* iomradh *m*, luaidh *m*
v ainmich, thoir
iomradh/tarraing air, dèan
luaidh air
menu *n* clàr-bìdh *m*, cairt-bìdh *f*;
(computer) clàr-iùil *m*
mercenary *n* (mil) amhasg *m*,
buanna *m*
mercenary *a* sanntach, miannach
air airgead
merchandise *n* bathar *m*
merchant *n* ceannache *m*,
marsanta *m* **the M. Navy** an
Cabhlach Marsantach *m*
merciful *a* tràcaireach,
iochdmhor
merciless *a* gun tràcair,
an-iochdmhor
mercury *n* airgead-beò *m*
mercy *n* tràcair *f*, iochd *f*
merely *adv* a-mhàin, dìreach
merge *v* rach còmhla, coimeasg,
dèan cothlamadh
merger *n* coimeasg(adh) *m*,
aonadh *m*
meringue *n* mearang *m*
merit *n* luach *m*, airidheachd *f*
v toill, bi airidh air
mermaid *n* maighdeann-mhara *f*
merriment *n* aighear *m*, mire *f*
merry *a* aighearach, mear
mesh *n* mogal *m*
mesmerize *v* dian-ghlac, cuir fo
gheas
mess *n* bùrach *m*, butarrais *f*;
(staff) seòmar-comaidh *m*
message *n* teachdaireachd *f*
messenger *n* teachdaire *m*
metabolism *n* meatabolachd *f*,
fàs-atharrachadh *m*
metal *n* meatailt *f* **m. work** obair
mheatailt *f*
metamorphose *v* cruth-atharraich
metaphor *n* meatafor *m*
metaphorical *a* meataforach
metaphysical *a* feallsanachail
meteor *n* dreag *f*, rionnag-
earbaill *f*
meteorite *n* aileag *f*, sgeith-
rionnaig *f*
meteorological *a* dreagach **Met.**

Office Oifis na Side *f*
meteorology *n* eòlas-side *m*
meter *n* inneal-tomhais *m*
method *n* dòigh *f*, seòl *m*, modh *f*
m; (order) rian *m*
methodical *a* òrdail, rianail
methodology *n* dòigh-obrach *f*,
modh-obrach *f* *m*
metre *n* meatair *m*; (of poetry)
rannaigheachd *f*, meadrachd *f*
metric *a* meatrach
metrical *a* rannaigheachd,
meadrachail
metro *n* trèan fo thalamh *m*
metropolitan *a* prìomh-bhailteach
mettle *n* smioralachd *f*
mew *v* dèan miathalach/
miamhail
Michaelmas *n* an Fhèill
M(h)icheil *f*, Latha Fhèill
Micheil *m*
microbe *n* bitheag *f*, meanbhag *f*
microbiology *n* meanbh-bhith-
eòlas *m*
microphone *n* maicreafòn *m*
microscope *n* maicreasgop *m*
microwave *n* meanbh-thonn *f*;
(oven) àmhainn mheanbh-
thonnach *f*
midday *n* meadhan-latha *m*
midden *n* sitig *f*, òcrach *f*, òtrach
f
middle *n* meadhan *m* **m.-aged** sa
mheadhan-latha (the) **M. Ages**
na Meadhan-Aoisean *f* *pl*
m.-class eagar meadhanach *m*
a meadhan, meadhanach
midge *n* meanbh-chuileag *f*
midnight *n* meadhan-oidhche *m*
midriff *n* (an) sgairt *f*
midsummer *n* meadhan (an t-)
samhraidh *m*; (St John's Day)
Latha Fèill Eòin *m*
midway *adv* letheach-slighe, sa
mheadhan
midwife *n* bean-ghlùine *f*
midwifery *n* banas-glùine *m*
might *n* cumhachd *m*, neart *m*,
spionnadh *m*
might *v* faod, 's dòcha; (ought)
bu choir dhut *a* seat belt **m.**
have saved his life dh'fhaodadh
gum biodh/gun robh crios-

sàbhalaidh air a-chumail beò
you m. have apologized to her
bha coir agad a bhith air
mathanas iarraidh oirre
mighty *a* cumhachdach,
foghainteach
migrate *v* dèan imrich
migration *n* imrich *f*; (overseas)
imrich cuain
mild *a* mállda, ciùin, tlàth
mildew *n* clòimh-liath *f*
mile *n* mìle *f* *m* **mileage** astar
mhltean **m. milestone** clach-
mhile *f*
militant *n* mìleantach *m*, cathach
m *a* mìleanta, cathachail
military *a* cogail, armailteach
militate *v* (against) obraich an
aghaidh
militia *n* mailisidh *m*
milk *n* bainne *v* bleoghain(n)
mill *n* muileann *f* *m* **millstone**
clach-mhuilinn *f*; (met) eallach *m*
millennium *n* mìle bliadhna *f* *m*
milligram *n* mìlegram *m*
millilitre *n* mìleliotair *m*
millimetre *n* mìlemeatair *m*
million *n* millean *m*
millionaire *n* milleanair *m*
mime *n* mìm *f* *v* dèan mìm
mimic *v* dèan atharraich (air)
mince *n* mìons *m*
mind *n* inntinn *f*, aigne *f*, ciall *f*
keep in m. cuimhnich *v* what did
you have in m.? dè bh' agad san
amharc? he is out of his m. tha
e às a chiall *v* thoir an aire,
thoir fa-near; (remember)
cuimhnich
mindful *a* cuimhneachail,
cùramach
mine *n* mèinn *f* **coal m.** toll-guail
m *v* cladhaich; (plant mines)
cuir mèinnean (an)
mine pron leamsa, agamsa **that's**
m. 's ann leamsa a tha sin this
memory of m. a' chuimhne seo
agamsa
miner *n* mèinneadair *m*, mèinnear
m
mineral *n* mèinnir *m*
a mèinnireach **m. water** uisge
mèinnireach *m*

mingle *v* measgaich, coimeasg,
cuir an ceann a chèile; (with
people) rach an lùib
minibus *n* bus beag *m*
minimal *a* fìor bheag; (least) as/a
bu lugha
minimize *v* lùghdaich, islich
minimum *n* a' chuid as/a bu
lugha *f*, ìos-mheud *m* *a* as/a bu
lugha
minister *n* ministear *m* *v* fritheil,
ministrealach
ministry *n* ministre(al)achd *f* **the**
M. of Defence Ministre(al)achd
an Dìon *f*
mink *n* mìn *m*
minor *a* beag, as lugha, fo-
n òg-aoisear *m*
minority *n* mion/beag-chuid *f*;
(age) òg-aois *f* **m. language**
mion-chànan *f* *m*
mint *n* meannt *m*; (place) taigh-
cùinnidh *m* he made a m. rinn e
fortan
minus *prep* às aonais (+ gen);
(math) thoir air falbh
minute *n* mionaid *f*; (of meeting)
geàrr-chunntas *m*
minute *a* meanbh, mion, beag
bìodach
miracle *n* mìorbhail *f*
miraculous *a* mìorbhailteach
mirage *n* mearachadh sùla *m*
mire *n* poll *m*, eabar *m*
mirror *n* sgàthan *m*
mirth *n* mire *f*, sùgradh *m*
misadventure *n* mì-shealbh *m*,
sgiorradh *m*
misbehave *v* bi ri mì-mhodh, bi
mì-mhodhail
misbehaviour *n* mì-mhodh *m*,
droch ghiùlan *m*
miscalculate *v* àireamhaich ceàrr;
(met) dèan co-dhùnadh ceàrr
miscall *v* càin
miscarriage *n* (med) asaid
anabaich *f*; (general) dol a dhith
m m. of justice iomrall ceartais *m*
miscarry *v* asaid an-abach;
(general) rach a dhith
miscellaneous *a* measgaichte,
eugsamhail
miscellany *n* measgachadh *m*

mischief *n* luathaireachd *f*;
(*serious*) aimhleas *m*, miastadh
m
mischievous *a* luathaireach
misconception *n* mì-thuigsinn *f*,
claon-bheachd *m*
misconduct *n* mì-mhodh *m*,
droch ghiùlan *m*
misdeanour *n* eucoir *f*,
mì-ghnìomh *m*
miser *n* spìocaire *m*
miserable *a* truagh, brònach
misfit *n* faondraiche *m*
misfortune *n* mì-fhortan *m*,
mì-shealbh *m*
misgiving(s) *n* teagamh(an) *m* (*pl*)
misguided *a* neo-ghlic, cearbach
misshap *n* mì-thapadh *m*, tubaist *f*
misinform *v* thoir fios meallta/
ceàrr
misinterpret *v* mì-bhreithnich, tog
ceàrr
misjudge *v* thoir mì-bhreith (air),
tuig ceàrr
mislay *v* caill
mislead *v* meall, mì-thrèoraich,
cuir ceàrr/air seachran
misleading *a* meallta
mismatch *n* neo-ionannachd *f*
misplace *v* caill
misprint *n* mearachd clò *f*
misrepresent *v* thoir claon-aithris
misrule *n* mì-riaghladh *m*;
(*anarchy*) mì-riaghailt *f*
Miss *n* A' Mhaighdeann *f* (*abb*)
A' Mh.
miss *v* ionndrainn; (*train etc*)
caill; (*target etc*) ana-cuimsich
missile *n* tilgean *m*, astas *m*
missing *a* a dhìth,
a dh'easbhaidh; (*person*) air
chall, gun lorg
mission *n* misean *f*; (*purpose*) rùn
m **statement** aithris rùin *f*
missionary *n* miseanaraidh *m*
mist *n* ceò *f* *m*, ceathach *m*
mistake *n* mearachd *f*, iomrall *m*
Mister (Mr) *n* Maigh(i)stir (Mgr) *m*
mistletoe *n* uil-ioc *m*
mistress *n* bana-mhaighstir *f*;
(*lover*) coimhleapach *f* *m*,
boireannach eile *m* **Mrs** A' Bh.
misty *a* ceòthach, ceòthar

misunderstand *v* tog ceàrr
misunderstanding *n* mì-thuigse *f*,
togail ceàrr *f*
misuse *n* mì-bhuileachadh *m*
mite *n* fineag *f*
mitigating *a* lasachaidh,
maothachaidh
mitigation *n* lasachadh *m*,
maothachadh *m*
mix *v* measgaich, cuir an lùib a
chèile, cothlaim
mixed *a* measgaichte, measgte
mixer *n* measgaichear *m*, inneal-
measgachaidh *m*
mixture *n* measgachadh *m*
moan *n* gearan *m*; (*sound*) acainn
f, osna *f* *v* gearain; (*sound*)
dèan acainn/osna
mob *n* gràisg *f*
mobile *a* gluasadach *m*. **phone** *n*
fòn-làimhe *f* *m*
mobility *n* gluasadachd *f*,
cothrom gluasaid *m*
mock *v* mag (air), dèan fanaid
(air)
mockery *n* magadh *m*, fanaid *f*
mod *n* mòd *m* **the National Mod**
am Mòd Nàiseanta **local m.**
mòd ionadail
mode *n* modh *f* *m*, dòigh *f*, seòl
m, rian *m*
model *n* modail *m*, cruth *m*,
samhail *m*; (*make*) seòrsa *m*;
(*fashion*) modail *m* **a m.**
employee brod an obraiche
v deilbh, cum, dealbhaich *m*.
oneself on lean eisimpleir
(+ *gen*)
modern *n* mòdam *m*
moderate *a* cuibheasach,
meadhanach; (*disposition*)
stuama, riaghailteach *v* (*of*
weather) ciùinich; (*exams*)
co-mheas
moderation *n* stuaim *f*,
riaghailteachd *f*; (*of exams*)
co-mheasadh *m*
moderator *n* co-mheasadair *m*;
(*eccl*) moderàtor *m*
modern *a* ùr, nuadh, nodha
modernize *v* ùraich, nuadhaich
modest *a* nàrach, mālda,
socharach

modesty *n* beusachd *f*, mālalachd
f, socharachd *f*
modify *v* atharraich, leasaich
module *n* modal *m*
moist *a* tais, bog
moisten *v* taisich, bogaich
moisture *n* taisachd *f*, fliche *f*
mole *n* (*animal*) famh *f*; (*on skin*)
ball-dòrain *m*; (*insider*)
ruamharaiche *m* **molehill**
dùnan-faimh *m*
molecule *n* moileciuil *m*
molest *v* (*accost*) thoir ionnsaigh
air; (*annoy*) cuir dragh air
mollify *v* maothaich, ciùinich
molten *a* leaghte
moment *n* tiota(n) *m*, mòmaid *f*
momentary *a* car tiota
momentous *a* fìor chudromach
momentum *n* cumhachd gluasaid
m; (*velocity*) luaths *m*
monarch *n* monarc *m*
monarchist *n* monarcach *m*
monarchy *n* monarcachd *f*
monastery *n* manachainn *f*
Monday *n* Diluain *m*
monetary *a* ionmhasail
money *n* airgead *m*
mongol *n* mongolach *m*
mongrel *n*, a eadar-ghnè *f*
monitor *v* cùm sùil air, sgrùd
monk *n* manach *m*
monkey *n* muncaidh *m*
mono- *pref* aon-
monopolize *v* lèir-shealbhaich,
gabh thairis
monopoly *n* monopolaichd *f* *m*,
lèir-shealbhadh *f*
monotonous *a* aon-duanach,
liosta
monotony *n* an aon duan *m*,
liostachd *f*
monster *n* uilebheist *f* *m*
monstrous *a* sgriosail, oillteil
month *n* mìos *f* *m*
monthly *a* mìosail
monument *n* carragh-cuimhne *f*,
càrn-cuimhne *m*
mood *n* sunnd *m*, gleus *f* *m*,
triom *f*; (*gram*) modh *f* *m*
moody *a* caochlaideach,
greannach, frionasach
moon *n* gealach *f* *m* **moonlight**

solas na gealaich *m* **the man in**
the m. bodach na gealaich *m*
moor *n* mònteach *f*, monadh *m*
m. fire falaig *f*
moor *v* acraich
moorhen cearc-fhraoich *f*
moose *n* lon *m*
mop *n* mop *m*, sguab-fhliuch *f*
mope *v* bi fo ghruaimean
moral *a* moralta, beusach
n (*of story*) teagasg *m*,
teachdaireachd *f* **morals** *n*
beusan *f* *pl*
morale *n* misneachd *f*, spiorad *m*
morality *n* moraltachd *f*
morass *n* bog(l)ach *f*
morbid *a* mì-fhallain, dubhach
more *n* tuilleadh *m*, barrachd *f*
adv any *m*. tuilleadh, nas mò
morning *n* madainn *f*
moron *n* lethchiallach *m*
morose *a* gruamach, mùgach
morphia, morphine *n* moirfin *f*
morsel *n* mìr *f*, criomag *f*, bideag
f
mortal *a* bàsmhor
mortar *n* aol-tàthaidh *m*
mortgage *n* morgaids(e) *m*
mosaic *n* breac-dhualadh *m*
Moslem *n*, a *See* Muslim
mosque *n* mosg *m*
mosquito *n* mosgioto *f*
moss *n* (*bot*) còinneach *f*; (*topog*)
bog(l)ach *f*
most *n* a' mhòr-chuid *f*, a' chuid
as motha *f* *a* as motha/a bu
mhotha, a' chuid as motha/a bu
mhotha
mostly *adv* mar as trice, sa mhòr-
chuid
moth *n* leòmann *m*
mother *n* màthair *f* **m.-in-law**
màthair-chèile *f*
motion *n* gluasad *m*; (*at meeting*)
moladh *m* **set in m.** cuir a dhol *v*
motivate *v* spreag, brod
motivation *n* togradh *m*
motive *n* adhbhar *m*, ceann-fàth *m*
motley *a* ioma-sheòrsach, ioma-
dhathach
motor *n*, a motair *m* **m. bicycle**
motair-baidhsagal *m* **m.-cycle**
motair-rothair *m*

motorist *n* motairiche *m*
motorway *n* mòr-rathad *m*
motto *n* faca(i)l-suaicheantais *m*
mould *n* mollair *m*; (*form*) cruth *m*
blue m. clòimh-liath *f* *v* com
moult *v* cuir/tilg na h-itean, cuir
 fionnadh/gaoisid
mound *n* tom *m*, tòrr *m*
mound v dirich, streap; (*horse*)
 rach air muin eich; (*set up*) cuir
 air dòigh
mountain *n* beinn *f*, monadh *m*
mountaineer *n* streapadair
 (beinne) *m*
mountaineering *n*
 streapadaireachd *f*, streap nam
 beann *m*
mourn *v* caoidh
mournful *a* brònach, tiamhaidh
mourning *n* bròn *m*, caoidh *f*,
 tuireadh *m* in *m.* a' caoidh, ri
 bròn
mouse *n* luch *f*
moustache *n* stais *f*
mouth *n* beul *m*; (*large*) craos *m*
m.-music port-à-beul *m*
m.-organ òrgan-beòil *m*
mouthful *n* làn-beòil *m*, balgam
m
move *v* gluais, caraich; (*propose*)
 cuir air adhart, mol *m.* house
 dèan imrich/imprig
movement *n* gluasad *m*
moving *a* (*emotion*) drùidhteach
mow *v* geàrr, buain
mower *n* lomaire *m*
much *adv* mòran; (*with a*) fada
 as *m.* again uimhir eile as *m.* as
 uiread ri/agus too *m.* cus that is
m. better tha sin fada/cus/
 mòran nas fheàrr *n* mòran *m*
muck *n* salchar *m*, eabar *m*;
 (*manure*) buachar *m*, innear *f*
mucky *a* salach
mucus *n* ronn *m*
mud *n* poll *m*, eabar *m*
muddle *n* bùrach *m*, troimh-a-
 chèile *f* *m* *v* cuir troimh-a-chèile
muddy *a* eabarach, fo eabar/pholl
muffle *v* (*wrap up*) còmhdaich;
 (*dead*) mùch
mug *n* muga *f* *m*; (*fool*) gloidhc *f*
mug *v* dèan braid-ionnsaigh

mugging *n* braid-ionnsaigh *f*
muggy *a* bruthainneach
Mull person *n* Muileach *m*,
 (*female*) ban(a)-Mhuileach *f*
multi- pref ioma-
multicoloured *a* ioma-dhathach
multicultural *a* ioma-chultarach
multilateral *a* ioma-thaobhach
multilingual *a* ioma-chànanach
multimedia *n* ioma-mheadhan *m*
multinational *a* ioma-nàiseanta
multiple *a* ioma-sheòrsach,
 iomadach
multiplication *n* iomadachadh *m*,
 meudachadh *m*
multiply *v* iomadaich, meudaich;
 (*genetically*) siolaich, fàs
 lionmhor
multitude *n* mòr-shluagh *m*
mum(my) *n* mamaidh *f*
mumble *v* bi a' brunnail
mumps *n* an t-at-busach *m*, an
 tinneas-plocach *m*
munch *v* cagainn
mundane *a* àbhaisteach, làitheil
mural *n* dealbh-balla *m*
murder *n* murt *m* *v* dèan murt
murderer *n* murtair *m*
murmur *n* (*of nature*) monmhar
m, torman *m*, crònan *m*;
 (*person*) brunnail *f*
muscle *n* feith *f*
muscular *a* feitheach
museum *n* taigh-tasgaidh *m*
mushroom *n* balgan-buachair *m*
music *n* ceòl *m*
musical *a* ceòlmhor, binn;
 (*person*) math air ceòl
m. instrument *n* inneal-ciùil *m*
musician *n* neach-ciùil *m*
Muslim *n*, a Muslamach *m*,
 (*female*) ban-Mhuslamach *f*
mussel *n* feusgan *m*
must *v* feumaidh, bi aig ... ri,
 's èiginn do, 's fheudar do
mustard *n* (*bot*) sgeallan *m*;
 (*condiment*) mustard *m*
muster *v* cruinnich, trus
musty *a* tungaidh, fuaraidh
mutation *n* mùthadh *m*,
 atharrachadh *m*
mute *a* balbh, tostach
mutilate *v* ciorramaich, geàrr

mutiny *n* ceannairc *f*, ar-a-mach
m *v* dèan ceannairc/ar-a-mach
mutter *v* dèan drannan/gearan
mutton *n* muilt-fheòil *f*, feòil
 caorach *f*
mutual *a* co-aontach, a rèir *a*
 chèile
muzzle *v* cuir glas-ghuib air
my poss pron mo, (*before*
vowels) m', agam(sa) **my key** an
 iuchair agam
myself pron mi fhèin/fhìn
mysterious *a* diomhair
mystery *n* diomhaireachd *f*, rùn
 diomhair *m*
mystical *a* fàidheanta
mystify *v* cuir an imcheist
myth *n* miotas *m*, uirsgeul *m*
mythical *a* miotasach
mythology *n* miotas-eòlas *m*

N

nag *v* dèan cànan
nail *n* tarrag *f*; (*finger/toe*) ine *f*
n.-file lìomhan-inean *m*
n. varnish bhàrnais inean *f*
naive *a* neo(i)chiontach, simplidh
naked *a* lomnochd, rùisgte
name *n* ainm *m*; (*reputation*) cliù
m *v* ainmich **give a n. to** thoir
 ainm air
nap *n* norrag *f*, snuachdan *m*,
 cadalan *m*; (*on cloth*) caitean *m*
napkin *n* nèapaigin *m*
nappy *n* badan *m*
narrate *v* aithris
narration *n* aithris *f*, iomradh *m*,
 seachas *m*
narrator *n* neach-aithris *m*,
 seachaidh *m*
narrow *a* cumhang, caol
n.-minded cumhang
nasty *a* mosach, suarach
nation *n* nàisean *m*, dùthaich *f*,
 rìoghachd *f*
national *a* nàiseanta **n. insurance**
n àrachas nàiseanta *m* **the N.**
Health Service Seirbheis
 Nàiseanta na Slàinte *f*
nationalism *n* nàiseantachas *m*
nationalist *n*, a nàiseantach *m*
nationality *n* nàiseantachd *f*

nationalize *v* stàit-shealbhaich,
 cuir an seilbh na stàite
native *n* dùthchasach *m* *n.* of
 neach a mhuinntir ... *m* (+ *gen*)
a dùthchasach, san dualchas
n. speaker fileantach ((bh)o
 dhùthchas) *m*
natural *a* nàdarra(ch)
naturalist *n* neach-eòlais-nàdair
m
naturally *adv* gu nàdarra(ch)
nature *n* nàdar *m*, gnè *f*, seòrsa *m*
n. reserve tèarmann nàdair *m*
naught *n* neoni *m*
naughty *a* dona, mì-mhodhail
nausea *n* òrrais *f*, neoshannt *m*
nautical *a* seòlaidh, maraireachd
navel *n* imleag *f*
navigate *v* (*plot course*) tog
 cùrsa; (*make passage*) seòl
navigation *n* mara(irea)chd *f*
navy *n* cabhlach *m*, nèibhidh *m*
navy-blue *a* dubh-ghorm
neap-tide *n* conntraigh *f*
near *a* faisg (air), dlùth (air),
 teann (air)
nearly *adv* faisg/dlùth air;
 (*almost*) cha mhòr nach (+ *v*)
neat *a* grinn, sgiobalta, cuimir
necessary *a* riatanach,
 deatamach, do-sheachanta
necessity *n* riatanas *m*,
 deatamachd *f* **dire n.** an dubh-
 èiginn *f*
neck *n* amha(i)ch *f*, muineal *m*
necklace *n* seud-muineil *m*,
 usgar-bràghad *m*, paidirean *m*
need *n* feum *m*; (*want*) dith *f* *m*,
 easbhaidh *f*; (*poverty*) airc *f*
v bi feumach air; (*must*)
 feum(aidh); (*want*) bi a dhith
 air **we n. money** tha sinn
 feumach air airgead **we'll n. to**
 go feumaidh sinn falbh **what do**
you n.? dè tha dhith ort? **you n.**
 not do that cha leig/ruig thu a
 leas sin a dhèanamh
needle *n* snàthad *f*
needless *a* gun adhbhar
needy *a* ainneiseach,
 easbhaidheach *n* the *n.* na
 feumaich *m* *pl*
negative *a* àicheil

neglect *n* dearmad *m* *v* dèan dearmad (air), bi gun diù (mu)
negligence *n* dearmadachd *f*, mì-chùram *m*, cion diù *m*
negligent *a* dearmadach, mì-chùramach
negligible *a* suarach, neonitheach
negotiate *v* barganaich, dèan gnothach (ri), co-rèitich
negotiation *n* barganachadh *m*, co-rèiteachadh *m*
neigh *v* dèan sìtir/sitrich, sìtrich
neighbour *n* nàbaidh *m*, coimhearsnach *m*
neighbourhood *n* nàba(idhea)chd *f*, coimhearsnachd *f*
neither *a*, *pron* a h-aon *conj* cha mhò *adv* nas mò **n. of them** stayed cha do dh'fhuirich a h-aon aca/fear seach fear aca/tè seach tè aca **she doesn't drive and n. does he** cha dèan ise dràibheadh 's cha mhò a nì esan
neo- *pref* nuadh-
nephew *n* mac peathar/bràthar *m*
nerve *n* fèith-mhòthachaidh *f*, nearbh *f* **what a n.!** abair aghaidh! **he lost his n.** chaill e a mhisneachd
nervous *a* iomagaineach, nearbha(sa)ch
nest *n* nead *f* *m* *v* nedaich
net *n* lion *m* **the Net** an Lion
netball *n* ball-lìn *m*
nettle *n* deanntag *f*, feanntag *f*
network *n* lion *m*, lionra *m* *v* dèan lionra; (*met*) dèan eadar-cheanglaichean
neuter *a* (*gram*) neodrach
neutral *a* neo-phàirteach, gun taobh
never *adv* (*with neg v*) a-chaoidh, gu bràth, uair sam bith; (*in past*) (a-)riamh **n. mind!** *interj* coma leat!
nevertheless *adv* an dèidh sin, a dh'aindeoin sin
new *a* ùr, nuadh **New Year** a' Bhliadhn' Ùr *f* **N. Year's Day** Latha na Bliadhn' Uire *m*
Happy New Year! Bliadhna Mhath Ùr!
news *n* naidheachd *f*, fios *m*

newspaper pàipear-naidheachd *m*
next *a* an ath (+ *len*), ... as fhaisge/a b' fhaisge *adv* a-nis **n. week** an ath sheachdain **what next!** dè nis!, dè an ath rud!
nibble *v* criom, creim
nice *a* gasta, laghach, snog
niche *n* cùil *f*, oisean *m*
nick *n* eag *f* **in the n. of time** dìreach na uair/ann an tìde *v* eagaich; (*steal*) goid
nickname *n* far-ainm *m*, frith-ainm *m*
niece *n* nighean peathar/bràthar *f*
night *n* oidhche *f* **all n.** fad na h-oidhche **at n.** air an oidhche **the n. before last** a' bhòn-raoir **last n.** a-raoir **tonight** a-nochd **tomorrow n.** an ath-oidhch'
nightgown/nightie *n* gùn-oidhche *m*
nightmare *n* trom-laighe *f* *m*
nil *n* neoni *m*
nimble *a* clis, sgiobalta
nine *n* a naoi *a* naoi, naodh **n. people** naoinear, naodhnar *f* *m*
nineteen *n*, *a* naoi-deug, naodh-deug **n. points** naoi puingeann deug
ninety *n*, *a* ceithir fichead 's a deich, naochad *m*
ninth *a* naoidheamh, naodhamh
nip *n* bideadh *m*, teumadh *m*; (*of whisky*) tè bheag *f* *v* bid, teum
nit *n* mial *f*
no *neg response* cha/chan *plus verb used in question* **will you be there?** no am bi thu ann? cha bhi **will she tell him?** no an innis i dha? chan innis *a* sam bith, gin, sgath **it was of no benefit to him** cha robh buannachd sam bith ann dha **we have no milk** chan eil sgath bainne againn **there were no children** cha robh gin a chloinn ann *adv* càil/dad nas ... (*with neg v*) **he is no better** chan eil e càil/dad nas fhearr
nobility *n* uaislean *m* *pl*, maithean *m* *pl*; (*quality*) uaisleachd *f*
noble *n*, *a* uasal *m*

nobody/no one *n* (*after neg v*) aon *m*, duine *m* **there was n.** to be seen cha robh duine/neach (sam bith) ri fhaicinn
nod *n* gnogadh cinn *m*
nodded off *v* gnog/crom (do cheann) **she nodded off** rinn i norrag
noise *n* fuaim *f* *m*
noisy *a* fuaimneach, gleadhach, faramach
nominal *a* san ainm
nominate *v* ainmich
nomination *n* ainmeachadh *m*
nominate *a* ainmneach **the n.** case an tuiséal ainmneach *m*
non- *pref* neo-
non-stop *a*, *adv* ... gun stad
nonchalant *a* gun chùram
none *pron* (*after neg v*) aon duine *m*, neach (sam bith) *m*, gin *f*, sgath *m*
nonsense *n* amaideas *m*
nook *n* cùil *f*, iùc *f*
noon *n* nòin *m*, meadhan-latha *m*
nor *conj* no, cha mhò
norm *n* àbhaist *f*
normal *a* riaghailteach, àbhaisteach, gnàthach
normally *adv* am bitheantas, anns a' chumantas
Norse *a* Lochlannach
north *n*, *a* (an) tuath *m*, an àird *a* tuath *f* **in the n.** mu thuath **n. of tuath air n.-east** (an) ear-thuath **n. n.-west** (an) iar-thuath *m*
Norwegian *n*, *a* Nirribheach *m*, (*female*) ban-Nirribheach *f*
nose *n* sròn *f* **nosebleed** leum-sròine *m*
nostalgia *n* cianalas *m*
not *adv* cha, chan, na, nach **we will not go there** cha tèid sinn ann **I will not leave it** chan fhàg mi e **do not move it** na gluais e **he said that he would not do that** thuirt e nach dèanadh e sin
notable *a* ainmeil, sònraichte
notch *n* eag *f*
note *n* nota *f*; (*letter*) sgriobag *f*; (*mus*) pong *m* *v* thoir fa-near, comharraich
noted *a* ainmeil, cliùiteach
nothing *n* neoni *m*; (*with neg*)

nì/rud sam bith **she would think n. of it** cha shaoileadh i dad dheth
notice *n* fios *m*, brath *m*; (*written*) sanas *m*; (*warning*) rabhadh *m* *v* mothaich, thoir fa-near, thoir an aire
notify *v* leig fhaicinn do, thoir fios (do)
notion *n* beachd *m*, smaoin *f*; (*concept*) bun-bheachd *m*
notorious *a* suaicheanta, le droch cliù
noun *n* ainmear *m* **verbal n.** ainmear gnìomhaireach
nourish *v* àraich, beathaich, tog
nourishment *n* beathachadh *m*
novel *n* nobhail *f*, uirsgeul *m*
novel *a* nuadh, annasach
novelty *n* annas *m*
November *n* an t-Samhain *f*
now *adv* a-nis(e), an-dràsta, an ceartuair
nowadays *adv* an-diugh, san là an-diugh
nowhere *adv* (*after neg v*) an àite sam bith
nozzle *n* soc *m*, smeachan *m*
nuclear *a* niùclasach **n. power** cumhachd niùclasach *f* *m*
n. waste sgudal niùclasach *m*
n. weapons armachd niùclasach *f*
nucleus *n* niùclas *m*
nude *a* rùisgte, lomnochd
nudge *v* put
nuisance *n* dragh *m*
null *a* gun stàth, gun bhrìgh
n. and void falamh gun èifeachd
numb *a* meilichte, rag le fuachd, anns an eighleach **n. with cold** air a lathadh *etc* *v* meilich, ragaich
number *n* àireamh *f* **phone n.** àireamh-fòn *v* cunnt(ais), àireamhaich
numeral *n* figear *m*
numerate *a* àireamhachail
numerical *a* àireamhach
numerous *a* lionmhor, iomadach (*precedes n*)
nun *n* bean-chràbhaidh *f*, cailleach-dhubh *f*

nurse *n* banaltram *f*, nurs *f* *m*,
v nurs(aig), altraim
nursery *n* seòmar-altraim *m*;
 (school) sgoil-àraich *f*; (bot)
 planntlan *f*
nursing *n* banaltramachd *f*,
 nursadh *m*; (of child) altramas
m **n.-home** taigh-altraim *m*
nurture *v* àraich, oileanaich
nut *n* (food, mech) cnò *f*
nutrition *n* beathachadh *m*,
 mathas *m*
nylon *n* nàidhlean *m*

O

oak *n* darach *m* **a** daraich
oar *n* ràmh *m*
oasis *n* innis-fasaich *f*
oatcake *n* aran-coirce *m*
oath *n* bòid *f* **oaths** mionnan *f* *m*
pl
oatmeal *n* min-choirce *f*
oats *n* coirce *m*
obdurate *a* rag-mhuinealach
obedience *n* ùmhlaichd *f*
obedient *a* umhail
obese *a* reamhar, tiugh, sultmhor
obey *v* bi umhail (do)
obituary *n* iomradh-bàis *m*;
 (death notice) sanas bàis *m*
object *n* nì *m*, rud *m*; (objective)
 adhbhar *m* **o. of** ... cùis- ... *f*,
 cuspair *m* (+ gen); (gram)
 cuspair *m*
object *v* cuir an aghaidh
objection *n* cur an aghaidh *m*,
 gearan *m*
objective *n* amas *m*, ceann-uidhe
m **a** cothromach, neo-
 eisimeileach
obligation *n* comain *f*, dleastanas
m
oblige *v* (require) cuir mar
 fhiachaibh air; (do a favour to)
 cuir fo chomain
obliging *a* easgaidh, deònach
obliterate *v* dubh a-mach
oblong *a* cruinn-fhada
obnoxious *a* gràineil
obscene *a* draosta, drabasta
obscure *a* doilleir; (met)
 diomhair *v* dèan doilleir, cuir

fo sgleò, falaich
observant *a* forail, mothachail,
 aireil
observatory *n* amharclann *f*
observe *v* amhairc, coimhead,
 thoir an aire; (keep) cùm, gleidh
observer *n* neach-coimhid *m*,
 neach-amhairc *m*
obsession *n* beò-ghlacadh *m*
obsolete *a* à cleachdadh, (bh)o
 fheum
obstacle *n* cnap-starra *m*, bacadh
m
obstinate *a* rag-mhuinealach,
 fada na c(h)eann fhèin etc
obstruct *v* bac, cuir bacadh air
obstruction *n* cnap-starra *m*,
 bacadh *m*
obtain *v* faigh
obvious *a* follaiseach, soilleir,
 nochde
occasion *n* (event) tachartas *m*;
 (reason) adhbhar *m*; (time) uair
f, turas *m* **on one o.** aon
 uair/turas
occasionally *adv* corra uair, an-
 dràsta 's a-rithist, (bh)o àm gu
 àm
occupation *n* obair *f*, dreuchd *f*;
 (of property) gabhail thairis *m*
occupy *v* gabh sealbh/
 còmhnaidh; (space) lìon; (time)
 cuir seachd tide; (property)
 gabh thairis
occur *v* tachair **o. to** thig a-steach
 air
occurrence *n* tachartas *m*
ocean *n* cuan *m*, fairge *f*
octagon *n* ochd-shliosach *m*
octave *n* ochdad *m*
October *n* an Dàmhair *f*
octopus *n* ochd-chasach *m*,
 gibeannach-meurach *m*
odd *a* neònach, àraid; (number)
 còrr **o. one out** (an) conadal *m*
odds *n* còrrach *m*; (leftovers)
 fuidheall *m* **against the o.** an
 aghaidh an t-sruth **it makes no**
o. is coma, chan eil e gu diofar
ode *n* duan *m*
odour *n* boladh *m*, boltradh *m*
of *prep* de/dhe, à **one of these**
days latha dhe na lathaichean

many of us mòran againn/dhinn
think of it smaoinich air/mu
 dheidhinn (often conveyed by
 gen form) **a sum of money** sùim
 airgid) **of course it is** nach eil
 fhios gu bheil
off *prep* de, dhe, bhàrr/far (+ gen)
the car went off the road chaidh
 an càr bhàrr an rathaid/dhen
 rathad **adv** dheth **he put off the**
light chuir e dheth an solas **they**
made off rinn iad às **come off it!**
 thalla is thoir ort! **it's gone off**
 (gone bad) tha e air fàs grod
offence *n* oibheum *m*, coire *f*;
 (criminal) eucoir *f*
offend *v* dèan/thoir oibheum do;
 (criminally) dèan eucoir
offender *n* eucorach *m*, ciontach
m
offensive *a* oibheumach;
 (attacking) ionnsaigheach
offer *n* tairgse *f*, tathann *m*
v tairg, dèan/thoir tairgse,
 tathainn
offhand *a* coma, beag-sùim
office *n* oifis *f*, oifig *f*; (role)
 dreuchd *f*
officer *n* oifigear *m*
official *n* oifigeach *m* **a** oifigeil
o. opening fosgladh oifigeil *m*
offspring *n* sliochd *m*, àl *m*
often *adv* (gu) tric, (gu) minig
oil *n* ola *f* **v** cuir ola air **oilfield**
 raon-ola *m* **oilrig** crann-ola *m*
oil-tanker tancair ola *m*
oily *a* olach, ùilleach
ointment *n* acfhainn *f*, aolmann
m
old *a* sean, aosta **old-fashioned**
 seann-phasanta **old man** bodach
m **old woman** cailleach *f*
olive *n* (tree) crann-ola *m*; (fruit)
 meas a' chroinn-ola *m*, dearc-
 ola *m* **o.-oil** ola a' chroinn-ola *f*
omen *n* manadh *m*
ominous *a* droch-fhàistinneach
omission *n* dearmad *m*
omit *v* dèan dearmad, fàg às
omnipotent *a* uile-chumhachdach
on *prep* air; (after) an dèidh **adv**
 air; (onwards) air adhart **off**
 and on air is dheth, thuige 's

bhuaithe
once *adv* uair, aon uair/turas
one *n* a h-aon; (person) neach *m*,
 fear *m*, tè *f*; (one thing) aon(an)
m
one *a* aon **one-way** aon-
 shligheach
onerous *a* trom, sàrachail
onion *n* uinnean *m*
on-line *n* air loidhne
only *a* aon **the o. way** an aon
 dòigh **adv** a-mhàin *conj* (after
 neg *v*) ach **he o. wanted to help**
 her cha robh e ach airson a
 cuideachadh
onus *n* uallach *m*
onward *adv* air adhart
ooze *v* sil
opaque *a* doilleir, do-lèirsinneach
open *v* fosgail **a** fosgailte;
 (frank) fosgarra
opener *n* fosglair *m*
opening *n* fosgladh *m*, beàrn *f* *m*
openly *adv* gu fosgailte
opera *n* opara *f* *pl* oparathan
operate *v* obraich; (med) dèan
 opairèisean, cuir fon sgithinn
operation *n* obair *f*, gnìomhachd
f; (med) opairèisean *f* *m*
opinion *n* barail *f*, beachd *m*
o. poll cunntas-bheachd *m*
opinionated *a* rag-bharalach, fada
 na c(h)eann fhèin etc
opponent *n* cuspairiche *m*, neach-
 dùbhlain *m*
opportune *a* fàbharach
opportunity *n* cothrom *m*
oppose *v* cuir an aghaidh
opposite *n* ceart-aghaidh *f* *prep*
 (+ gen) fa chomhair, mu
 choinneamh
opposition *n* cur an aghaidh *m*,
 dùbhlain *m*; (polit) **the O.** am
 Partaidh Dùbhlannach *m*
oppress *v* claidh, dèan fòirneart
 air
oppression *n* ainneart *m*,
 fòirneart *m*
oppressive *a* ainneartach,
 fòirneartach; (weather) trom,
 murtaidh
opt for *v* tagh **opt out** tarraing
 a-mach/às

optician *n* fradhairciche *m*, neach nan sùilean *m*
optimism *n* so-aigne *f*
optimistic *a* so-aigneach
option *n* roghainn *f m*
optional *a* roghnach, ri roghnachadh
opulence *n* saidhbheas *m*, toic *f*
or *conj* no, air neo
oral *a* labhairteach, beòil
o. tradition beul-aithris *f*
orange *n* orainsear *m* **o. juice** sùgh orains *m* *a* orains
orator *n* òraidiche *m*
orbit *a* reul-chuairt *f*, cuairt *f*
Orcadian *n*, *a* Arcach *m*, (*female*) ban-Arcach *f*
orchard *n* ubhal-ghort *m*
orchestra *n* orcastra *f*
ordain *v* socraich, sònraich; (*relig*) cuir an dreuchd
ordeal *n* cruaidh-dheuchainn *f*
order *n* òrdugh *m*, òrdan *m*; (*relig*) riaghailt *f* **in o. that** air chor ('s gu) **out of o.** briste; (*met*) mì-ìomchaidh
order *v* òrdaich; (*arrange*) cuir an òrdugh
orderly *a* òrdail, riaghailteach
ordinary *a* àbhaisteach, cumanta
ore *n* clach-meinnir *f*
organ *n* (*body*) ball *m*; (*mus*) òrgan *m*
organic *a* fàs-bheairteach
organist *n* òrganaiche *m*
organization *n* buidheann *f m*; (*act of*) eagrachadh *m*
organize *v* cuir air dòigh, eagraich
organizer *n* neach-eagrachaidh *m*, eagraiche *m*
orgy *n* ruidhtearachd *f*
oriental *a* earach
orifice *n* fosgladh *m*
origin *n* tùs *m*, bun *m*, màthair-adhbhar *f*
original *a* tùsail, prìomh, bun-
originate *v* tàrmaich, tòisich
ornament *n* òrnaid *f*
ornamental *a* òrnaideach
ornate *a* mòr-mhaisichte, mòr-sgeadaichte
ornithology *n* eun-eòlas *m*

orphan *n* dilleachdan *m*
orthodox *a* gnàthach; (*relig*) ceart-chreideach
osprey *n* iolair-uisge *f*
ostrich *n* struth *m*
other *pron* eile **the o. day** an latha roimhe **one after the o.** fear/tè às deidh fir/tè **the others** càch **they gave each o. gifts** thug iad tiodhlacan dha chèile
otherwise *adv* *a* chaochladh, air mhodh eile; (*or else*) no
otter *n* biast-dhubh *f*, dòbhran *m*
ouch! *exclam* aobh!, aobhag!
ought *v* is còir, tha còir aig **she o. to do it** is còir dhi *a* dhèanamh/ **tha còir aice a dhèanamh** **you o. to have done it** bu chòir dhut *a* bhith air *a* dhèanamh/bha còir agad *a* bhith air *a* dhèanamh
ounce *n* unnsa *m*
our *poss pron* ar, ar *n* (*before vowels*), againne **our father** ar *n*-athair **our house** an taigh againne
ourselves *pron* sinn fhèin/fhìn
oust *v* cuir às
out *adv* *a*-muigh; (*motion outwards*) *a*-mach **O. you/we go!** Mach à seo!
outcast *n* diobarach *m*
outcome *n* buil *f*, toradh *m*
outcry *n* iolach *f*, gàir *m*
outdoors *adv* *a*-muigh, air a' bhlàr *a*-muigh
outer *a* *a*-muigh, *a*-mach
outfit *n* trusgan *m*, aodach *m*
outing *n* splaoid *f*, cuairt *f*
outlaw *n* neach-cùirn *m*, neach fon choill *m* *v* cuir fon choill
outline *n* dealbh-iomaill *f m*; (*met*) cnàmhan *m pl* *v* thoir cunntas air
outlook *n* sealladh *m*
out-of-date *a* à fasan, às an fhasan; (*past sell-by date*) seachad air a' cheann-latha
output *n* cur *a*-mach *m*, toradh *m*
outrage *n* cùis-uabhas *f*
outrageous *a* uabhasach
outright *adv* (*gu*) buileach, (*gu*) tur
outset *n* fìor thoiseach *m*, ciad

dol a-mach *m*
outside *n* an taobh/leth *a*-muigh *m* *adv* *a*-muigh; (*motion*) *a*-mach
outside *n*, *a* mòr-thomhas *m*, mòr-mheud *m*
outskirts *n* iomall (*baile*) *m*
outspoken *a* fosgarra, *a*-mach leis
outstanding *a* barraichte, air leth ...
outward *a* air an taobh *a*-muigh; (*met*) faicsinneach
outwardly *adv* (*bh*)on taobh *a*-muigh, (*bh*)o shealladh dhaoine
outwit *v* thoir an car à/às
oval *a* air chumadh uighe, ugh-chruthach *n* ugh-chruth *m*
ovation *n* mòr-bhualadh-bhas *m*
oven *n* àmhainn *f*
over *prep* (*above*) os cionn (+ *gen*); (*beyond*) thar (+ *gen*); (*across*) thairis air, tarsainn air *adv* (*hither*) *a*-null; (*yonder*) *a*-nall; (*past*) seachad; (*additional*) *a* bharrachd, *a* bhàrr air; (*left over*) *a* chòrr *pref* ro- (+ *len*)
overall *a* iomlan
over-anxious *a* ro chùramach
overcharge *v* iarr/cuir tuilleadh 's a' chòir (+ *air*)
overcome *v* thoir buaidh air, ceannsaich
overdo *v* dèan tuilleadh 's a' chòir
overdraft *n* for-tharraing *f*
overdue *a* fadalach
overflow *n* cur thairis *m* *v* cuir thairis
overhead *adv* os cionn, gu h-àrd
overheads *n* cosgaisean *a* bharrachd *f pl*
overhear *v* dèan farchluais
overload *v* an-luchdaich, cuir cus air
overlook *v* seall thairis air; (*forget*) dèan dearmad air
overnight *a* tron oidhche
overrule *v* bac, diùlt
overrun *v* cuir fo smachd; (*time*) ruith thairis air ùine
overseas *a* thall thairis *adv* thall

thairis; (*motion*) *a*-null thairis
overshadow *v* cuir fo sgàil
oversight *n* dearmad *m*; (*supervision*) stiùireadh *m*
overt *a* nochdte, follaiseach
overtake *v* beir air, rach seachad air
overthrow *v* tilg sìos, cuir às do
overtime *n* ùine *a* bharrachd *f*, còrr ùine *f*
overturn *v* cuir car de, cuir bun-os-cionn
overweight *a* ro throm
owe *v* bi fo fhiachan aig; (*gratitude*) bi an comain (+ *gen*) **I o. him £20** tha fichead not aige orm **he owes me £20** tha fichead not agam air
owl *n* cailleach-oidhche *f*, comhachag *f*
own *pron* fhèin/fhìn
own *v* sealbhaich; (*admit*) gabh ri, aicidh
owner *n* neach-seilbhe *m*, sealbhadair *m*
ownership *n* sealbh *m*
ox *n* damh *m*
oxter *n* achlais *f*
oxygen *n* ogsaidean *m*
oyster *n* eisir *m*
oystercatcher *n* trilleachan *m*
ozone *n* òson *m*, àile *m*

P

pace *n* ceum *m*; (*speed*) astar *m* *v* ceumnaich, spaidisich
pacifist *n* sìochantair *m*
pacify *v* sìthich, ciùinich
pack *n* paca *m*; (*a large number of*) dròbh *f m* **a pack of lies** tòrr bhreug(an) *v* pacaig; (*fill up*) lìon
package *n* pasgan *m*, pacras *m*
p. deal tairgse iomlan *f*
packaging *n* pacaigeadh *m*, còmhach *m*
packet *n* pacaid *f*
packing *n* pacadh *m*, pacaigeadh *m*
pact *n* cùmhnant *m*, còrdadh *m*
pad *n* pada *f*; (*residence*) cùil *f*

paddle *n* pleadhag *f*, pleadhan *m*
v grunnaich, plubraich; (*boat*)
 pleadhagaich
pagan *n*, a pàganach *m*
paganism *n* pàganachd *f*
page *n* duilleag *f*, taobh-
 duilleig(e) *m*; (*boy*) gille-
 frithealaidh *m*
pageant *n* taisbeanadh-gluasaid
m
pail *n* peile *m*, cuinneag *f*
pain *n* cràdh *m*, pian *m*
painful *a* cràiteach, piantach
painstaking *a* saothrachail,
 mionaideach
paint *n* peant(a) *m* *v* peant
painter *n* peantair *m*; (*boat's*
rope) ball *m*
painting *n* peantadh *m*;
 (*a picture*) dealbh *f* *m*
pair *n* càraid *f*, paidhir *f* *m*
v dèan càraid/paidhir
Pakistani *n*, a Pagastànach *m*,
 (*female*) ban-Phagastànach *f*
pal *n* companach *m*
palace *n* luchairt *f*
palatable *a* blasta
palate *n* càirean *m*, mullach-beòil
m; (*met*) càil *f*
pale *a* bàn
palm *n* bas/bois *f*; (*tree*) craobh-
 phailm *f*
palpable *a* follaiseach; (*tangible*)
 a ghabhas fhaireachdainn
palpitation *n* plogartaich *f*
paltry *a* suarach
pamper *v* dèan cus de, peataich
pamphlet *n* duilleachan *m*, bileag
f
pan *n* pana *m* **p. loaf**
 lof(a)-phan(a) *f*
pan- *pref* uil(e)-
panacea *n* uil-ioc *m*
pancake *n* foileag *f*
pancreas *n* am brisgean milis *m*
pander (to) *v* riarach
pane *n* l(e)òsan *m*, glainne *f*
panel *n* pannal *m*; (*section*) clàr
m
pang *n* biorgadh *m*, guin *m*
panic *n* clisgeadh *m*, breisleach *m*
pant *v* plog
panther *n* pantar *m*

panting *n* plogartaich *f* **he was**
 p. bha anail na uchd, bha
 aonach air
pantomime *n* pantomaim *m*
pantry *n* stòr-bìdh *m*, preas(a)-
 bìdh *m*
pants *n* drathais *f*, pants *f* *pl*;
 (*trousers*) briogais *f*
papal *a* pàpach
paper *n* pàipear *m* **p.-clip**
 greimhear-pàipeir *m*
v pàipearach, boltaig
par *n* co-ionannachd *f*; (*golf*) an
 cuibheas *m* **feeling below par**
 gun a bhith gu math
parable *n* cosamhlachd *f*
parachute *n* paraisiut *m*
parade *n* (*march*) caismeachd *f*
v spadsir
Paradise *n* Pàrras *m*
paradox *n* frith-bharail *f*, dubh-
 fhacal *m*
paraffin *n* paireafain *m*
paragon *n* sàr-eisimpleir *f* *m*
paragraph *n* paragraf *m*
parallel *n* (*line*) sgrìob cho-shinte
f; (*met*) samhailt *f* *a* co-shinte;
 (*met*) ionann
paralysis *n* pairilis *f* *m*
parameter *n* paraimeatair *m*,
 crìoch *f*
paramount *a* os cionn gach nì,
 fìor chudromach
parapet *n* uchd-bhalla *m*
paraphrase *n* ath-innse *f*; (*relig*)
 laoidh *m*
parasite *n* dìosganach *m*,
 faoighiche *m*
parasol *n* sgàilean-grèine *m*
paratrooper *n* saighdear
 paraisiuit *m*
parcel *n* parsail *m*, pasgan *m*,
 trusachan *m*
parched *a* pàiteach, gus
 teuchdadh/tiachdadh
pardon *n* mathanas *m* *v* math,
 thoir mathanas **p. me** gabh mo
 leisgeul
pare *v* beàrr, snaigh
parent *n* pàrant *m*
parish *n* sgìre *f*, paraiste *f*
parity *n* co-ionannachd *f*
park *n* pàirc(e) *f* **car p.** pàirc(e)

chàraichean *f* *v* parc; (*set*
down) càirich
parking place *n* ionad/àite-
 parcaidh *m*
Parliament *n* Pàrlamaid *f*
parochial *a* sgìreachdail, sgìreil;
 (*met*) beag-seallaidh
parody *n* atharras *f*
parole *n* paròil *m*
parrot *n* pithaid *f*, pearraid *f*
parry *v* dìon o bhuille; (*met*) cuir
 seachad
parsimonious *a* cruaidh, spìocach
parsley *n* peirsill *f*
parsnip *n* curran geal *m*
part *n* pàirt *f* *m*, cuid *f*, roinn *f*,
 cuibhreann *f* *m*; (*in drama*)
 pàirt *m* **for my p.** air mo shon-
 sa *v* sgar, dealaich, tearb
partake *v* compàirtich
partial *a* ann an cuid; (*biased*)
 leth-bhreitheach **p. to**
 dèidheil/titheach air
participant *n* compàirtiche *m*
participate *v* compàirtich, gabh
 pàirt (an)
particle *n* gràinean *m*, mìrean *m*;
 (*gram*) mion-fhacal *m*
particular *a* àraidh, sònraichte;
 (*fastidious*) faiceallach
parting *n* dealachadh *m*
partisan *a* aon-taobhach, leth-
 bhreitheach
partition *n* balla-tarsainn *m*,
 tallan *m*, cailbhe *m*; (*polit*)
 roinn *f* *v* roinn
partly *adv* gu ìre, ann an cuid
partner *n* companach *m*; (*in*
business) neach-compàirt *m*
v rach cuide ri, rach an
 co-bhonn ri
partnership *n* companas *m*; (*in*
business) compàirteachas *m*
partridge *n* cearc-thomain *f*
party *n* pàrtaidh *m*; (*group*)
 buidheann *f* *m*
pass *n* (*topog*) bealach *m*; (*in*
games) pas *m*
pass *v* rach/gabh seachad; (*in*
sport) pas(aig); (*exam*) dèan
 a' chùis, pas(aig); (*eg salt*)
 thoir/sin do; (*law*) dèan lagh
p. away eug, siubhail **p. the time**

cuir seachad ùine
passage *n* turas *m*, slighe *f*; (*text*)
 earrann *f* **passageway** trannsa *f*
passenger *n* neach-siubhail *m* *pl*
 luchd-siubhail
passing place *n* àite-seachnaidh
m
passion *n* boile *f*, dioghras *m*; (*of*
Christ) fulangas (Chriosd) *m*
passionate *a* dioghrasach
passive *a* neo-ghnìomhach;
 (*gram*) fulangach
passport *n* cead-siubhail *f*
password *n* facal-faise *m*
past *a* seachad **p. tense** an tràth
 caithte *m* *n* an t-àm a
 dh'fhalbh *m* *prep* seach,
 seachad air
paste *n* taois *f*; (*glue*) glaodh *m*
v glaodh
pasteurize *v* paistiurach
pastime *n* cur-seachad *m*
pastor *n* aoghair *m*
pastoral *a* (*relig*) aoghaireil; (*way*
of life) treudach
pastry *n* pastraidh *m*
pasture *n* ionaltradh *m*, feurach
m
pat *v* clapranaich
patch *n* brèid *m*, tuthag *f* *v* cuir
 tuthag air, cuir pios ùr air
patently *adv* gu follaiseach
paternal *a* athaireil
path *n* starran *m*, ceum *m*, frith-
 rathad *m*
pathetic *a* truagh; (*awful*) cianail
a p. soul culaidh-thruais *f*
pathology *n* galar-eòlas *m*
pathos *n* druidhteachd *f*,
 truasachd *f*
patience *n* foighidinn *f*
patient *n* euslainteach *m*
a foighidneach
patiently *adv* gu foighidneach
patriotism *n* gràdh-dùthcha *m*
patrol *n* freiceadan-faire *m*
patron *n* neach-taice *m*
patronymic *n* sloinneadh *m*
patter *n* briog-brag *m*; (*talk*)
 goileam *m*
pattern *n* pàtran *m*
paucity *n* gainne *f*
paunch *n* maodal *f*

pauper *n* ainneis *m*, bochd *m*
 pause *n* stad *m*, anail *f* *v* stad,
 fuirich
 pavement *n* cabhsair *m*
 pavilion *n* pàilleam *m*
 paw *n* spòg *f*, màg *f*
 pawn *v* cuir dhan phàn
 pay *n* pàigheadh *m*, tuarastal *m*
v pàigh; (*met*) diol *p*. attention
 to thoir aire (do) you'll pay for it
 yet diolaidh tu air fhathast
 payable *a* ri p(h)àigheadh
 payment *n* pàigheadh *m*
 pea *n* peasair *f* *pl* peasraichean
 peace *n* sìth *f*, fois *f*, tàmh *m*
 peaceful *a* sìtheil, ciùin
 peach *n* peitseag *f*
 peacock *n* peucag *f*, coileach-
 peucaig *m*
 peak *n* (hill) stùc *f*, binnean *m*;
 (summit) mullach *m*
 peal *n* torrann *m*, bualadh *m*
 peanut *n* cnò-thalmhainn *f*
 pear *n* peur *f*
 pearl *n* neamhnaid *f*
 peasant *n* neach-tuatha *m*
 peat *n* mòine *f*; (single) fad *m*
 p.-bank poll-mòna(ch)/mòna(dh)
m p.-stack cruach-mhòna(ch)/
 mhòna(dh) *f*
 pebble *n* molag *f*
 peck *v* pioc; (kiss) thoir pògag
 peculiar *a* àraid, neònach
 pedal *n* casachan *m*, troighean *m*
 pedantic *a* rag-fhoghlamach
 peddle *v* reic, malairtich
 pedestal *n* bun-carraig *m*, bonn
m
 pedestrian *n* coisiche *m*
 p. precinct àrainn-choisichean *f*
a coise; (uninspiring) mu làimh
 p. way ceum coise *m*
 pedigree *n* sinnsearachd *f*
 peel *n* rùsg *m*, plaosg *m* *v* rùisg
 peeled *a* air a rùsgadh
 peep *n* caogadh *m*, dideadh *m*
v caog, did
 peer *n* (noble) morair *m*; (in age)
 comhaois *m*; (equal) seise *m*,
 co-inbheach *m*
 peeved *a* leamh, tàmailteach
 peewit *n* curracag *f*
 peg *n* cnag *f*, ealchainn *f*

pelican *n* peileagan *m*
 pellet *n* gràinnean *m*
 pelt *n* bian *m*, seiche *f*
 pelt *v* caith ... air
 pen *n* peann *m*; (fold) crò *m*,
 buaile *f*
 penalize *v* peanasach, cuir
 peanas air
 penalty *n* peanas *m* *p*. kick breab
 peanaid *f*
 pence *n* sgillinnean *f* *pl*
 pencil *n* peansail *m* *p*. sharpener
 geuraiche peansail *m*
 pendant *n* crochadan *m*
 pending *a* a' feitheamh, ri
 t(h)ighinn
 pendulum *n* cudrom-siùdain *m*
 penetrate *v* drùidh, faigh tro
 penetrating *a* drùidhteach; (*met*)
 geurchuiseach
 penguin *n* ceann-fionn *m*
 penicillin *n* peinisilean *m*
 peninsula *n* leth-eilean *m*
 penis *n* bod *m*
 penitence *n* aithreachas *m*
 penitent *a* aithreachail
 penknife *n* sgian-p(h)òcaid *f*
 pennant *n* bratachag *f*
 penniless *a* gun sgillinn
 penny *n* sgillinn *f*
 pension *n* peinnean *m*
 pensioner *n* peinneanair *m*,
 neach-peinneanair *m*
 pensive *a* fo throm-smoin
 pentagon *n* còig-cheàrnach *m*
 Pentecost *n* a' Chaingis *f*
 penthouse *n* bàrr-àros *m*
 penultimate *a* leth-dheireannach
 people *n* sluagh *m*, muinntir *f*
 pepper *n* piobar *m*
 per capita *adv* gach pearsa/neach
 perceive *v* mothaich, thoir fa-
 near
 per cent *adv* sa cheud
 percentage *n* ceudad *m*, ìre sa
 cheud *f*
 perceptible *a* nochdte
 perception *n* tuigse *f*, lèirsinn *f*
 perceptive *a* lèirsinneach,
 breithneachail, geurchuiseach
 perch *n* spirid *f*, spàrr *m*; (fish)
 creagag *f* *v* rach air spirid
 percolate *v* siolaidh

percolator *n* siol(t)achan *m*
 coffee *p*. siol(t)achan cofaidh
 percussion *n* bualadh *m*, faram
m
 peremptory *a* obann, sparrail;
 (decisive) do-atharraichte
 perennial *a* bliadhnail; (long-
 lasting) maireannach
 perfect *a* coileanta, foirfe *v* dèan
 coileanta/foirfe
 perfection *n* foirfeachd *f*,
 coileantachd *f*
 perfectionist *n* foirfiche *m*
 perforate *v* toll, cuir tuill an
 perform *v* (carry out) dèan,
 coilean; (in play) cluich; (stage)
 cuir air àrd-ùrlar
 performance *n* (execution)
 coileanadh *m*, cur an gnìomh *m*;
 (on stage etc) cluich *f* *p*. indicator
 comharra coileanaidh *m*
 performer *n* cluicheadair *m*,
 cleasaiche *m*
 perfume *n* cùbhrachd *f*
 perhaps *adv* is dòcha (gu), math
 dh'fhaodte/is mathaid (gu)
 peril *n* gàbhadh *m*
 perilous *a* gàbhaidh
 perimeter *n* cuairt-thomhas *m*
 period *n* ùine *f*; (era) àm *m*;
 (punct) stad-phuing *f*;
 (menstruation) fuil-mios *f*
 periodically *adv* (bh)o àm gu àm
 periodical *n* ràitheachan *m*, iris *f*
 peripheral *a* iomallach, air an oir;
 (met) neo-chudromach
 periphery *n* iomall *m*, oir *f* *m*
 periscope *n* pearasgop *m*
 perish *v* rach a dhith, rach às an
 rathad
 perjure *v* thoir fianais-bhrèige/
 mionnan-eithich
 perjury *n* eitheach *f* *m* commit *p*.
v thoir fianais-bhrèige/mionnan-
 eithich
 perky *a* bideanach
 perm *n* pearm *m*
 permanent *a* buan, maireannach
 permeate *v* rach air feadh, rach
 tro
 permissible *a* ceadachte
 permission *n* cead *m*
 permit *n* bileag-cead *f*, ceadachd *f*

v ceadach, leig le
 permutation *n* iomlaid *f*,
 mùthadh *m*
 pernicious *a* millteach
 perpendicular *a* inghearach,
 dìreach suas/sìos
 perpetrate *v* dèan, cuir an
 gnìomh
 perpetual *a* sìor-mhaireannach
 perpetuate *v* cùm a' dol, sìor
 chleachd
 perplex *v* cuir imcheist air
 perplexed *a* imcheisteach, an
 imcheist
 perquisite *n* frith-bhuannachd *f*
 persecute *v* geur-lean, dèan geur-
 leanmhainn air
 persecution *n* geur-leanmhainn *m*
 perseverance *n* leanaltas *m*,
 cumail aige *f*
 persevere *v* lean air, cùm aig/ri
 persist *v* lean air/ri, cùm a' dol
 persistent *a* leanailteach, sìor-
 person *n* neach *m*, pearsa *m*
 spokesperson neach-labhairt *m*
 personable *a* tlachdmhor
 personal *a* pearsanta
 persona *n* pearsantachd *f*
 a *p*. pearsa ainmeil *m*
 personification *a* pearsachadh *m*
 personify *v* pearsaich
 personnel *n* luchd-obrach *f*,
 sgioba *f*, sgiobachd *f* *P*. Dept
 Roinn na Sgiobachd *f*
 perspective *n* (standpoint)
 sealladh *m*, beachd *m*; (in art)
 buaidh-astair *f* from my *p*. na
 mo shealladh-sa
 perspiration *n* fallas *m*
 perspire *v* cuir fallas de he was
 perspiring bha fallas air/bha e
 a' cur falla(i)s dheth
 persuade *v* cuir impidh air, thoir
 ... a thaobh, thoir air
 persuasion *n* impidh *f*, toirt ... a
 thaobh *m*; (creed) creideamh *m*;
 (values) feallsanachd *f*
 persuasive *a* buadhmhòr, a bheir
 neach a thaobh
 pervasive *a* lionsgarach, fad' is
 farsaing
 pertain *v* buin do
 pertinent *a* iomchaidh

perturb *v* buair, cuir dragh air
 perturbed *a* draghail
 peruse *v* leugh; (*scrutinise*) sgrùd,
 rannsaich
 pervade *v* lion, rach air feadh
 perverse *a* claon
 pervert *n* claonaire *m* *v* claon,
 cuir fiaradh an
 pessimism *n* eu-dòchas *m*
 pessimist *n* neach gun dòchas *m*
 pessimistic *a* eu-dòchasach
 pest *n* plàigh *f* he's *a* p. 's e
 plàigh a th' ann
 pester *v* cuir dragh air
 pesticide *n* puinnsean bhiastagan
m
 pet *n* peata *m*
 petal *n* flùr-bhleag *f*
 petition *n* athchuinge *f*, tagradh
m, guidhe *f* *m* *v* dèan
 athchuinge, guidh, aslaich
 petrified *a* a' dol à cohall mo
 chridhe, eagal mo bheatha orm
 petrol *n* peatrail *m* p.-pump
 pump(a) peatrail *m*
 petticoat *n* còta-bàn *m*
 petty *a* beag, suarach
 petulant *a* bleideil
 pew *n* suidheachan *m*, treasta *m*
 pewter *n* feòdar *m*
 phallic *a* bodail, mar bhod
 phantom *n* taibhs(e) *m*, tannasg
m
 pharmacy *n* eòlas-leigheasan *m*;
 (shop) bùth ceimigeir *f*
 phase *n* ìre *f* p. in *v* thoir a-steach
 mean air mhean p. out *v* cuir às
 mean air mhean
 pheasant *n* easag *f*
 phenomenon *n* iongantas *m*, rud
 air leth *m*
 phial *n* meanbh-bhotal *m*
 philanthropy *n* deagh euchdachd *f*
 philology *n* eòlas chànan *m*
 philosopher *n* feallsanach *m*
 philosophical *a* feallsanachail;
 (stoical) leagte ri
 philosophy *n* feallsanachd *f*
 phlegm *n* ronn *m*
 phone *n* fòn *f* *m* *v* fòn(aig)
 phonetic *a* fogharach
 phoney *a* fallsa, breugach, gun
 bhrìgh *n* mealltaire *m*

phosphate *n* fosfat *m*
 phosphorescence *n* caile-bianain
m, teine-sionnachain *m*
 phosphorus *n* fosfor *m*, sionn *m*
 photocopy *n* lethbhreacadair *m*,
 copaidhear *m*
 photocopy *n* lethbhreac *m*,
 copaidh *f* *v* dèan
 lethbhreac/copaidh
 photograph *n* dealbh camara *f* *m*
v tog dealbh
 photographer *n* neach-togail-
 dhealbh *m*
 photography *n* togail dhealbh *f*
 phrase *n* abairt *f*
 physical *a* corporra p. education
 foghlam corporra *m*
 physician *n* lèigh *m*, lighiche *m*
 physics *n* fiosag *f*
 physiotherapist *n* anaclair-cuirp
m
 physiotherapy *n* anacladh-cuirp
m
 physique *n* dèanamh *m*
 pianist *n* cluicheadair piàna *m*
 piano *n* piàna *m*
 pibroch *n* ceòl-mòr *m*
 pick *n* taghadh *m*; (pickaxe) pic
m, piocaid *f* *v* (choose) tagh,
 roghnaich; (lift) tog; (meat off
 bones) pioc, spiol
 picket *n* piceid *m*
 pickle *n* picil *f* *v* saill, cuir ann
 am picil
 pickpocket *n* mèirleach-pòcaid *m*
 picky *a* àilgheasach
 picnic *n* cuirm-chnuic *f*
 Pict *n* Cruithneach *m*
 picture *n* dealbh *f* *m*, pioctar *m*
 picturesque *a* àillidh, mar
 dhealbh
 pie *n* paidh *m* pie chart clàr-
 cearcaill *m*
 piece *n* pios *m*, mìr *m*, earrann *f*,
 bideag *f*; (sandwich) pios *m*
 piecemeal *a* (unsystematic)
 bideagach *adv* (gradually)
 mean air mhean
 pier *n* cidhe *m*
 pierce *v* toll
 piercing *a* (sound) biorach
 piety *n* cràbhadh *m*
 pig *n* muc *f* piglet uircean *m*

pigsty fail-mhuc *f*
 pigeon *n* calman *m*
 pig-headed *a* ceann-dàna, rag
 pike *n* pic *f*; (fish) geadas *m*
 pile *n* dùn *m*, càrn *m*, tòrr *m*
v càrn, cruach
 pilfer *v* dèan braide, goid
 pilgrim *n* taistealach *m*
 pilgrimage *n* taistealachd *f*,
 taisteal *m*
 pill *n* pile *f* *m*, gràinnean *m*
 pillage *v* creach, spùill
 pillar *n* carragh *f*, colbh *m*
 pillow *n* cluasag *f* p.-case
 cuibhric(e)-cluasaig *f* *m*
 pilot *n* neach-iùil *m*, paidhleat *m*
 p. scheme sgeama dearbhaidh
m *v* (guide) treòraich, stiùir;
 (try out) dèan dearbhadh air,
 feuch
 pimple *n* guirean *m*, plucan *m*
 pin *n* prine *m*, dealg *f* pin cushion
 prineachan *m* pins and needles
 cadal-deilgneach *m*
 pincers *n* teanchair *m*
 pinch *n* bideag *f*, gòmag *f*; (small
 quantity) gràinnean *m* *v* thoir
 bideag/gòmag à
 pine *n* giuthas *m* p. forest
 giùthsach *m*
 pine *v* searg, caith p. for gabh
 fadachd airson
 pineapple *n* anann *m*
 pink *a* pinc, ban-dhearg
 pinky *n* lùdag *f*
 pinnacle *n* binnean *m*, bidean *m*
 pint *n* pinnt *m* a p. of beer pinnt
 leann(a)
 pioneer *n* tùsaire *m*
 pious *a* cràbhach, diadhaidh
 pipe *n* piob *f* *v* cluich/seinn
 a' phìob
 pipeline *n* loidhne phìoban *f* in
 the p. sa bheairt
 piper *n* piobaire *m*
 piping *n* piobaireachd *f*
 pirate *n* spùinneadair-mara *m*
 pistol *n* daga *m*
 piston *n* loinid *f*
 pit *n* toll *m*, sloc *m*
 pitch *n* (tar) bith *f*; (sound) àirde
f; (sport) raon-cluiche *m*
 pitch *v* suidhich; (throw) tilg;

(target) amais p. tent cuir suas
 teanta
 pitfall duilgheadas *m*
 pith *n* glaodhan *m*; (met)
 spionnadh *m*, brìgh *f*
 pitiful *a* truagh
 pittance *n* sùim shuarach *f*
 pity *n* truas *m*, iochd *f*,
 truacantas *m* what a p.! 's mòr
 am beud! *v* gabh truas de/ri
 pivot *n* maighdeag *f*
 pizza *n* piotsa *m*
 placate *v* ciùinich
 place *n* àite *m*, ionad *m* p. name
 ainm-àite *m* *v* suidhich,
 socraich, càirich, cuir
 placid *a* ciùin, sèimh
 plagiarism *n* mèirle-sgrìobhaidh *f*
 plague *n* plàigh *f*
 plaice *n* leabag/leòbag-mhòr *f*
 plaid *n* breacan *m* a breacain
 plain *n* còmhnaidh *m*, faiche *f*
 a rèidh, còmhnaidh; (clear)
 soilleir, plean; (ordinary) plean
 plaintive *a* tiamhaidh
 plait *n* figheachan *m*
 plan *n* plana *m*, innleachd *f*
 development p. plana
 leasachaidh *v* dealbh, innlich,
 planaig
 plane *n* plean(a) *m*, itealan *m*;
 (tool) locair *f*; (abstr) raon *m*
v locair, locraich
 planet *n* planaid *f*
 plank *n* clàr *m*, dèile *f*
 planner *n* neach-dealbh(ach)aidh *m*
 planning *n* dealbh(ach)adh *m*,
 planadh *m* p. permission cead-
 dealbh(ach)aidh *m*
 plant *n* lus *m*, luibh *f* *m*,
 planntais *f*; (mech) uidheam *m*;
 (factory) factaraidh *f* *m* *v* cuir,
 planntaich; (place) suidhich
 plantation *n* (place) ionad
 cuir/cura *m*; (trees etc)
 planntachas *m*
 plaster *n* plèastar *m*, sglàib *f*;
 (med) plàst *m*
 plaster *v* plèastair
 plasterer *n* plèastair *m*
 plastic *n* plastaig *f* p. surgery *n*
 ath-dhealbhadh bodhaig *m* a
 plastaig

plasticine *n* plastasan *m*
plate *n* truinnsear *m*; (*sheet*) pleit *f*
platform *n* àrd-ùrlar *m*
platter *n* truinnsear mòr *m*
plausible *a* beulach, beulchar
play *n* cluich(e) *m*, cleas *m*;
(stage) dealbh-chluich *f m*
v cluich
player *n* cluicheadair *m*
playful *a* beadrach, sùgrach
playground *n* raon-cluiche *m*
playgroup *n* cròileagan *m*
playleader *n* stiùiriche-cluiche *m*
playwright *n* sgrìobhaiche dràma *m*, dràmadaiche *m*
plea *n* guidhe *f m*; (*law*) tagradh *m*
plead *v* guidh air; (*in law*) tagair; (*excuse*) thoir mar leisgeul
pleasant *a* taitneach, tlachdmhor
please *v* toilich, riarach;
(intrans) còrd, taitinn **if you p.** mas e do thoil e, (*pl & pol*) mas e ur toil e
pleased *a* toilichte
pleasing *a* tlachdmhor, càilear
pleasure *n* tlachd *f*, toileachadh *m*
pleat *n* filleadh *m*, pleat *f v* figh, cuachaich, pleat
pleated *a* cuachach, pleatach
pledge *n* geall *m*, gealladh *m*, barantas *m v* geall, rach an geall, thoir barantas
plenary *a* làn-, iomlan **p. session** làn-sheisean *m*
plentiful *a* pailt, lìonmhor
plenty *n* pailteas *m adv* gu leòr
pleurisy *n* an grèim mòr *m*, plùraim *m*
pliable *a* sùbailte, subailte, so-lùbte
pliers *n* greimire *m*
plight *n* cor *m*, càradh *m*
plod *v* saothraich, imich gu trom
plot *n* (*of ground*) goirtean *m*, pìos talmhainn *m*; (*scheme*) innleachd *f*, guim *m*; (*lit*) plot(a) *m v* dèan innleachd/ guim; (*track*) lorg/lean slighe
plough *n* crann *m* **the P.** an Crann *v* treabh

ploughman *n* treabhaiche *m*
plover *n* feadag *f*
ploy *n* plòidh *f*; (*tactic*) cleas *m*
pluck *v* spion, buain
plucky *a* tapaiddh
plug *n* plucan *m*, pluga *m*, cnag *f*; (*in boat*) tùc *m* **plughole** toll-siolaidh *m v* dùin, plucaich; (*of product*) put
plum *n* pluma(i)s *m*
plumb *v* feuch doimhneachd
plumb *a* dìreach **p.-line** sreang-dhireach *f*
plumber *n* plumair *m*
plummet *v* tuit gu grad
plump *a* reamhar, tiugh, sultmhor
plunder *n* creach *f*, cobhartach *f m v* spuinn, creach
plunge *n* tumadh *m v* tùm; (*thrust*) sàth
plural *a* iomarra *n*, *a* iolra *m*
plus *prep* agus, le, *a* thuilleadh air
ply *v* saothraich; (*supply*) cùm ... ri; (*shipping*) ruith
pneumonia *n* am fiabhras-clèibhe *m*, teasach sgamhain *f*
poach *v* poidsig; (*food*) slaop
poacher *n* poidsear *m*
pocket *n* pòcaid **p.-money** airgead-pòcaid *m v* cuir na p(h)òcaid *etc*, pòcaidich
pod *n* plaosg *m*
poem *n* dàn *m*, duan *m*
poet *n* bàrd *m*, filidh *m*
poetess *n* bana-bhàrd *f*
poetry *n* bàrdachd *f*
poignant *a* tiamhaidh
point *n* puing *f*; (*headland*) rubha *m*; (*of pencil*) gob *m*; (*of view*) barail *f*, sealladh *m* **what's the p.?** dè am feum a th' ann? *v* comharraich, seall
pointed *a* biorach; (*remark*) geur
poise *n* giùlan grinn *m*; (*balance*) co-chothrom *m*
poised *a* an co-chothrom, air mheidh **p. to ...** deiseil gu ...
poison *n* puinnsean *m*, nimh *m v* puinnseanaich
poisonous *a* puinnseanach, puinnseanta, nimheil
poke *n* (*bag*) poca *m*

poke *v* brod(an)aich; (*prod*) stob
p. about rùraich
poker *n* brod-teine *m*, pòcair *m*
polar bear *n* mathan bàn *m*
polarize *v* pòlaraich, cuir calg-dhireach an aghaidh a chèile
pole *n* pòla *m*, pòile *m*, cabar *m*
the North P. am Pòla a Tuath
the South Pole am Pòla a Deas
Pole *n* Pòlainneach *m*, (*female*) ban-Phòlainneach *f*
polecat *n* taghan *m*
police *n* poileas *m p.* car càr
poilis m p. officer oifigear *poilis m p. station* stèisean *poilis m*
policeman *n* poileas *m*, poileasman *m*
policewoman *n* ban-phoileas *f*
policy *n* poileasaidh *m*
polish *n* liomh *f*, liomhadh *m v* liomh, cuir liomh air, liomhaich
Polish *a* Pòlainneach
polished *a* liomhte
polite *a* modhail
politic *a* glic, gleusta
political *a* poilitigeach **p. asylum** comraich phoilitigeach *f*
p. party partaidh poilitigeach *m*
politically correct *a* ceart gu poilitigeach
politician *n* neach-poilitigs *m*
politics *n* poilitigs *f*
poll *n* cunntas cheann *m*; (*vote*) bhòtadh *m*; (*election*) taghadh *m p.* tax *n* cis cheann *f*
pollen *n* poilean *m*
pollute *v* truaill, salaich
polluted *a* truaillte, air a t(h)ruaillleadh *etc*
pollution *n* truaillleadh *m*
polygon *n* ioma-cheàrnach *f*
pomp *n* greadhnachas *m*
pomposity *n* mòrchuis *f*
pompous *a* mòrchuiseach
pond *n* linne *f*, lòn *m*
ponder *v* beachd-smaoinich, cnuasaich, meòraich
ponderous *a* trom
pontificate *v* cuir às do chorp, dèan searmon de
pontoon *n* pontùn *m*
pony *n* pònaidh *m*
pool *n* linne *f*, glumag *f*, lòn *m*

poor *a* bochd, truagh
pop *n* (*sound*) brag *m p.* music ceòl pop *m*
Pope *n* am Pàp(a) *m*
poplar *n* pobhlar *m*
poppy *n* crom-lus *m*
popular *a* measail (aig daoine)
popularity *n* measalachd *f*
population *n* sluagh *m*; (*number*) àireamh-sluaigh *f*
porch *n* poirdse *m*
porcupine *n* gràineas *m*
pore *n* pòr *m*
pork *n* muicfheòil *f*, feòil muice *f*
pornography *n* druiseantachd *f*
porous *a* pòrach, còsach
porpoise *n* pèileag *f*, cana *m*
porridge *n* lite *f*, brochan *m*
port *n* port *m*, caladh *m*, baile-puirt *m*; (*wine*) fion-poirt *m*; (*naut*) cli *m*, an taobh cli *m*
portable *a* so-ghiùlan, a ghabhas giùlan
portent *n* comharra *m*, manadh *m*
porter *n* portair *m*, dorsair *m*; (*drink*) portair *m*
portion *n* earrann *f*, roinn *f*, cuid *f*
portrait *n* dealbh (neach) *f m*
portray *v* dèan cunntas/dealbh
Portuguese *n* Portagaileach *m*, (*female*) ban-Phortagaileach *f*; (*lang*) Portagaileis *f a* Portagaileach
pose *v* suidhich (thu *etc* fhèin), rach ann an cruth/riochd; (*question*) cuir ceist; (*problem*) adhbhraich; (*impersonate*) leig air/oirre a bhith na *etc*
posh *a* spaideil
position *n* suidheachadh *m*; (*in contest*) àite *m*; (*rank*) inbhe *f*, ire *f*
positive *a* dòchasach, deimhinneach; (*certain*) dearbh-chinnteach; (*genuine*) dìreach, sònraichte **p. discrimination** leth-bhreith thaiseil *f*
possess *v* seallbhaich, gabh seilbh (de) **I don't even p. a watch** chan eil fiù 's uaireadair agam
possession *n* seilbh *f m*
possessions mo chuid *f*

possessive *a* seilbheach
possibility *n* comas *m*,
 comasachd *f*, cothrom *m*
possible *a* comasach *it is not*
p. to do that cha ghabh
 sin dèanamh, tha sin
 do-dhèanta
possibly *adv* is dòcha (gu), math
 dh'fhaodte (gu)
post *n* post *m*; (*position*) dreuchd
f **postcode** còd puist *m* **p. office**
 oifis/oifig *a'* phuist *f* *v* post,
 cuir sa phost
postage *n* postachd *f*
postal *a* puist **p. vote** bhòt tron
 phost *f*
postcard *n* cairt-p(h)uist *f*
poster *n* postair *m*
postgraduate *n* iar-cheumnaiche *m*
a iar-cheumnach
posthaste *adv* an làrach nam
 bonn
postman/postwoman *n* post(a) *m*
postpone *v* cuir dàil an, cuir
 dheth
postscript *n* fo-sgrìobhadh *m*
posture *n* giùlan *m*; (*polit*)
 seasamh *m*
pot *n* poit *f*, prais *f*
potassium *n* potasaidheam *m*
potato *n* buntàta *m*
potbellied *a* bronnach
potent *a* cumhachdach, làidir
potential *n* comas *m* *a* comasach
 air a bhith, san t-sealladh
potion *n* deoch *f*
potter *n* crèadhaidh *m*
pottery *n* crèadhaidheachd *f*;
 (*place*) ionad-crèadhaidh *m*
pouch *n* pòcaid *f* **tobacco p.**
 spliùchan *m*
poultice *n* fuar-lit *f*
poultry *n* cearcan *f* *pl*
pounce *v* leum air
pound *n* punnd *m*; (*money*) nota
m **p. sterling** punnd Sasannach *m*
pound *v* pronn; (*impound*)
 punnd, cuir ann am punnd;
 (*strike*) buail
pour *v* (*trans*) dòirt *it poured with*
 rain bha dìle uisge ann
pout *v* cuir bus/gnoig air/oirre *etc*
poverty *n* bochdainn *f*

powder *n* fùdar *m*, pùdar *m*
v cuir fùdar air; (*pulverize*)
 min-phronn
power *n* cumhachd *f* *m*;
 (*authority*) ùghdarras *m*
powerful *a* cumhachdach
powerless *a* gun chumhachd, lag
practical *a* practaigeach; (*skilled*)
 deas-làmhach
practice *n* cleachdadh *m*;
 (*performance*) cur an gnìomh
m; (*instrument etc*) dol thairis
 air *m*
practise *v* bi ri ...; (*perform*) cuir
 an gnìomh; (*instrument etc*)
 rach thairis air
pragmatic *a* pragmatach
pragmatism *n* pragmatachas *m*
prairie *n* prèiridh *m*
praise *n* moladh *m*, cliù *m* *v* mol
praiseworthy *a* ionmholta, ri
 m(h)oladh *etc*
pram *n* pram *m*
prance *v* leum, geàrr sùrdag
prank *n* cleas *m*
prattle *v* dèan cabadaich/
 gobaireachd
prawn *n* muasgan-caol *m*
pray *v* dèan ùrnaigh *Also vn* ag
 ùrnaigh
prayer *n* ùrnaigh *f* **p. meeting**
 coinneamh-ùrnaigh *f*
pre- pref ro-
preach *v* searmonaich, teagaisg
preacher *n* searmonaiche *m*
preamble *n* facal-toisich *m*
precarious *a* cugallach
precaution *n* earalas *m*
precede *v* rach/thig ro
precedent *n* ro-shampall *m*,
 eisimpleir *f* *m*
preceding *a* roimhe
precentor *n* neach togail fuinn *m*,
 neach cur a-mach na loidhne *m*
precept *n* àithne *f*, reachd *m*
precinct *n* crìoch(an) *f* *pl*, àrainn
f; (*district*) ceàrn *f* **shopping p.**
 àrainn bhùthan
precious *a* priseil, luachmhor
p. stone seud *m*
precipice *n* bearradh *m*, stùc *f*
precipitate *v* (*hasten*) cabhagaich;
 (*cause*) adhbhraich

precipitate *a* bras, cabhagach
precipitous *a* cas
precise *a* pongail, mionaideach
precisely *adv* gu cruinn ceart
precision *n* pongalachd *f*,
 mionaideachd *f*
preclude *v* bac, dùin a-mach
precocious *a* gu-abaich,
 comasach ron àm
preconception *n* ro-bheachd *m*
predator *n* sealgair *m*
predatory *a* creachach,
 reubainneach
predecessor *n* neach a bh' ann
 roimhe *m*
predetermine *v* ro-rùnaich
predicament *n* càs *m*, teinn *f*
predict *v* ro-inn(i)s, dean
 fàisneachd air
predictable *a* ro-innseach, ris a
 bheil dùil
prediction *n* fàisneachd *f*
predominant *a* as bitheanta,
 buadhach
pre-empt *v* caisg ro-làimh
prefabricated *a* togte ro-làimh
preface *n* ro-ràdh *m* *v* can sa
 chiad dol a-mach
prefer *v* prefers' s'fheàrr le ...
preferable *a* nas fheàrr
preference *n* roghainn *m*
preferential *a* am fàbhar (neach)
prefix *n* ro-leasachan *m*
pregnancy *n* leatrom *m*
pregnant *a* trom, torrach, air
 turas
prehistoric *a* ro-eachdraidheil
prejudge *v* ro-bhreithnich, thoir
 ro-bhreith air
prejudice *n* claon-bhàidh/bhreith
f *v* claon-bharailich; (*damage*
case etc) dochainn, mill
prejudiced *a* le claon-bharail
preliminary *a* tòiseachail
prelude *n* ro-thachartas *m*
premature *a* an-abaich, ron àm
premeditated *a* ro-bheachdaichte
priemier *n* prìomhaire *m*
a prìomh (+ *len*)
premiere *n* ciad shealladh *m*
premise *n* tùs-bheachd *m*
premises *n* aitreabh *f*, togalach *m*
 on the p. san àite (thèin)

premium *n* (*eg insurance*)
 tàilleabh *m*
premonition *n* ro-fhaireachdainn
f, rabhadh *m*
prenatal *a* ro bhreith
preoccupation *n* cùram *m*
pre-ordain *v* ro-òrdaich
preparation *n* ullachadh *m*,
 deasachadh *m*
prepare *v* ullach, deasaich
prepared *a* ullachte, deasaichte
preposition *n* roimhear *m*
prepositional pronoun *n* ro-
 riochdair *m*
preposterous *a* gun sgot/chiall
prerequisite *n* riatanas *m*
Presbyterian *n*, a Clèireach *m*
presbytery *n* clèir *f*
prescribe *v* òrdaich, comharraich
prescribed *a* òrdaichte,
 comharraichte
prescription *n* òrdugh *m*,
 riaghailt *f*; (*med*) òrdugh-
 cungaidh *m*
prescriptive *a* òrdachail
presence *n* làthaireachd *f*
present *n* (*time*) an t-àm (*a*) tha
 (an) làthair *m*; (*gift*) tiodhlac *m*
at p. an ceartuair **the p. day** an
 là an-diugh *m* **the p. tense** an
 tràth làthaireach *m* *a* an
 làthair, làthaireach
present *v* nochd, taisbean; (*give*)
 thoir do, thoir seachad do,
 builich (air)
presentation *n* taisbeanadh *m*;
 (*gift*) tabhartas *m*
preservation *n* gleidheadh *m*
preserve *v* gleidh, cùm; (*food*)
 grèidh
presidency *n* uachdranachd *f*
president *n* ceann-suidhe *m*
press *n* (*printing*) clò *m*;
 (*newspapers*) na pàipearan *m*;
 (*journalists*) luchd-naidheachd
m; (*cupboard*) preas *m*
p. conference coinneamh
 naidheachd *f* **p. release** fios
 naidheachd *m* **p. statement**
 brath naidheachd *m*
press *v* fàisg, brùth, put; (*point*)
 leig cuideam air; (*urge*) cuir
 impidh air, spàrr (air)

pressing *a* deatamach
pressure *n* bruthadh *m*,
 teannachadh *m*; (*stress*)
 èiginn *f*, eallach *m*; (*atmos*)
 tomhas-bruthaidh *m*
p. group buidheann-tagraidh
f m
pressurize *v* cuir/leig cuideam air
prestige *n* cliù *m*, ainm *m*, teist *f*
prestigious *a* cliùiteach, a
 sheallas inbhe
presumably *adv* 's fheudar (gu), a
 rèir coltais
presume *v* gabh air/oirre *etc*,
 rach dàn; (*assume*) bi dhen
 bheachd
presumptuous *a* ladarna, dalma
presuppose *v* bi dhen bheachd;
 (*imply*) gabh ris gu bheil
pretence *n* leisgeul *m*, leigeil air
m
pretend *v* leig air/oirre *etc*, cuir
 an ìre
pretext *n* leisgeul *m*
pretty *a* brèagha, bòidheach *adv*
 an ìre mhath
prevail *v* buadhaich **p. upon** thoir
 air
prevailing *a* (*usual*) àbhaisteach
p. wind gnàth-ghaoth *f*
prevalent *a* cumanta, bitheanta
prevaricate *v* dèan breug, bi ri
 mealltaireachd
prevent *v* bac, caisg
prevention *n* bacadh *m*, casg *m*
preview *n* ro-shealladh *m*
previous *a* eile
previously *adv* mu thràth, mar
 tha, ro-làimh
pre-war *a* ron chogadh
prey *n* creach *f*, cobhartach *f m*
v spùinn, creach **p. upon** gabh
 brath air
price *n* pris *f* **p. list** liosta
 phrìsean *f v* cuir pris air
priceless *a* thar luach, prìseil thar
 tomhais
prick *v* bior, cuir bior an; (*met*)
 bior, brod, stuig
prickly *a* biorach; (*irritable*)
 calgach, crosta
pride *n* pròis *f*, uaill *f*, àrdan *m*;
 (*justified*) moit *f*

priest *n* sagart *m*
prim *a* ro ghrinn, ro fhìnealta
primarily *adv* sa chiad àite, gu
 h-àraid
primary *a* ciad, prìomh **p. school**
 bun-sgoil *f*
primate *n* àrd-easbaig *m*; (*biol*)
 prìomhaid *m*
prime *a* prìomh (+ *len*) **p.**
example fìor dheagh eisimpleir
f m **P. Minister** Prìomhaire *m*
n làn-bhlàth *m*; (*phys*) trèine *a*
 neart *f*
prime *v* cuir air ghleus
primitive *a* prìomhadail
primrose *n* sòbhrach *f*, sòbhrag *f*
prince *n* prionnsa *m*
princess *n* bana-phrionnsa *f*
principal *n* prionnsapal *m*,
 ceann(ard) *m a* prìomh (+ *len*)
principally *adv* gu sònraichte, gu
 h-àraid
principle *n* prionnsapal *m*
principled *a* prionnsapalta, le
 prionnsapail
print *n* clò *m*; (*footprint*) lorg *f*
v clò-bhuail, cuir an clò
printer *n* clò-bhualadair *m*
prior *a* ro-làimh *adv* roimhe **p. to**
 their arrival mun do ràinig iad
prioritize *v* prìomhaich, dèan
 prìomhachas air
priority *n* prìomhachas *m*
prison *n* prìosan *m*
prisoner *n* prìosanach *m*
pristine *a* fìorghlan, gun mheang
privacy *n* uaigneas *m*
private *a* uaigneach, dìomhair,
 prìobhaideach **p. eye** lorgaire *m*
p. sector roinn phrìobhaideach
f n saighdear cumanta *m*
in p. ann an dìomhaireachd
privately *adv* gu dìomhair, os
 ìosal, gu prìobhaideach
privilege *n* sochair *f*
privileged *a* fo shochair
prize *n* duais *f v* meas, cuir luach
 air
proactive *a* for-ghnìomhach
probable *a* coltach
probably *adv* is dòcha
 (gu/gun/gum/nach)
probation *n* pròbhadh *m*; (*period*)

àm dearbhadh *m*
probationer *n* neach fo
 dhearbhadh *m*
probe *n* (*implement*) bior-
 tomhais *m*; (*inquiry*)
 rannsachadh *m*; (*space*) sireadh
m v rannsaich, sir
problem *n* ceist *f*, duilgheadas *m*;
 (*maths*) cuistean *m*
problematic *a* na cheist/
 dhuilgheadas
procedure *n* modh *f m*, dòigh *f*,
 dòigh-obrach *f*
proceed *v* rach air adhart, gluais,
 lean (air/oirre *etc*)
proceedings *n* dol air adhart *m*,
 cùisean *f pl*; (*leg*) cùis-lagha *f*
proceeds *n* teachd a-steach *m*,
 toradh *m*
process *n* giullachd *f*, modh-
 obrachaidh *f m*, cùrsa *m*
v làimhsich, dèilig ri
procession *n* caismeachd *f*, triall
m
proclaim *v* aithris gu follaiseach
proclamation *n* aithris
 fhollaiseach *f*
procrastinate *v* dèan mail(e),
 màirnealaich, cuir dheth
procrastination *n* dàil *f*, mail(e) *f*,
 màirneal *m*
procreate *v* gin, sìolaich
procurator *n* procadair *m p. fiscal*
 neach-casaid a' Chrùin *m*,
 fiosgal *m*
procure *v* faigh, solaraich
prod *v* brod, stob; (*encourage*)
 brosnach
prodigal *a* strùidheil, stròdhail
 the **P. Son** am Mac Stròdhail *m*
prodigious *a* anabarrach
produce *n* toradh *m*, cinneas *m*
produce *v* dèan; (*show*) nochd,
 taisbean, thoir am follais; (*eg*
film) riochdaich
producer *n* (*eg film*) riochdaire *m*
product *n* toradh *m*; (*result*) buil
f
production *n* dèanamh *m*;
 (*artistic*) riochdachadh *m*
productive *a* torrach, tarbhach
profane *a* mì-naomha
profess *v* cuir an cèill, aidich

profession *n* dreuchd *f*, obair *f*;
 (*relig*) aidmheil *f*
professional *a* dreuchdail,
 proifeiseanta
professor *n* (àrd-)ollamh *m*,
 proifeasair *m*
proficiency *n* comas *m*, alt *m*, liut
m
proficient *a* comasach, ealanta
profile *n* leth-aghaidh *f*; (*article*)
 gearr-iomradh *m*; (*image*)
 iomhaigh *f* she has a high p. tha
 i gu mòr san fhollais
profit *n* prothaid *f*, buannachd *f*
v prothaidich, dèan prothaid *a*,
 faigh buannachd *a*
profitable *a* prothaideach,
 buannachdail
profligate *a* ana-caithteach, mì-
 stuama
profound *a* domhainn
profuse *a* pailt
profusion *n* mòr-phailteas *m*,
 sgaoilteach *f*
prognosis *n* fàisneas *m*,
 ro-thuairream *f*
programme *n* prògram *m*
v prògram
progress *n* adhartas *m p. report*
 aithisg adhartais *f v* rach air
 adhart
progression *n* gluasad *m*;
 (*continuity*) leantainneachd *f*
progressive *a* adhartach
progressively *adv* mean air
 mhean
prohibit *v* toirmisg
prohibited *a* toirmisgte
prohibition *n* toirmeasg *m*,
 bacadh *m*
prohibitive *a* toirmeasgach;
 (*price*) ro dhaor
project *n* pròiseact *f m*
project *v* stob a-mach; (*on*
screen) tilg; (*estimate*) dèan
 ro-mheasadh
projection *n* stob *m*; (*on screen*)
 tilgeil *f*; (*estimate*) ro-mheasadh *m*
projector *n* pròiseactair *m*
proliferate *v* sìolaich, fàs
 lionmhor
prolific *a* torrach; (*rich in*)
 beairteach

prolong *v* sin a-mach, cuir dàil an
promenade *n* promanàd *m*;
(walk) sràidreachd *f*
prominent *a* follaiseach, nochdte;
(to the fore) inbheach
promiscuous *a* iol-fheiseach
promise *n* gealladh *m*, gealltanais
m v geall, thoir gealladh
promising *a* gealltanach
promontory *n* rubha *m*, sròn *f*,
 àird *f*
promote *v* cuir air
 adhart/aghaidh; *(at work)*
 àrdaich, thoir àrdachadh do
promotion *n* cur air adhart *m*;
(at work) àrdachadh (inbhe) *m*
prompt *a* clis, sgiobalta *v* spreig;
(remind) cuir an cuimhne
prone *a* dual, buailteach do;
(lying) air a b(h)eul fodha *etc*
pronoun *n* riochdair *m* **personal**
p. riochdair pearsanta
pronounce *v* fuaimnich; *(leg)*
 thoir a-mach binn
pronunciation *n* fuaimneachadh
m
proof *n* dearbhadh *m*
prop *n* taic *f*, cùl-taic *f v* cum
 suas, thoir taic do, cuir taic ri
propaganda *n* propaganda *m*
propel *v* iomain
propeller *n* proipeilar *m*
proper *a* iomchaidh, cubhaidh,
 dòigheil, ceart
properly *adv* gu cubhaidh, gu
 dòigheil, (gu) ceart
property *n* cuid *f*, seilbh *f*;
(attribute) buadh *f*
prophecy *n* fàisneachd *f*,
 fàidheadaireachd *f*
prophecy *v* fàisnich, dèan
 fàidheadaireachd
prophet *n* fàidh *m*
propitious *a* fàbharach
proportion *n* cuid *f*, earrann *f*;
(symmetry) cumadh *m*,
 cunbhalachd *f*, co-rèir *m* in **p.**
 to a rèir
proportional *a* co-rèireach,
 co-roinneil **p.** **representation**
 riochdachadh co-roinneil *m*
proposal *n* (offer) tairgse *f*;

(motion) moladh *m*; (of
 marriage) tairgse-pòsaidh *f*
propose *v* tairg; *(motion)* mol
proposition *n* tairgse *f*; *(phil)*
 smaoineas *m v* (sexual) tairg
 feis
proprietor *n* sealbhadair *m*
propriety *n* freagarrachd *f*,
 iomchaidheachd *f*
propulsion *n* iomain *f*
prosaic *a* lom, tioram, neo-
 bheothail
proscribe *v* toirmisg, caisg
proscribed *a* toirmisgte
prose *n* rosg *m*
prosecute *v* tog casaid an
 aghaidh, cuir casaid às leth
prosecution *n* casaideachadh *m*;
(service) luchd-casaid *m*
prospect *n* (view) sealladh *m*;
(met) dùil *f* in **p.** san amharc
prospective *a* san amharc, ri
 teachd
prospectus *n* ro-shealladh *m*;
(institutional) leabhran-iùil
 oilthigh/colaiste/sgoile *m*
prosper *v* soirbhich
prosperity *n* soirbheachadh *m*
prosperous *a* soirbheachail
prostitute *n* siùrsach *f*, strìopach *f*
prostitution *n* siùrsachd *f*,
 strìopachas *m*; *(of talents)* mì-
 bhuileachadh *m*
prostrate *a* sleuchdte, sìnte
protect *v* dìon, teasraig
protection *n* dìon *m*
protective *a* dìona
protein *n* pròtain *m*
protest *n* gearan *m*, casaid *f*
v gearain, tog casaid; *(against)*
 tog fianais an aghaidh (+ gen)
Protestant *n*, a Pròstanach *m*,
(female) ban-Phròstanach *f*
protester *n* neach-togail-fianais
m, casaidiche *m*
protocol *n* pròtacal *m*
protractor *n* protractair *m*
protrude *v* bì na stob a-mach, bì
 faicsinneach
proud *a* pròiseil, uailleil,
 àrdanach; *(justifiably)* moiteil
prove *v* dearbh; *(test)* feuch
proved, proven *a* dearbhte

proverb *n* seanfhacal *m*, gnàth-
 fhacal *m*
provide *v* solair, solaraich
providence *n* freastal *m*
province *n* roinn *f*
provincial *a* roinneil, a bhuineas
 dhan tuath; *(attitude)* beag-
 sheallach
provision *n* ullachadh *m*, solar *m*
provisions lòn *m*
provisional *a* (temporary) sealach,
 car ùine; *(conditional)* air
 chùmhnannt
proviso *n* cumha *f*, cùmhnannt *m*
provocation *n* buaireadh *m*,
 stuigeadh *m*, cùis-fheirge *f*
provocative *a* buaireasach,
 buaireanta
provoke *v* cuir thuige, cuir conas
 air, stuig; *(engender)*
 adhbhraich
provost *n* pròbhaist *m*
prowess *n* comas *m*; *(in battle)*
 gaisge *f*
prowl *v* liùg
proximity *n* fagasachd *f*
proxy *n* neach-ionaid *m*, neach a
 ghabhas àite *m*
prude *n* neach nàrach *m*
prudence *n* crìonnachd *f*, faiceall
f
prudent *a* crìonna, faiceallach,
 ciallach
prune *n* prùn *m*
prune *v* sgath, beàrr
psalm *n* salm *f m*
psalmody *n* salmadaireachd *f*
p. class sgoil fhonn *f*
psalter *n* salmadair *m*
psyche *n* aigne *f*
psychiatrist *n* lighiche-inntinn *m*
psychiatry *n* leigheas-inntinn *m*
psychic *a* leis an dà shealladh;
(of psyche) aignidheil
psychological *a* inntinn-eòlach
psychologist *n* eòlaiche-inntinn *m*
psychology *n* eòlas-inntinn *m*
ptarmigan *n* tàrmachan *m*
pub *n* taigh-seinnse *m*
puberty *n* inbhidheachd *f*
public *n* poball *m*, mòr-shluagh
m a poblach **p.** **conveniences**
 goireasan poblach *m pl p.*

holiday saor-latha poblach *m*,
 latha feille *m p.* **house** taigh-
 seinnse *m p.* **inquiry**
 rannsachadh poblach *m*
publican *n* òstair *m*
publication *n* foillseachadh *m*
publicity *n* follaiseachd *m*
publicize *v* thoir am follais
publish *v* foillsich, cuir a-mach
publisher *n* foillsichear *m*
publishing *n* foillseachadh *m*
pudding *n* (sweet) mìlean *m*
black/white p. marag dhubbh/
 gheal *f*
puddle *n* lòn *m*
puff *n* (of wind) osag *f*, oiteag *f*
puffin *n* buthaid *f*
pugnacious *a* buaireanta, cogail
puke *v* sgeith, cuir a-mach
pull *n* tarraing *f*, slaodadh *m*,
 draghadh *m v* tarraing, slaod,
 dragh
pullet *n* eireag *f*
pulley *n* ulag *f*
pulp *n* glaothan *m*, taois *f*,
 pronnach *f*
pulpit *n* cùbaid *f*
pulse *n* (med) buille cuisle *f*
pulverize *v* mìn-phronn
pump *n* pump(a) *m*; *(dancing*
shoe) bròg-dannsa *f v* tarraing,
 pump
pun *n* cainnt-chluich *f m*, gearr-
 fhacal *m*
punch *n* dòrn *m*, buille *f*; *(tool)*
 tollair *m*; *(drink)* puinnse *m*
punctual *a* pongail, na uair, ris an
 uair
punctuation *n* puingeachadh *m*,
 pungadh *m*
puncture *n* toll *m*, tolladh *m*
v toll
pungent *a* searbh, geur, guineach
punish *v* peanasach, cronaich
punishment *n* peanas *m*,
 cronachadh *m*
punitive *a* peanasach
puny *a* crìon, beag
pup *n* cuilean *m*
pupil *n* sgoilear *m*; *(of eye)* clach
 na sùla *f*
puppet *n* pupaid *f m*, gille-mirein
m

puppy *n* cuilean *m*
purchase *v* ceannaich
pure *a* fìorghlan
purgative *n* purgaid *f*
purge *v* glan, cairt, purgaidich
purification *n* glanadh *m*
purify *v* glan
purity *n* fìorghlaine *f*
purple *a* purpaidh, corcair
purport *v* leig ort, cùm a-mach
purpose *n* adhbhar *m*, rùn *m*
purposely *adv* a dh'aon
 ghnotha(i)ch
purr *v* dèan crònan
purse *n* sporan *m*
pursue *v* rach às dèidh/air tòir
 (+ *gen*); (*met*) lean
pursuit *n* tòir *f*, ruaig *f*; (*pastime*)
 cur-seachad *m* in **p.** of air tòir
 (+ *gen*)
pus *n* iongar *m*, brachadh *m*
push *n* putag *f* *v* put; (*press*)
 brùth
pushchair *a* carbad-leanaibh *m*
pushy *a* aghach
put *v* cuir **put aside** cuir mu
 seach, cuir an dàrna taobh **put**
off (the light) cuir às/dheth (an
 solas) **put on clothes** cuir
 ort/umad *etc* aodach
putrid *a* grod, lobhte
putt *v* (golf) amais **putting the**
shot putadh na cloiche *m*
putty *n* potaidh *m*, botaidh *f*
puzzle *n* tòimhseachan *m*, dubh-
 fhacal *m* *v* cuir fo imcheist;
 (*intrans*) bi an imcheist
pygmy *n* luchraban *m*, troich *f* *m*
pyjamas *n* deise-leapa *f*
pylon *n* crann-dealain *m*
pyramid *n* pioramaid *f*

Q

quadrangle *n* ceithir-cheàrnag *f*
quadruple *v* ceathraich
quadruplets *n* ceathrar (san aon
 bhreith) *m*
quagmire *n* bog(l)ach *f*, sùil-
 chritheach/chruthaich *f*
quaich *n* cuach *f*
quaint *a* neònach, seann-fhasanta
quake *v* rach air chrith, criothnaich

qualification *n* (*formal*) teisteanas
m; (*attribute*) feart *m*; (*caveat*)
 ceist *f*, teagamh *m*
qualified *a* (*formally*) le
 teisteanas; (*equipped*)
 uidheamaichte; (*with caveat*) le
 ceist/teagamh
qualify *v* thoir a-mach teisteanas;
 (*be eligible*) bi freagarrach
 (airson)
quality *n* buadh *f*, feart *m*, gnè *f*
quandary *n* imcheist *f* in **a q.** fo
 imcheist, eadar dhà bharail
quango *n* cuango *m*
quantify *v* àirmhich, tomhais
 meud
quantity *n* meud *m*, uiread *m*,
 uimhir *f*
quarrel *n* aimhreit *f*, còmhstri *f*,
 trod *f* *m* *v* rach far a chèile,
 troid, bi ag aimhreit
quarrelsome *a* aimhreiteach,
 connspaideach
quarry *n* cuaraidh *f* *m*; (*prey*)
 creach *f*
quarter *n* cairteal *m*, ceathramh
m; (*of year*) ràith(e) *f*; (*area*)
 ceàrn *m*; (*mercy*) tròcair *f*
q. past one cairteal/ceathramh
 an dèidh uair
quarterly *n* (*magazine*)
 ràitheachan *m* *adv* ràitheil,
 gach ràith(e), uair san ràith(e)
quarters *n* àite-fuirich *m*,
 cairtealan *m* *pl*
quartet(te) *n* (*group*) ceathrar *m*;
 (*mus piece*) ceòl-ceathrar *m*
quash *v* mùch, caisg, cuir an dara
 taobh
quatrain *n* ceathramh *m*, rann *m*
quaver *n* crith *f*; (*mus*) caman *m*
quay *n* cidhe *m*
queen *n* banrigh *f*
queer *a* neònach
quell *v* ceannsaich, mùch
quench *v* bàth, cuir às
quern *n* brà *f*
query *n* ceist *f*
quest *n* tòir *f*, iarraidh *m*, sireadh
m
question *n* ceist *f*; (*doubt*)
 amharas *m* **q. mark** comharra-
 ceiste *m* *v* ceasnaich, faighnich,

feòraich; (*doubt*) cuir teagamh
 an
questionable *a* teagmhach,
 a' togail ceist
questioning *n* ceasnachadh *m*
questionnaire *n* ceisteachan *m*
queue *n* ciudha *f*
quibble *n* gearan beag-seagh *m* *v*
 gearain mu nithean beag-seagh
quick *a* luath, ealamh, clis
quickly *adv* gu luath, gu
 h-ealamh, gu clis
quid *n* nota *f*
quiet *a* sàmhach, tostach **be q.!**
 (e)ist! *n* sàmhchair *f*, tost *m*
quieten *v* ciùinich; (*intrans*) fàs
 sàmhach
quietness *n* sàmhchair *f*, ciùineas
m
quilt *n* cuibhrig(e) *f* *m*
quit *v* sgair, falbh, leig seachad;
 (*place*) fàg
quite *adv* (*fairly*) gu math,
 rudeigin, lethchar; (*completely*)
 gu tur, gu lèir, gu h-iomlan,
 buileach (*with neg*) **it wasn't q.**
ready cha robh e buileach
 deiseil
quiver *v* crith, dèan ball-chrith
quiz *n* ceasnachadh *m*, farpais-
 cheist *f*
quorum *n* àireamh riaghailteach
f, cuòram *m*
quota *n* cuid *f*, cuota *m*
quotation *n* (*extract*) pìos air a
 thogail à *m*, às-earrann *f*;
 (*estimate*) tuairmeas *m*;
 (*valuation*) luach *m* **q. marks**
 cromagan turrach *f* *pl*
quote *n* briathran (a labhradh) *m*
pl; (*estimate*) tuairmeas *m*
v (*extract*) tog à; (*cite*) tog mar
 ùghdarras; (*estimate*) thoir
 tuairmeas

R

rabbit *n* coineanach *m*, rabaid *f*
rabble *n* gràisg *f*
rabid *a* (*lit*) cuthachail; (*met*)
 dearg (+ *n/a* & *len*)
rabies *n* fibin *f*
race *n* rèis *f*; (*ethnic*) cinneadh

m; (*genetic*) gineal *f* **racecourse**
 cùrsa-rèis *m* **racehorse** steud-
 each *m* **r. relations** dàimh
 cinnidh *m* *v* ruith
racial *a* cinneadail
r. discrimination leth-bhreith
 chinneadail *f*
racing *n* rèiseadh *m* **r. car**
 càr-rèisidh *m*
racism *n* gràin-cinnidh *f*
racist *n* neach a tha ri gràin-
 cinnidh *f* *a* gràin-c(h)innidheach
rack *n* ealchann *f*; (*for torture*)
 inneal pianaidh *m* **going to r.**
 and ruin a' dol a Thaigh Iain
 Ghròt(a)
racket *n* (*noise*) gleadhraich *f*;
 (*sport*) racaid *f*
radar *n* rèidear *m*
radiant *a* lannireach, boillsgeach,
 deàlrach
radiate *v* deàlraich
radiation *n* rèididheachd *f*
radical *a* radaigeach, freumhail,
 bunasach
radio *n* rèidio *m*, radio *m*
radioactive *a* rèidio-beò
radiography *n* rèidiografaidh *m*
radiology *n* rèidio-eòlas *m*
radiotherapy *n* gath-leigheas *m*
radish *n* meacan-ruadh *m*
radium *n* rèidium *m*
radius *n* rèidius *m*, spòg *f*
raffle *n* crannchur-gill *m*
raft *n* ràth *m*
rafter *n* cabar *m*, taobhan *m*,
 tarsannan *m*
rag *n* luideag *f*, clobhd(a) *m*
rage *n* boile *f*, cuthach *m*
ragged *a* luideagach
raging *a* fon chuthach, air bhoil(e)
raid *n* ruaig *f*, ionnsaigh *f*, creach
f *v* ruag, thoir ionnsaigh (air)
raider *n* creachadair *m*, neach-
 ionnsaigh *m*
rail *n* rèile *f*
railway *n* rathad-iarainn *m*
a rèile
rain *n* uisge *m* **raincoat** còta-
 froise *m* **rainfall** uisge *m*
rainforest coille-uisge *f* *v* sil;
 (*heavily*) dòirt **it's raining** tha an
 t-uisge ann

rainbow *n* bogha-froise *m*
 raise *v* tog, àrdaich *r.* awareness
 dùisg mothachadh, tog aire
 raisin *n* rèiseid *f*
 rake *n* ràcan *m*; (person) raidhc
m, ràcaire *m* *v* ràc
 rally *n* (gathering) cruinneachadh
m *v* misnich, thoir cruinn;
 (intrans) ath-chruinnich; (from
 illness) ath-bheothaich
 ram *n* reithe *m*, rùda *m*
 ramble *n* cuairt *f*, fàrsan *m* *v* bi
 a' cuairtearachd/rèabhaireachd;
 (in talk) bi ri blabhaireachd
 rambler *n* ramalair *m*, fàrsanach
m, rèabhair(e) *m*
 rambling *a* fàrsanach; (talk)
 sgaoilte; (bot) streapach
 ramification *n* ioma-bhuaidh *f*,
 buil *f*
 ramp *n* ramp *m*
 rampant *a* gun srian, gun
 cheannsachadh
 ranch *n* rains(e) *f*
 rancid *a* breun
 rancour *n* gamhlas *m*
 random *a* air thuaiream,
 tuaireamach
 randy *a* macnasach
 range *n* raon *m*; (of mountains)
 sreath bheanntan *f* *m*
 rank *n* inbhe *f*; (row) rang *f* *m*,
 sreath *f* *m* the *r.* and *file*
 a' mhòr-chuid chumanta *f*, na
 mithean *m* *pl* *v* rangach, cuir
 an òrdugh *a* (intens) tur,
 buileach; (odour) breun
 rankle *v* fàg cais/ainmein air
 ransack *v* rùraich; (plunder)
 creach
 ransom *n* èirig *f* *v* saor/fuasgail
 (air èirig)
 rant *v* bi ri blaomadaich ranting
 and raving ag èigheach 's ag
 uabhas
 rap *n* buille *f*, sgail *f*; (on door)
 gnogadh cruaidh *m* take the rap
 faigh/gabh a' choire
 rape *n* èigneachadh *m* *v* èignich
 rapid *a* bras, clis
 rapids *n* bras-shruth *m*
 rapport *n* co-bhàidh *f*
 rapturous *a* mòr-aoibhneach

rare *a* tearc, ainneamh; (in
 cooking) gann-bhruich
 rascal *n* blaguard *m*, rasgal *m*
 rash *n* broth *m* *a* bras, gun tùr
 rasher *n* sliseag *f*
 raspberry *n* subh-craoibh *m*
 rat *n* radan *m*
 rate *n* ire *f*; (speed) astar *m* *r.* of
 interest ire an rèidh *f* the rates
 na reataichean *m* *pl* *v* meas
 rather *adv* rudeigin, car *r.* than
 seach, an àite (+ gen) l'd *r.* go
 b' fheàrr leam falbh
 ratify *v* daingnich
 ratio *n* co-mheas *m*
 ration *n* cuibhreann *f* *m* *v* cùm ri
 cuibhreann
 rational *a* ciallach, reusanta
 rationale *n* feallsanachd *f*
 rationalize *v* dèan leisgeul;
 (operation etc) cuir air stèidh ùr
 rattle *n* gliogan *m*, glag *m*,
 glagadaich *f*; (toy) gliogan *m*
 ravage *v* spùill, creach, cuir fàs
 rave *n* hòro-gheallaidh *f* *m* *v* bi
 air bhoil(e) *r.* about dèan othail
 mu dheidhinn
 raven *n* fitheach *m*
 ravenous *a* ciocrach, gu
 fannachadh
 ravine *n* mòr-ghil *f*
 ravish *v* èignich
 raw *a* amh *r.* material bun-stuth
m
 ray *n* gath *m*, leus *m*
 raze *v* leag gu làr
 razor *n* ealtainn *f*, ràsar *m* *r.* fish
 muirsgian *f*
 re- *pref* ath-
 reach *v* ruig *r.* for sin a
 dh'iarraidh (+ gen)
 react *v* gluais, gabh ri, freagair
 he reacted badly to it chaidh e
 dona dha
 reaction *n* gluasad *m*, gabhail ris
m, freagairt *f*; (chem)
 iom-obrachadh *m*
 reactor *n* reactar *m*
 read *v* leugh
 reader *n* leughadair *m*
 readily *adv* gu toileach; (quickly)
 gu sgiobalta
 reading *n* leughadh *m*

ready *a* deiseil, ullamh
 reaffirm *v* daingnich
 real *a* fìor
 realistic *a* ciallach, practaigeach
 reality *n* fìrinn *f*, fìorachd *f* in *r.*
 an dà-rìribh
 realize *v* tuig; (fulfil) thoir gu
 buil; (sell) reic
 really *adv* gu dearbh; (sceptically)
 seadh?
 realm *n* rìoghachd *f*
 reap *v* buain
 reaper *n* buanaiche *m*; (mech)
 inneal-buana *m*
 rear *n* deireadh *m*
 rear *v* tog, àraich, altraim
 reason *n* ciall *f*, reusan *m*; (cause)
 adhbhar *m*, fàth *m*
v reusanaich
 reasonable *a* reusanta, ciallach,
 coltach
 reasoning *n* reusanachadh *m*
 reassurance *n* fois-inntinn *f*
 reassure *v* thoir fois-inntinn do
 reassuring *a* fois-inntinneach
 rebate *n* lasachadh *m*
 rebel *n* reubaltach *m* *v* dèan
 ar-a-mach *r.* against rach an
 aghaidh (an t-sruth)
 rebellion *n* ar-a-mach *m*
 rebellious *a* ceannairceach
 rebound *v* leum air ais it will *r.* on
 him thig e air ais air
 rebuff *n* diùltadh *m*
 rebuild *v* tog às ùr, ath-thog
 rebuke *v* thoir achmhasan (do),
 cronaich
 rebut *v* dearbh ceàrr, breugnaich
 recall *v* cuimhnich air, bi cuimhn'
 aig; (bring back) thoir air ais
 recap *n* ath-shùil *f*
 recede *v* rach air ais, sìolaidh
 receipt *n* (written) cuidhteas *m*
 receive *v* faigh; (react to) gabh ri;
 (welcome) fàiltich
 recent *a* ùr, o chionn ghoirid
 recently *adv* o chionn ghoirid
 reception *n* gabhail ri *m*; (in
 hotel etc) fàilteachadh *m*;
 (event) cuirm *f*
 receptionist *n* fàiltiche *m*
 receptive *a* fosgailte (ri)
 recess *n* cùil *f*; (vacation)

fosadh *m*
 recession *n* crìonadh *m*, seacadh
m
 recipe *n* reasabaidh *m*
 recipient *n* neach-faighinn *m*,
 neach a gheibh *m*
 reciprocal *a* air gach taobh
 reciprocate *v* dèan dha rèir
 recitation *n* aithris *f*
 recite *v* aithris
 reckless *a* neo-chùramach
 reckon *v* cunnt; (consider) meas
 reclaim *v* thoir air ais; (recover)
 faigh/iarr air ais
 recline *v* sìn, laigh
 recluse *n* aonaran *m*
 reclusive *a* aonaranach,
 leathoireach
 recognize *v* aithnich; (admit)
 aichidh
 recoil *v* leum air ais *r.* from clisg
 (bh)o
 recollect *v* cuimhnich
 recollection *n* cuimhne *f*
 recommend *v* mol
 recommendation *n* moladh *m*
 recommended *a* air a
 m(h)oladh etc
 recompense *n* ath-dhioladh *m*,
 èirig *f*
 reconcile *v* (bring together) thoir
 gu chèile; (figures etc) rèitich
 they were reconciled thàinig iad
 gu rèite
 reconciliation *n* (bringing
 together) toirt gu chèile *f*;
 (figures etc) rèite *f*
 reconsider *v* ath-bheachdaich
 reconstruction *n* ath-thogail *f*,
 ath-chruthachadh *m*
 record *n* cunntas *m*, clàr *m*;
 (disc) clàr *m* *v* clàraich, cùm
 cunntas (air); (express) cuir an
 cèill; (mus) cuir air clàr
 recorder *n* clàradair *m*; (mus)
 reacòrdair *m*
 recording *n* clàr *m*, clàradh *m*
 recount *v* aithris; (vote)
 ath-chunnt
 recoup *v* faigh air ais
 recover *v* (get back) faigh air ais;
 (improve) fàs nas fheàrr, rach
 am feabhas

recovery *n* faighinn/faotainn air ais *f*; (*in health*) fàs nas fheàrr *m*, dol am feabhas *m*
re-create *v* ath-chruthaich
recreation *n* cur-seachad *m*
recruit *v* tog
rectangle *n* ceart-cheàrnag *f*
rectangular *a* ceart-cheàrnach
rectify *v* ceartaich, cuir ceart
rector *n* (*educ*) ceannard *m*; (*university*) reachdair *m*; (*relig*) ministear *m*
recuperate *v* slànaich, rach am feabhas
recur *v* tachair a-rithist
recurrent *a* tillteach
recycle *v* ath-chleachd, ath-chuartaich
recycling *n* ath-chleachdadh *m*, ath-chuartaichadh *m*
red *a* dearg; (*hair*) ruadh
redeem *v* (*save*) saor, fuasgail; (*fin*) ath-cheannaich
redirect *v* ath-sheòl
redistribute *v* ath-riaraich
redouble *v* (*efforts*) dèan spàirn is ath-spàirn
redraft *v* ath-dhreacht
redress *n* (*fin*) ath-dhioladh *m*; (*leg*) furtachd *f*
reduce *v* lùghdaich, islich
reduced *a* lùghdaichte, air a lùghdachadh
reduction *n* lùghdachadh *m*, beagachadh *m*, isleachadh *m*
redundancy *n* pàigheadh dheth *m*; (*superfluity*) anbharr *m*
r. pay airgead pàigheadh dheth *m*
redundant *a* anbharra, gun fheum; (*idle*) gun obair **they were made r.** chaidh am pàigheadh dheth
reed *n* cuilc *f*; (*mus*) ribheid *f*
reef *n* bodha *m*, sgeir *f*; (*a sail*) riof *f*
reek *v* (*smell*) cuir fàileadh dheth/dhith *etc*; (*smoke*) cuir smùid/toit dheth/dhith *etc*
reel *n* r(u)idhle *m*; (*of thread*) piorna *f* *m*
re-elect *v* ath-thagh
re-examine *v* ath-sgrùd

refectory *n* biadhlan *f*
refer (to) *v* thoir iomradh/tarraing air; (*pass to*) cuir gu; (*send back*) till air ais
referee *n* rèitire *m*; (*for job*) teistich *m*
reference *n* iomradh *m*, tarraing *f*; (*testimonial*) teisteanas *f* **with r. to** a thaobh (+ *gen*) **r. book** leabhar-fiosrachaidh *m*
referendum *n* reifreann *m*, referendum *m*
refine *v* glan; (*met*) grinnich
reflect *v* tilg air ais; (*think*) meòraich, cnuasaich
reflection *n* failleas *m*; (*in mirror*) dealbh-sgàthain *f* *m*; (*thought*) meòrachadh *m*, cnuasachadh *m*
reflective *a* meòrachail, breithneachail
reflex *a* neo-shaor-thoileach
reform *n* leasachadh *m*, ath-leasachadh *m* *v* leasaich, ath-leasaich
reformation *n* ath-leasachadh *m*
the R. an t-Ath-Leasachadh
refrain *v* cùm (bh)o, sguir
refresh *v* ùraich
refreshment *n* (*drink*) deoch *f*; (*renewal*) ùrachadh *m*
refrigerator *n* inneal-fionnarachaidh *m*, frids *m*
refuel *v* ath-chonnaich, lion le connadh a-rithist
refuge *n* tèarmann *m*, dìdean *m*
refugee *n* fògarrach *m*
refund *n* airgead air ais *m* *v* pàigh air ais, ath-dhiol
refuse *n* sgudal *m*, sprùilleach *m*
refuse *v* diùlt
refute *v* dearbh ceàrr, breugnaich
regain *v* ath-choisinn, ath-shealbhaich
regal *a* rìoghail
regard *n* meas *m*, sùim *f*, spèis *f* **with kind regards** leis gach deagh dhùrachd **as regards** a thaobh (+ *gen*) *v* (*consider*) meas; (*esteem*) thoir spèis do; (*pay heed to*) thoir aire do
regardless *adv* a dh'aindeoin (sin)

regatta *n* rèisean shoithichean *f* *pl*
regenerate *v* ath-nuadhaich
regeneration *n* ath-nuadhachadh *m*
regime *n* riaghladh *m*; (*system*) rèim *f*
regiment *n* rèisimeid *f*
region *n* roinn *f*, ceàrn *f*
regional *a* roinneil, roinne
register *n* clàr *m* **cash r.** clàradair airgid *m* *v* clàraich; (*reveal*) leig ris; (*show up*) nochd
registrar *n* neach-clàraidh *m*
registration *n* clàradh *m*
registry *n* ionad-clàraidh *m*
regret *n* aithreachas *m*; (*sorrow*) duilichinn *f* *v* gabh aithreachas; (*be sorry*) bi duilich
regrettable *a* na adhbhar aithreachais; (*sad*) duilich
regular *a* cunbhalach, riaghailteach
regularity *n* cunbhalachd *f*
regulate *v* riaghlaidh, rèitich
regulation *n* riaghailt *f*; (*act of*) riaghladh *m*
rehearsal *n* ruith thairis *f*
rehearse *v* ruith thairis air; (*go through*) ath-aithris
reign *n* rioghachadh *m*
reimburse *v* pàigh air ais (airson)
rein *n* srian *f*
reindeer *n* rein-fhiadh *m*
reinforce *v* daingnich, neartaich
reinstate *v* ath-shuidhich
reissue *v* cuir a-mach às ùr, ath-sgaoil
reiterate *v* ath-aithris
reject *v* diùlt
rejoice *v* dèan gàirdeachas/aobhneas
rekindle *v* ath-bheothaich
relapse *n* tuiteam air ais *m*; (*med*) tilleadh tinneis *m*
relate *v* innis, aithris
related (to) *a* co-cheangailte ri; (*family*) càirdeach (do), an dàimh ri **r. by marriage** ann an cleamhnas
relation *n* co-cheangal *m*; (*relative*) neach-dàimh *m*, dàimh *m* **in r. to** ann an dàimh ri
relationship *n* càirdeas *m*, dàimh

m be in a r. with ... a bhith a' falbh le ...
relative *n* neach-dàimh *m*, *pl* luchd-dàimh *m*, càirdean *m* *a* dàimheach **r. to** an coimeas ri
relaunch *v* cuir air bhog a-rithist
relax *v* gabh fois; (*rules etc*) lasaich, fuasgail
relaxation *n* fois *f*, tàmh *m*; (*pastime*) cur-seachad *m*
relaxed *a* socrach
relay *n* sreath (mu seach) *f* *m* **r. race** rèis fhàirteach *f* *v* (*news etc*) sgaoil
release *v* fuasgail, leig às, cuir/leig mu sgaoil
relegate *v* cuir sìos
relent *v* taisich, gabh truas
relentless *a* gun sgur, gun abhsadh; (*implacable*) neo-thruacanta
relevance *n* buntainneas *m*
relevant *a* buntainneach, a' buntainn ri
reliable *a* earbsach
reliance *n* earbasa *f*, muinighin *f*
relief *n* fao(tha)chadh *m*, furtachd *f*; (*help*) cobhair *f*, cuideachadh *m*
relieve *v* furtaich, thoir fao(tha)chadh do; (*help*) cuidich **we were relieved** fhuair sinn fao(tha)chadh
religion *n* creideamh *m*
religious *a* cràbhach, diadhaidh
relinquish *v* leig/thoir seachad
relish *v* gabh fìor thlachd de/an
relocate *v* gluais (gu àite eile)
reluctant *a* ain-deònach **I was r. to do that** bha leisg(e) orm sin a dhèanamh
rely *v* cuir earbs(a) (an/ri)
remain *v* fuirich, fan
remainder *n* fuidheall *m*, còrr *m*
remains *n* fuidhleach *m*; (*corpse*) dust, duslach *m*
remark *n* iomradh *m*, facal *m* *v* thoir iomradh air; (*notice*) thoir fa-near
remarkable *a* sònraichte, suaicheanta, iongantach
remedial *a* leasachail

remedy *n* (*med*) leigheas *m*,
 ìocshlaint *f*; (*solution*)
 leasachadh *m* *v* leighis,
 slànaich; (*solve*) leasaich
remember *v* cuimhnich
remind *v* cuir an cuimhne,
 cuimhnich do
reminisce *v* cuimhnich (*air*)
remiss *a* dearmadach,
 neo-shuimeil
remit *n* raon-dleistanais/
 ùghdarrais *m*
remit *v* cuir air falbh; (*refer back*)
 till, cuir air ais; (*cancel*) math
remittance *n* pàigheadh *m*, sùim
 airgid *f*
remnant *n* fuidheall *m*, iarmad *m*
remorse *n* dubh-aithreachas *m*,
 agartas-cogais *m*
resourceful *a* làn aithreachais
remote *a* iomallach, cian, fad' às
removal *n* gluasad *m*; (*flitting*)
 imrich *f*
remove *v* thoir air falbh; (*move*)
 gluais
remunerate *v* ìoc do, pàigh
renaissance *n* ath-bheothachadh
m the **R.** Linn an
 Ath-Bheothachaidh *f* *m*
rend *v* srac, reub
render *v* (*pay*) ìoc, liubhair;
 (*make*) dèan
rendezvous *n* àite-coinneachaidh
m
renew *v* ath-nuadhaich, ùraich
renewal *n* ath-nuadhachadh *m*,
 ùrachadh *m*
rennet *n* binid *f*
renounce *v* leig bhual, trèig, cuir
 cùl ri
renovate *v* ùraich, nuadhaich
renovation *n* nuadhachadh *m*,
 ùr-sgeadachadh *m*
renown *n* cliù *m*
renowned *a* cliùiteach,
 iomraiteach
rent *n* sracadh *m*, reubadh *m*;
 (*fin*) màl *m* *v* gabh air mhàl
rented *a* air mhàl
re-open *v* fosgail às ùr
 (*instrumental*) cluich aon-neach
f *a* leis/leatha *etc* fhèin
soloist *n* òranaiche *m*, neach-ciùil
 aona(i)r *m*
soluble *a* so-sgaoilte
solution *n* fuasgladh *m*;
 (*substance*) eadar-sgaoileadh *m*
solve *v* fuasgail
solvent *n* lionn-sgaoilidh *m*
solvent *a* comasach air pàigheadh
sombre *a* dubhach, gruamach;
 (*of dress*) dorch(a)
some *n* cuid *f*, roinn *f*, pàirt *f* *m*;
 (*people*) feadhainn *f*, cuid *f*
somebody *pron* cuideigin *f*,
 neacheigin *m*
somehow *adv* air dòigh air
 choreigin, air dòigheigin
someone *n* cuideigin *f*,
 neacheigin *m*
somersault *n* car a' mhuiltein *m*
v dèan car a' mhuiltein
something *pron* rudeigin *m*,
 nìtheigin *m*
sometime *adv* uaireigin
sometimes *adv* uaireannan
somewhat *adv* rudeigin, beagan,
 car, lethchar
somewhere *adv* an àiteigin, am

badeigin
son *n* mac *m*, gille *m* son-in-law
 cliamhainn *m*
song *n* òran *m*, amhran *m*
soon *adv* a dh'aithghearr, gu
 grad, an ùine ghoirid/gheàrr
soot *n* sùith(e) *f* *m*
soothe *v* (*calm*) ciùinich;
 (*assuage*) thoir fao(tha)chadh
 do
soothing *a* sèimheachail
sophisticated *a* soifiosaigeach
sordid *a* suarach, salach
sore *a* goirt, cràiteach; (*resentful*)
 leamh *n* creuchd *f*, lot *m*
sorrow *n* bròn *m*, mulad *m*, tùrsa
f
sorrowful *a* brònach, muldach,
 tùrsach
sorry *a* duilich
sort *n* seòrsa *m*, gnè *f* *v* cuir an
 òrdugh, seòrsaich; (*fix*) cuir air
 dòigh
so-so *a*, *adv* mu làimh,
 meadhanach
soul *n* anam *m* **we didn't see a s.**
 chan fhaca sinn duine beò
sound *n* fuaim *m*; (*topog*) caolas
m *a* (*healthy*) slàn, fallain;
 (*reliable*) earbsach; (*advice*) glic
s. asleep na s(h)uain *etc* chadail
s.-proof fuaim-dhionach *v* dèan
 fuaim; (*alarm*) gairm rabhadh;
 (*instrument*) sèid, seinn **s. out**
 faigh beachd (bh)o **that sounds**
 fine/reasonable tha sin
 taghta/reusanta
soup *n* brot *m*, canraich *f*
sour *a* goirt, geur, searbh
source *n* màthair-adhbhar *m*,
 bun *m*, freumh *m* **s. of river** bun
 aibhne *m*
south *n*, *a* deas *f* **the s.** an (àird
 a) deas *f* **the s.-east** an (àird an)
 ear-dheas *f* **the s.-west** an (àird
 an) iar-dheas *f*
southerly *a*, *adv* deas, à deas
southern *a* mu dheas, a deas
souvenir *n* cuimhneachan *m*
sovereign *n* rìgh *m* àrd-
 uachdaran *m*; (*coin*) sòbhran *m*
a uachdarail, neo-eisimeileach
sovereignty *n* uachdaranachd *f*

sow *n* muc *f*, cràin *f*
sow *v* cuir (siol)
space *n* rùm *m*, rèidhleach *m*,
 farsaingeachd *f*; (*atmos*) fànas
m; (*gap*) beàrn *f* **spaceship**
 soitheach-fànaidh *f* *m* **s. shuttle**
 spàl-fànaidh *m*
spacious *a* farsaing, mòr, rùmail
spade *n* spaid *f*, caibe *m*
span *n* rèis *f*; (*lifetime*) rèis *f*,
 saoghal *m*; (*interval*) greis *f*
spaniard *n* Spàinn(t)each *m*,
 (*female*) ban-Spàinn(t)each *f*
spaniel *n* cù-eunaich *m*
Spanish *n* (*lang*) Spàinn(t)is *f*
a Spàinn(t)each
spanner *n* spanair *m*
spare *a* a chòrr, a bharrachd
s. part pàirt-càraidh *f*
spare *v* caomhain, cumhain
spared *a* air a s(h)àbhaladh *etc* if
we are s. ma bhios sinn air ar
 caomhnadh/cùmhnadh
spark *n* sradag *f*
sparkle *n* lainnir *f*, deàlrachd *m*
v lainnrich, deàlraich
sparkling *a* deàlrach, drilseach
sparrow *n* gealbhoon *m*
sparrow-hawk *n* speireag *f*
sparse *a* gann
spasm *n* crupadh fèithe *m*
spasmodic *a* an-dràsta 's a-rithist
spastic *n*, *a* spastach *m*
spate *n* lighe *f*; (*met*) meall *m*
spawn *n* siol *m*, cladh *m*
v sìolaich, cladh
speak *v* abair, bruidhinn, labhair
speaker *n* neach-labhairt *m*,
 òraidiche *m*; (*mus etc*)
 labhradair *m* **the S.** an
 Labhraiche *m*
spear *n* sleagh *f*, gath *m*
special *a* àraidh, sònraichte
specialism *n* speisealachd *f*
specialist *n* speisealaiche *m*,
 fìor-eòlaiche *m* *a* speisealta
specialize *v* speisealaich
specialized *a* speisealaichte
species *n* seòrsa *m*, gnè *f*
specific *a* sònraichte, àraid
specification *n* sònrachadh *m*,
 mion-chomharrachadh *m*
specified *a* sònraichte,

comharraichte
specify *v* sònraich, comharraich
specimen *n* sampall *m*, ball-
 sampail *m*
specious *a* meallta
speck *n* smùirnean *m*, sal *m*,
 smal *m*
speckled *a* breac, ballach
spectacle *n* sealladh *m*
spectacles *n* speuclairean *m* *pl*,
 speuclair *m*, glainneachan *f* *pl*
spectator *n* neach-amhairc/
 coimhid *m*
spectre *n* tannasg *m*
spectrum *n* speactram *m*
speculate *v* beachdaich, dèan
 tuairmeas air; (*fin*) cuir airgead
 sa mharagdha
speculation *n* beachdachadh *m*,
 tuairmeas *m*
speculative *a* beachdachail,
 tuairmeasach
speech *n* cainnt *f*; (*oration*) òraid
f **s. therapy** leasachadh cainnt *m*
speechless *a* gun chainnt, balbh
speed *n* luaths *m*, astar *m* **s. limit**
 casg astair *m* *v* rach luath,
 greas
spell *n* (*of time*) greis(eag) *f*;
 (*charm*) seun *m*
spell *v* litrich
spelling *n* litreachadh *m*
spend *v* caith, cosg
spendthrift *n* caithliche *m*
a caithteach
sperm *n* siol(-ginidh) *m*
spew *v* cuir a-mach, sgeith
sphere *n* cruinne *m*; (*met*) raon
m
spherical *a* cruinn
spice *n* spiosradh *m*
v spiosraich, dèan spiosrach
spicy *a* spiosrach
spider *n* damhan-allaidh *m*
spider *n* spic *f*, bior *m*
spill *v* dòirt
spin *v* sniomh; (*wheel*) cuir caran
s. around grad-thionndaidh *n*
 (*met*) sniomh *m*
spinach *n* bloinigeach-gàrraidh *m*
spindle *n* dealgan *m*, fearsaid *f*
spindrift *n* cathadh-mara *m*,
 siaban *m*

spine *n* cnàimh-droma *m*
spinner *n* (person) snìomhadair *m*; (mech) uidheam-snìomh *f*
spinning *n* snìomh *m*, calanas *m*
s-wheel cuibheall-shnìomh *f*
spinster *n* maighdeann *f*, boireannach gun phòsadh *m*
spiral *n* snìomhan *m* a snìomhanach
spire *n* stiopall *m*, binnean *m*
spirit *n* spiorad *m*, aigne *f*; (mettle) meanmna *m*, misneachd *f*; (ghost) tannasg *m*
spirited *a* aigeannach, misneachail, meanmnach
spirits *n* (drink) deoch-làidir *f*
spiritual *a* spioradail
spit *n* smugaid *f*; (roasting) bior-ròstaidh *m* *v* tilg smugaid
spite *n* gamhlas *m*, miosgairn *f* in *s.* of a dh'aindeoin (+ gen)
spiteful *a* gamhlasach
spittle *n* seile *m*, ronn *m*
splash *n* steall *f*, splais *f* *v* steall, splaisig
splay-footed *a* spleadhach, pluitach
spleen *n* (anat) an dubh-chlèin *f*; (spite) gamhlas *m*
splendid *a* gasta, taghta; (imposing) greadhnach
splendour *n* greadhnachas *m*
splice *v* spla(o)idhs
splint *n* cleithean *m*
splinter *n* sgealb *f*, spealg *f* *v* spealg
split *n* sgòtadh *m* *v* sgoilt
splutter *v* (person) bi a' sgeamhadaich
spoil *v* mill, cuir a dhòlaidh
spoils *n* creach *f*, cobhartach *f* *m*
spoilt *a* air a m(h)illeadh etc, millte
spoke *n* spòg *f*, tarsannan *m*
spokesperson *n* neach-labhairt *m*, labhraiche *m* **spokesman** fear-labhairt *m* **spokeswoman** tè-labhairt *f*
sponge *n* spong *m*; (cake) spuinnse *f*
sponsor *n* neach-urrais *m*, goistidh *m* *v* rach mar neach-urrais, bi mar ghòistidh

sponsorship *n* urrasachd *f*, goistidheachd *f*
spontaneous *a* saor-thoileach, deònach
spoon *n* spàin *f*
sporadic *a* corra uair
spore *n* spòr *m*
sport *n* spòrs *f*
sporting *a* spòrsach
sports *n* lùth-chleasan *m* pl, geamachan *m* pl *s.* centre ionad spòrs *m*
sportsman *n* neach-spòrs *m*
spot *n* spot *f* *m*; (place) àite *m*, bad *m*; (stain) smal *m* on the *s.* (time) an làrach nam bonn *v* (notice) mothaich do
spotless *a* gun smal
spotted *a* ballach, breac
spotty *a* guireanach
spouse *n* cèile *f* *m*, cèile-p(h)òsta *f* *m*
spout *n* srùb *m*, spùt *m* *v* spùt; (whale) sèid; (hold forth) cuir dheth/dhith etc
sprain *n* snìomh *m*, sgochadh *m*, siachadh *m* *v* cuir snìomh an, sgoch
sprawl *v* sin a-mach; (of person) bi nad shlèibhtrich
spray *n* (sea) cathadh-mara *m*; (water) sradadh *m*; (aerosol) frasadair *m*; (bot) fleasg *f* *v* srad (air)
spread *v* sgaoil, sgap, sin a-mach
spreadsheet *n* cliath-dhuilleag *f*
spree *n* (drinking) daorach *f* shopping *s.* splaoid ceannaich *f*
sprig *n* faillean *m*
sprightly *a* (of mood) beothail, suigeartach; (phys) frogail, spraceil
spring *n* earrach *m*; (water) fuaran *m*; (leap) grad-leum *m*; (mech) sprionga *m*, cuairteag *f* *s.*-tide reothart *m* *v* grad-leum *s.* from thigh/sruth (bh)o
springboard *n* (met) stèidh *f*
sprinkle *v* crath
sprinkling *n* craiteachan *m*
sprint *n* roid *f*, deann-ruith *f*; (race) dian-rèis *f* *v* dian-ruith, ruith le roid

sprout *n* buinneag *f* **Brussels sprouts** buinneagan Bruisealach *f* pl
spruce *n* giuthas Lochlannach *m*
spruce *a* deas, speiseanta
spur *n* spor *m*, brod *m*; (met) spreigeadh *m* *v* brod, stuig; (met) spursais, spreig, piobraich
spurious *a* breugach
spurn *v* diùlt le tàir
spurt *n* briosgadh *m*, cabhag *f*; (of liquid) stealladh *m*
spy *n* beachdair *m*, neach-brathaidh *m*, brathadair *m* *v* bi ri beachdaireachd
squabble *n* connasachadh *m*, tuasaid *f*
squad *n* sguaid *m*
squalid *a* robach, salach
squall *n* sgail/cnap-gaoithe *m*
squander *v* caith, dèan ana-caitheamh air, mì-bhuilich
square *n* ceàrnag *f* *a* ceithir-cheàrnach, ceàrnagach
squash *v* brùth, pronn
squat *v* crùb
squatter *n* sguatair *m*
squeak *n* biog *m* *v* bi a' biogail
squeal *n* sgiamh *f* *v* dèan sgiamh
squeamish *a* òrraiseach
squeeze *n* fàsghadh *m*, bruthadh *m* *v* fàisg, brùth
squid *n* gibeannach *m*
squint *n* claonadh *m*, fiaradh *m* *a* claon, fiar *s.*-eyed cam/fiar-shùileach *it is s.* tha e cam, tha fiaradh ann *v* seall claon
squirrel *n* feòrag *f*
squirt *v* steall, spùt
stab *v* sàth, stob
stabbing *n* sàthadh *m*, stobadh *m*
stabilize *v* bunailtich, cùm air bhunailt
stable *a* bunailteach, seasmhach
stable *n* stàball *m*
stack *n* stac(a) *m*, càrn *m*; (of hay, peat etc) cruach *f* *v* cruach, càrn; (shelves) cuir air sgeilp
stadium *n* lann-cluiche *f*
staff *n* luchd-obrach *m*; (stick) bata *m* **staffroom** seòmar luchd-obrach *m*

stag *n* damh (fèidh) *m*
stage *n* àrd-ùrlar *m*; (in process) ìre *f*
stagger *v* rach mu seach; (amaze) cuir fìor iongnadh air
staggering *a* (met) iongantach
stagnant *a* marbh, neo-ghluasadach
stagnate *v* bi/fàs marbhanta
staid *a* stòlda, suidhichte
stain *n* sal *m*, smal *m* *v* salaich, cuir/fàg smal air
stair *n* staidhre *f*
stake *n* post *m*; (betting wager) airgead-gill *m*
stalactite *n* aol-chluigean *m*
stalagmite *n* aol-charragh *f*
stale *a* sean, goirt
stalemate *n* cìosadh *m*, glasadh *m*
stalk *n* gas *f*
stalk *v* bi a' stalcaireachd *s.* person lean neach mun cuairt
stalker *n* stalcaire *m*; (of person) lorgair *m*
stall *n* stàile *f*
stall *v* cuir mail air
stallion *n* àigeach *m*
stalwart *a* sgairteil, calma, làidir
stamina *n* cùl *m*, smior *m*, cumail ris *m*
stammer *n* (s)gagachd *f*, stad *m*
she has a s. tha stad na cainnt *v* bi (s)gagach
stamp *n* stamp(a) *f*; (met) comharra *m* *v* (feet) stamp; (of letters) cuir stampa air *s.* out cuir às do
stance *n* (met) seasamh *m*; (phys) dòigh-seasaimh *f*; (site) làrach *f* *m*
stand *n* seasamh *m*; (stance) ionad *m*; (display) taisbeanadh *m* *v* seas; (endure) fuiling, cuir suas ri; (in election) seas san taghadh
standard *n* inbhe *f*, ìre *f*, bun-tomhas *m*; (flag) meirghe *f* *s.* of living cor beòshlaint *m* *a* cumanta, cunbhalach, coitcheann *S.* Grade an Ìre Choitcheann *f*
standardize *v* cunbhalach, dèan cunbhalach

standing *n* (met) seasamh *m*,
inbhe *f* a na s(h)easamh *etc s.*
committee gnàth-chomataidh
etc f s. **orders** gnàth-riaghailtean
f pl s. **stones** tursachan *m pl*
standstill *n* stad *m* at a *s.* na
stad/t(h)amh *etc*
stanza *n* rann *m*
staple *n* stinleag *f*
staple *a* prìomh
star *n* rionnag *f*, reul *f*
v comharraich le reul; (*in*
performance) gabh prìomh
phàirt
starboard *n* deas-bhòrd *m*
starch *n* stalc *m*, stuthaigeadh *m*
v stalcaich, stuthaig
stare *v* geur-amhairc, spleuchd
starfish *n* crosan *m*
stark *a* rag; (*absolute*) tur, fìor *s.*
naked dearg-rùisgte
starling *n* druid *f*
starry *a* rionnagach, làn
rionnagan
start *n* toiseach *m* a sudden *s.*
clisgeadh *m* *v* tòisich; (*be*
startled) clisg; (*sudden move*)
leum
starter *n* neach-tòiseachaidh *m*;
(*in engine*) inneal-spreigidh *m*
startle *v* clisg, cuir clisgeadh air
starvation *n* gort(a) *f*
starve *v* leig gort(a) air *s.* to
death (*intrans*) bàsaich leis
a' ghort **we were starving** bha
an t-acras gar tolladh
state *n* staid *f*, cor *m*; (*country*)
stàit *f*
state *v* can, cuir an cèill
stately *a* stàiteil
statement *n* aithris *f*, cunntas *m*
statesman *n* stàitire *m*
static *a* na stad, gun ghluasad
station *n* tèisean *m*; (*in life*) staid
f, inbhe *f*
stationary *a* na stad, gun
ghluasad
stationery *n* stuth-sgrìobhaidh *m*,
pàipearachd *f*
statistical *a* staitistigeil,
àireamhail
statistics *n* staitistearachd *f*
statue *n* iomhaigh *f*

stature *n* àird *f*
status *n* inbhe *f*
statute *n* reachd *m*
statutory *a* reachdail, a rèir an
lagha
staunch *a* daingeann, dileas
staunch *v* caisg
stay *v* fuirich, fan
steadfast *a* daingeann, dileas
steady *a* seasmhach, daingeann,
socraichte *v* socraich,
daingnich
steak *n* staoig *f*
steal *n* goid *f*, mèirle *f* *v* goid,
dèan mèirle *s.* away (*intrans*)
lùg air falbh
stealing *n* goid *f*, mèirle *f*
steam *n* toit *f*, smùid *f*
steed *n* steud *f*, steud-each *m*
steel *n* cruaidh *f*, stàilinn *f*
a dhen chruaidh, dhen stàilinn
steep *a* cas; (*price*) anabarrach
daor
steep *v* bog, cuir am bogadh,
tùm
steeple *n* stiopall *m*
steer *v* stiùir, treòraich *s.* clear of
cùm clioras (+ *nom*)
steering *n* stiùireadh *m* *s.*
committee comataidh stiùiridh *f*
stem *n* (bot) gas *f*
stench *n* boladh *m*, breuntas *m*
step *n* step *m*; (*a pace*) ceum *m* *s.*
by *s.* ceum air cheum **take steps**
(*met*) cuir mu dheidhinn
step *a* leth- *s.* brother leth-
bhràthair *m* *s.* sister leth-
phiuthar *f* *s.* daughter nighean-
cèile *f* *s.* son dalta *m* *s.* father
oide *m* *s.* mother muime *f*
stereotype *n* gnàth-iomhaigh *f*
sterile *a* seasg, aimrid; (*ground*)
fàs; (*med*) sgaldach
sterilize *v* seasgaich; (*ground*)
fàsaich; (*med*) sgald
sterling *n* airgead Bhreatainn *m* *a*
pound *s.* not(a) Breatannach *m*
sterling *a* fìor, foghainteach
stern *n* deireadh *m*
stern *a* gruamach, dùr
stethoscope *n* steatasgop *m*
stew *n* stiubha *f* *v* stiubhaig
steward *n* stiùbhard *m*

stewardess ban-stiùbhard *f*
stick *n* maide *m*, bioran *m*
walking *s.* bata *m*
stick *v* (adhere to) steig; (*become*
caught) rach an sàs; (*endure*)
fuiling
sticker *n* steigear *m*
sticky *a* steigeach; (*problem*)
righinn
stiff *a* rag
stiffen *v* ragaich
stiffness *n* raige *f*
stifle *v* mùch
stigma *n* adhbhar nàire *m*; (*bot*)
stioigma *m*
stigmatize *v* dèan cùis-nàire de
still *n* poit-dhubh *f*, stail *f*
still *a* sàmhach, balbh; (*weather*)
ciùin, fèathach
still *adv* an dèidh sin, a
dh'aindeoin sin; (*of time*)
fhathast
stimulant *n* stuth beothachaidh *m*
stimulate *v* brosnach, spreig
stimulating *a* brosnachail,
togarrach
stimulus *n* brosnachadh *m*,
spreagadh *m*
sting *n* gath *m*, guin *m* *v* cuir
gath ann, guin
stinginess *n* spìocaireachd *f*
stingy *a* spìocach
stink *n* tòchd *m*, samh *m*
stinking *a* breun, malcaidh
stipend *n* tuarastal *m*
stipulate *v* sònraich,
cùmhnantaich
stir *n* othail *f*, ùinich *f*
stir *v* (food) cuir mun cuairt;
(*move*) gluais; (*stimulate*)
broснаich *s.* up dùisg
stirk *n* gamhainn *m*
stirring *a* togarrach, brosnachail
stitch *n* (med, sewing) grèim *m*;
(*knitting*) lùb *f*; (*pain*) grèim *m*;
(*of clothing*) stiall *f* *v* fuaigh,
fuaigheil
stoat *n* neas gheal *f*
stock *n* stoc *m* *s.* taking cunntas
stoc *m* *v* stocaich
stock exchange *n* margadh nan
earrannan *m*
stockbroker *n* margaiche

earrannan *m*
stocking *n* stocainn *f*
stocks *n* (fin) earrannan *f pl*
stodgy *a* trom
stoical *a* strìochdte
stoke *v* cùm connadh ri
stolen *a* air a g(h)oid *etc*
stomach *n* stamag *f*, goile *f*,
maodal *f*
stone *n* clach *f* *S.* Age Linn na
Cloiche *m* *a* cloiche
stonechat *n* clacharan *m*
stonemason *n* clachair *m*
stool *n* adag *f*, suidheachan *m*
stool *n* stòl *m*, furm *m*
stoop *v* crom, lùb, crùb
stooped *a* crom
stop *n* stad *m*; (*ban*) toirmeasg *m*
s.-cock goc *m* **s.-gap** neach/nì a
lìonas beàrn *m* *v* stad, cuir stad
air; (*cease*) sguir, stad
stoppage *n* stad *m*, stopadh *m*,
grabadh *m*
stopper *n* àrc *f*, ceann *m*
storage *n* stòradh *m*, tasgadh *m*
store *n* stòr *m*; (*resources*) stòras
m *v* stòir, taisg
storey *n* lobhta *f m*, làr *m*
stork *n* corra-bhàn *f*
storm *n* stoirm *f m*, doineann *f*,
gaillean *f* *v* thoir ionnsaigh air
stormy *a* stoirmeil, doineannach,
gailbheach
story *n* sgeul *m*, sgeulachd *f*,
stòiridh *f* *s.* teller sgeulaiche *m*,
seanchaidh *m*
stout *n* leann dubh *m*
stout *a* garbh, tiugh; (*brave*)
tapaidd
stove *n* stòbh(a) *f m*
straddle *v* rach gòbhlachan/casa-
gòbhlagain air
straggler *n* slaodaire *m*
straight *a* dìreach *s.* away *adv* sa
mhìonaid, gun dàil
straighten *v* dìrich
strain *n* strèan *m*; (*phys*)
teannachadh *m*, snìomh *m*;
(*mental*) uallach *m* *v* strèan;
(*phys*) teannaich, snìomh;
(*filter*) siolaidh
strainer *n* sìol(t)achan *m*; (*for*
fence) strèanair *m*

straitjacket *n* cuing-cuirp *f*
strait(s) *n* caol *m*, caolas *m*;
 (*distress*) cruaidh-theinn *f*
stramash *n* hù-bhitheil *f m*,
 ùpraid *f*
strand *n* dual *m*; (*shore*) tràigh *f*
strange *a* neònach, iongantach,
 coimheach
stranger *n* coigreach *m*,
 srainnsear *m*
strangle *v* tachd, mùch
strap *n* strap *m*, iall *f* *v* strapaig,
 cuir strap/bann air
strapping *a* tapaigh, mòr, calma
stratagem *n* cuilbheart *f*
strategic *a* ro-innleachdail
strategy *n* ro-innleachd *f*
strath *n* srath *m*
straw *n* connlach *f*, fodar *m*; (*for*
drinking) sràbh *m s. poll*
 beachd air thuairmse *m*
strawberry *n* sùbh-làir *m*
stray *a* conadail, fuadain;
 (*wayward*) air seachran
v rach air seachran
streak *n* stiall *f*, srianag *f*
stream *n* sruth *m*
streamline *v* simplìch
street *n* sràid *f*
strength *n* neart *m*, spionnadh *m*,
 lùths *m*
strengthen *v* neartaich
strenuous *a* dian, saothrachail
stress *n* (*phys*) cuideam *m*;
 (*mental*) uallach *m*, eallach *m*
v cuir/leig cuideam air
stretch *v* sin, sgaoil, leudaich
strict *a* teann, cruaidh
stride *n* sinteag *f*, searradh *m*
v sinteagaich, dèan searradh
strife *n* stri *f*, còmhstri *f*
strike *n* (*ind*) stailc *f* *v* buail; (*go*
on strike) rach air stailc
striker *n* stailcear *m*; (*football*)
 neach-ionnsaigh *m*
striking *a* comharraichte,
 sònraichte
string *n* sreang *f*; (*mus*) teud *m*
stringent *a* teann
strip *n* stiall *f* *v* thoir dheth/dhith
etc d' aodach
stripe *n* srianag *f*, sgriob *f*
striped *a* srianach, sgriobach

stripped *a* rùisgte, lomnochd
strive *v* dèan spàirn/strì
stroke *n* stràc *f m*, buille *f*; (*med*)
 stròc *m* *v* slìob
stroll *v* gabh cuairt/ceum, spaidisr
strong *n* làidir, treun
structure *n* structair *m*, dèanamh
m, togail *f* *v* structair
struggle *n* gleac *m*, spàirn *f*, strì *f*
v gleac, dèan spàirn/strì
strut *v* falbh gu stràiceil
stub *n* bun *m*
stubble *n* asbhuain *f*; (*facial*) bun
 feusaig *m*
stubborn *a* rag, rag-mhuinealach
stubbornness *n* raigeann *m*,
 rag-mhuinealas *m*
stubby *a* cutach, bunach
stuck *a* an sàs, steigte
stud *n* stud *f*; (*horses*) greigh *f*
student *n* oileanach *m*
studio *n* stiùidio *f*
studious *a* dèidheil air foghlam
study *n* ionnsachadh *m*; (*room*)
 seòmar-sgrùdaidh *m*
v ionnsaich (*mu*); (*research*)
 sgrùd, cnuasaich; (*consider*)
 beachdaich (*air*)
stuff *n* stuth *m* *v* lion, dinn
stumble *n* tuisleadh *m* *v* tuislich
stumbling-block *n* ceap-tuislidh
m, cnap-starra *m*
stump *n* bun *m*, stoc *m*
stun *v* cuir an tuaineal, cuir
 tuainealaich air
stunt *n* cleas *m*
stupid *a* amaideach, gòrach
stupidity *n* amaideas *m*, gòraiche
f
stupor *n* tuaineal *m*, neul *m*
sturdy *a* bunanta, gramail
stutter *v* bi manntach/gagach
style *n* (s)leamhnagan *m*
style *n* stoidhle *f*, modh *f m*;
 (*fashion*) fasan *m*, stoidhle *f*;
 (*title*) tiotal *m* **with s. le**
 snas/loinn
stylish *a* fasanta, spaideil
sub- pref fo- (+ *len*)
sub-committee *n* fo-chomataidh *f*
subconscious *n* fo-mhothachadh
m
sub-contract *v* fo-chunnaich

subdivide *v* fo-roinn
subdue *v* ceannsaich, ciosnaich
sub-heading *n* fo-thiotal *m*
subject *n* cuspair *m*; (*of talk etc*)
 ceann-labhairt/teagaisg *m*,
 cuspair *m*; (*citizen*) ìochdaran
m
subject *v* ceannsaich, cuir fo
 smachd (+ *gen*) **s. to ...** cuir fo ...
subjective *a* pearsanta,
 suibseigeach
subject to *a* umhail do, fo
 smachd (+ *gen*), an urra ri
subjugate *v* ceannsaich
subjunctive *a* (*gram*) eisimeileach
sublime *a* òirdheiric
submarine *n* bàta-aigheil *m*
submerge *v* tùm; (*trans*) cuir
 fodha; (*intrans*) rach fodha
submission *n* (*lodged*) tagradh *m*;
 (*yielding*) ùmhlachd *f*, geill *f*
submissive *a* umha(i)l
submit *a* (*lodge, argue*) cuir
 a-steach, (t)agair; (*yield*) geill,
 strìochd
subordinate *a* ìochdarach, fo-
 (+ *len*)
subscribe *v* fo-sgrìobh **s. to**
 gabh/thoir taic do
subscription *n* fo-sgrìobhadh *m*,
 sinteas *m*
subsequent *a* a leanas, an dèidh
 làimhe
subsequently *adv* mar sin, na
 dhèidh sin, an dèidh làimhe
subside *v* siolaidh, traogh, tràigh
subsidence *n* dol sìos *m*,
 traoghadh *m*, ìsleachadh *m*,
 fo-thuiteam *m*
subsidiary *a* ìochdaireil,
 cuideachail, fo- (+ *len*)
subsidize *v* thoir
 subsadaidh/tabhartas do
subsidy *n* subsadaidh *m*,
 tabhartas *m*
subsistence *n* teachd-an-tìr *m*
substance *n* subsaint *f*, brìgh *f*;
 (*material*) stuth *m*
substantial *a* subsainteach, làidir,
 tàbhachdach
substantiate *v* dearbh, firinnich
substitute *n* stuth/nì-ionaid *m*
 (an) ionad *m*; (*person*) neach-

ionaid *m*, riochdaire *m* *v* cuir
 an àite **s. for** gabh àite (+ *gen*)
sub-title *n* fo-thiotal *m*
subtle *a* seòlta
subtlety *n* seòltachd *f*
subtract *v* thoir (air falbh) (bh)o
suburb *n* iomall baile *m*
subversive *a* ceannairceach
subway *n* fo-shlighe *f*
succeed *v* soirbhich, rach le;
 (*follow*) lean
success *n* soirbheachadh *m*,
 buaidh *f*
successful *a* soirbheachail
successive *a* leantainneach, an
 dèidh a chèile
successor *n* neach-ionaid *m*,
 neach a thig an àite/às dèidh ...
m (+ *gen*)
succinct *a* geàrr, cuimir
succulent *a* brioghmhor, blasta
succumb *v* geill, strìochd
such *a*, *pron* (a) leithid, mar,
 dhen t-seòrsa **as s. ann/innte**
 fhèin
suck *v* deothail, deoc, sùigh
sudden *a* obann, grad, aithghearr
suddenly *adv* gu h-obann, gu
 grad, gu h-aithghearr
sue *v* thoir gu lagh
suet *n* geir *f*
suffer *v* fuilg; (*permit*) ceadach
suffering *n* fulangas *m*
suffice *v* foghain
sufficient *a* leòr, cuibheasach
suffix *n* (iar-)leasachan *m*
suffocate *v* mùch
suffuse *v* sgaoil air feadh
sugar *n* siucar *m*
suggest *v* mol, comhairlich, cuir
 an inntinn (+ *gen*)/air shùilbhb
 do
suggestion *n* moladh *m*, cur an
 inntinn (+ *gen*)/air shùilbhb *m*
suicide *n* fèin-mhurt *m* **commit s.**
 cuir às dhut fhèin
suit *n* deise *f*; (*law*) cùis(-lagha) *f*
suit *v* freagair
suitable *a* freagarrach, iomchaidh
suitcase *n* màileid *f*, бага *m*
suite *n* (*rooms*) sreath *f m*;
 (*furniture*) suidht *f*; (*mus*)
 sreath *f m*

suitor *n* suirghiche *m*
sullen *a* dùr, gnù
sully *v* salaich, truaill, cuir smal air
sulphur *n* pronnasg *m*
sulphuric *a* pronnasgach
sultry *a* bruthainneach
sum *n* àireamh *f*, sùim *f*
summarize *v* thoir geàrr-chunntas air, giorraich
summary *n* geàrr-chunntas *m*, giorrachadh *m*
summer *n* samhradh *m* **s. school** sgoil shamhraidh *f*
summit *n* mullach *m*, bàrr *m*
s. meeting àrd-choinneamh *f*
summon *v* gairm; (*leg*) sumain
summons *n* gairm *f*; (*leg*) bàirlinn *f*, sumanadh *m*
sumptuous *a* sòghail
sums *n* cunntadh *m*
sun *n* grian *f* **sundial** uaireadair-grèine *m* **sunflower** neòinean-grèine *m* **sunrise** èirigh na grèine *f* **sunset** dol fodha na grèine *m*, laighe na grèine *f* **sunshine** deàrrsadh na grèine *m*
sunbathe *v* gabh a' ghrian, blian (*thu/e/i etc* fhèin) **sunburnt** *a* loisgte aig a' ghrèin
Sunday *n* Didòmhnaich *m*, Latha/Là na Sàbaid *m*
sundry *a* iomadaidh, measgaichte
sunk *a* air a dhol fodha
sunny *a* grianach
super *a* sgoinneil, barraichte *pref* os-, an(a)-
superannuation *n* peinneanachadh *m*
superb *a* barraichte, sgoinneil
superficial *a* staoin, gun doimhneachd
superfluous *a* iomarcach, thar a' chòrr
superhuman *a* os-daonna
superintendent *n* stiùireadair *m*, àrd-neach-stiùiridh *m*
superior *n* uachdaran *m* *a* uachdarach, àrd
superiority *n* uachdarachd *f*, bàrr *m*, ceannas *m*
superlative *a* còrr, barraichte; (*gram*) feabhasach

supermarket *n* mòr-bhùth *f*
supernatural *a* os-nàdarra(ch)
supersede *v* gabh àite (+ *gen*), cuir às àite
superstition *n* saobh-chràbhachd *m*
superstitious *a* saobh-chràbhach
supervise *v* stiùir, cùm sùil air
supervision *n* stiùireadh *m*, cumail sùil air *f*
supervisor *n* neach-stiùiridh/coimhid *m*
supper *n* suipear *f*
supple *a* subailte, subailte
supplement *n* leasachadh *m*
supplementary *a* a bharrachd, leasachail **s. benefit** sochair-leasachaidh *f*
supplier *n* solaraiche *m*
supply *n* solarachadh *m*, solar *m* *v* solaraich, cùm ri **do s. work** obraich an àite cuideigin
support *n* taic *f*, tacsas *m*, cùl-taic *m* *v* thoir taic do, cuir/cùm taic ri, cuidich
supporter *n* neach-taic(e) *m*; (*sport*) neach-leantail/leantainn *m*
supportive *a* taiceil
suppose *v* saoil
suppress *v* cùm fodha, mùch
suppression *n* cumail fodha *f*, mùchadh *m*
supremacy *n* ceannasachd *f*, àrd-cheannas *m*
supreme *a* àrd-, sàr, barraichte
supremo *n* àrd-cheannard *m*
surcharge *n* for-chis *f* *v* leag for-chis air
sure *a* cinnteach, deimhinnte
surely *adv* is cinnteach, gu fìrinneach
surf *n* ròd *m*, rùid *m* *v* marcaich tuinn **s. the net** trāl an lion
surface *n* uachdar *m*, leth a-muigh *m*
surfeit *n* sàth *m*, cus *m*
surge *n* onfhadh *m* *v* at, bòc
surgeon *n* lannsaier *m*
surgery *n* obair-lannsa *f*; (*place*) ionad an dotair *m*; (*polit*) freastal-lann *f*
surly *a* gnù, greannach

surmise *v* saoil, bi dhen bharail
surmount *v* rach/faigh os cionn (+ *gen*)
surname *n* cinneadh *m*, sloinneadh *m*
surpass *v* thoir bàrr air
surplus *n* còrr *m*
surprise *n* iongnadh *m*, iongantas *m* *v* cuir iongnadh/iongantas air **s. someone** thig gun fhios air
surprising *a* iongantach, neònach
surrender *v* (*intrans*) strìochd, gèill; (*trans*) thoir suas
surround *v* cuartaich, iadh mu thimcheall
survey *n* tomhas *m*, sgrùdadh *m* *v* tomhais, sgrùd; (*look at*) gabh beachd air
surveyor *n* neach-tomhais/sgrùdaidh *m*
survive *v* mair beò, tàrr às **s. on** thig beò air
survivor *n* neach a tha beò/maireann *m*, neach a thàrr às *m*
susceptible *a* buailteach (do)
suspect *n* neach fo amharas *m* *v* bi/cuir an amharas **I s. tha** amharas agam (gu)
suspected *a* fo amharas
suspend *v* (*hang*) croch; (*defer*) cuir dàil an; (*from work*) cuir à dreuchd rè ùine
suspense *n* teagamh *m* **in s. fo** theagamh, a' feitheamh, air bhioran
suspension *n* crochadh *m*; (*from work*) cur à dreuchd rè ùine *m* **s. bridge** drochaid crochaidh *f*
suspicion *n* amharas *m*
suspicious *a* amharasach
sustain *v* cùm suas; (*suffer*) fuiling
sustainable *a* buan, seasmhach
sustenance *n* lòn *m*, beathachadh *m*
swallow *n* gobhlan-gaoithe *m*
swallow *v* sluis
swamp *n* fèith *f*, bog(l)ach *f*
swan *n* eala *f*
swarm *n* sgaoth *m*
swarthy *a* doimhearra, ciar
sway *n* riaghladh *m*, seòladh *m*

v luaisg; (*opinion*) gluais, buadhaich
swear *v* (*vow*) mionnaich, thoir mionnan, bòidich; (*curse*) bi ri guidheachan/mionnan
swearing *n* (*avowing*) mionnachadh *m*; (*cursing*) guidheachan *f* *m* *pl*
sweat *n* fallas *m* *v* cuir fallas (dheth/dhith etc)
sweatshirt *n* lèine spòrs *f*
sweaty *a* fallasach
Swede *n* Suaineach *m*, (*female*) ban-S(h)uaineach *f*
Swedish *a* Suaineach *n* (*lang*) Suainis *f*
sweep *v* sguab
sweeper *n* sguabaire *m*
sweet *n* mìlsean *m* *a* milis; (*scent*) cùbhraidh; (*sound*) binn
sweeten *v* mìlsich, dèan mìlis
sweetheart *n* leannan *m*, eudail *f*
sweets *n* suiteis *m* *pl*, siùcaran *m* *pl*
swell *v* at, sèid, bòc
swelling *n* at *m*, cnap *m*, bòcadh *m*
sweltering *a* brothallach, bruthainneach
swerve *v* claon, lùb, rach a thaobh
swift *n* gobhlan-gainmhich *m*
swift *a* luath, grad, siùbhlach, ealamh
swim *n* snàmh *m* *v* snàmh
swimmer *n* snàmhaiche *m*
swimming *n* snàmh *m* **s. pool** amar-snà(i)mh *m*
swindle *v* thoir an car à, dèan foill (air)
swine *n* mucan *f* *pl*; (*slang*) trustar *m*
swing *n* (*action*) luasgadh *m*; (*for playing*) dreallag *f*; (*pendulum*) siùdan *m*; (*polit*) gluasad *m*; (*golf*) dòigh-bualaidh *f* **in full s.** fo làn-sheòl *v* luaisg; (*of pendulum*) dean siùdan; (*polit*) gluais
swingeing *a* cruaidh
swipe *n* sgailc *f*
Swiss *n*, *a* Eilbheiseach *m*, (*female*) ban-Eilbheiseach *f*
switch *n* suidse *f* *m*; (*wand*) slat *f*

switch *v* atharraich
swivel *n* udalan *m*, fulag *f*
swollen *a* air at/sèid
swoon *v* rach an neul, rach am paiseanadh
swoop *v* thig le roid/sitheadh
s. for sguab leat, grad-ghlac
sword *n* claidheamh *m* **s.-dance** danns *a* chlàidheimh *m*
swot *v* ionnsaich gu dian
syllable *n* lideadh *m*
syllabus *n* clàr-obrach *m*
symbol *n* samhla *m*
symbolical *a* samhlachail
symbolism *n* samhlachas *m*
symbolize *v* samhlaich, riochdaich
symmetrical *a* ceart-chumadail, cothromaichte
sympathetic *a* co-fhaireachail, truasail
sympathize *v* nochd co-fhaireachdainn
sympathy *n* co-fhaireachdainn *f*
symphony *n* (*mus piece*) siansadh *m*
symptom *n* comharra *m*
synchronize *v* co-thimich
syndicate *n* comann iomairt *m*; (*media*) buidheann naidheachdais *f m*
synod *n* seanadh *m*
synonym *n* co-fhacal *m*
synopsis *n* gearr-iomradh *m*, giorrachadh *m*
syntax *n* co-chàradh *m*
synthesis *n* co-chur *m*, co-thàthadh *m*
synthetic *a* co-thàhte; (*artificial*) fuadain
syphon *n* sùghachan *m*, lionadair *m*
syringe *n* steallair(e) *m*
syrup *n* siorap *f m*
system *n* siostam *m*, seòl *m*
systematic *a* rianail, òrdail, eagarach

T

table *n* bòrd *m*; (*figures*) clàr *m*
t.-tennis teanas-bùird *m*
tablecloth anart-bùird *m*,

tubhail(e) *f m*
tablet *n* pile *f*; (*block*) clàr *m*
tacit *a* gun ainmeachadh, gun a ràdh
tack *n* tacaid *f*; (*naut*) tac(a) *f*; (*lease*) tac *f*
tackle *n* acfhainn *f*, uidheam *f*; (*in sport*) dol an sàs *m*
tactic *n* innleachd *f*, seòl *m*
tactical *a* innleachdail
tactile *n* beantainneach, beanailteach
tadpole *n* ceann-phollan *m*, ceann-simid *m*
tail *n* earball *m*, càrr *f m*, feaman *m*
tailback ciudha charbadan *m*
tailor *n* tàillear *m*
tainted *a* trothach, air a r(h)uailleadh *etc*, millte
take *v* gabh, thoir it takes *a long time* tha e a' toirt ùine mhòr
t. a photograph tog dealbh
takeover *n* gabhail thairis *m*
takings *n* teachd-a-steach *m*
tale *n* sgeulachd *f*, sgeul *m*
talent *n* tàlant *m*, comas *m*, buadh *f*
talented *a* tàlantach, comasach
talk *n* bruidhinn *f*, cainnt *f*; (*chat*) còmhradh *m*; (*lecture*) òraid *f* *v* bruidhinn; (*chat*) dèan còmhradh
talkative *a* còmhraideach, bruidhneach, cabach
talking *n* bruidhinn *f*, labhairt *f*
tall *a* àrd
tallow *n* geir *f*, blona(i)g *f*, crèis *f*
tally *n* cunntas *m*, àireamh *f*
talon *n* spuir *m*, ionga *f*
tame *a* soitheamh, call(d)a, ceannsaichte *v* callaich, ceannsaich
tamper *v* buin/bean ri, mill
tan *n* dubhadh (-grèine) *m*
tan *v* gabh a' ghrian; (*leather*) cairt
tang *n* blas geur *m*
tangent *n* beantan *m* going off at a t. a' dol bhàrr do sgeòil
tangible *a* so-bheantainn, susbainteach, a ghabhas làimhseachadh
tangle *n* troimh-a-chèile *f m*; (*fishing line*) rocladh *m*;

(*seaweed*) stamh *m* *v* rach an sàs/an lùib a chèile; (*fishing line*) rocaill
tank *n* tanca *f m*
tanker *n* tancair *m*
tantalize *v* cùm air bhioran, leamhaich
tantamount *a* co-ionann, ionann
tantrum *n* prat *m*, dod *m*
tap *n* goc *m*, tap *f m*; (*sound*) gnogag *f* *v* (*sound*) thoir gnogag do; (*access*) tarraing air/a
tape *n* teip *f* **t.-measure** teip-tomhais *f* **t.-recorder** teip-chlàradair *m* *v* teip, cuir teip air; (*record*) cuir air teip, clàraich
taper *v* (*intrans*) fàs barra-chaol; (*trans*) dèan caol
tapestry *n* brat-grèise *m*
tar *n* teàrr *f*, bith *f* *v* teàrr
tardy *a* athaiseach, màirnealach, slaodach
target *n* targaid *f* **t. audience** luchd-amais sònraichte *m* *v* cuimsich air
tariff *n* cis *f*; (*prices*) clàr-phrìsean *m*
tarnish *v* smalaich, dubhaich
tarpaulin *n* cainb-thearra *f*
tart *n* pigheann *m*
tart *a* searbh, geur
tartan *n* tartan *m*, breacan *m*
task *n* obair *f*, gnìomh *m* **t.-force** buidheann-gnìomha *f m*
tassel *n* cluigean *m*, babag *f*
taste *n* blas *m*; (*judgement*) breithneachadh *m* *v* blais, feuch
tasteless *a* neo-bhlasta, gun bhlas; (*met*) neo-chubhaidh, mì-chiatach
tasty *a* blasta
tattle *n* goileam *m*
tattoo *n* tatù *m*
taunt *n* beum *m*, magadh *m*, tilgeil air *f* *v* beum, mag, tilg air
taut *a* teann
tawdry *a* suarach, gun snas
tawny *a* lachdann, ciar
tawse *n* strap *m*, stràic *f*

tax *n* cìs *f*, càin *f* **income tax** cìs cosnaidh **tax office** oifis chisean *f* *v* leag cìs, cuir cìs air
taxation *n* leagail cìse *m*, cìs *f*
taxi *n* tagsaidh *f m*
taxman *n* cìs-mhaor *m*
taxpayer *n* neach-pàighidh cìse *m*
tea *n* tì *f*, teatha *f* **teacup** cupa tì *m*, copan teatha *m* **teapot** poit-tì/teatha *f* **teaspoon** spàin-tì/teatha *f*
teach *v* teagaisg, ionnsaich
teacher *n* tidsear *f m*, neach-teagaisg *f*
teaching *n* teagasg *m*
teal *n* crann-lach *f*
team *n* sgioba *f m*
tear *n* deur *m*; (*rent*) sracadh *m* *v* srac, reub
tease *v* tarraing à, farranaich; (*comb out*) cìr
teat *n* sine *f*
technical *a* teicneòlach, teicnigeach
technician *n* teicneòlaiche *m*
technique *n* alt *m*, dòigh *f*
technological *a* teicneòlach
technology *n* teicneòlas *m*
tedious *a* sàrachail, sgitheil, rasanach
teeming *a* loma-làn, a' cur thairis
teenager *n* deugaire *m*
telecommunications *n* tele-chonaltradh *m*
telephone *n* fòn *f m*, teilefòn *m*
t. directory leabhar a'/na fòn *m* *v* fòn(aig)
telephonist *n* neach-freagairt fòn *m*
telescope *n* prosbaig *f*, teileasgop *f*
teletext *n* tele-theacsa *m*
television *n* telebhisean *f m*
tell *v* innis, abair
telltale *n* cabaire *m*
temerity *n* ladarnas *m*
temper *n* nàdar *m*
temperament *n* nàdar *m*, càil *f*
temperance *n* measarrachd *f*, stuamachd *f*
temperate *a* measarra, stuama; (*atmos*) eadar-mheadhanach
temperature *n* teòthachd *f*

temple *n* teampall *m*; (*head*) lethcheann *m*
tempo *n* luaths *m*
temporarily *adv* airson ùine ghoirid, rè tamail
temporary *a* sealach, airson ùine ghoirid, rè seal
tempt *v* buair, tàlaidh
temptation *n* buaireadh *m*
ten *n* a deich *a* deich **ten people** deichnear *f* *m*
tenable *a* reusanta, a ghabhas seasamh
tenacious *a* leanailteach, righinn, greimeil
tenacity *n* leanailteachd *f*, righneas *m*
tenancy *n* gabhaltas *m*
tenant *n* neach-gabhail *m*
tend *v* fritheil, àraich; (*incline*) aom, bi buailteach
tendency *n* aomadh *m*, buailteachd *f*
tender *n* tairge *f* *v* tairg, tabhann
tender *a* maoth, caoin
tenderness *n* maothalachd *f*, caomhalachd *f*
tenement *n* teanamaint *m*
tennis *n* teanas *m*
tenor *n* brìgh *f*, seagh *m*; (*mus*) teanor *m*
tense *n* tràth *m* **present/future/past t.** an tràth làthaireach/teachdail/caithte
tense *a* teann, rag
tension *n* teannachadh *m*, ragachadh *m*; (*stress*) strì *f*
tent *n* teant(a) *f* *m*
tentacle *n* greimiche *m*
tentative *a* teagmhach, mì-chinnteach
tenth *n* deicheamh *m*, an deicheamh cuid *f* *a* deicheamh
tenuous *a* (*flimsy*) lag; (*fine*) tana
tenure *n* còir-fearainn *f*, gabhaltas *m*
tepid *a* flodach; (*met*) meadh-bhlàth
term *n* (*of time*) teirm *f*; (*end*) crìoch *f*, ceann *m*; (*condition*) cùmhnant *m*, cumha *f* *m*; (*verbal*) facal *m*, briathar *m*

terminal *a* (*med*) crìche
terminate *v* cuir crìoch air, crìochnaich
termination *n* crìochnachadh *m*; (*med*) casg-breith *f*
terminology *n* briathrachas *m*
tern *n* steàrnán *m*
terrible *a* eagalach, uabhasach, sgràthail
terrier *n* abhag *f*
terrify *v* oilltich, cuir oillt/eagal air
terrifying *a* eagalach, oillteil
territory *n* tìr *f*, fonn *m*, fearann *m*
terror *n* eagal *m*, oillt *f*; (*person*) cùis-eagail *f*
terrorism *n* ceannairc *f*
terse *a* gearr, cuimir
test *n* deuchainn *f*, ceasnachadh *m*
testament *n* tiomnadh *m* **the Old T.** an Seann Tiomnadh **the New T.** an Tiomnadh Nuadh
testicle *n* magairle *f* *m*, magairlean *m*, clach *f*
testify *v* thoir fianais
testimonial *n* teisteanas *m*
testimony *n* teistias *m*, fianais *f*
tetchy *a* frionasach
tether *n* teadhair *f*, feist(e) *f*
text *n* teacs *m*; (*sermon*) ceann-teagaisg *m* **textbook** teacs-leabhar *m*
textile *n* aodach fìchte *m*
texture *n* dèanamh *m*, inneach *m*
than *conj* na **more t.** barrachd air **other t.** ach, a thuilleadh air
thank *v* thoir taing/buidheachas
thankful *a* taingeil, buidheach
thankless *a* gun taing; (*ungrateful*) mì-thaingeil, neo-ar-thaingeil
thanks *n* tapadh leat/leibh *m*
many t. mòran taing
that *dem* *a* sin, siud *dem* *pron* sin, ud *rel* *pron* *a* all *t.* na *conj* gu, gum, gun *adv* cho **is it that late?** a bheil e/i cho anmoch sin?
thatch *n* tughadh *m* *v* tugh
thaw *n* aiteamh *m* *v* bi ag aiteamh, leagh

the def art (*singular forms*) an, am (+ *b, f, m, p*), a' (+ *len*), an t- (+ *vowels*); (*plural*) na, na h- (+ *vowels*) (*See Forms of the article in Grammar*)
theatre *n* taigh-cluiche *m*
theft *n* mèirle *f*, goid *f*, braide *f*
their *poss* *pron* an, am, ... aca
them *pers* *pron* iad, (*emph*) iadsan
theme *n* cuspair *m*; (*mus*) ùrlar *m*
themselves *emph* *pron* iad fhèin
then *adv* an sin, an uair sin; (*afterwards*) an dèidh sin; (*in that case*) mar sin, a-rèist(e)
thence *adv* às a sin, às an àite sin, (bh)o sin
theology *n* diadhachd *f*
theoretical *a* teòiridheach, beachdail
theory *n* teòiridh *f*, beachd *m*, beachd-smuain *m*
therapist *n* neach-slànachaidh *m*, leasaiche *m* **speech t.** leasaiche cainnt *m*
therapy *n* slànachadh *m*, leasachadh *m*
there *adv* an sin, an siud
thereabouts *adv* mu thimcheall sin
thereafter *adv* an dèidh sin, an uair sin
thereby *adv* le sin, leis a sin
therefore *adv* mar sin, air an adhbhar sin
thermal *a* tearmach
thermometer *n* teas-mheidh *f*
these *dem* *pron* iad seo
thesis *n* tràchdas *m*
they *pers* *pron* iad, (*emph*) iadsan
thicken *a* tiugh, garbh
thicken *v* dèan nas tighe; (*intrans*) fàs nas tighe
thicket *n* doire d(h)ùmhaill *f* *m*
thickness *n* tighead *m*
thief *n* mèirleach *m*, gadaiche *m*
thieve *v* goid, dèan mèirle
thigh *n* sliasaid *f*
thimble *n* meuran *m*
thin *a* tana, caol; (*scarce*) gann *v* tanaich
thing *n* nì *m*, rud *m* **how are things?** ciamar a tha cùisean?
think *v* smaoinich, saoil, meas

thinness *n* tainead *m*, caoilead *m*
third *n* trian *m*, treas cuid *f* *a* treas, tritheamh
thirdly *adv* san treas àite
thirst *n* pathadh *m*, tart *m*, iota(dh) *m*
thirsty *a* pàiteach, tartmhor, òtmhor **are you t.?** a bheil am pathadh ort?
thirteen *n*, *a* trì-deug **t. minutes** trì mionaidean deug
thirteenth *a* treas ... deug
thirty *n*, *a* deich air fhichead, trithead *m*
this *dem* *a* seo
thistle *n* cluaran *m*, fòghnan *m*
thole *v* fuiling
thong *n* iall *f*
thorn *n* dris *f*, droigheann *m*
thorny *a* driseach, droighneach; (*difficult*) connspaideach, ciogailteach
thorough *a* mionaideach, domhainn; (*complete*) fìor
those *dem* *pron* iad sin, iad siud
though *conj* ge, ged **as t.** mar gu/gun/gum
thought *n* smaoin *f*, smuain *f*
thoughtful *a* smaointeach; (*considerate*) tuigseach
thoughtless *a* beag diù, gun smaoin(eachadh)
thousand *n*, *a* mìle *m*
thrash *v* slaic, sgiùrs; (*grain*) buail
thread *n* snàthainn *m*, snàithlean *m*
threadbare *a* lom
threat *n* bagairt *f*, maoidheadh *m*
threaten *v* bagair, maoidh
threatening *a* bagarrach
three *n* *a* trì *a* trì **t. people** trìuir *m*
t.-legged trì-chasach **t.-quarters** trì chairteil *m* *pl*
thresh *v* buail
threshold *n* stairs(n)each *f*, maide-buinn *m*
thrift *n* cùmhnachd *f*
thrifty *a* cùmhnach, glèidhteach
thrill *n* gaoir *f* *v* cuir gaoir an
thriller *n* gaoir-sgeul *m*
thrilling *a* fìor thogarrach, gad chur nad b(h)oil *etc*

thrive *v* soirbhich
throat *n* amha(i)ch *f*, sgòrnan *m*
throb *v* dèan plogartaich
thrombosis *n* trombòis *f*,
 cleiteachd-fala *f*
throne *n* rìgh-chathair *f*
throng *n* sluagh mòr *m*, co-long *f*
v dùmhlaich/lion àite **t. to**
 còmh(dha)laich
throttle *v* tachd, mùch
through *prep* tro, tre, trid **t. other**
 troimh-a-chèile
throughout *adv* o cheann gu
 ceann, feadh gach àite
throw *n* tilgeadh *m*, tilgeil *m*,
 sadail *m*, caitheamh *m* *v* tilg,
 sad, caith **t. up** diobhair
thrush *n* smeòrach *f*; (*med*) craos-
 ghalair *m*
thrust *n* sàthadh *m*, sparradh *m*;
 (*of argument*) prìomh phuing *f*
v sàth, spàrr
thud *n* turtar *m*
thug *n* ùmaidh *m*
thumb *n* òrdag *f*
thump *n* buille *f*, slaic *f*; (*noise*)
 trost *m* *v* buail, thoir slaic do
thunder *n* tàirneanach *m* **t. and**
lightning tàirneanaich is
 dealanaich
thunderbolt *n* beithir *f* *m*
Thursday *n* Diardaoin *m*
thus *adv* mar seo, air an dòigh
 seo
thwart *v* cuir bacadh air
thyme *n* lus an rìgh *m*
tick *n* (*sound*) diog *m*, buille *f*;
 (*moment*) diog *m*; (*mark*)
 strìochag *f*; (*insect*) gartan *m*,
 mial-chaorach *f*
ticket *n* tìogaid *f*, tìgead *f*
tickle *v* diogail
tide *n* làn *m*, seòl-mara *m*, tìde-
 mhara *f* **high t.** muir-làn *f* *m*
low t. muir-tràigh *f* *m*
tidy *a* sgiobalta *v* sgioblaich
tie *n* bann *m*; (*necktie*) tàidh *f*
v ceangail
tier *n* sreath *f* *m*, ìre *f*
tiger *n* tìgear *m*
tight *a* teann
tighten *v* teannaich
tights *n* stocainnean-teann *f* *pl*

tile *n* leacag *f*, tàidhl *f* *v* leacaich,
 tàidhl
till *prep* gu, gu ruig(e) *conj* gus
tiller *n* (f)ailm *f*, falmadair *m*; (*of*
soil) treabhaiche *m*
tilt *v* aom
timber *n* fiodh *m* *a* fiodha
time *n* àm *m*, uair *f*; (*period of*)
 ùine *f*, tide *f*; (*abstr*) tim *f* **a**
long t. ago o chionn f(h)ada **any**
t. uair sam bith **for a long t.**
 airson ùine mhòir **from t. to t.**
 b(h)o àm gu àm **in a week's t.**
 an ceann seachdain **in t.** na uair
it's high t. you ... tha làn-
 àm/thide agad ... **on t.** ris an
 uair **plenty of t.** ùine/tide gu leòr
what's the t.? dè 'n uair a tha e?
at times uaireannan *v* tomhais
 an ùine
timely *adv* an deagh àm
timetable *n* clàr-ama *m* *v* dèan
 clàr-ama
timid *a* gealtach, meata
timing *n* tomhas-ama *m*
timorous *a* eagalach, sgeunach,
 sgàthach
tin *n* staoin *f*; (*can*) tionna *m*,
 canastair *m* **tin-opener** fosglair
 chanastairean *m*
tinge *n* lith *f*, fiamh *m* *v* dath
tingle *n* biorgadaich *f* *v* (*feel a*
tingling) fairich biorgadh
tinker *n* ceàrd *m*
tinkle *v* dèan/thoir gliong
tinsel *n* tionsail *f*
tint *n* fiamh-dhath *m*, bàn-dhath
m, tuar *m* *v* dath
tiny *a* biodach, meanbh, crìon
tip *n* bàrr *m*; (*money*) bonn-boise
m
tipple *v* dèan pòit, gabh deoch
tipsy *a* air leth-mhisg, froganach
tiptoe *n* corra-biod(a) *m* **on t.** air
 chorra-biod(a)
tirade *n* sruth-cainnt *m*
tire *v* sgithich, sàraich; (*intrans*)
 fàs sgith, sgithich
tired *a* sgith
Three person *n* Tiristeach *m*,
 (*female*) ban-Thiristeach *f*
tiresome *a* sàrachail, leamh
 tiring *a* sgitheil

tissue *n* (*cell*) stuth (cealla) *m*;
 (*muscle*) maothran *m* **paper t.**
 nèapaigin pàipeir *m*
tit *n* (*bird*) gocan *m*, smutag *f*;
 (*slang*) cìoch *f*
tit-bit *n* grèim blasta *m*
title *n* tìotal *m*; (*leg*) còir *f*, dlighe *f*
to *prep* do (+ *len*), (*to a*) gu, (*to*
the) chun (+ *gen*); (*before verbs*
and place names) a (+ *len*);
 (*after verbs*) ri **are you going to**
the shop? a bheil thu a' dol
 dhan bhùtha? **she went to a**
meeting chaidh i gu coinneimh
are they going to the wedding?
 a bheil iad a' dol chun na
 bainnse? **we are going to play**
football tha sinn a' dol a chluich
 ball-coise **she spoke to him**
 bhruidhinn i ris *adv* **to and fro**,
 a-null 's a-nall
toad *n* muile-mhàgag *f*
toast *n* tost *m*; (*drink*) deoch-
 slàinte *f* *v* tost(aig); (*drink*) òl
 deoch-slàinte
toaster *n* tostair *m*
tobacco *n* tombaca *m*
today *adv* an-diugh
toddler *n* pàiste *m*
toe *n* òrdag coise *f*
toffee *n* tofaidh *m*
together *adv* còmhla, le chèile
toil *n* saothair *f*, dubh-chosnadh
m *v* saothraich
toilet *n* taigh-beag *m* **t. roll** roile
 toidhleil *f* *m*
token *n* comharra *m*; (*memento*)
 cuimhneachan *m*
tolerable *a* a ghabhas fhulang;
 (*fairly good*) meadhanach math
tolerance *n* fulangas *m*;
 (*patience*) foighidinn *f*
tolerant *a* fosgailte; (*patient*)
 foighidneach
tolerate *v* fuiling, cèadaich, bi
 fosgailte do
toll *n* cis *f*
tomato *n* tomàto *m*
tomb *n* uaigh *f*, tuam *m*
tomcat *n* cat fireann *m*, cullach *m*
tome *n* leabhar mòr *m*
tomorrow *adv* a-màireach
ton *n* tunna *m*

tone *n* (*sound*) fuaime *m*; (*mus*)
 tònna *f*; (*of voice*) dòigh-labhairt
f **t.-deaf** *a* ceòl-bhodhar
tongs *n* clobha *m*
tongue *n* teanga *f*; (*lang*) cainnt *f*,
 cànan *f* *m*
tonic *n* iocshlaint *f*; (*uplift*) togail *f*
tonight *adv* a-nochd
tonsil *n* tonsail *f*
too *adv* ro (+ *len*); (*also*)
 cuideachd, mar an ceudna **too**
black ro dhubb **too much** cus,
 tuilleadh 's a' chòir
tool *n* inneal *m*, ball-acfhainn *m*
tooth *n* fiacail *f* **back t.** fiacail-
 cuil **toothache** an dèideadh *m*
toothbrush bruis-fhiacalan *f*
toothpaste uachdar-fhiacalan *m*
top *n* mullach *m*, bàrr *m*, uachdar
m spinning t. dòtaman *m* **on t.** of
 air muin (+ *gen*) **top-heavy** bàrr-
 throm *v* thoir bàrr air
topic *n* cuspair *m*,
 ceann(-còmhraidh) *m*
topical *a* àmail, sna
 naidheachdan
topsy-turvy *a*, *adv* bun-os-cionn,
 dromach-air-thearrach
torch *n* toirds *f* *m*, biùgan *m*
torment *n* àmhghar *f* *m*, dòrainn
f *v* lèir
torpedo *n* spaileart *m*
torrent *n* tuil *f*, bras-shruth *m*,
 beum-slèibhe *m*
torrid *a* loisgeach; (*met*) fìor
 dhian
torso *n* colann *f*, com *m*
tortoise *n* sligeanach *m*
tortuous *a* sniomhach, toinntè,
 lùbach
